Ceò liath-ghorm a' sgaoileadh mu d' ghuailibh grinn
caola
Bà laoiigh trom 'san aonach 'sa chaoin-mhaduinn òig.

Am frith bun a' bhealaich fo lòchran na maidne
Loch àluinn geal lasrach mar neamhnaid 'san fhéur,
Uain òga ro'm buachail, cas aotrom 'san luachair,
An coinean beag ruadh-ghlas gun uallach 'na ghné.

Na's mìse na còmhlan air chlàrsaich ag òran
Bhiodh coisr na mòintich le ceòl binn gun bheud,
An uiseag, 'san smeorchach, am fìdhleor, 'san lòn-dubh,
'S bhiodh naosg stiocach leòmach le crònan dhith
féin,

Shàsuicheadh òirdhearcas gàireach nan còrr-bheanna,
Beannag de cheò orr', 's iad bòidheach fo bhlàth,
Gach uile bheart thòireil nuair dh' fhàginn thu
dòigheal,
Do chluaintean fo dheò-ghrein' dha d' chòmhdach
le gràdh.

Dhirinn gu farumach faobhar a' bhealaich
Is dh' innisn do m' leannan na th' agad dha
m' dheòin,
Leumadh sinn ealamh gach féith agus bàrr-thom,
'S gu dé nach biodh agad dhuinn cathrannach còir!

An linne nam bradan bhiodh bric bhuidhe, bhallach:
Le im, gruth' is aran, tha pailteas 'nad 'stòr.
Bainne, 's gach iocshlaint' a gheibhear 'nad
dhìdean,
'Us oirnn cha bhiodh dith, 's gun ar clocras ro mhór.

Sin dh' innsinn do m' leannan gur caomh leam do
shrathan
Gu caol-leòbach, leadanach, geadach mu'n òs—
Dh' innisn an cagar dhith faoinis mo chadail,
'S gu'm b' aotrom ar n-ealain le aighear gun ghò.

Feadh innis nam mòr-bheann bu tric bha mi
stròthail,
Is thogainn air m'òran le beo 'na mo cheum,
Thar fhìonaich, is chòinich, is fhraoch dosach
roineagach,
'S ruiginn do stòl, subhach, sòlasach, seimh.

Air ciaradh do 'n fheasgair bu sgiamhach do
sgeadas,
Fo dhion do chuil sheasgair 'n am riaghladh nam bò,
Do làr min gun smal air, do bhòrd taomadh thairis,
Tha sìth fo do chrannaibh, tha beannachd mu
d' fhòid.

Tha sàmhchair do 'n ànrach a ruigeas tu sàraicht,
Tha 'suaicheantas càirdeal, 's air bàigh chan eil cis,
Tha suigear, is mánran, is iomadh ceol-gàire,
Is aoidheachd, is blàths, suaint mu àilleag na frith'.

Nuair thrèigean an spréidh thu, 's an dùbhlachd ag
éirigh
Sin rùisgear do chré dheth gach bréid 'sa bheil brigh,
Ri gaillionn a' gheamhraidh àrd uailleil do cheann
b' dhì,
'S bheir thu fàilte gun ghreann dhaibh san
t-samhradh a ris.

Shaoilinn na'n ruiginn thu uair anns na h-iomadh-
tràth,
Shaoilinn na'n cluinninn an linne ri léum,
Shaoilinn gu'm b' thàladh do m' spiorad 's gach
ànradh

Nam faighinn aon tràth air do bhàr channach reidh.
Mar dh' aomas gach bliadhna tha m' aigne ro
iarrtach,
Gu faic mi do liannan mu 'n ciar dreach mo lò.
Air t-aodann donn riabhach bidh faoilth thlàth dha
m' iathadh
Is paiseig ri d' chliabh, bheir mi cian 'na do chòir.

IN SCOTLAND AGAIN.

Amongst the Gaels.

I daresay, most of the readers of *An Gaidheal* will have read H. V. Morton's intriguing new book, *In Scotland Again*. To my thinking, it is superior to anything he has written—and that is suggesting much. The manipulation of historical incidents—an informative process of the associating of topography with events and personalities—is so casually introduced that configurations of landscape and colour become living agencies in forming a picture of happy retrospection on the mind.

"Iona has west wind in it—not the wind that goes through trees; the sound of bells—not church bells, but the bronze little bells which saints rang in the morning of faith. . . . A little sanctuary for ever dedicated to the service of God." That is atmosphere, and it fetches the dream-moods of an ecstasy—"a voice like a wind blowing gently through the glens of Lochaber." Such appreciation can only be described as lyrical.

H. V. Morton approaches the Mòd at Lochaber appropriately by Glenfinnan, bearing alluringly aloft, "in the fierce glare of history," apposite reflections on the trail of the '45. If he finds in the attitude of Highlanders to-day "all a part of the obsequies of bygone age," it is sympathetically indited. He dwells in a form of rapture on the newness of the note which the Gaelic language enshrines. "It is impossible," he advances, "to exaggerate the beauty of the traditional Gaelic songs, each one a flawless little gem. There is a certain beauty about them, a quality of perfection rather like that of flowers or shells, and in comparison with them the average drawing-room ballad appears tame and lifeless. . . . The Irish Gael sauces his wit with a touch of malice that is quite foreign to the Highlander. . . . The Highland ceilidh is inspired by a feeling of kindness and generosity, and a desire to please and be pleased." So is H. V. Morton's pen.

This is a lovable volume, exhaling a fragrant atmosphere illustrated with scintillating facets which hold the reader's attention in voluntary bondages from the beginning to the end.

ANGUS ROBERTSON.

BOOK REVIEW.

The MacCrimmons of Skye. By Fred. T. MacLeod, F.S.A.Scot. Printed and published by Henderson & Hamilton, 34 St. Andrew's Square, Edinburgh. 9½ ins. by 6 ins., large margin, xix. + 159 pp. Price 5/-.

This handsome volume makes its appearance at an opportune moment when as yet the recent celebrations for the great Skye musicians are fresh in the public memory. But the book itself, though it happens to appear at such a suitable juncture, bears no mark of hurry, but is the result of long years of meditation and of sustained interest in the subject. An acquaintance with Dunvegan and Boreraig extending over thirty-five years, and a genuine admiration for the traditions of the MacCrimmons have enabled Mr. MacLeod to collect a very valuable body of information which is cognate to his subject, but which has hitherto not been made known to the public. He has had the great privilege of access to the Dunvegan Charter Chest, an advantage of great importance to anyone who would undertake the history of the MacCrimmons. Since the chiefs of Dunvegan were for a period of three centuries the generous patrons of these musicians, it is evident that reference to Dunvegan and the Chiefs of MacLeod is indispensable. Nor could an adequate impression of the musicians be conveyed without portraying, as Mr. MacLeod has done, the social background, with occasional glimpses at the economic and other conditions. In all this description he has endeavoured, and we think succeeded, in presenting an impartial account in brief compass of life in Skye during the period of which he treats.

In this volume, which is historical in its character, the reader obtains the best available account of the origin and career of the MacCrimmons. Mr. MacLeod often compares the various accounts. A trained lawyer as he is, acquainted with the rules of evidence, he brings out clearly the strong points and the weak points in the accounts that remain of the history of that remarkable school of pipers. But in addition to a clear statement of facts, the book is a most readable one by reason of its literary quality. There are many charming descriptions of scenery. There are several poems of the author's own composition. The MacCrimmon legends are skilfully told; and fitting allusion is made to minor schools of music which branched off from the great Skye school. This is "a book for all lovers of Skye," yes, for all lovers of the pipes and of the olden days. The price is most reasonable for a book of this size, printed on antique laid paper and attractively bound. The book is well illustrated with photographs taken by Mr. Norman Macleod, the author's elder son.

N. R.

Copies of "Voices from the Hills" can still be obtained from the Secretary. A compilation of articles on living topics bearing on the work of An Comunn and kindred subjects, this volume is one of the most varied and attractive books ever offered to the Gaelic public. No member should be without a copy. An excellent present for friends overseas. Price, 6/6; postage, 9d.

CRAOBH SGAOILEADH.

An Airde Tuath.

Air a' mhìos so chaidh bha Fear Deilbhe na h-Airde Tuatha trang a' cuairtearachd air feadh nam meur anns a' chearna sin de'n dùthaich. A' toiseachadh an Dòirnidh, far an do chuireadh am meur air bonn as ùr, rinn e cuairt air Baile Mac Càra, Glinn Eilg, agus an deidh tilleadh gu Inbhirnis chaidh e gu Leòdhas far an do rinn e ullachadh fa chomhar dleasanais Iain MhicDhomhnaill, fear teagaisg ciùil, a bhitheas anns an Eilean re thrl miosan. Chuir e meur ùr suas anns an Airde, agus thadhail e air na meuran am baile Steornabhagh agus an Càrlabhaigh. Bha e an làthair aig céilidhean aig meur an Lagain, meur a' Chaoil, agus an deidh sin thug e sgrìob do'n Eilean Sgiathanaich. Thòisich e 'san Ath Leathann 's an sin chaidh e do Phort Rìgh, Dunbheagan, an t-Aodann Bàn, Uige, Cille Mhoire agus do Bhearnasdail. Shocraich e cùisean Mòd an Eilein Sgiathanaich le Mgr. Raonull Mac-Leòid, an Rùnaire Ionadail, agus bha an turas so uile gu leir soirbheachail. Aig a' chuid mhór de na coinneamhan is i a' Ghàidhlig a bha air a cleachdadh, agus aig gach aon chuidich am Fear Deilbhe le clàr-eagar an fheasgair.

Tha ullachadh air a dheanamh cheana air son Mòdan a' Chinn-tuath a bhitheas air an cumail an Ceann a' Ghiùbhsaich, Ullabol, Caol Lochaille, Brùra, Steornabhagh, Port Rìgh, an Gearasdan agus Tunga.

An Airde Deas.

Aig coinneimh de'n Iar Chomhairle Dheasaich an Ionad a' Chomuinn air an 23mh la de'n t-Samhuinn bha mòran de na buill an làthair agus bha am Fear Gairme, Mgr. Donnchadh MacCaluim, anns a' chathair.

Fhuair eadh iomradh taitneach bho'n Fhear Dheilbhe air a chuairtearachd am measg nam meuran. Bho'n a choinnich a' Chomhairle mu dheireadh thadhail e air na meuran an Arainn, Aird nam Murchain, Dailriada agus Ceanntìre. Chuireadh meur ùr air bonn anns a' Choire (an Arainn) agus an Clachan Chintìre. Ann an eilean Ghiodha dh' fhuair eadh gu'n robh a' Ghàidhlig air a teagasg anns an sgoil. Bha a' mhór chuid de na coinneamhan so air an

giùlan air aghaidh an Gàidhlig. 'G an gabhail thar cheann labhair am Fear Deilbhe ri faisg air 1500 pearsa air an dà chuairt a thug e. Shocraicheadh cuairtean eile agus bithidh an ath sgrìob do Mhuile agus as a dheidh sin gu Siorramachd Pheairt.

Bheachdaich a' Chomhairle air luchd-teagaisg a chur fo fhasdadh a chum creòileanan ciùil a chumail anns an Apuinn, am Muile, an Dailriada agus an Arainn. Thugadh iomradh gu'n robh deasachadh air a dheanamh gu'm bitheadh Mgr. Eoghann Mac Gilleathain a' teagasg an Dunomhainn air aon oidheche 's an t-seachdain.

Fhuair eadh iomraidhean misneachail bho'n Bhean Uasal Dunlop, a leugh an Rùnaire, agus bho Mgr. Seòras Marjoribanks, air an làthaireachd aig coinneamhan de mheuran Shruibhlea agus Dhumbhreatuinn, aig an robh iad a riochdachadh na Comhairle. Thugadh iomradh mar an ceudna air cròileanan-teagaisg Gàidhlig anns a' Choire, an Arainn, agus am baile Blantyre.

CLANN AN FHRAOICH.

Bithidh Céilidh air a cumail ann an "Aitreach nan Gaidheal," Sràid Elmbank, Glaschu, air Di-Ciadan, an 13mh là de'n Dùdhlachd, aig leth uair an deidh seachd. Tha dòchas aig a' Chomhairle gu'n tig gach ball is urrainn chun na Céilidh.

Tha cuireadh air a thoirt do neach sam bith eile leis am miann a bhi an làthair.

Cupa 's Greim—tasdan.

NEW CELTIC ART COMPETITION.

A new competition is introduced for the forthcoming Mod in the Celtic Art Section. The competition is for a full size drawing in pencil, chalk, or ink, shaded or washed, of whole or part of any Celtic sculptured stone, or stones, to which competitors may have access. It is hoped that members of Branches will interest themselves in this competition. A list of the Celtic Art Competitions may be had in leaflet form, or in the National Mod Syllabus. Copies may be had free from An Comunn Office.

BRANCH REPORTS.

ABERDEEN.—The second meeting of the session was held in the St. Nicholas Cafe, Aberdeen, under the presidency of Professor H. M. Macdonald, M.A., O.B.E., F.R.S. Over 100 members were present, and the secretary (Mr. Arch. Campbell) intimated an increase of thirty new members since the opening of the session. Colonel F. MacLennan, D.S.O., gave a most interesting paper on "Gaelic Proverbs." He made a wide survey of the sources of these proverbs as collected by MacIntosh, Nicholson, and Macdonald. He pointed out many instances where similar proverbs were met with in several European countries, notably in Spain, France, and Italy, and hazarded the opinion that Highland soldiers of fortune engaged in the Continental Wars, and Highland students attending the Roman Catholic Colleges were the main channels through which these proverbs found their way to the countries mentioned. After supper a musical programme was enjoyed, pipe music, Gaelic songs and dancing providing an appropriate conclusion to one of the most interesting meetings held by this branch.

AHARACLE.—In the course of his itinerary through North Argyll, Mr. Neil Shaw, Secretary of An Comunn Gaidhealach, visited Aharacle, when a well-attended Ceilidh was held in the Shielbridge Hall. Mr. Allan MacNaughton, Aharacle, carried out the duties of "Fear-an-Tighe" in his usual graceful and entertaining manner. In the course of the proceedings Mr. Neil Shaw delivered an interesting address on the activities of An Comunn and the Glasgow Mod. A typical Highland Ceilidh programme of music, songs, sgèulachdan, dancing, and monologue was submitted.

APPIN.—The first ceilidh of the session was held in Appin Hall on Tuesday, 7th November, when Mr. D. Macpherson, M.A., Ardselma, president of the Association, delivered a lecture. His subject, skilfully treated, was "Mairi MacLeod," or "Mairi Nighean Alasdair Ruadh," the noted Gaelic poetess. He gave an account of her life and poems, her gift of song-making that even exile could not quench. Songs were rendered by Mrs. Wilson, Taychreggan, and Mr. Cameron, Airds, while violin selections were given by Miss A. Boa, Tynribbie, and Mr. A. MacLean, Achosrigan. Tea was served, and the singing of the National Anthem brought a most enjoyable evening to a close. The office-bearers for the session are:—President, Mr. D. Macpherson, M.A.; secretary, Miss C. A. Macdonald, M.A.

CAMPBELLTOWN.—Gaelic enthusiasm was pronounced in Campbeltown when, in the Town Hall, the first of the winter ceilidhs was held. The attendance was large, and the programme submitted proved most enjoyable. Miss Hall, the president, came down from Connell for the occasion. Mr. Neil Shaw, the secretary of An Comunn Gaidhealach, was also present, and Sheriff Macmaster Campbell presided in his usual engaging manner. The Sheriff said he had been delighted to hear of the success of the Gaelic class in the Campbeltown Continuation School. He took that opportunity of inviting the younger people who had not already enrolled in that class to do so and make the class such a success that the Education Authority next winter might be constrained to have two separate classes. In conducting such a class, the Rev. Colin Smith placed them under a deep obligation. Mr. Neil Shaw

subsequently addressed the gathering. Referring to the Mod, he commented on the success of Kintyre, which had captured five of the nine trophies competed for in the music section. Then he dwelt upon the importance of the literary and oral competitions as essential to the progress of the spoken language. Some 400 papers had been received from eight schools in the Highlands, but greater things should be looked for in view of the fact that there were 300 schools in which Gaelic was taught. This led him to speak of the League of Youth, the plan for which had just been approved by An Comunn, and they hoped by approach to the educational authorities to obtain assistance in launching this movement that should give a great impetus to the language.

DUNDEE.—A large and enthusiastic gathering of Highlanders met in Lamb's Rooms, Dundee, on Wednesday, 15th November, presided over by the Chief, Dr. Angus MacGillivray, D.Sc., M.D., to hear a lecture delivered by Rev. Dr. Neil Ross, C.B.E., B.D., Laggan, president of An Comunn Gaidhealach, on "The Religious Beliefs of the Gael." The lecture was much appreciated, the Gaelic soloist, Mrs. MacIver, whose rendering of the Gaelic songs was enjoyed by the large audience. A new feature at the ceilidh was the introduction of the clarsach played by Gordon M. Ross; he rendered several Gaelic airs in fine style. Solos were also sung by Miss N. Johnstone, Pipe-Major Mackenzie played bagpipe selections, Miss Tarbet gave two recitations, and Miss F. Latto gracefully played the accompaniments. Votes of thanks were given by Chaplain Rev. R. J. Mackay and Chieftain A. MacRae.

FORT AUGUSTUS.—The local branch of An Comunn held a dance in the Public Hall, but the wet and stormy nature of the weather was responsible for a rather small attendance. Ample catering arrangements were made by the lady members, and to them, together with the musicians, the committee is grateful for the happy and successful evening.

GLENURQUHART.—The local branch held their opening ceilidh in the Public Hall. The members, along with a large number of their friends, bravely faced a wet and stormy evening, and turned up in full force. The president, the Rev. A. Boyd, M.A., presided, and extended a hearty welcome to all. The President then handed the reins over to Mr. Thomas Maclean, The Schoolhouse, Balnain, who conducted the proceedings in the traditional manner. Towards the close Mr. Maclean thanked the artistes and all who helped to make the ceilidh such a success. The singing of the National Anthem brought a thoroughly enjoyable evening to a close.

GOLSPIE.—Continuation classes in Gaelic are being held in the Secondary School on Thursday and Friday evenings. The classes are being well attended.

GLEANN URCHADH.—Chaidh am Meur so an gleus aon nàir eile le ceilidh a chumail an Talla nan Saighdearan air feasgar an 26mh là de'n Damhair. Is i ceilidh fhosgailte a bh'ann agus thàinig, am measg chàich, grunnan maith de ghillean oga a tha 'g obair air an rathad mhór taobh Chinncheircain, air chor agus gun do rinn suas ri ceithir fichead suidhe mu bhòrd na tea. Agus cò a thàinig a chuideachadh leinn ach Bean MhìcGriogair, no mar is fheàrr is aithne dhùinn i, Nellie Chamshroin as an Oban, agus Dughall Caimbeul a Ormsairidh, dithis a chuir gu mòr ri sùgradh is fearas-chuideachd

na h-oidhche. Cha robh foirmealachd ann. Shuidheadh na fuirmean an cearcall mòr timchioll air a' chagailt, agus ghabh gach neach a chuid oran no sgeulachd, no ciod air bith a bh'aige, dìreach far an robh e—no i. Bha dleasdanas beag aig muinntir na Coisir a bha air leth taitneach, 'nuair a thug iad seachd faidhreachan, dà shread de òran na Ban-Fhriselaich do an bhàn-threoraiche, Bean Iain Chaimbeul, agus plaide-turuis do'n Urr. Fearchar MacRath a bha 'na fhear-teasgaig Gàidhlig aig a' Chòisir fad iomadh bliadhna. Bha na h-òran chù pailt agus nach gabh iomradh deamamh orra, ach bha dà rud ann a bha comharraichte maith aig a leithid de chruinneachadh Gàidhealach, comhradh-dithis a rinn Dughall Caimbeul agus Iain Nic Urchadain, agus gearra-nigheachdan Nellie Chamshroin. Leis na chaidh innseadh agus caismeachd dithis Fhiobairean foghainteach chuireadh seachd fessgair neo-ar-thug cho chridheil sunndach agus a bha againn o'n a chuireadh ar Commun air bonn.

KINGUSSIE.—A very successful ceilidh was held by the local branch of An Comunn Gàidhealach in the Parish Church Hall. Mr. John Campbell, Town Clerk, made a very efficient "Fear an Tighe" for the evening, and there was a crowded attendance. Following the chairman's address in Gaelic and English the evening's programme of Gaelic and English songs and sgeulachdan was appropriately opened with stirring bagpipe selections. During the interval, when tea was being handed round, the votes of thanks were given in suitable terms by Miss Farquharson of Invercauld, after which the singing of "Oidhche Mhàith Leibh" by the audience brought a delightful evening's entertainment to a close.

LISMORE.—The opening ceilidh of An Comunn Gàidhealach for the season was held in the Public Hall. Rev. Dugald Bell, The Manse, presided over an enthusiastic audience, who were entertained to a good programme. Tea was served during the interval between the two parts of the programme. A vote of thanks was accorded to the Chairman, and the proceedings were brought to a close by the singing of "Oidhche mhaith leibh."

LOCKINVER.—The branch held their business meeting in the Public Hall. There was a good turnout of members and friends. The Secretary and Treasurer's reports were read and approved. Office-bearers and members for the new committee were elected. Most of the old office-bearers were re-elected, and the enrolment of members then took place. Business matters being concluded, a very attractive ceilidh programme was proceeded with. The old language was predominant as at all the ceilidhs. A very happy evening was brought to a close by the singing of "Oidhche mhaith leibh."

PORTREE.—A very attractive syllabus has been arranged by the Portree branch, which has now a membership of 273. During the session two all Gaelic debates will be proceeded with, in addition to a Gaelic "Trial by Jury." This is the sort of thing that will revive and attract interest in the language, and the Portree branch is to be complimented for the enthusiasm of the members. Lieut.-Colonel Kenneth MacDonald of Tote, D.S.O., is the president, and Mr. Angus MacDonald, who was a prominent member of Ceilidh nan Gaidheal, is the secretary and treasurer. This branch has a busy session before them, and we wish them every success in their many efforts to foster a greater interest in Gaelic matters.

STRONTIAN.—The opening ceilidh of An Comunn was held in the Public Hall, and notwithstanding the inclemency of the weather there was a large attendance. Mrs. Fletcher, Laudale, the popular president of the branch, occupied the chair. The programme was sustained by local artistes, some of whom have obtained leading honours both at the National and Ardnamurchan Mods. Mr. Alistair Cameron, the vice-president of the branch, delivered a spirited address in idiomatic Gaelic, mixed with humorous interludes, which delighted the audience. Mr. Neil Shaw, the Organising Secretary of An Comunn, gave a brief account of An Comunn's work and the recent Glasgow Mod. Tea was provided by the ladies of the committee, who had a willing band of helpers. A good number of new members were enrolled, and after the usual votes of thanks a very pleasant evening terminated with the singing of "Oidhche mhaith leibh," led by the Gaelic Choir.

TOBAR-MHOIRE.—Bha ceilidhean againn air an 1mh agus air an 15mh de'n t-Samhuinn aig an robh Iain Camshron 'n a fhear cathrach. 'S ann air fhéin agus air a' chuideachd gu léir a bha ann fonn maith, agus cha robh iognadh ann, agus an t-Urr. MacRath, as an t-Sailein, agus an t-Urr. E. Mac Shuibhne, á Fionn Airigh, ag innseadh sgeulachdan aighearach ann an dòigh thaitneach. Cha b'e sin uile. Bha D. Mac Ille Iosa agus C. Mac Dhòmhnail, as an t-Sailein, agus Iain Greumach, á Tiriodh, an làthair, agus ghabh iad òran fìor bhlasda. Chualadh òran Mòd Ghlaschu air "Guth Chliadh" ("Fraoch") na mnatha uaisle NicLeòid, thug Donnchadh fhéin cuairt air a' phìob mhoir, agus bha òran thall 's a bhos bho buill a' Chomuinn. Thainig crìoch air na ceilidhean le taing shònraichte do mhuinntir an t-Sailein, agus do'n Urr. E. MacShuibhne.

WICK.—The Wick branch opened the current session on Friday evening, 10th November, by a ceilidh of members and friends. Mr. Millar presided over a large attendance, and at the outset made a sympathetic reference to the death of Mr. John Budge, a member of the committee and a regular attender of their meetings, who frequently entertained them with happy song and story. They would long miss his genial personality. It was agreed to send an expression of sympathy to Mr. Budge's family. Thereafter the president briefly reviewed the progress of the Comunn Gàidhealach movement in general. A programme of music and ceilidh anecdotes was then gone through. Miss K. McKenzie, Mr. J. Miller, and Mrs. Reid sang solos, and Miss Henderson played violin selections—all the items being received with great appreciation. Stories were told by Rev. G. Sutherland, Mr. C. Begg, Mr. W. Reid, Mr. D. G. Henderson, and the chairman, and by Miss M. Doull and Mrs. Cochran. Most of the anecdotes were of Celtic sentiment, and were very entertaining. A very happy and successful ceilidh was concluded with a vote of thanks to the artistes and the singing of "Oidhche mhaith leibh" and the National Anthem.

COMUNN BADGES.

Members can now be supplied with Badges direct from Head Office; price 2/7½, post free.

THEY STAND SUPREME!



Scourgal's "Ingle Neuk" Oatcakes

ALWAYS WELCOME

These Oatcakes are simply delicious, and are welcomed at every meal.

You'll like them.

Remember they are not just ordinary Oatcakes.

BE SURE TO ASK YOUR GROCER FOR A TIN.

OUR GAELIC ARTISTS' REGISTER

Advertisements under the above heading will be accepted by The Simmath Press, Ltd., Simmath House, Roseangle, Dundee.

NEW BOOKS

STORIES OF SECOND SIGHT IN A HIGHLAND REGIMENT. By William Kirk. 2/6 net. Uncanny tales and experiences during the Great War.

THE PURPLE HALF-LIGHT. By Anna MacBride and John MacPhee. A book of poems interpreting Gaelic thought and Gaelic poetry in English. 2/- net.

THE SECRET COMMONWEALTH OF ELVES, FAUNS AND FAIRIES. By the Rev. Robert Kirk, M.A., Minister of Aberfoyle in 1691. Edited by Sir Walter Scott in 1815. This new edition contains Andrew Lang's Comment and a Foreword by R. B. Cunningham Graham. Illustration of the Fairy Hill, Aberfoyle, by Sir D. Y. Cameron, R.A. 7/6 net.

Send for Catalogue of
Books suitable for Gifts.

ENEAS MACKAY

44 CRAIGS - - - STIRLING

P.T. Man's Shop
on street floor,
with a separate
entrance to street.

Men's Hairdress-
ing Department
1st Floor Down.

The Store that made
the Bridges Famous



PATRICK THOMSON Ltd.

ARCADE
AND
ENTRANCE
IN
HIGH STREET

FOR SPECIAL DISPLAYS OF
FURNITURE, CHINA,
HARDWARE, TRAVEL
AND SPORTS GOODS
AND JEWELLERY

THE MODERN STORE

From the smallest item of personal attire or house equipment to an entire fashionable wardrobe or the house complete, the P.T. STORE stands ready at all times to serve you with MERCHANDISE OF THE BEST, priced well within the bounds of economy.

*Luncheon and Tea Rooms, 3rd and 4th floors
Hairdressing and Beauty Parlours
Postal and Telephone facilities*

NORTH BRIDGE, EDINBURGH

Phone : 21051 (6 lines)



EDITOR.—Rev. NEIL ROSS, C.B.E., D.Litt., *The Manse, Laggan, Kingussie, to whom all literary communications should be addressed; business and other communications to 212 West George Street, Glasgow.*

TELEGRAMS.—Runaire, Glasgow.

TELEPHONE.—Douglas 1433.

Leabhar XXIX.]

Am Faoilteach, 1934.

[Earrann 4

AIR CNOC AN FHRADHAIRC.

Is minic a ghabh thu sgrìob gu mullach a' chnuic is fhaigse do 'n dèachaidh anns an dèachaidh t'arach. Chan eil ionad is fhearr na aird na tulaich gus sealladh farsuinn fhaotainn air an dùthaich mu'n cuairt, air na machraichean comhraidh shios, air na h-uillt a' teardadh troimh na glinn, no air na h-aibhnichean a' ruith gu tràigh. Is ann mar sin a thachair dhuinn a thaobh saothair A' Chomuinn Ghaidhealaich. Tha toiseach na bliadhna mar chnoc no ionad air an suidh sinn car tamuill, agus an gabh sinn sealladh fada fhradharach air na rinneadh feadh mhiosan eile na bliadhna. Bheir sinn faineir gu 'n tugadh a cheana an àite eile gearr iomradh air obair A' Chomuinn ré na bliadhna. Ach faodar dà cheist a chur is fhuasgladh air an duilleig so, a tha freagarrach air am na bliadhna àire.

* * *

Mu 'n tac so an uraidh is ann làn de dheagh mhìseich is dhòchas a bhiodh neach a theireadh gu'm biodh Mòd mór Ghlascho am faisg cho soirbheachail is a bha e. Gheibhear mar sin làn dhearbhadh gu bheil dùrachd is dealas fathast beò, agus nach ann am briathran a mhaìn a tha spionnadh A' Chomuinn a' comh-sheasamh. A thuilleadh air beachd is comhairle tha dìcheall dian ag oibreachadh gun tàmh. Agus mar tha bliadhna 'ùr eile ag éirigh oirnn mar ghréin na maidne, guidheamaid as ùr gu 'n tachair an nì ceudna; agus gu 'm bitb Mòd an Obain a cheart cho soirbheachail a réir meud a' bhaile agus guidheachadh na dùthcha. Oir feumair gach cor dhiu sin a chumail ann ar sealladh a chum beachd

eagnuidh is ceart a ghabhail air a' chùis. Is gann gu 'n gabh coimeas a dheanamh eadar baile air Ghaidhealtachd agus dara baile na h-Impireachd, anns a' bheil na ficheadan mìle de dheagh Ghaidheil a' comhnuidh.

* * *

Is i a' cheud cheist cia mar is urrainn do 'n Ghaidhlig seasamh an uair a tha na daoine a tha 'g a labhairt a' slor dhol an gainnead, agus an tìr anns an robh iad 'g a labhairt a' slor dhol fàs? Is ceist chruaidh so; agus ged bu mhaith leinn ar sùilean a dhùnadh d' a thaobh gidheadh feumar a freagairt luath no mall. Chan eil ach aon dòigh gus a' cheist so a fhreagairt ann an seadh a bheir miseach no dòchas dhuinn idir. Is e sin gu 'm feum an Gaidheal leantainn ri a dhùthaich. Ged tha gnothuichean gle dhorrach aig an am, agus neòil thingha a' mùchadh solus ar gréine, gidheadh cha mhair sin fada; tha gathan caola soluis a' briseadh troimh na neòil. Is e sin ri ràdh gu bheil cothrom éirigh aig mac a' Ghaidheil, agus gu 'n cuir se e féin an ceill fathast, gun bhì air 'iomain o chor gu cor mar chreutair gun spiorad gun diù. Ach is e comunn eile seach An Comunn Gaidhealach a dh'fheumas an obair so a dheanamh. Tha feum mór air comunn ùr le riaghailtean is modh-giùlain eadar dhealaichte bho riaghailtean is crìochan àraidh A' Chomuinn Ghaidhealaich. Is e so mata an aon fhacal ar freagradh do 'n cheist—Chan urrainn a' Ghaidhlig seasamh mur seas an Gaidheal gu duineil gus a dhùthaich fhéin àiteachadh. Ma bhios esan cho dìblidh, lag, is gu 'n aontaich e dol air fògradh, gun dèachaidh, gun dùthaich, tachraidh dha gu 'n cail e a chànan cho cinnteach 's a chailleas e a dhùthaich.

Is i an dara ceist cia mar is urrainn do 'n Ghaidhlig seasamh ri aghaidh na Beurla, a tha mar gu 'm biodh i ag iarraidh làmh an uachdar anns gach nì—an aoradh, am foghlum agus anns gach iomairt laitheil eile, riaghladh, is lagh, is marsantachd. Chan eil achd ùr a nì Parlamaid airson na Gaidhealtachd nach ann am Beurla a theid a chur an gnìomh agus a chraobh sgaoileadh. Cha fàinig crìoch fathast air an dimeas fo 'n robh cainnt nan Gaidheal 'na sineadh tuilleadh is fada. Agus theid an dimeas sin an sior mheud mur dùig an Gaidheal 'n a thràth gus e fèin a nochdadh gu tapaidh, dàna. The e an glan uair gu 'n gonadh an tàire so a chuid uail, agus gu 'm biodh e air a bhrosnachadh le àrdan cinneachail, le mòrchuis a chuideachd, le spiorad an t-seann suaicheantais, facal eireachdail mar tha *Rìoghail mo dhream*, a tha feumail gu spiorad duineil a dhùsgadh. Mur bi an suidheachadh inntinn sin air a thoirt beo ann ar muinntir, is dìomhain da rìreadh ar saothair. Chi bhì againn ach crìonadh is mealladh. Ach cia mar chuireas sinn an spiorad sin an ceill? An ann le mì riaghailt no le càineadh na Beurla. Chan ann le aon diu sin. Ach is i so an dòigh air an gabh a' cheist fuasgladh. Sgoileadh an Gaidheal barrachd dheth fèin. Na biodh e idir cho ullamh gu bhì riaraichte le òrdugh choigreach a thaobh cùisean na h-inntinn. Na sealladh e idir air a chàin fhéin mar inneal cosnaidh airgid a mhàin. Na b'ann idir le sùil a choigreach a dhearcas e air a cheòl agus air a chàin. An àite sin is ann bu chòir dha amharc air cainnt a dhùthcha mar chuspair foghlum, mar dhearbhadh air a chomas gu dà chàin a labhairt, agus mar bhann beò a tha 'g a cheangal ri beatha agus oilein a shinnsir.

SCOTTISH GAELIC TEXTS SOCIETY.

A few weeks ago one or two letters appeared in the leading newspapers, and a Gaelic leader was printed in this magazine, supporting the proposal to establish a new Society whose aim would be to publish texts in Scottish Gaelic, the text of the works of Gaelic poets, writers of prose, and other important writings in the Gaelic language. The project is a most desirable one, and it ought to be pushed on with vigour until it becomes a realised fact. The truth is that most of the poets are out of print. Of late years it has been the fashion abroad, especially in the United States, for many

lovers of books to have a Gaelic corner in their libraries. Hardly any study was supposed to be well equipped in modern languages unless there was a representation of Gaelic books. The revival of Celtic learning had caught the ear and the eye of scholars.

* * *

One result of this custom was to create a demand for Gaelic books. For some years following the War, I believe that more Gaelic books were shipped to America than in all previous generations. Hence there has been a depleting of the home market, and a corresponding stiffening of prices. Some old Gaelic books are now very costly. As a consequence it is rather difficult for young students, or even for older folks, to get Gaelic books at all at a reasonable price, except indeed a few fresh books that have been recently put on the market. But the Gaelic classics are almost unprocurable.

* * *

All this goes to indicate how necessary it is that a combined effort should be made by us all in the associations which aim at the preservation of our language and culture, to get a "move on" in regard to the proposed Society of Scottish Gaelic Texts. At the moment it strikes one that such a Society is urgently required. It is also a movement in which every Highland Association, whether of clan or country or district, could bear a useful part. It would not be too heavy a burden on any individual, and the result of the combined effort would be most valuable. In other countries where efforts have been made successfully to save a culture, books have been found to be of great service. To have the best part of our literature made known to the young people in the schools and colleges is supremely important. This, however, cannot be done without suitable books. We have now a sufficient number of Gaelic scholars who could undertake the editing of the texts somewhat after the style of the Irish Texts Society. Let our motto here be also:

"Clanna nan Gaidheal ri guailibh a chéile."

—♦—

Copies of "Voices from the Hills" can still be obtained from the Secretary. A compilation of articles on living topics bearing on the work of An Comunn and kindred subjects, this volume is one of the most varied and attractive books ever offered to the Gaelic public. No member should be without a copy. An excellent present for friends overseas. Price, 6/6; postage, 9d.

BARDACHD GHÀIDHLIG AN NAOIDHEAMH LINN DEUG.

Le DEORSA MARJORIBANKS.

(A' Cheud Duais, Mod 1931.)

II.—CUSPAIREAN BARDACHD.

Ma dh'fheuchas sinn ri bàrdachd an naoidheamh linn deug a roinn 'na seòrsaibh agus a bheachdachadh d'an rèir, chì sinn gu bheil eadar-dhealachadh eadar an dà leth-cheud bliadhna cho maith agus eadar an dà linn deireannach fhéin. Bha' bhàrdachd Ghaidhlig furasda riamh a roinn 'na seòrsaibh, a chionn gu bheil cuspairean nam bàrd 's a mhór-chuid a' leantainn dualchas nan Gaidheal, gun mhóran buintealais ris an t-saoghal a muigh ach co fhada 's a bha sin a' buntainn do an crannchur fhéin; agus tha so fìor suas gu car mu mheadhon an linn. 'Na dheigh sin chitear, ged tha na sean sreathan air an leantainn fhathast, caochladh beag a' tighinn a stigh. Cha 'n e mhàin gu bheil cuspairean ùra aig na bàird— an dl-larachadh, cor na Gaidhlig, an seòrsa "brosnachaidh" a tha air a shamhlachadh le Donnachadh Mac 'Ille Ruaidh an *Ri Guailibh a Chéile*, agus is lionmhor sin. Tha na bàird fhéin, le bhith tighinn tuilleadh is tuilleadh an dàil gnothuichean agus gnìomhachas an t-saoghail anns na bailtean mòra, agus le bhith saothreachadh an iomadh roinn de litreachas Gaidhlig is Beurla, na 's comasaiche air sealltainn orra fhéin agus air ceistean mòra na beatha-daonnda le sùilean dhaoine a chunnaic a' Ghaidhealtachd o'n leth a muigh. Tha tuilleadh de sgrìobhadh mu bheusaibh, de dh'fhìor-fheallsanachd, de dh'àrd-fhoghlum, de dh'fharsuingeachd-inntinn. Tha so ri fhaicinn ann am bàrdachd Dhomhnuill Mhic Eacharn, agus tha 'obair-san na 's dorra roinn 'na seòrsaibh air a thailleadh. Tha e ri fhaicinn ann an obair nam bàrd, Niall MacLeòid, Lt.-Coirneal Iain Mac-Griogair agus gu sònruichte Calum MacPharlain, fear a thug bàrr air a h-uile Gaidheal riamh ann an uaisle 'ard-mhiannan agus 'earalachaidh. Agus bha 'n ceathrar so chod'leas, dian-theth air taobh an dualchais fhéin ri càch. Na deanamaid na 's mo na chòir de'n chaochladh so. Is e as neònach mu'n bhàrdachd Ghaidhlig cho beag agus a dh'atharraich i feadh nan linntean ann an saoghal m'bhigheach. Tha tlachd is druiddheachd anns an neo-chaochlaideachd so: theagamh gur h-ann innte-se a tha h-anfhannachd. Co dhiù, dh'fhàs bàrdachd

an linn saor o'n drabasdachd a bha truailleadh earrann nach beag dhith 's na sean làithean. Agus cha ruigeadh duine leas sùil a bhi aige nis ri mòr leas saoghalta le bhith 'ga sgrìobhadh— theagamh gur comharra sin air a bhuantas.

Bheirear le ceartas urram na h-aoise do'n òran-gaoil. Chan eil gnè bhàrdachd a thug cho beag atharrachadh oirre feadh nan ceud bliadhna sin, no aig a bheil a lughad facal— dealbh-bhriathar, dh' fhaodamaid a ràdh— 'gan aithris a rithis 's a rithis. Ach cò a shòradh cainnt a ghràidh do'n Ghaidheal? Is cinnteach gu'n teid e steach do'n t-siorruidheachd ag caoidh leannain, a' moladh nighean nam meall-shuil 's nam mala crom; falt donn cuachach, deud geal fo bhilean tana, cneas mar eal' air bhàrr thonn, seang-shlios furanach, cas nach lùb feòirnean— le saighead gheur 'na chridhe. An dèidh sin bhiodh e duilich a dhearbhadh gun do chaitheadh riamh a leithid de luisreadh-chainnt òirdheir, àillidh air aon chuspair ann am bàrdachd an t-saoghail, 's a tha ri fhaotainn ann an òran-gaoil nan Gaidheal 's an dà linn mu dheireadh.

Is iad na bàird a tha àrd-bhuadach 's a' ghnè bhàrdachd so, Seumas Mac an Rathaich, an Lighiche Iain Mac Lachainn (Ra-thuaith) Eobhan Mac Colla (Loch Fine), Alasdair Stiùbhart (Bun Loch-Abar), Niall MacLeòid (Sgitheanach), Eanruig Mac 'Ille Bhàin ("Fionn"), agus Calum Mac Pharlain. Tha e duilich a ràdh cò dhiubh as fhèarr. Tha meas an t-sluaigh air na h-òran an crochadh, ann an cuid, air binneas nam fonn a chuireadh riutha. Tha teas-ghràdh an Stiùbhartach 'g a shìor-thaomadh a mach à tobar nach tràigh, ach cha ghabh an smuain seachnadh gu bheil e ro-phearsanta. Cha ghéill MacLachainn no MacLeòid do neach air bith am binneas agus òirdheirceas cainnt. Tha moladh dìreach, fialaidh, blàth-chridheach ag comharrachadh òran gaoil "Fhinn." Tha Calum MacPharlain pong os cionn chàich an tusalachd smuain. Ach ann an àilleachd ghlainn gun ghaoidh tha Bàrd Loch Fine leis fhéin. Is ainmeil le ceartas iomadh bàrd a thaobh aon òran-gaoil barraichte a rinn iad, mar a tha ann Aonghas Mac an Fhleisdeir, Dumodhainn, air son *Clachan Ghlinn-da-ruadhail* (1807); Iain MacDhomhnuill, Loch Bhraoin air son *Màiri Laghach*, agus Donnachadh MacDhun-Shléibhe air son *Muile nam Mór-bheann*. Chan eil òran-gaoil a b'fhearr a choisinn an cliù na 'n triùir so. B'aithe do Ailein Dall fhéin òran-gaoil a dheanamh cho maith ri càch.

Is e mulad am pong as drùidhtiche air feadh nan òran-gaoil. Cha rud ùr so. Tha 'mhòr-chuid ag crìochnachadh an an-dòchas, corra h-aon le dùil ri coinneachadh a rithis air a seadhachadh gu neo-shoilleir, mar an *Duanag an t-sèoladair* agus *Mo Dhomhnullan fhéin* (Niall MacLeòid); aon no dhà le toileachas mar *Tha Peigi 's a' Mhonadh*, duanag fìor thaitneach aig Stiùbhart; ach is gnàth le MacLachainn Ra-thuaithe ar fàgail gu tur ann an teagamh. Is ann aig Iain Mac an Rothaich a tha 'n sgeul aighearrach, tùsail, an *Oran Sùgraidh*, a tha toirt 'nar cuimhne iomadh oran Gallda. Dhiùlt a' chailleag dol do'n Ghaidhealtachd leis gun an do mhol e dhùthaich 's a dhachaidh, an sin thubhairt i.

“Stad a nis a Ghaidheil

Mo chrì, mo rùin, 's mo làmh dhut,

Gun teid mi null gu tìr nam beann

Oir choisinn fonn do dhàin mi.”

Is lòn-mhor oran-gaoil a tha fillte stigh ann an duan-dùthcha agus is ceutach da-rìreadh an co-cheangal sin, mar a tha anns *A' Chuairt-Shamhraidh* aig Seumas Mac an Rothaich (tha aoibhneas 's a h-uile sreath), an *O Seinnidh mi mo Dhanag* aig MacLachainn agus *Far an robh mu'n raic* aig MacLeòid, duanag a tha 'treasa rann air aon de rannan as bòidheche 's a' chàinain.

Tha na sia rannan a leanas air an taghadh mar neamhnaidean fìor-ghlan am measg bàrdachd-gaoil an linn—

'S truagh gun bhi 'n diugh le m' annsachd 's an t-sean doigh ghasda bhòidheach ud,
'Cur seachad tìr an t-Samhraidh an Còmh 'l nan gleannan sobhragach,
Measg pailteas gruth a 's uachdair, ceòl chuach a 's caidreamh neo-chiontach
Gu'n caitheamhaid ar n-ùine cho sunntach ris na smeòraichean!

—“Rosan an Leth-Bhaile,” EOBHAN MACCOLLA.

O's truagh 'bhi 'n so air Galldachd

'Nuair tha 'n Samhradh 'us mo cheud-rùn

A' strì co 's grinne dhearrsas

Nis air àiridhean Ghlinn-crearan!

—“A Nighean donn nam Mala Crom,” MACCOLLA.

Theid mi shealltainn air an ainuir
'Nuair a thriallas uainn an t-Earrach
Leam bu taitneach suidhe mar riut
Mo làmh tharad, 's mi riut teann.
Leam bu taitneach suidhe làmh riut
Ann am bhreacan air an àiridh,
Ag éisdeachd ri d' chòmbradh malda,
Bhiodh mo làmh fo d' leadan donn.

—“Ged a tha mi Nochd 's a' Choisridh,” IAIN MAC-LACHAINN.

Chan eil cron bho 'bhonn gu 'ceann

Air mo rìghinn òg,

Agus cuimr anns gach ball

Tha mo rìghinn òg.

Tha i fìnealta 'na greann

Mar an lìlidh anns a' gheann

No mar shneachd air bhàrr nam beann

Tha mo rìghinn òg.

—“Coille Chaol,” NIALL MACLEOID.

'Nuair' chl mi 'n iarmailt aig cìaradh là,

Gu'n iarr mo shùil-sa reul-ùil an àigh,

A's grinne soille

'S a's caine boillsge

Mar sud bha 'mhaighdean a rinn mo chràdh.

—“An Rìbhinn Aluinn,” FIONN.

Ged nach eil *sgathbhàrdachd* an linn-fobheachd ach 'na tannasg glas-neulach an coimhearta ris an aoireadh ana-cainnteach leis am biodh na sean bhàird fhineach fo dhìon an cuid Cheann-cinnidh a' sgiùrsadh nan truaghan a choisinn an droch-mhèinn, tha i borcadh suas fhathast an sud 's an so, gu tric far an lugha fughair rithe. Fo'n cheann so tha na h-òrain thugaideach, duanagan àbhachdach, 's an leithdean sin air an grunnanachadh. Air uairibh tha ghnè rannachd so a ruigheachd ach gann a roimhe-nimhneachd, mar an làmh an a' Bhàird Lathurnaich Calum MacPhàil, ach buinidh a' chuid so gu h-àraidh do chaoidh an di-larachaidh, do 'm bheil a h-àite fhéin air a shòrachadh. 'S a' mhòr-chuid tha i neo-lochdach, mar a gheibhear ann an àbhachd a' Bhàird Dhiùraich, Domhnall MacEacharn, ach geur, teumach, cha mhòr gu ruig drabsdachd, ann an *Throd mo Bhean* aig Seumas Mac an Rothaich, 's b'e sin an trod da rìreadh—

Anasdach, tha e rìbeach, lom,
Lom-lan phuathag agus tholl;
'S tha'n crìdh' iar sgàineadh ann am chom
A' nigheadh ronn is òtraich as.
Ach Domhnall Bàn, a bhean, 's a chlann
Muinntir an tigh-bod 'ud thall,
Gur rìomhach, ròiseil iad, neo-gnann
Air tàilleamh sannt do ghlocain-se.

Tha i air a cleachdadh an bheantas a mhaighd 's a chur stad air duine tha dol a phòsadh té nach eil taitneach le 'chairdean. Tha aor de'n t-seòrsa so aig Màiri Nic Ealair, *A Dhonnachaidh, tha 'n Tubaist ort*—

Chan eil i idir bòidheach

Is tha i gann de dh'fhòghlum

Is chan eil aon ni còrr aic'

De dh'èolas no' bhunaltais,

a thigheadh gu h-éiginneach do chluasan orraiseach ar làtha-né. Is ann le iongantais agus toileachas-inntinn nach beag a gheibh sinn iomadh seinneadair binn a' fàgail an àbhaist 's a' beadradh gu gearraghobach leis an rannachd so, mar a tha Eobhan MacColla an *Fanaidh mo Mhàiri gu buileach o'n tì agus Am Bruadar so, am Faoin-sgeul e*: Niall MacLeòid an *Oran na seana mhaighdinn* (nach i bha dòchasach!) agus Ra-thuaith an *Di-moladh an uisge bheatha*, òran cho ealanta, taitneach 's a th'againn fo'n cheann so—nach freagarrach a dheireadh?—

'Nuair chluinneas mi 'n deoch ud 'ga h-éigheadh le frogan

Bidh iallan mo sporain 'gan rolladh gu teann!

Ann an seadh tha am Bàrd Diurach aig a chuid as fhèarr 'nuair a theid e 'n ceann àbhacais de'n t-seòrsa so, air nì e gàire ris fhéin cho ealamh 's ri duinn eile—air' oillteachadh roimhe each a' Ghàidseir 's e spleacadh gu h-iargalta air thar dorus a' bhothain 's an oidhche ghailbhich an *Seacharan Seilg*. Agus b'e sin *An t-suirdh* thubaisteach da-rìreadh, 's a leannan "a' taomadh, an truille, an cuman mu 'm cheann," agus

Mi fodha gu m' shiùilean an eabar an dùnain Mo bhrìgis mu 'm ghluinean 's an cù oir' an geall,

Bu mhiosa na 'n còrr leam bhi faicinn na h-òisich

Aig uinneag a seòmair ri spòrs air mo chall. An longhnadh ged "nach teid mise tuilleadh a shealltuinn na cruinneig'?"

Mar bu dual do bhàrd fineach, bha Ailein Dall 'na bhearradair sgaiteach. 'S e 'n cuspair is àill leis, gearan mnatha an aghaidh a fir agus esan a strì ri cheann féin de 'n bhata ghléidheadh. Cha mhionlabhairt a th'againn an so. Bidh cainnt na connspoid cho saor agus a tha i cho geur, agus fòghnaidh sin. Gheibh am fear bòchd, gun teagamh, fuasgladh cridhe ann an *Oran na Caillich*—nach uamhasach 'na thapachd an t-bran ud!

Tha'n *Cumha* no Marbh-rann, gnè chliarachd a bha riann taitneach leis na Gaidheil, a' lìonadh àite nach suarach am bàrdachd an linn, agus faodaidh sinn an Fhàilt no am Moladh, a tha gu maith coltach ris an cainnt 's an cruth, a bheachdachadh còmhla ris. Faodar innseadh nach eil earrann de bhàrdachd 's am bheil faireachduinnean dhaoine air an leigeil ris an cumadh a tha cho fialaidh,

eireachdail, mar gum biodh i daonnan a' tarruing na codach a b'fhèarr às na bàird a ghabh os làimh i. Ged nach eil a chainnt fhéin aig a' chumha 's a leithid anns an t-seadh 's am bheil sin aig na h-òrain-gaoil, thatar ag aoradh do chuid de na laoidh air dòighean a tha cho coltach ri chéile agus gum feumar tarruing bho cheithir òrain mar eisimpleir.

(1) *Cumha do Shir Donnachadh Camshron.*

(2) *Cumha do Thriath Ardghobhar.*

(3) *Cumha Choinnich Mhic 'Ille Mhoire.*

—Le ALASDAIR STIUBHART.

(4) *Oran do Chaipitean Siosal.*

—Le MAIRI NIC EALAIR.

Chan eil ach sreathan 'nam paidhrichean air an taghadh a leigeil fhaicinn cho coltach ri chéile 's a tha na dòighean-molaidh aca:

1

Liughad uair 's a shuidh mi slos leat
Sgeul 'ga aithris, 's fion 'g a òl leinn.

3

'S tric a shuidh mi aig bòrd leat
Flon bu bhlasda 's bu daoire.

Sùil bu ghuirme, deud bu ghile,
B'e sud suaicheantas do chinnidh.

2

Sùil bu ghuirme nan speur anns an tràth
Deud mar shean shlige chladaich.

3

'S iomadh maighdean bha 'n tòir ort
'S bheireadh pòg dhuit gun mhlathlachd.

Cha robh maighdean 's an dùthaich
Na'm bu mhiann leat, a dhiùltadh do phòg.

4

'S tric a rinn thu an t-sealgach
'S bhiodh iad marbhte co-dhiù leat.

'S tu sealgair an fheidh agus sealgair an eòin,

'S tu sealgair na h-eal' agus sealgair a' gheòidh.

'Nuair a thogadh tu gunna
Bhiodh mac-talla 'ga freagairt.

Nuair chuireas tu 'n cuilbhear gu cuimseach
ri d' shùil
'Sa shradas gu buadhor do luaidhe mu chùl.

Stilghorm mar na speuran
Ann an Céitein na bliadhna.

O c'ait' an robh cuachag measg ghruagach na tìr'

Nach rachadh am fuadach leat, uasail mo chrìdh'!

Ach chan eil na sreathan sin idir a leigheil fhaicinn duinn grinneas nan Cumha sin. Tha (1) agus (3) 'nan cumhachan fìor shimplidh, duineil, daonnda, mar a tha òran eile a rinn an bàrd d'a athair fhéin 's e fhathast beò, deagh chomharra air dìlseachd is blàths-chridhe an duine; ach tha (2) gun a choimeas mar dhealbh maiseach air feartan a' Ghaidheil oig, fhoinneimh. Tha *Caipitean Siosal* car coltach ri cumhachan Alasdair. Chan ionann 's Cumha eile a rinn a' bhan-bhàrd so—*Cumha Loch Iall*, 's am bheil i leigheil ruith le a fuath do Thigh nan Guelpheach 's do "Chù Chuil-fhodair," cho maith agus le a gràdh do'n Phrionnsa 's do na Camshronaich. Tha 'caoin-ghràdh piutharail 'g a nochdadh air mhodh a tha fìor dhruidh-teach ann an *Marbhrann Bràthar*.

Rinn aon de bhàird as tràithe an linn, Domhnall MacLeòid, *Oran do Reiseamaid Mhic Shimidh* a dh'fhaodar ainmeachadh airson cho seanfhasanta, éibhinn—cha mhór do-thuigsinn—'s a tha cainnt is litreachadh a' bhàird an coimeas ri pongalachd is soilleireachd na feadhach a thàinig fad' as a dhéidh. Is chrìo iomradh a thoirt air marbhrann comharraichte a rinneadh le Eobhan MacLachainn, Lochabar, an 1810, do Sheumas Beattie, fear-teagaisg Chànain 's nan Eòlas Nadurra an Oil-thigh Abairtheadhainn, do bhrìgh 's nach eil a choimeas 's an linn am faidead, an ro-fhialachd, 's am min-chunntas air feartan an duine a mhol e an rannan a tha cho mìl-shruthach, àrdchùiseach, 's nach eil cinnt an robh duine riamh beò no marbh a b'airidh orr' uile! Mar bhall sampall bàrdachd toiseach an linn tha tarruing air a toirt bho 'n dà òran sin—

MacLeòid.

'S làmh sheunt' thu na t-earradh
'S àrd iarras do dheannal,
'Sgriob dheuchain na gaillinn,
Sion chal' gun bhàigh thu,
'S deuchaineach sealladh
Air iarbhail do ghalaire,
Cuirp lionmhor ri talamh
Nan earruinean gearrte.

MacLachainn.

Gun smid tha 'n ceann anns na thàrmaich
Bladh gach eòlais a b'aird ann am miagh;
Gliocas eagnaigh na Gréige,
'S na thuig an Eadailt bu gheur-fhaclaich
brìgh!
'S balbh fear-rèitich gach teagaimh;
Anns a' Bheurla chruaidh, spreigearra,
ghrinn!

'Nuair bhios luchd-fòghluim fo dhubha,
Co na t'ionad s' a dh'fhuasglas an t-snuim?
'S fheadar *Oran do Mhac Ic Alasdair Ghlinne-Garadh*, le Ailein Dughallach, ainmeachadh fo'n cheann so a thaobh a chainnt ealanta, smiorail; mach o sin tha e duilich tlachd a ghabhail 'na leithid de bhladh 's de spagluinn.

Tha cumha beag, grinn againn le Calum MacPhàil, *Niall og Mac an Oighre*, duine foghlumte, beusach a bha "mar reul" do'n bhàrd, anns am bheil dà shreath dhruidh-teach nach gabh dol seachad orra—

Chan eil gaire 's an t-saoghal

Gun aobhar caoinidh dha dlùth,

agus fear eile de'n t seòrsa ghaiseil ('s bu toil leis riamh sin), le Lt.-Coirneal Mac-Griogair do'n t Seanailear Sir Tearlach MacGriogair, o nach toirrean an so ach leth-rann a leigheil fhaicinn mùthadh rannach a' bhàird sin seach na chaidh roimhe—

A' mhisneach a' chinn ris bhò shinnsear
nach géilleadh,

An cridhe glan cùbhraidh nach lùbadh do
nàmh,

An calpa bu bhòidheche fo chomhdach an
fhéilidh,

O Bhàis, anns an uagh chuir thu
suaineach 'nan tàmh.

Chan ionann sin agus cainnt nan cumha a rinn an dà sheinneadair binn, Iain MacLachainn agus Eobhan MacColla; *Cumha* air nionag 's i fo'n fhòid, agus *Rannan air Bàs Bana-charaid*—

Ged tha m' éideadh gun mhùthadh
'S mi gun deur air mo shùilibh
Gus an cuir iad 's an tìr mi
Bidh mi 'd ionndrainn ri 'm bheò.

Chaochail i an tùs a h-àille!
Cha seachnadh Pàrras as féin i;
Chaochail i—o! chaochail Màiri
Mar gu'm bàite 'ghrian ag éiridh!
Chaochail i an tùs a h-àille!
Cha seachnadh Pàrras as féin i;
Chaochail i—O! chaochail Màiri
Mar gu'm bàite 'ghrian ag éiridh.

(Ri Leantainn.)

COMUNN BADGES.

Members can now be supplied with Badges direct from Head Office; price 2/7½, post free.

SECRETARY'S NOTES.

It is with deep regret that we have to record the death of Mr. Robert MacCallum, F.R.C.O., Conductor of the Govan and Paisley Gaelic Choirs, and one of our life members. A very prominent member of the musical profession in Glasgow, Mr. MacCallum was greatly interested in Gaelic matters, and he was very proud of having acquired the language. At several of our Provincial Mods he acted as adjudicator, and his absence from our midst will be much felt. We extend our sympathy to his widow and daughter.

* * *

Many of our readers will be interested in the announcement that the B.B.C. have arranged to broadcast a course of Gaelic lessons. They are to be given by Mr. John Nicolson, M.A., a native of Skye and a member of the teaching profession who represents the Glasgow Skye Association, of which he is president, on our Executive Council. The first of these lessons will be given on Wednesday, 10th January.

* * *

In connection with the recent Gaelic service broadcast from St. Columba Church, Glasgow by the Rev. Alexander MacDonald, M.A., it is interesting to be informed that it was heard and appreciated by listeners in Holland. It is surprising to be informed of the far distant places where Gaelic items find a ready audience. Following a talk early in the year a gentleman from Poland wrote to say how much he enjoyed hearing it, and again on a more recent date a letter came from Paris expressing pleasure at the greater patronage that was being accorded to the language and music of our people. This is very encouraging.

* * *

Her many friends will be delighted to learn of the splendid progress that is being made by Mrs. J. R. Colquhoun from the unfortunate accident with which she met a short time before the Mod. Mrs. Colquhoun is now able to move about, and we trust that before very long we will have the pleasure of welcoming her back to our midst.

* * *

It is very pleasing to be advised of the formation of Ceilidh nan Gaidheal, Lunnain, a new Society in London, whose Meetings will be held entirely in Gaelic. The Ceilidhs which were recently instituted by Mr. D. J. MacDonald have now become so popular that a larger hall is essential to accommodate the ever increasing members who desire to attend.

The Ceilidhs are conducted every Firday evening, and in the meantime they are held in the White Heather Restaurant in the Strand.

* * *

The Rev. Alexander Murray, M.A., from Caledonia, Prince Edward Island, was a very interesting visitor at one of Ceilidh nan Gaidheal's recent meetings. The Rev. Mr. Murray who is a native of Stornoway has been resident in Nova Scotia for a long number of years, and he referred to the very large number of "Gaelic" speakers, many of them native born Canadians, who have their homes in this district. Well attended Gaelic services are held each alternate Sunday in his church. Mr. Murray remarked that they were all familiar with the name Ceilidh nan Gaidheal and the work that was accomplished by this popular all Gaelic Society.

* * *

As our readers may be aware it was decided at the Meeting of the Executive Council to print one of the Celtic Art Post Card designs which won a prize at the National Mod. These cards are now on sale and are sold in penny packets containing ten cards which is equal in price and quantity to the usual plain cards already on the market. An appeal is made to the members to encourage the sale of these and it would be appreciated if enquiries were made for them when purchasing cards. They bear the trade name "Celtic Post Card" and the Celtic design ornamentation makes them a new and very artistic and distinctive production.

NIALL.

AN CRANN NACH TUG TORADH UAIHDE.

(To the Editor of "An Gaidheal.")

Fhir-Dheasachaidh Shuaire,

The following is one of a series of three articles in Irish Gaelic written for *The Irish Press* by Seán Toibín, M.A. of the School of Commerce, Cork. This essay has been described as a "Classic" by an authority on educational matters and as the principle dealt with is not only common to the Gaeltachd of Ireland and Scotland but has a most important bearing on the future of our language, I have with his permission reproduced it below in Scottish Gaelic as accurately as I could and trust you may find room for it in the columns of *An Gaidheal*.

Mise le mór-mheas

SEORAS GALLDA.

An Crann Nach Tug Toradh Uaidhe.

Le SEAN TOIBIN, M.A.

Gach oide-muinte, gach fear a thug aon tamull riamh a' beachd-smuaineadh air chùisean a bhuineas do dh' obair sgoilean, tuigidh e gur buaine air fad an t-eòlas a chruinnicheas cluas an duine, a thaobh theanganan agus eòlais choitcheinn, na an t-eòlas a chruinnicheas an t-stiùil de thoradh leughadaireachd. Is fhasa thig an t-eòlas-cluaise air ais do 'n chuimhne na mar a thig an t-eòlas-sùla, agus sin agaibh bun-chlach na sàr-chuimhne a bha riamh aig an t-seanachaidh Ghaidhealach.

Ach ged a thugear am meud so gu coitcheinn is ainneamh a nithear d'a réir ann an riarachadh sgoilean, seadh cha deachaidh ordughadh riamh a leithid de smuain a chur ann am feum, agus 's e sin is aobhar gu 'm bheil cùis-gearain an diugh aig na Gaidheil a tha adhartas na teangaidh naisiunta anns na sgoilean an earbsa riutha. Their iadsan nach eil an toradh is dual a bhi air obair na Gaidhlig a thaobh labhairt na teangaidh sin an taobh a muigh na sgoile fhéin agus an déidh do 'n leanabh an sgoil fhàgail. Leanaidh cuid de na sgoilearan ris a' chànain an sin ann an cùrsa gnothuichean do bhrìgh gur daoine air leth iad, daoine a tha spèireadh annta agus meamhar-cinn a bharrachd aca air an companaich. Is coltach gur leth-choma ciod a' ghné-theagaisg a fhuair an leithidean so 's an sgoil; bheir iad an teanga dhachaidh leo agus cumaidh iad i. Ach bhitheadh na leanaban is dùire fhéin a' labhairt na cànain gu fileanta nan tuitadh daibh i tre mheadhonnann beòil is cluaise, 's gun a bheag de dh' obair-sùla 'gam bacadh. Ach mo thruaigh! Cha d'fhoghlum an luchd-teagaisg riamh cionnus a bheireadh iad an teanga air an dòigh sin do'n òigridh, air an an dòigh a bheir a' mhàthair-cloinne 's a' Ghaidhealtachd d' a leanaban i. Is obair ro-dhùilich an còmhaidh cànain a mhuinteadh gu torach, tarbhach, an lorg leughadh nan leabhraichean.


Na cùrsa-Samhraidh airson luchd-teagaisg nam bun-sgoilean, a chuireadh air bonn o chionn dà bhliadhna deug, cha robh an stiùradh fothpa-san ceart air chor air bith. Dh' amaiseadh air clàr-oibre dhaibh a bha calg-dhìreach an aghaidh ionnsachadh na teangaidh mar ghnàth-chainnt dhaoine, mar mheadhonn comhlusadair do 'n t-sluagh, mar theangaidh do na h-uile—do 'n fhear-eaglais agus do 'n fhear-staide, do 'n oide-mhuinte, do 'n fhear-lagha, do 'n fhear-chèird agus do 'n tuathanach, agus do gach seòrsa dhaoine a tha 's an dùthaich. Sòailidh mi nach robh an dlùth-cheangal sin a bu chòir a bhi aig an luchd-stiùradh ri rùintean *Connradh na Gàidhlig* a chum an

cuspair sin a bhi 'san t-sealladh aca. "An teanga mar chuspair-leughaidh am bun-sgoilean na tire"—sùd an smaoin a bha stiùradh na h-oibre aig an am ad. Do bhrìgh sin bhatar a' fòirneadh ceart-chainnt agus léir-mheas litreachais air luchd-teagaisg nam bun-sgoil; agus b'fhìor gu leòir an gearan a rinn cuid de'n luchd-teagaisg sin, "gu 'n robh iad air an daingneachadh a steach ann anampaichean cruinnichte chun gnothuichean nach b'àill leo," chionn is e biadh gu bhlas a bhuilceadh orra. Thàinig iad dhachaidh foghlumte gu leòir a thaobh "Ginteach" agus "Am Modh so-suidheach" agus "Seòl-sgrìobhaidh litreachail" agus gach àrd-glòir cainte eile air an do chumhnicb luchd na trom-oileantachd riamh, nithean nach tàinig na daoine is binne Gaidhlig eadhon seanairean na Gaidhealtachd, tràsd orra riamh no a chaidh!

Agus is mòr an eucòir an gnothuch so gu léir. Dh'fhàgadh na h-oidean sin a dh' easbhuidh an eòlais a dh' aotromaicheas an obair dhaibh fhéin agus do na sgoilearan. Dh'fhàgadh iad a dh' easbhuidh nan nithean abhaisteach, bunabhasach, a tha fuaighte ri gach beo-theangaidh air an domhan. Dh'fhàgadh iad gun eòlas air na nithean so. A' Chailleach Bheur agus An Gobhán Saor agus Feinn Eireann agus Eoghan Ruadh agus Domhnall O'Conaill agus Coilichin Coc agus Bìrín Beo agus Cogadh nam Punann agus Domhnallaich Tìr Chonaill, agus gach seul eile a tha na Gaidheil, sean is òg, ag gabhail suim dhiubh; nithean a bheireadh greim do dh' aigne an leinibh air an teangaidh agus a bhitheadh aige mar bhun-chlach fhirinneach a chum binneas cainnt na Gaidhealtachd a stéidheachadh oirre agus an saoghal mór a thoirt fo a cheann, là brèagh éigin, agus labhairt gu fileanta deas-bhriathrach air gnothuichean an latha mar a theigadh.

An dòigh-teagaisg a dhealbhadh anns an sin, chuireadh gu feum i gu daingeann, gun atharrachadh. Mo thruaighe am fear a thogas an tecs-leabhar agus an gramair agus a' bheachdaireachd-litreachais mar chobhair a chum Teanga a' Chinnidh a chraobh-sgoileadh a rithis feadh chòig còigeamhan Eireann! Deanamaid a leithid sin a chartadh a mach air dorsan nan colaistean gu bràth, agus leanamaid gu bràth air an *Vive-Voce!* Agus cuireamaid an cèill gu soilleir nach ann mar chuspair fuar sgoile fa chomhair "là an sgrùdaidh" a tha Riaghaltas na Tìre ag caitheamh ùine is airgid air a' Ghaidhlig ach gu a toirt mar chomhradh nàdurra beòil do 'n òigridh a chum agus gun sgoileadh iadsan gu farsuing fireannach i air feadh Eireann an ionad na gliongaraich granda chainnte sin a shìolaidh a nuas 'gar n-ionnsuidh o threubhan nan Gall!

SCOTLAND'S HIGHLANDS CALLING !



HER Spinning Wheel and HIS Glengarry — Symbols of the Highlands!

Wear the tweeds and the woollies made in Highland homes. They are part of the life of the crofters, that sturdy independent race from which so many pioneers have sprung.

The mountain sheep give their wool, the lichens on the rocks their vegetable dyes. The women by the peat fire sing together as they weave and spin.

From here come the tartan plaids and woven tweeds, the knitted cardigans, shawls, and rugs — all made by hand and sold entirely for the benefit of the workers.

Highland Home Industries Ltd.

111A GEORGE STREET, EDINBURGH.

DEPOTS:

{ 111a George St., Edinburgh;
255 Bath St., Glasgow;
Strathpeffer; and
Kilmuir, Skye.

PHONES :

Edinburgh 26713.
Glasgow, Douglas 62.

PRIVATE AND RESIDENTIAL HOTEL

13 and 25 ROYAL CIRCUS
EDINBURGH

Moderate Tariff and Excellent
Cuisine.

Terms on Application.

On Waverley and Comely Bank Car
Route (No. 24)

Ten Minutes from Princes Street
Station, L.M.S.

Miss M'LENNAN, Proprietrix.

THE CLARSACH

OR

CALEDONIAN HARP

J. W. BRIGGS

VIOLIN MAKER

8 Cambridge Street, Glasgow

MAKER OF

"DALRIADA" and "OSSIAN"
CLARSACHS

These Clarsachs are made entirely by hand in our own workshop in Glasgow. Most of the leading players of this delightful Scottish instrument have expressed their appreciation of the beauty of tone of those already supplied. The revival of the Clarsach has given great pleasure to all lovers of the traditional Highland music.

Prices and particulars on application to
above address.

A. C. Little & Sons, Ltd.

Costumiers and Furriers



EXTRA LARGE-SIZE GARMENTS
of every description always in stock

Mourning Orders a Speciality

Orders executed within six hours

THE VERY LATEST
AND EXCLUSIVE FASHIONS
ARE ARRIVING DAILY

ALWAYS IN STOCK

A MAGNIFICENT SELECTION
OF

HIGH-CLASS READY-TO-WEAR
Garments & Furs

AT THE VERY KEENEST PRICES

including

Costumes	Coat Frocks
Gowns	Showerproofs
Small Furs	Tailor-made Coats
Two-piece Suits	Jumper Suits
Dress Skirts	etc., etc.

THE HOUSES FOR VALUE

28 HIGH STREET, DUNDEE.—Tel. 2732

Also at 121 PRINCES STREET, EDINBURGH.—Tel. 27934

And 105 UNION STREET, ABERDEEN.—Tel. 523

The Place for New Ideas

How : :
to : : :
Succeed : :
in Life : :



Unfold : :
Your : : :
Latent : :
Powers : :

The Most Interesting Book Shop in Glasgow.

You are sure to be interested by an inspection of
our varied and Comprehensive Selection of Books
on

Psychology.	Occultism.
Theosophy.	Mysticism.
New Thought.	Nature Cure.
Food Reform.	Meatless Cookery.

Up-to-date Literature.

All Leading Magazines on above Subjects.

The Theosophical Book Shop
144 West Nile Street
Glasgow.

HISTORY of the **CLAN ROSS**

WITH
Genealogies of the Various Families

BY
ALEXANDER M. ROSS.

Price 21/- Postage 6d.

A LIMITED NUMBER OF COPIES
FOR SALE AFTER SUBSCRIBERS
HAVE BEEN SUPPLIED, CAN BE HAD

FROM
GEORGE SOUTER
Bookseller - - DINGWALL

FOR THE BEST DESCRIPTION
AND THE
BEST VIEWS OF SCOTLAND
SECURE

Come to Scotland

Price - 1/-
By Post, 1/9

A Magnificent Guide Book
with
One Thousand Beautiful
Views, and Printed on
Finest Art Paper.

ON SALE AT ALL BOOKSELLERS

Published by
THE SIMMATH PRESS LTD.,
DUNDEE.

'Grams: "Pheasant, Edinburgh."

'Phone 21103.



By Appointment to His Majesty the King

Quality is always the first consideration

PURVEYORS of the FINEST SCOTCH FED BEEF,
SALT BEEF ROUNDS, SPICED BEEF, HOME-FED
PORK, SCOTCH MUTTON and LAMB, NEW ZEALAND
MUTTON and LAMB, CHOICE VEAL, CAMBRIDGE
SAUSAGES, TURKEYS, GEESE, DUCKS and
CHICKENS, PHEASANTS, PARTRIDGES, HARES,
SEASONABLE GAME, PORK PIES, and GALANTINE.
SCOTCH HAGGIS posted to any address at any time.

JAMES WILSON, LTD.

BUTCHERS, POULTERERS, and GAME DEALERS,

142, 144, 146 GEORGE STREET - - - EDINBURGH.

The Corner of Charlotte Square.

JOHN LEARMONTH, Managing Director.



A. & J. Macnaughton

Woollen Manufacturers

Pitlochry

Makers for nearly 100 years of pure
WOOL TWEEDS, RUGS, BLANKETS
and KNITTED GOODS. Samples sent
to any part of the World with
pleasure.—Write Dept. 85 for
particulars or patterns.

. . ADVERTISE . . DAY AND NIGHT

WITH

SIMMATH

Ray Road Signs



THE ADVERTISEMENT

THAT'S ALWAYS

WORKING



All information from

THE SIMMATH PRESS, LTD.

Simmath House, Roseangle,

DUNDEE

CRAOBH SGAOILEADH.

An Airde Tuath.

Aig a' choinneimh de 'n Chomhairle Thuathach air an 9mh là de 'n Dùl-lachd an Inbhirnis bha ceithir buill dheug an làthair. Bha Mgr Domhnall MacDhonnaiill, am Fear Gairme, anns a' chathair.

Thug am Fear Deilbhe iomradh air na cuairtean a ghabh e bho 'n a' choinnich a' Chomhairle mu dheireadh. Dh'innis e gu 'n robh a' Mhgd. Mairearad NicDhonnaiill, Bhaltar Ros agus Iain MacDhonnaiill air cùl an gnothaich a' teagasg ciùil ann an Inbhir Garadh, Ullabol agus Leòdhas; agus gu 'n robh a' Mhgd. Seònaid Nic Choinnich a' teagasg an Druim na Drochaid.

Thug an Ridire MacEoghainn fa chomhar na coinneimh gu 'n robh e iomchuidh gu 'n rachadh oidhearp a dheanamh a chur na Gàidhlig air suidheachadh as fèarr am baile Inbhirnis. Thuir e nach robh a' chàinain a' faotainn a' chothroim a bu mhaith leis, agus chuireadh Frith-chomhairle air bonn ris am bheil e an earbsa gach dìcheall a dheanamh a chur na càinain air stèidh as inbheiche anns a' bhaile. Is iad buill na Frith-chomhairle—Domhnall MacDhonnaiill, Domhnall Greumach, Iain N. MacLeod, an Ridire MacEoghainn agus a' Bhean Uasal Nic a' Phearsain.

Bha Aonghas Mac a' Phil, Gleann Garadh, de 'n bheachd gu 'm bu chòir Gàidhlig a bhi air a teagasg an sgoilean a' Ghlinne, agus chaidh earbsa ris an Fhear Dheilbhe ainmeannan nam pàrantan leis am miann a' Ghaidhlig a bhi air a teagasg do 'n cloinn anns na sgoilean sin a chur a dh'ionnsuidh Rùnaire an Ard Fhoghlum an Inbhirnis.

Air an t-seathamh là de 'n Dùl-lachd fhritheil am Fear Deilbhe aig coinneimh de mheur Abair-itheachain agus labhair e air obair a' Chomuinn. Bha seinn, aithris, plobaircachd agus luadhachd aig a' cheilidh, agus pailteas Gàidhlig. Air an ochdamh là thug e òraid air "Donnachadh Bàn nan Òran" aig Ceilidh am Baile Dhùthaich. Chuidich Donnachadh MacCoinnich agus Eoghann MacRath le bhi a' seinn òrain a' bhaird ainmeil so agus bha ceilidh chiatach ann. Tha e 'na chall mòr do 'n mheur so gu 'm bheil an Ceann Suidhe a', fagail na dùthcha. Tha e a' dol gu Mauritus. Is e fìor charaid do 'n Gàidhlig a tha anns an Urramach Mgr. MacFhionghainn agus bidh là is bliadhna mu 'n teid a mhaiteas air dì-chuimhne an Sgrì Bhaile Dhùthaich.

Tha na Rùnairean Ionadail anns an Airde Tuath gu dealasach ag cur an ordugh Clàran Eagair air son nam Mòdan Dùthchail. Tha

Clàr-eagar Mòd Loch Bhraoin a mach cheana agus tha e togarrach fhaicinn gu 'm bheil cothrom air a thoirt, chan ann a' mhàin do 'n fheadhainn sin aig am bheil a' Ghaidhlig mar an cainnt mhathaireil do na gillean agus na nigheanan sin a tha a' deanamh an dìchill a chum is gu 'm bi iad comasach air a' Ghaidhlig a leughadh, a sgrìobhadh agus a labhairt.

Tha air a' Gheamhradh so, anns an Airde Tuath cròileanan Gàidhlig (Sgoilean Oidhche) fo stiùradh nan Ard Fhoghluman an Eilean Eige, Cille Chuimein, A'Mhanachain, Inbhirnis, Nis, Carlabbagh, Baile Dhuthaich, Inbhir Naruinn, Baile nan Granndach, Farrais, Eilginn, Brùra, Goillspidh, Dòrnach, Sgrì Raoi'rd, Loch an Inbhir, Bada Call agus Aisir. Tha dha dheug agus dà fhichead ball an cròilean fo stiùradh an Urramaich Tormod Mac 'Illeimhoire, Sgeiridh, faisg air Tunga. Tha cròilean gasda aig Drochaid Ruaidh agus aig Rath a Mhurchais, agus an iomadh cèarn eile air feadh na Gàidhealtachd mu thuath, ged nach 'eil iad uile fo stiùradh an Ard Fhoghlum.

Tha taing chridheil ri thabhairt do na cairdean sin ann am baile Inbhirnis air son an coibheis ann a bhi a' tadhal air Meuran, thall 's bhos, agus 'g an cuideachadh le Ceòl, Aithris, Sgeulachd agus Luadhachd. An uair a ruigeas Luchd-Cluich-Inbhirnis Clachan air bith bithidh an talla loma-làn.

An Airde Deas.

Bha coinneamh de 'n Chomhairle Dheasaich cruinn an Ionad-gnothaich a' Chomuinn air feasgar Di-haoine, an 22mh là de 'n Dùl-lachd, aig an robh mòran de na buill an làthair le Mgr Donnachadh MacCaluim, am Fear Gairme, anns a' chathair.

Anns an dol a mach fhuair e iomradh taitneach bho 'n Fhear Dheilbhe air a chuairt am measg nam Meuran. Air an turas so bha e aig coinneamhan an Arainn, am Muile agus an Siorramachd Pheairt, agus aig gach aon bha e air fhàilteachadh gu furanach agus dheasaicheadh coinneamhan eireachdail fa chomhair a thurais. Ann an Loch an Eilein is Camus nan Gealag an Arainn chuireadh cròileanan Gàidhlig is Ciùil air bonn agus chaidh meur ùr a stèidheachadh am Bredaig. Tha a' Bhean Uasal Nic Dhòmhnaill, a bhan-treòiche, air ceann nan cròileanan an Arainn agus tha e taitneach ri innseadh gu 'm bheil dealas mòr air a nochdadh leis na buill, gu h-àraidh a thaobh na càinain. Tha còrr is dà fhichead ag cruinneachadh am Bredaig agus deich ar fhichead anns a' Choire. Tha gach meur am Muile an làn uidheam le obair an t-seiseinn agus bha mòran sluagh an làthair

aig gach coinneamh—sè fìchead 's an t-Sàilein agus ceithir fìchead an I Chaluim Chille. Bha trì fìchead cruinn aig a' Cheilidh an Loch Aluinn far am bheil a' bhan-sgoilear, a Mhgdn. Nic a' Bhìocair, ag cumail air aghaidh na Còisir Chiuil.

Chuireadh meur ùr air bonn am Feàrnan fo'n ainm Meur Taobh Loch Tatha. Aig na meuran eile, abair-pheallaidh agus Baile Chloichridh bha cruinneachaidhean gasda a' feitheamh air Mgr MacGille Sheathanaich, agus tha e làn riarachta leis an obair a tha iad a' deanamh.

Ann a bhi a' toirt fathunn air a sgrìob do Dhuneideann thug an Rùnaire iomradh gu 'n robh Gaidhlig 'ga teagasg aig trì buidheanan a tha ag coinneachadh uair 's an t-seachdain an Talla Eaglais Chaluim Chille. Bha e gu mòr air a mhisneachadh leis an dealas a bha ri fhaireachdainn am measg na cuideachd a bha cruinn. Dh'aontaich iad gu h-aona-thuthach gu 'n rachadh meur de 'n Chomunn a chur air bonn agus rinneadh sin—a' cheud mheur am prìomh bhaile na h-Albann.

Bheachdaich a' Chomhairle air teagasg ciuil am Muile, 's a' Mhorairne, 's an Apuinn, an Dailriada agus an Aird nam Murchain. Dh'aontaicheadh luchd-teagaisg a chur do na h-aitean sin mar a bhios e freagarrach.

“AT OOR EXPENSE.”

Among Highlanders in Toronto few names are more highly respected than that of Colonel J. Keiller MacKay, K.C., scion of a well-known family of Nova Scotia educators with distinguished Highland connections. As one learned in the law he has received many recognitions for his outstanding legal abilities; as an artillery officer he commanded the famous “MacKay Group” of batteries which acquired in the Battle of the Somme an enviable reputation for efficiency and their speed in getting into action in support of the rapidly moving infantry; and as a student of Celtic history and antiquities his wide reading and judicial acumen have shown him to be a *fìor-Ghaidheal* at heart when he champions the Gaelic cause, and a skilled advocate in arranging facts and presenting evidence.

Addressing the Celtic Historical Society in the University at Toronto at its November meeting, Colonel MacKay spoke on “The Highlander in English Caricature” to an

appreciative and representative gathering of Toronto Gaels. “If Highlanders,” he said, “have not succeeded in seeing themselves as others see them, it is not for want of abundant opportunity, but it is much to be regretted that their characters have been entirely at the mercy of their bitterest enemies, who knew them only to hate them in proportion as they feared them, while their friends durst not speak the truth of them. Of all their virtues, courage was the only respectable quality conceded to them, but even their courage was disparaged and represented as mere ferocity arising from ignorance and a blind and slavish obedience to their chiefs.” After reviewing Highland history from the days of Montrose to Culloden, the speaker argued that English writers, “by hiding the truth from the world, had left the character of the brave and honorable at the mercy of their enemies.” Their opinions were mostly “the reflections of their preconceived ideas and ill-concealed enmity against the Highlanders,” and as a body they were worthy champions of the English regulars at Culloden, whose conduct evoked from Sir Walter Scott the scornful remark that “the most cruel enemy was a coward who had gained success.”

“The antipathy and antagonism with which Highlanders have been treated by pragmatical historians and moralists has long been an unaccountable mystery,” continued the speaker, who indicated that they could not wholly be explained by England's jealousy of another nationality which made her the laughing-stock of all Europe. Neither could they be said to extenuate the atrocities of Cumberland on the wounded and helpless on the plea that Highlanders were “an idle, barbarous, and thievish people, impenetrable to all civilization and order, and for whom the only cure was utter annihilation.”

Responsibility for these campaigns of calumny and slander was traced to fierce political partisanship which had been a formidable impediment to historical research. Against men like Captain Burt, Samuel Johnson, John Home, Pinkerton, and the renegade Lord Macaulay, who had not belied the old saying that “a traitor is the worst enemy of all,” the Highlander was given small chance to present his case before the world. Sir Walter Scott was the first to champion the Highland cause with the pen of romance, but he was no historian, and far from familiar with Highland sentiment and habits of thought.

The Highlander's characteristics as portrayed by English historians were caricatures divorced from truth and justice, declared Col. MacKay with emphasis. They were still misrepresented. Despite the halo of romance woven round the episode of the "45," "there was very little romantic sentiment about the Highland chief. He possessed a large share of the national shrewdness; he knew how to drive a good bargain; and had a keen eye to the main chance." As for the clansmen, attempts to show that they lived in a state of slavish obedience to their chiefs ran counter to the facts of history, but had helped the selfishness of landowners and chiefs who justified the "Clearances" and similar acts of national folly. Testifying from personal contact and experience with Highlanders of Scotland and Canada in the Great War, Colonel MacKay concluded: "During the four years of war, the most severe that ever tested human fortitude, the Highland troops never failed in any situation which they were called upon to face. Wherever courage, initiative, zeal, enterprise, integrity, and determination were required, there the Highland troops were never wanting."

Messrs. George and Charles Sim, Colin and Douglas MacKay, and Mrs. Gillman, contributed the musical and Gaelic numbers, and the president, Dr. Edmondston Scott, illustrated the lighter side of Highland wit and humour with a racy address on Gaelic views of the Sassenach, entitled "Marking the Sparrows Fall."

CEILIDH CLANN AN FHRAOICH.

Chumadh a' Chéilidh Bhliadhnail aig Clann an Fhraoich agus an càirdean an Aitreach nan Gaidheal, Glaschu, air Di-ceudaoin an 13 là de 'n Dùdhlachd, 7.30 feasgar. Chaidh an fheadhainn a bha an gnothuch so an earbsa riutha gu uchd an dicheill, air chor agus nach biodh e an comas duine clar-eagair a bu fhreagarraiche a sholar na cròidhlean-ciùil a bu thaitniche a thional na bh'againn an oidhche ud. Bha mu thri fichead an lathair agus tha mi am beachd nan leigteadh ris do 'n t-saoghal roimh-laimh có na seinneadairan 's an luchd-ealaidh eile a bha gu bhì ann, gu 'm faodadh a dhà no a trì uiread sin tighinn 'gan éisdeachd oir is ainneamh a gheibhear a leithid a dh'fhearas-chuideachd, agus tea 'na cois, 's a' bhaile mhór air tasdan an ceann.

Dh'fhosgail Calum MacLeòid a' Chéilidh le facal ùrnuigh, a reir nos na Cloinne agus liubhair am Fear-Gairme, Seòras Marjoribanks, an sin òraid bheag 'san do leig e ris do 'n chuideachd ciod a bha 'san rùn aig a' Chomunn Ghaidhealach ann a bhì 'g earbsa ri Clann an Fhraoich comunn ùr a chur air bonn airson clann na Gaidhealtachd gu léir, air an tugadh Comunn na h-Oigridh mar ainm. 'Ga chur am bigead, is e a th 'ann gach cothrom a bhios 'nan comas a thairgseadh do na balachain 's do na caileagan ann an sgoilean na Gaidhealtachd gu bhì 'nan làn-Ghaidheil 's 'nan sàr-Ghaidheil, agus thar gach ni eile gu 'm faigh iad còlas, chan e mhàin air a' Ghaidhlig fhéin, ach air gach buadh is deagh-bheus, gach grinneas-cridhe agus cumhachd-inntinn a tha fuaighte ris an t-seana chàin. Dh'iarr e an sin air a luchd-éisdeachd nach rachadh a' ghrian fodha orra, aon là a bhiodh iad beo, gun iad a dheanamh rud no rud-eigin airson na Gaidhlig, agus leig e ris dhaibh iomadh dòigh air an gabhadh sin dèanamh.

Leugh am Fear-Gairme titir a fhuair e o Iain Moffat-Pender, a bha leigeil ris a dheagh dhùrachd do 'n Chloinn, cha 'n e mhàin am briathran blatha brosnuchail ach air cruth faicsinneach le còig Puinnd Shasanach a chur 'na broinn a dh' fhaodadh a' Chlann a chur gu feum sam bith.

Thòisich an sin an ceòl 's am fearas-chuideachd. Bha Iain og Mac Ille na Brataich air àird a ghleus, 's e gabhail òrain an dà chuid sean is ùr, tiamaidh is aighearrach. Rinn a phiuthar Morag deagh sheirbhis mad an fheasgair air a' chlar leathann. Agus bha fear-ciùil againn a rachadh am pòca Iain, nan togradh e, Alasdair Mac Aonghais, balach a fhuair an Suaicheantas aig a' Mhòd am bliadhna, agus ge beag a cholann (chan eil e ach aon bhliadhna deug fhathast) tha guth mòr milis agus a rogha Gaidhlig aige. Ma ghléidheas Alasdair a cheann, theid e fada. Bu bhreagha na h-òrain-càraid a sheinn na balaich Donnachadh agus Iain, mic' Ie Iain, Bàrd Caol-Aibhne. Airson nam ban-ciùil dheth, ghabh Eilidh Nic Ille Mhaoil agus Mairi Nic Artair gach oran a b' fhèrr na chéile—cha toir té eile dhiubh aig a leithid de chruinneachadh. Bha còisir fhiodhall is chlàir-leithne ag cumail phort ruinn an drasd 's a rithis, ag cur saod air sean is òg.

'S ma bha an ceòl maith, leig Aoghnas Domhnallach ris dhùinn aon uair eile cho coimhlionta 's a tha e a dhol an ceann beoll-aithris. Chuir e flòr dhreach is loinn air an cadar-theangachadh Gaidhlig a rinn Calum Mac Phàrlain nach maireann air an *Hiavatha* aig Longfellow; agus mar nach fognadh sin,

chluich e le Aline Nic Coinnich an comhradh-dithis abhachdach a sgrìobh e fhéin, "Là Paighidh Dhomhnuill." Gu dearbh, far am bi Aonghas bidh aighear.

Air mo shon fhéin dheth, chan eil fhios nach tug Iain Camshron, Paislig, bàrr orr-uile, 's e ag innseadh dhuinn naigheachd a cheud ghaoil an laithean oige : nuair a thubhairt Iain gun d' fhàs e cho caol ri ràcan 's gun d' ordugh an lighiche botul dha, tri làn-spàin a latha, shaoil sinn gu 'n robh an t-am dhuinn dol a laighe ! Thug Lachann Dughallach an sin taing do 'n luchd-cìvil 's do 'n luchd-ealaidh, agus Iain Mac Ille na Brataich do 'n Fhear-Ghairme, agus chuir an t-oran-dealachaidh crìoch air céilidh a ruith gu sìubhlach sunndach bho a tús gu a deireadh.

AN CLO MOR.

Le RUAIRIDH CAIMBEUL, Minaird.

(A cheud duais ionann, Mod Dhunomhainn,
1930.)

III.

B'iad so pàirt de na h-òrain luaidh a dh'ionnsuich mi o na mnathan luaidhe 'nuair bha mi 'nam ghille òg. Cha deach aon diubh a chur an clò fhathasd ach tha mise de'n bheachd gu bheil iad cho aighearach ri'n seinn ri aon duan luaidh a chaidh a chur an clò roimhe so :—

Séisd: Bhi-liù-a-ra-hu-a
Gur tò mo chruinneag bhòidheach
Bhi-liù-a-ra-hu-a.

Rann :

- (1) A nighean bhuidhe tha 's a ghleann
Na fir an geall do phòsadh.
Bhi-liù-a-ra-hu-a.
- (2) A nighean bhuidhe tha fo'n bhruthaich
MacCuish an tòir ort.
Bhi-liù-a-ra, etc.
- (3) Gur binne thu na na cuthagan
'Sa bhruthaich 's an robh neoinean.
Bhi-liù-a-ra, etc.

Séisd: Bhi ri-liù-le-hó
O-ro-mo chuachag
Bhi-ri-liù-le-hó.

Rann :

- (1) Cha b'fhada bhiodh mo leannan
Tighinn a beannaibh a' chuaillein.
Bhi-ri-liù, etc.
- (2) 'S nuair a thigeadh e dhachaidh
'S mi nach fharadh an gruaim air.
Bhi-ri-liù, etc.
- (3) Tha mo cheisd air a' ghille
Thug an linne mu thuath air.
Bhi-ri-liù, etc.
- (4) Fuil a' bhric air do léine
Fuil an fhéidh air do ghuallainn.
Bhi-ri-liù, etc.
- (5) 'S truagh nach robh mi le m' leannan
Ann an lagan beag uaigneach.
Bhi-ri-liù, etc.
- (6) Fo dhubhar na coille
Far an goireadh a' chuachag.
Bhi-ri-liù, etc.

Séisd: Hoireann-ó-bhi-ri-ar-ó.

Rann :

- (1) M'eudail calpa 's an robh briosgadh.
Hoireann-o, etc.
- (2) Dhìreadh tu bheinn air a' sigheadh
Hoireann-o, etc.
- (3) Thigeadh tu far am biodh mise
Hoireann-o, etc.
- (4) O na ruigeadh cha bu mhisde
Hoireann-o, etc.
- (5) 'S truagh nach robh mi le mo chéile
Hoireann-o, etc.
- (6) An taobh na beinne guirme 'g éiridh.
Hoireann-o, etc.

Séisd: Fhir a chinn duibh o-a-hiu-a
Fhir a chinn duibh u-a-eile
Fhir a chinn duibh o-a-hiu-a.

Rann :

- (1) 'S moch an diugh a rinn mi éirigh
Fhir a chinn duibh, etc.
- (2) Ma's mach an diugh e 's moich' an de e.
Fhir a chinn duibh, etc.
- (3) Fhuair mi ghrugach dhonn gun éiridh.
Fhir a chinn duibh, etc.
- (4) Ghabh mi mach ri srath nan geugan.
Fhir a chinn duibh, etc.

Séisd: Mo nighean donn-ó gu
Bhi-ri-liù-hó
Mo nighean donn-ó-gu.

Rann :

- (1) Mo nigh'n donn choisinn geall
Far na champaich na seòd.
Mo nighean donn, etc.
- (2) Mo nigh'n donn a chui' bhàin,
'S toigh leam mànan do bheòil.
Mo nighean donn, etc.
- (3) Mo nigh'n donn a chuil duinn
Bheirinn oidhch' air do thòir.
Mo nighean donn, etc.
- (4) Bheirinn oidhch agus oidhch
Air son caoimhneis do bheòil.
Mo nighean donn, etc.

Séisd: 'S na hi-a-hù-Chalumain
Fallain gu'm lu thu
'S na hi-a-hù-Chalumain.

Rann :

- (1) 'S ann a chur mi mach m' acair
Air a' charraig nach dìobair.
'S na hi-a-hù, etc.
- (2) Air a' charraig nach caraich
Gus an caraich mi fhìn i.
'S na hi-a-hù, etc.
- (3) O fhir a' chùil bhuidhe
'S trom an cumha do ghaoil mi.
'S na hi-a-hù, etc.
- (4) O fhir a' chuil stéididh
'S mór an déigh agam fhìn ort.
'S na hi-a-hù, etc.

Tha e 'na thòileachadh mór do 'n cho-fharpuiseach so an oidhirp so a chur a dh'ionnsuidh Mòid. Tha e a' saòilsinn mar gu'm bitheadh mòran làithean air an cur ri 'aois le bhì toirt gu cuimhne pàirt de na briathran a tha air an cur sìos an so. B'iad briathran athar agus a mhathar, bu ghlan an teanga, agus bu ghnèidheil an dùrachd agus b'iad nach d'thugadh beum air cach le briathran do-gheamnaidh sam bith. Tha mise duilich nach eil mo bhriathran-sa idir cho taitneach na cho blasda na idir cho tarbhaich do 'n luchd-sgrùdaidh 's a b'urrainn iadsan an deanamh :—

- (1) Bi mi cuimhneachadh a chòmhla
Shiùibheadh còmhla ruim gu minic.
- (2) Ach bho chian do thriall na làithean
Sgap an t-àl air feadh na cruinne.
- (3) Tha cuid an talla nan treun diubh
Nach fhaicear fo'n ghréin so tuilleadh.

- (4) Na fir sin nach diùltadh éirigh
Anns an t-streup 'nuair chuirte thuig iad.
- (5) Nise chaochail làithean m' òige
'S thainig neòil nach robh mi sìreadh.
- (6) Tha mo chiabhagan air liathadh
'S dh'fhàilnich bliadhnaichean mo chinneis.

BRANCH REPORTS.

PORT-AUGUSTUS.—Two classes for the study of the Gaelic language and its music are now being conducted in the village. The local branch of An Comunn Gaidhealach, with the Education Authorities' co-operation, has opened a class for the study of Gaelic in the Public School. A fully qualified teacher is in charge, and the class meets every Tuesday night. Gaelic singing classes were resumed in St. Columba's R.C. School last week, and the choirs are being coached by Miss Margaret MacDonald, Inverness, who was gold medallist of last year's Mod.

GLEANN URCHADH.—Chum am meur so an dara céilidh aca air feasgar Di-haoine an ceud là de'n Dùdhlachd ann an Talla nan Saighdearan. Cha robh luchd-ciùil sam bith o thaobh a' muigh A'Chomuinn fhein an tobbh so, agus cha bu mhisde-mid, ar leinn, a bhì toirt sgairbh a' creagan duinn fhein aon uair mar sin, rud a thug cothrom do iomadh neach a dh'fhaodadh a cheòlraidh a bhì balbh an cuideachd nan seimeadairan móra. Co-dhiu cha'n iarramaid oidhche na b'fhearr na fhuair sinn, eadar òrain is naigheachdan aighearach, puirt a' beul is piobaireachd, mu'n cuairt air a' Chagailt. Cho maith ri comhradh-dithis, 'Là Pàighidh Dhomhnuill,' a sgrìobhadh le Aonghas Domhnullach an Glaschu. Chaidh cairtean ùra thoirt a mach do na buill am feadh a bha 'n tea a dol mu'n cuairt, agus 's e thàinig as a' chridhealas a bha dol gu'n d'fhuair sinn aon dusan de bhuill ùra. Mar sin 's i oidhche tharbhach a bh'againn.

GLENGARRY.—A large audience gathered in the Coronation Hall on Friday evening, when the local branch of An Comunn Gaidhealach held their monthly céilidh. Mr. John MacGillivray, the president, presided, and addressed the company in a characteristic speech. A very enjoyable programme of songs, sgeulachdan, and instrumental items was proceeded with and much enjoyed. During an interval, Mr. Melville Dinwiddie, Regional Director of the B.B.C., told something of the work undertaken by his company.

INVERGORDON.—The opening meeting of the newly formed Invergordon branch was held in the Academy on Friday. Rev. D. McCallum presided, and the following officials were elected :—President, Mr. Alex. MacMillan, The Academy; secretary, Mr. John MacIver; committee—Mr. MacDonald, Glen-garry; Constable MacPhail, Constable Smith, Mr. William Ross, Mr. MacDonald, Evanton; Miss Aird, Mrs. Bryce, Mrs. MacDermid, Miss Jean MacDonald, and Miss Anna Clark.

INVERARAY.—The fortnightly meeting of the branch was held in St. Malieu Hall, and Mr. Robert Bain, president, occupied the chair in his usual courteous and efficient manner. A nicely varied programme of Gaelic songs, readings, and instrumental items, was submitted and very much enjoyed.

LOCHINVER.—A large and enthusiastic audience was present at the meeting of this branch in the Public Hall. The proceedings, which were modelled on the lines of the old traditional ceilidh, were of a most attractive nature, and each item was received with much applause. This branch has had very successful meetings, and much enthusiasm is displayed by all concerned with its activities.

OBAN.—Under the auspices of this branch, a ceilidh was held in the hall of the Old Parish Church. The chair was occupied by ex-Provost Hugh MacCowan, who addressed the meeting in Gaelic. The programme was sustained chiefly by the Luing Gaelic Choir, conducted by Mr. Peter MacDougall. Solos, duets, and part songs were rendered, and were much appreciated by a large audience. Pipe-Major Boyd's selections on the piob mhor were much enjoyed. Mr. Angus MacLeod, convener of the local Mod Committee, moved a vote of thanks to Miss Agnes Campbell, who organised the concert; to the chairman for presiding; and to the Luing Choir for coming such a long distance—at their own expense—to give them such a fine entertainment. Mr. John MacDonald, conductor of the Oban Gaelic Choir, made sympathetic reference to the death of Mr. Robert K. MacCallum, conductor and founder of the Govan Gaelic Choir, who was so well known in Oban, having acted as adjudicator at the Provincial Mod in 1930. Mr. MacCallum would be missed, continued Mr. MacDonald, not only as a conductor of outstanding ability, but also as a genial Highlander who loved the language of his forefathers, giving himself assiduously to the study of it some years ago and thereby attaining considerable efficiency in the speaking and writing of the ancient tongue.

TARBERT.—This branch held a successful open ceilidh in the Good Templar Hall, presided over by Mr. James Couper. At the outset the secretary gave an account of the branch's activities for the past year and, altogether, everything was considered entirely satisfactory, accompanied with certain successes. Mr. James Couper was re-elected president, Messrs. James McDougall and Hugh Henderson were elected vice-presidents, and Miss McDougall was re-elected to the offices of secretary and treasurer. Committee—Mrs. R. Dickie, Mrs. P. Bruce, and Messrs. P. MacSporran, James MacDougall (Cove), and James Blair. In the course of the evening tea was served. Several members sang, while Mr. Henderson's store of humorous stories delighted the gathering. At intervals country dances were engaged in with real Celtic enthusiasm, Mr. Alex. MacDougall acting as accompanist on the piano. The choir has now resumed winter practice, and the committee are anxious that the membership should be increased in order to ensure and maintain the high standard the choir has achieved.

DINGWALL.—The members of the local branch of An Comunn Gaidhealach held an enjoyable ceilidh in the Town Hall on Friday evening, when a happy time was spent in song and story of the Gael. At half-time there was a delightful surprise, when there was a service of tatties and herring, oatcakes and tea. There was a large audience, and Bailie F. W. Urquhart presided. At the close the Rev. Roderick Fraser and Mr. A. M. Ross expressed appreciation of the evening's entertainment, and thanked the artists and purveyors, and the chairman, respectively.


TOBAR-MHOIRE.—Chan eil e ceart a bhi daonnan a' cur seachad oidhche na ceilidh le òran agus le ceòl. Tha e feumail air uairibh a bhi a' rannsachadh ghnothaichean cudthromach, agus bha an cothrom againn airson sin air a 29mh. de'n t-Samhuinn, an uair a fhuair sinn òraid air "Mort na h-Apann" bho Iain Dòmhnallach an Obain, esan a tha deanamh leithid de dh'òbair mhaith airson ar cànan 's ar ciùil. Cha do chuir duine riamh roimhe eachdraidh na trioblaidhe so cho soilleir ann am paiper goirid Gàidhlig. Fhuair Tearlach, Gleann Iubhair, Seumas, Ailean agus MacCailein Mór an àite fein anns an dealbh. Chord a' chuis glé mhaith ris a' chuideachd, agus thug fear na cathrach, C. MacAoidh, buidheachas do'n Dòmhnallach ann an aium a' Chomunn. 'S i coimheamh de sheòrs' eile a bha 'n 'Cèilidh na Nollaige' ann an Talla Arois air an 13mh. de'n Dùdhlachd—oidhche air leth sunndach aighearach. Bha an t-Urr. A. D. MacRath, as an t-Sailein, anns a' chathair, agus dh'fhosgail e a' cheilidh le òraid a thug tlachd mòr do'n chuideachd. Thug am piobaire-màiseair Iain MacIlleathain an sin cuairt air a' phìob-mhoir, agus bha òran ghrim agus gearr-naigheachdan a' leantainn bho An Athair MacCoinn agus Alasdair Low, as an Oban; Dòmhnall Mac Ill'iosa agus Tearlach MacDhòmhnuill as an t-Sailein; agus na h-igheannan òga againn fhéin—Mairi agus Cìorsdan Chamshron agus Fionnaghal Medicott. Bha a' bhean uasal Nic Philip aig a' phiano. Thug fear na cathrach taing do gach neach a thug dhùinn a leithid de fhearas chuideachd agus toileachas intinn, agus is ann air Iain Camshron a thuit taing a thoirt do fhear na cathrach. Agus an deidh sin an danasadh!

WICK.—A successful public ceilidh was held on Friday evening, 15th December, in Wick Old Parish Church Hall, under the auspices of Wick Branch of An Comunn Gaidhealach. Mr. Donald Sinclair, J.P., bank agent, presided, and gave a happy speech. Mr. Donald Macphail, Inverness, organiser for the northern area, gave Gaelic recitations and songs, and spoke in cordial terms of the good work that has been carried on by the Wick Branch. He also told of the general objects of An Comunn and the progress that was being made. An excellent programme of vocal and instrumental music was gone through, the singers (in Gaelic) including Mr. C. Campbell, Durness, a prize-winner at the Tongue Provincial Mod. Miss Wooley, Wick, gave recitations, and Mr. Scott Sutherland played violin selections. The vocalists included Miss Macleod, Mrs. Sutherland, Miss McKenzie, Mrs. Maleham, and the Chairman. Mrs. Gilbertson was accompanist. Pupils of Mr. James Lyall gave exhibitions of Highland and other dances, and little Miss Jean Bruce neatly danced the Sailor's Hornpipe in costume. Mr. J. Christie was piper. Wick Old Parish Church Dramatic Company submitted a humorous sketch, "Bill Breaks Out." Tea was served during an interval, and a fine spirit of sociality was manifest throughout.

SUMMER SCHOOL.

The Summer School of Gaelic will be in Arisaig, opening on Tuesday, 17th July, and continuing until Friday, 10th August.

THEY STAND SUPREME!



ALWAYS WELCOME

These Oatcakes are simply delicious, and are welcomed at every meal.

You'll like them.

Remember they are not just ordinary Oatcakes.

BE SURE TO ASK YOUR GROCER FOR A TIN.

OUR GAELIC ARTISTS' REGISTER

Advertisements under the above heading will be accepted by The Simmath Press, Ltd., Simmath House, Roseangle, Dundee.

P.T. Man's Shop
on street floor,
with a separate
entrance to street.

Men's Hairdress-
ing Department
1st Floor Down.

The Store that made
the Bridges famous



PATRICK THOMSON Ltd.

ARCADE
AND
ENTRANCE
IN
HIGH STREET

FOR SPECIAL DISPLAYS OF
FURNITURE, CHINA,
HARDWARE, TRAVEL
AND SPORTS GOODS
AND JEWELLERY

THE MODERN STORE

From the smallest item of personal attire or house equipment to an entire fashionable wardrobe or the house complete, the P.T. STORE stands ready at all times to serve you with MERCHANDISE OF THE BEST, priced well within the bounds of economy.

*Luncheon and Tea Rooms, 3rd and 4th floors
Hairdressing and Beauty Parlours
Postal and Telephone facilities*

NORTH BRIDGE, EDINBURGH

Phone: 21051 (6 lines)



EDITOR.—Rev. NEIL ROSS, C.B.E., D.Litt., *The Manse, Laggan, Kingussie, to whom all literary communications should be addressed; business and other communications to 212 West George Street, Glasgow.*

TELEGRAMS.—*Runaire, Glasgow.*

TELEPHONE.—*Douglas 1433.*

Leabhar XXIX.]

An Gearran, 1934.

[Earrann 5

NA GAIDHEIL AN CANADA IS AN AMERICA.

Mar tha bliadhna an déidh bliadhna a ruith seachad tha luchd stiùraidh A'Chomuinn a' sìor fhoghlum gu bheil feum gu 'm biodh spiorad a' Ghaidheil 'g a chumail beò cho maith ris a' chànan. Tha fìor chunnart gu bheil spiorad a' Ghaidheil air fàs fann. Far am bi a' mhòr chuid riarachta le bhì a' gabhail gach nì—biadh, aodach tuarasdal, teagasg, eòlas, cead a bhì beò—bho laimh a' choigreach, tha siu 'n a' dhearbhadh gu 'n d'fhalbh an seann spiorad duineil, dùthchail, agus gu 'n tainig spiorad eile a tha leagte le cuing nach robh dualach dha. Faodaidh gur cainnt chruaidh so; ach is e an dearbhadh air fìrinn nam briathran gu bheil na ceudan, seadh na mìltean, a' fuireach coma balbh ri aghaidh gach ana-cothrom a tha a' Ghaidhealtachd a' fulang.

* * *

Linn an déidh linn bha na Gaidheil aithnichte airson gach cuideachaidh a thug iad seachad am buinnig na h-Ìmpireachd Bhreatunnaich. Ach an uair a bha iad a' cosnadh dùthchannan ùra do Bhreatainn bha iad a' chuid 's a' chuid a' call an dùthcha féin. Mar theid eachdraidh na Gaidhealtachd a sgrìobhadh gu ceart bheir linn-tean ri teachd fainear cia mar bha gnothuichean ag oibreachadh an aghaidh na Gaidhealtachd anns an ochdamh agus an

naoidheamh linn deug. A chionn gu robh prìs air cloimh mu dheas rinneadh fàsachadh air earrann de ghlinn na Gaidhealtachd gus àite farsuinn fhàgail aig na caoraich. Air sgàth buannachd mar an ceudna rinneadh frithean fhiadh de mhóran de fhearann an taoibh tuath. Bha na ceudan teaghlach a' fàgail na tìre, air an éigneachadh agus air an iomain, iad 'g an ruagadh a mach as an dùthaich, agus na tighean 'g an cur ri theine os an cinn. Is ann le gnìomharan eucorach mar so a fhuair an dùthaich a cheud lagachadh, agus a fhuair a' Ghaidhlig a cheud bhuille.

* * *

An diugh tha iomadh mìle de Ghaidheil an Canada is an Staidean Aonaichte America a tha comasach air Gaidhlig a labhairt, agus aig am bheil an seann spiorad beò 'n an com. Tha cuid dhiubh nach faca Alba riamh agus a rugadh an tìrean céin. Gidheadh fhuair iad an teagasg le beul aithris an sinnseir mu 'n dùthaich a tha dualach dhaibh. Tha an spiorad dùthchail 'g a chumail suas bho ghlinn gu glìn. Chuala mi sgeul a dhearbhas sin. Chaidh Gaidheal a Alba bho chionn ghoirid air chuairt do Chanada. Thachair e an cuideachd neach a dh'fheoraich dheth an Gaidhlig bhlasda: “An aithne dhuib Cill Fhinn?” “Is aithne gu maith,” ars' am fear-tuiris. “An aithne dhuib am fràoch gorm corcur air an tulaich os cionn na h-aibhne?” “Is aithne dhomh sin cuideachd; ach cuin a dh'fhàg thusa Cill

“Fhinn?” Fhreagair am fear eile: “Chan fhaca mise no m’ athair no mo cheanair Cill Fhinn; ach dh’fhàg mo sheannair Cill Fhinn an uair a bha e ’n a ghiullan òg.” Sin mar bha maise an fhraoch os cionn Chill Fhinn mar lòn do smuain nan Gaidheal còire sin troimh na ginealaich.

* * *

Tha na Gaidheal a’ fàs nas gainne anns an dùthaich so, agus tha an sin reusan airson am bu chòir dhuinn teannadh nas dlùithe an eòlas agus an oidheirp air na Gaidheil eile a tha a’ comhnuidh an Canada agus an America. Ri am duilich cunnartach gheibh sinn misneach bho chéile. Is mór an neartachadh gu ’n tuigeamaid nach eil ar n-àireamh cho gann is a bha sinn an dùil. Tha iomadh cearn an Canada anns am bheil Gaidhlig ’g a labhairt mar chanain coitichionn an gnothuch agus an aoradh; far a bheil na seann òrain fathast ’g an seinn mar bhe iad bho chionn ceud bliadhna anns a’ Ghaidhealtachd. Chuala mi bho chionn ghoirid duine uasal a’ seinn orain Ghaidhlig. Rugadh e fhein anns an dùthaich sin, agus rugadh ’athair an sin mar an ceudna. Is e a sheanair a dh’fhalbh a Loch Carronn iomadh bliadhna air ais. Ach dh’ionnsaich an t-ogha còir so na seann òrain, agus tha e comasach air an seinn gu gasda anns an t-seann nòs.

* * *

Tha e mar fhiachaibh oirnn-ne a tha fathast anns an t-seann dùthaich ceum a thoirt nas dlùithe ann an càirdeas ris na Gaidheil sin a tha thall thar chuan. Mar a rinn ar muinntir féin an Alba cuideachadh leis a’ chaint le bhi a’ cur A’ Chomuinn air bonn air a sgàth, dh’fhaodadh Gaidheil thall thar chuan aithris a dheanamh oirnn, agus ar n-eisimpleir a leantainn na’n ruigeamaid iad le teachdairean, agus na’m minicheamaid dhaibh an dòigh le guth pearsanta. Rinn sinne strì a chum ar càin a chur fo dhìcean lagh na rìoghachd, agus a chum ionad urramach a chosnadh dhi am foghlum na dùthcha so. Air a’ mhodh cheudna, le ar n-earail dhian is le ar n-eisimpleir ’gam brosnuchadh, dh’fhaodadh Gaidheil Chanada agus nan Rìoghachdan ùra Breatunnach thar chuantan, oidheirp dhileas a dheanamh, a chum na sochairean ceudna a thoirt a mach do ’n Ghaidhlig anns na Rìoghachdan ùra fa leth.

SIR DONALD MACALISTER.

It is with a sense of very deep loss and regret that we learned of the passing of Sir Donald MacAlister, Bart., of Tarbert. His going has made a singular impression in the world of medical science and scholarship. But there is a special reason why the members of An Comunn should mourn the death of a Highlander and friend so strong and distinguished as the late Principal and Chancellor of Glasgow University. An ardent Celt, whose emotions were warm as his intellect was powerful, he identified himself with the activities of An Comunn and with the claims of the Gaelic language. It is our proud boast that he was a Life Member of An Comunn, and a Trustee of the Feill Fund up to the day of his death.

It is also a cause for justifiable pride to the Scottish Celts that this great man was one of our number. He was an all round intellectual giant. With many men the fact of having been Senior Wrangler is alone a passport to fame. But this achievement was only one of the many feats by which Sir Donald proved his right to eminence. The year after he had gained his mathematical distinction as Senior Wrangler he was appointed a Lecturer in Natural Philosophy. It would appear that his genius was of that wonderful type which may be called versatile. He could direct the impact of his fine brain into any field of knowledge with equal zest and with equal success. He was the Admirable Crichton of the Gael.

But the conquest of one province in the universe of knowledge was not enough for this keen and capable mind. He devoted himself to medical science. In that department also his name became widely known. His high standing was amply acknowledged by the schools of medical learning throughout the world. The next sphere to which he turned his attention was educational administration. He did much original thinking in the domain of method in the world of education. He was an enthusiastic reformer in matters where he considered progress desirable. He took the wide view of the educational machinery. No tags of red tape, no faded wrappings of convention could bind the freedom of his action or of his criticism. Someone has said that he will be longest remembered as a great Principal. In Glasgow he founded twenty-two new chairs and as many senior lectureships. If he was a great

dreamer his dreams had the faculty of becoming realities.

But equally wonderful and impressive was his facile command of many languages and their literature. It was this master of a dozen tongues and more who wrote concerning Gaelic:—"Gaelic is entwined with my earliest and most sacred memories. Its tones have ever been dear to me. They awaken a responsive echo in my heart which is different in kind and degree from anything evoked by other tongues however eloquent. As a written language, particularly in its older forms, I have studied Celtic speech because I loved it. And I am not without knowledge of its rich expressiveness, its long and eventful history, and its abiding charm."

N. R.

A Perth Appreciation.

Even on short notice, it is good that an appreciation should go out from Perth in honour of Sir Donald MacAlister—a native of Perth.

In the passing of Sir Donald MacAlister, one of the most distinguished men of our time has crossed the bourne. He was alike distinguished in mathematics, medicine, literature, and as a linguist. The newspaper press of Scotland and England will to-day, and later, do honour to his eminent abilities and achievements. To Perth people Sir Donald MacAlister has been a name rather than an intimate personality. That he was a native of Perth was sufficient to all who count as to this man and that man born therein. His was an educational career that embraced in its earlier years Aberdeen and Liverpool, then later Cambridge, London, and Leipzig. Scotland received its own when he took up residence in Glasgow.

His academic honours were received from as far apart places as Aberdeen and Athens.

Sir Donald MacAlister came of Argyllshire Tarbert stock, and Campbeltown and Kintyre were as familiar to him as the Sound of Mull lighthouse. Alike as to sacred ties of home and ancestry, he never forgot the land of his Gaelic fathers. A holiday in Argyllshire was to him a real preparation for another winter's work of classes and duties galore. His genial features and ever very kindly disposed personality were never perturbed. He acquired academic distinction easily, and he gave forth ungrudgingly.

One has to go back to old-time Scotland to pick up Sir Donald MacAlister's lineage. In

far-away days, his ancestry were of Kintyre, and hereditary holders of Tarbert Castle. But commercialism entered into the life of the district and into the MacAlister family. Glasgow was a magnet for West of Scotland Highlanders long ago, as it is to-day. To engage in commercial life was the lure. Sir Donald MacAlister was the eldest son of the late Mr. Donald MacAlister of Tarbert, and was first of Glasgow and then of Perth.

In the moving westwards and then northwards, the father's name got changed into Daniell! It was so in Perth. At that time, Scottish monthly publications were all the rage in the country. Mr. Daniel MacAlister was superintendent in Perth for a number of years for a popular publishing house in Glasgow. He lived in turn at No. 2 Earl's Dykes and No. 96 Canal Street. Literature was his commercial profession, but he was a Church of Scotland man over and above. When Perth Kinnoul Street Chapel was built in 1821, Mr. Daniel MacAlister became an elder under the Rev. J. Young Walker. The chapel was an off-shoot from St. John's Church, and was a very active congregation for over twenty years. The building still stands on the west side of Kinnoull Street.

Sir Donald MacAlister was born in Perth on 17th May, 1854, while his father was an elder in Kinnoull Street Chapel. Later, Mr. Daniel MacAlister moved to Aberdeen, and later still to Liverpool.

Most Perth people had well-nigh forgotten about the MacAlister family being in Perth for years till the distinguished son began to make his name in mathematics. The culminating point was when Sir Donald MacAlister was elected Principal and Vice-Chancellor of Glasgow University, and to be later Chancellor. It was a matter of regret to many that he chose to retire to pleasant Cambridge. Scots would have loved had he taken up permanent rather than summer holiday residence in Argyllshire and the West Highlands, and more than once efforts were made to get Sir Donald to address Perth meetings. Previous engagements, or the need for rest, and much needed academic rest, caused Sir Donald MacAlister to forego the honour, although ever acknowledging his nativity. On one occasion Sir Donald MacAlister appeared at a meeting in the city.

The Gaelic Society of Perth were more fortunate. For session 1920-21, ex-Bailie Baxter, hon. secretary then, as now, entered into communication and got Sir Donald MacAlister to send a lecture to the Society. The subject was "The Gael and the Russian,"

as contrasted in literature and specially in poetry. Slav and Celtic similarities were given. A large audience assembled in the Guild Hall on the 21st October, 1920, to hear the interesting address, which, needless to say, was very much appreciated. In succeeding years, ex-Ballie Baxter has often corresponded with the late Sir Donald MacAlister, and has the original manuscript of Sir Donald MacAlister's lecture. It is also of interest to know that a cousin of Sir Donald MacAlister, Mr. A. MacAlister, resides at the present time in Abernethy, having previously farmed in the Carse of Gowrie and near Newburgh.

Sir Donald MacAlister married his kinswoman, Miss Edith MacAlister, eldest daughter of Professor Alexander MacAlister, St. John's College, Cambridge, who had maternal ties with Perth.

Sir John Young Walker MacAlister, of Liverpool and London, who was a younger brother of Sir Donald MacAlister, was also born in Perth, which gives a key to the initials.

P. B., Perth.

GAELIC SOCIETY OF PERTH.

The Gaelic Society of Perth resumed the Spring term of its session by holding a fine meeting in St. Stephen's Hall. Chief Bain presided and welcomed the audience in both Gaelic and English.

The literary business for the evening was a most interesting lecture which was sent to the Society from Colonel Alexander Fraser, LL.D., Toronto. The subject was one which was of special interest to a Perthshire audience—"A Short Account of Settlers from Perthshire in Upper Canada One Hundred Years Ago." The historical incidents covered by that era are an exciting record of happenings in which the settlers bore a considerable part. The lecture dealt also with many important persons from the County of Perth who rose to positions of eminence in the new country. Dr. Fraser, the lecturer, being himself the Deputy Minister of the Department of Public Records, has special facilities for ascertaining valuable information, and it is a matter for gratitude that the Gaelic Society is able to receive this account of Perthshire emigrants from such a reliable and excellent source.

The remainder of the evening was passed in a sociable capacity.

BARDACHD GHÀIDHLIG AN NAOIDHEAMH LINN DEUG.

Le DEORSA MARJORIBANKS.

(A' Cheud Duais, Mod 1931.)

III.

Faodar "Caoidh-Dùthcha" thoirt air na h-òrain sin 'sam bi an Gaidheal a' leigeil ruith le' fhaireachduinnean tiamhaidh 's e fàgail a dhùthcha no 'ga caoidh o thìr chéin—obair bhàrdail a tha tighinn ris gu dàimheil. Tha ceithir òrain de 'n t-seòrsa so as còir ainmeachadh còmhla agus tha iad sònruichte grinn: *An Gaidheal an Tìr chéin air Oidhche Chaluinn* (An t-ollamh Tormod MacLeòid), *Gur moch rinn mi Dugsaigh* (An Lighiche MacLachainn). *An Gaidheal a' fàgail a Dhùthcha* agus *An Gaidheal an Tìr chéin a' moladh Tìr a Dhùthchais* (Iain Caimbeul). Cha b'uilear do na h-òrain sin a bhì car coltach ri chéile, tha 'n aon phort a' ruith trompa—gach fear fo sreachd ag caoidh no 'g ionndrainn gach ni bu chaoimhe leis na chéile; na h-eòin 's an còil, na beanntan 's na gleanntan, torman nan allt, crònan thonn air tràigh, comunn caomh chairdean, a' Ghaidhlig chòir—agus fichead ni eile. Is e mar a tha gach fear fa leth a' buntainn r'a chuspair, agus na seòil-labhairt a th' aca fa leth, a tha 'gam fàgail cho tlachdmhor 'nan ceathrar—is fhiach an leughadh air a shon sin féin. Tha tlachd àraidh fuaighte ri òran an Lighiche: Cha ruigeadh esau a leas caoineadh air a' mhaduinn ghrianaich ud! 'Nuair a theirinn e an t-aonach air an do ghabh e (mar a shaoil leis).

"An sealladh mu dhéireadh air gach gleannan is bruch,"

is e air th' dol air bòrd long nan eilthreach, fhuair e teachdaireachd nach robh aige ri 'dhùthaich fhàgail idir, gu 'n d'fhuair e an Glaschu an t-àite bha dhith air. Ach bha'n t-òran deanta!

B'e so an cuspair bu dlùithe do chridhe Iain Mhic Griogair, a rinn trì orain ghasda air. Gu dearbh tha sinn a' faicinn cridheant-saighdeir fhoghaintich sin a' losgadh 'na chom le aintea a ghaoidh-dùthcha, gaol a dh' fhàg aintean comharraichte measg bàrdachd 'ama. Is e *Tìr nam Beann-Ard* an fear as measaile, ged nach eil e idir cho grinn ris an dithis eile. Tha'n Coirneal 'na eilthreach an so mar is gnàth leis, 's e moladh, fo theas nan Innseachan, chan e mhàin maise a dhùthcha ach éideadh, piobaireachd, fuil, cànan is dualchas nan Gaidheal. Tha 'nì port ceudna aige an *Ceud Fàilte do m' Dhùthaich*, ach 's e òran fìor mhór

a tha' n so, tha na smuaintean na's doimhne, na 's dùrachdaiche, 's iad air an léigil ris dhuinn air mhodh as leis fhéin gu léir, agus is taitneach sin. Chan eil "Soraigh" as drùidhtiche an cainnt nam beann na dh' fhàg e dhuinn an *Beannachd leis na Beanntan*, agus rud a b'fheàrr, a rùn suidhichte—

'S ged dh' éireadh buaireas no bàs mu 'n cuairt orm,

'S ged bhiodh an cruaidh-fhortan goirt 'gam chlaoidh,

Bidh mise dileas do thìr mo shinnseir
Le gaol nach dìobair mi-fhéin a chaoidh.

Cha chualas Gaidheal ag caoidh a dhùthcha le gearan coimhlionta mar a rinn Iain Mac'Il' Rathain ann *Am Bàrd an Canada*. Cha robh uiread 's facal maith aige r' a chantainn mu thìr 'uchd-mhacachd.

Thugadh luaidh nach beag air a' ghnè bhàrdachd so a chionn gu bheil co-cheangal cho dlùth aice ris an nì do-laimhseachaidh sin, dualchas nan Gaidheal.

Chum gainneadh bàrdachd-mara thuigsinn 's fhiach ar comhairle chur ri Coinneach Mac Leòid agus chlì sinn ann an "Duatharachd na Mara" carson a sheachainn na sàr-bhaird an cuan mar cheann-bardachd. Ach 's toil leo bhi 'nan sineadh os cionn an tìorra agus a luaidh air na tonnan 's air an teachdaireachd a bheir iad a stigh:

"Le stàirn cho cruaidh 's gun d'ghluais mac-talla

Le fuath 's a dh' aithris na fuaim;

Is toirm nan speur ag éiridh thairis

Cur séisd ri farum nan stuadh."

arsa Domhnall Mac Eacharn, 's e leigeil fhacinn ge b' oil leis, cho tèoma 's a bha 'aighe féin gu comh-fhreagairt na teachdaireachd ud; ach theid e air adhart:

Ach cainnt 'gan luaidh cha d'fhuaradh fhathast

No bàrd 'gan aithris an duan:

Cha d'thug o 'n bheul ach sgeul na h-amaid

A dh'fheuchas caitheam a' chuain.

Biodh sin mar a thogras e, chan eil 's an naoidhean linn deug ach aon fhear air an urrainn duinn "Bàrd-cuain" a thoirt, 's e sin an diadhaire Morairneach, Iain Mac Leòid, aon a bha 'fhearasal's a spionnadh corporra fhéin 'nam fìor-shamhlaidhean air neart is aigeanachd na fairge

"Nuair dh' éireadh i 'na meallaibh

'S a thìgeadh oirn le gair'"

a' bagradh a bhàta laghach a shlùgadh suas mur a b'e gun robh i

"Saibhir làn m' a bràigh'

Sùighean dlùth 'ga dùnadh."

'San iorram *Agus o theid I* tha fàileadh na mara againn anns gach sreath, buan-strì agus treubhantas nan daoine cuantach—

"Theid i ged tha 'n sruth 'na chaoiribh
'Taomadh a nuas m' a claigneann."

An *Iul an Eileanaich* tha teachdaireachd dòcha is muinighin cho maith ri grinneas cainnt a ruigeas cridhe gach maraiche nan eilean. Ach 's e *Caol Muile* a dh' fhàg comharra' ùghdair air tìr a ghràidh agus ann an cridheachan a sluaigh, agus chan eil ann ach leth-duan mara, air a dheacadh dha,

"'N sud am fasnadh an t-sléibh

A bhi feitheamh gach farpuis us strì"

's e 'gòl a stigh gach dealbh a b'àillidhe na chéile, 's a' meamhrachadh air neo-bhuannachd na beatha daonda. Tha iorram beag sundach aig Bard Ra-thuaith, agus dhùisg a' cheòlraidh so uair eile am pearsa Màiri Nic Ealair, a' deacadh *Am Maraiche 's a Leannan* a tha ruith le fonn aighearach bho thùs gu éis. Ach na dhéidh sin 's gu léir 's fheudair aideachadh nach eil ann am bàrdachd-mara an linn aon duan mór.

Ann an earrann nan *Duan 's nan Duanagan Duthcha* ged a tha grinneas agus eugsamhalachd gu leòir. siridh sinn an diomhain a' mhòralachd 's an seòl-labhairt boillsgeanta, ann a bhi dealbhadh oibrichean Nàdir, a bha comharrachadh an linn roimhe, 'nuair a bha farsuingeachd nan slabh mur gu 'm biodh 'na seilbh aig gach duine. Tha aon obair, gu dearbh, nach urrainn duinn cion-mòralachd a chur as a leth, duan mór a rinneadh air na ceithir ràidhean, no b'fhirinniche ràdh, duan air gach ràidhe, le Eobhan Mac Lachainn, duan saothrach fada, an cainnt dhomhain, dheacair, shean-gnàthaich, le sreadan de bhuaidh-fhacail a chuireadh Donnachadh Bàn fhéin fo phrèmh. Ann an seadh tha e 'g àth-shoillseachadh clìarachas nam bàrd mòra, le saoihbheas a dhealbhan agus fìor-cheutadh a h-ìomraidhean. Am foghlumach a theid troimhe gu treibhdhireach, gheibh e dearbhadh ùr air "tighean taisge dh'fhaclan gasda làn" na Gaidhlig. Ach a dh'aindeoin 'fhoirbheachd 's a thapachd tha sinn ar sàrachadh le 'robhriathrachas, le ro-phailteas amhion-chunntasan agus tha dhòigh-labhairt ann an àitean car sgitheil. Tha e toirt 'nar cuimhne Alasdair Domhnallach, gun a làn-bheòthalachd. Agus nach iongantach leinn nach eil an shìlean a' bhàird sgeimh no mòralachd no dreach nèamhaidh—aon nì ceutach—ri fhacinn 's a' Gheamhradh?—gun ach

Bi armachd nan uabhas
 Mu 'n cuairt da gach laimh
 Ri beuchdaich a reubas
 Na speuran gu h-àrd :
 Ion-stròicear a chròc-choille
 Mhór as a freumh
 Le spàthadh garbh-sgiùrsaidh
 Na dùdhlachd gun tlàths,

air a shon sin 's fheudair aideachadh nach eil
 's an linn bàrd eile as urrainn duan dùthcha
 dheanamh mar a rinn Eobhan. Cha tig duine
 mar astar dha an saoihbheas cainnt.

Buinidh urram do Iain Mac an Rothaich
 air son gun tug e dhuinn an aon duan dùthcha
 's an d'aidich bàrd Gaidhealach gu 'm faca e
 leasachadh air an dùthaich o 'n a chaidh àrach
 innte. So rann aige bho *Oran Dùthcha* 'na
 litreachadh eibhinn féin—

'S deagh fhearann ùr, a rinneadh le mór
 shaoth'r

Bu chruai bhlàran fraoich, agus mòintich,
 'Usiomadh leathad cruaidh, bha riamh gun seo,
 gun bhuaidh

Le òg-ghiuthas uain' air chòmhdach.

Airson na codach eile dheth chan eil mórán
 bardachd-dùthcha a tha mar gun canamaid a'
 seasamh air a cois fhéin, nach eil cuspairean
 eile, mar a tha ann moladh nan laithean 's
 nan armunn a dh'aom, fonn caoidh an dila-
 racachaidh, air a feadh. Tha'n duan air *Loch*
Àic aig Bard Loch Fine gu sònruichte drùidh-
 teach, tha blas saoghal nan sìthichean a'
 ruith troimhe. Tha *An t-Eilean Muileach*
 aig Dughall Mac Phàil ro-aithnichte, mar a
 tha còir aice bhi, ged nach biodh ach air sgàth
 na rainn so—

B 'e 'n sòlas-inntinn leam a bhi 'g éisdeachd
 Rì coisri bhinn-ghuthaich, ghrinn a' Chéitein,
 A' seinn gu sunndach an dlùth's nan geugan—
 A' Choil' fo liath-dhealt, 's a' ghrian ag éiridh !

Leanaidh sinn Murchadh Mac Leòid le tlachd
 is sunnd troimh *Eilean an Fhraoich* ach am
 bheil facal ann nach freagradh ri ceàrn sam
 bith eile de 'n Ghaidhealtachd a cheart cho
 maith ri Leòdhas, mach bho “Bha i riamh
 'a an Taobh Tuath?” Chan ionann 's Calum
 Mac Phàrlain ann an *Tìr ur Gràidh* :

Chan e Ceann-tìr, no Ìle gorm an fheòir,
 Druim-Albann àrd, Ceann-tàil, no Eilean
 Leodhas :

Cha ghleann, cha chrìoch, cha sgìre bheag no
 mhòr

Mu'm bheil mo cheòl 's mo rann ;
 Ach Tìr nan treun, gu léir, o dheas gu tuath . . .

“*Maduinn Shamhradh*” bha sud, chuir Niall
 Mac Leòid falluinn Bàrd Ghlinn Urchaidh uime

car seal, 's dh'fhàg e dhuinn duanag-dùthcha
 samhlach, iomlan, 'sam bheil a h-uile sreath
 a' deann-ruith le aoibheas gach dùile am
 blàths na gréine 's am fialachd a' Chruithfhir.
 Tha' cheart aoibheas ri fhaotainn ann am
Maise Latha Bealltuinn aig a' Bhàrd Lathurnach,
 ach tha 'n rannachd na 's stolda : tha tìsalachd
 smuain is cainnte aige an so agus an *Atha* 's
 a *Bruachan*.

Chan eil an *Duan-cogaidh* ach ainneamh agus
 chan iarramaid an còrr, oir ge eireachdail,
 brosnuchail a sheòrsa, foghnaidh na dh'fhoghnas
 dheth. Is e an duan as iomraitiche th'againn
Blàr na h-Ephit (1801) le Alasdair Mac
 Ionmhuinn, agus is math a thig dha-san, a
 theabadh fhàgail e fhéin mar mharbh air a'
 bhlàr, a' chomhrag gharbh-bhuilleach ud a
 dheanamh neo-bhàsmhor, rud a rinn e ann an
 cunntas beòthail smiorail air euchdan nan
 reiseamaidean a chaidh ri aghaidh-bualaidh,
 ann an cainnt churanta, dheòthasaich. Chan
 eil *Blàr na h-Olaind fad'* air dheireadh air an
 fhear so. Mar bhàrd cogaidh chan eil roimhe
 's na dhéidh na bheir bàrr-urram air Alasdair.
 Tha dàn-cogaidh eile againn far an lugha
 fiughair ris, aig a' Bhàrd Mhuileach Dughall
 Mac Phàil—*Cath Alma*, 's am bheil caochladh
 fhòrtan agus buaidh nan co-fheachdan 's a
 cheann thall air an toirt gu taisbeanach fa
 chomhair ar sùilean. Faodar rann gach fir a
 choimeas an so :

(Blàr na h-Eiphit).

'S cas a throm an ruaig orra
 Cho cruaidh 's a chualas riamh,
 Bha Abercrombie suas riutha
 Le shluagh a dh'fhuasgail fial ;
 Mar bhiodh am baile bhuanach iad
 Le canain air a chuartaichadh,
 Bha barrachd dhùit 's h-naighichean
 'S a dh'fhuaraich air an t-sliabh.

(Cath Alma).

Tharruing Raglan 'us Canrobert
 Na fir chogaidh uasal
 Am feachd shluagh taghta air an adhart
 Dhol ri aghaidh bualaidh ;
 Ach ged bha Sasunnaich is Frangaich
 Clis neo-mhall 'san tuasaid
 'S iad na Gaidheil rinn a bheàrn
 A chuir an là gu buadhach.

Rinn Iain Mac Phaidin obair bharraichte 's
 an earrainn so, le *Blàr Allt a' Bhonnaich* agus
Blàr Drochaid Shruibheas. 'S an darna dà
 tha 'm bàrd car mì-shona ann an taghadh a
 dhòigh-rannachd, a tha toirt 'nar cuimhne
 “Tam o' Shanter” gun taing dhuinn ; mach
 o sin tha ar bàrd iol-bheusach aig àirde a

bhuadhan 's an dà dhàn so. Chan eil dith gleusaidh no taghaidh air a Ghaidhlig-san; tha fearalas a chaimnt agus deasachd a shamlaidhean 'gar toirt air ais gu toiseach an linn.

Tha sinn a' tighinn a nis gus an roinn sin de ar bàrdachd a fhuair a gineadh ann an cor atharraichte sluagh na Gaidhealtachd 's an naoidheamh linn deug, agus tòisichidh sinn leis an Di-larachadh o'n is e a dh'fhàg an athailt bu mhotha air bàrdachd an linn. 'Nuair a chuimhniceas sinn meud is cruadhas na troimhe-chéile sin chan iongnadh leinn na bàird a bli 'g aithris cho tric air na féidh 's na caoraich mhaola, na fardaichean 'n am fàsach, na clobairéan Gallda, an lárach fo 'n fheanntag agus gach àireamh-fhacal eile air am bheil sinn cho eòlach. Is ann a tha 'n t-iongnadh oirnn nach eil mallachadh a' faotainn aite na 's sònruichte 'nam bàrdachd. Is neònach 's is ionmholta an stuamachd a tha iad a' nochdadh— a' chuid as mo dhiubh. Tha e eibhinn, cuideachd, mar a tha 'n ciobair Gallda—samhladh uile-làthaireach an aimhleis—ag giùlan leatrom an sgiùrsaidh: nach do choisinn e làn-oran dha fhéin! Fichead rann bho Ailein Dall, an t-òran is fhaide, is tràithe, is sgaitiche, is coimhlionta th'againn air a' ghnòthach, an t-aon òran do 'n gabhar beagan coire fhaighinn a thaobh iomchuidheachd. Chan eil geus ann am màla na ceòlraidh so air nach cluich e— tha na Gaidheil 's an cinn fo fhliadh, tha feadaireachd nan Gall 's gach gléid, cha chluinnear geum ann am buaile, chan éisdear luinneas no duanag, dh' fhalbh gach pòsadh, threig gach banaid:— tha so gu maith 's gu ro-mhaith; ach nuair a their e "Cha mharbhar maoiseach no meann, 's dh'fhuadaich sgrìachail Ghall na féidh— tha fear na cròice air chall, chaidh gach eilid as mang as," saoilidh sinn gu bheil e air chùl a naigheachd. Le uile theachd-gearr, neo-arthaing mar eil againn an so òran mòr, tùsail, bearradach, as am feumar lan-cheithreamh a thoirt:

Nuair shuidheas dithis no trìuir
'S an taigh-òsd' an cùis 'bhi réidh,
Chìtear aig toiseach a' bhùird
Chobair agus cù na dhéidh;

Bu chòir a thilgeadh an cùil,
'S glùn a chur am beul a chléibh,
Iomain a mach thun an dùin
'S gabhadh e gu smiùradh féin.

(*Ri Leantainn.*)

COMUNN BADGES.

Members can now be supplied with Badges direct from Head Office; price 2/7½, post free.

SUMMER SCHOOL OF GAELIC, 1934.

The Summer School of Gaelic will be held this year at Arisaig, from Tuesday, 17th July, to Friday, 10th August, inclusive. The Classes will be held in the R.C. School, kindly granted by the Education Committee of the Inverness County Council. All prospective students are requested to make arrangements for rooms well in advance.

THE CLASSES.

Morning.

Senior Gaelic Class—Miss M. D. MacQueen, Oban.

Junior Gaelic Class—Miss Annie Johnston, Barra.

Afternoon.

Celtic Art Class—Miss MacBride, D.A., Glasgow.

Evening.

Gaelic Singing Class—Mr. Neil Orr, F.E.I.S., Gilmerton.

CLARSACH.

A Class for instruction in Clarsach playing will be held if a sufficient number of pupils enrol. Application should be made to the Secretary of the Clarsach Society, Miss E. L. O. Taylor, Glencairn, Dunblane.

FEES.

Full Course, including morning, afternoon, and evening Classes, 30/-. Celtic Art Class only, 15/-. Singing Class only, 5/-. Clarsach Class, £1 1/-.

ENROLMENT.

Intending students are advised to enrol early, and to send their names and addresses to Mr. Neil Shaw, 212 West George Street, Glasgow, C.2. Fees are preferably sent to him in advance, but may alternatively be paid to the teachers at the opening of the School.

LODGINGS.

Students must obtain their own lodgings in advance. They may obtain assistance in so doing by writing to the local Secretary, Mr. Simon P. MacDonald, Arisaig R.C. School, Arisaig, Inverness-shire.

TEXT BOOKS.

SENIOR CLASS.

Reid & MacLeod's Elementary Course, 2/6. Blackie's Gaelic Reader, Leabhar IV., 2/-. An Dileab, 1/6. A Gaelic Dictionary.

JUNIOR CLASS.

Reid & MacLeod's Elementary Course, 2/6.
An Ceud Cheum (Blackie & Son), 6d.
Leabhar na Cloinne Bìge, 7d.

SINGING CLASS.

A' Chòisir Chitùil, 3/-.
Orain a' Mhòid XI., 1/-.
1934 Mòd Choral Leaflet, 4d.
High School Singer, Books 1 and 2, by L. C. Venables (Curwen), 1/6 each.

AN EASAG.
(The Pheasant.)

Is eun coigreach an easag, agus thugadh do' n dùthaich so an àm cogadh na Croise e bho'n aird-an-ear. Ged tha an dùthaich so a còrdadh ris glé mhaith cha mhaireadh e beò cho fada mur bitheadh na badan coille a tha air an cur an sud 's an so air son fasaigh. Tha meas mór aig sealgairean air an eun so, agus mar a bhithas an t-sid ro fhuar tha biadh laimhe air a thoirt da. Anns an Earrach, aig am nedaichidh tha mórán de na h-uibhean aig na h-easagan air an cur fo chearc-an-tighe a chum an gur. Mar tha na h-eoin òga air an àrach mar sin tha iad glé chàla, ach an uair a dh'fhasas iad mór itealaichidh iad air falbh do na coilltean.

Is e an easag aon de na h-eoin fhiadhaich as bòidhe anns an dùthaich so; tha 'itean air an dathadh le uaine, dearg, purpur, agus dubh. Tha itean 'earbuill fada agus ro ghrinn. A réir mar tha mhòrchuid de coin eile chan eil a chearc-easaige air a sgèdachadh cho grinn 's a tha an coileach.

Is ann air an làr am bitheantas a tha an nead, air fhòlach le toman air chor-eiginn, air a dheanamh de dhuilleach agus de itean. Tha na h-uibhean soilleir-dhonn agus bho dheid gu fìched air uairean anns an nead.

Air feasgar ciùin, no ann an àite fàsail feadh an latha faodar na h-easagan fhaicinn a spìoladh dlùth air coille. Tha iad glé choimheach agus cha tèid iad fada air falbh bho an ionad-folaich.

Is eun ro-mheasail an easag, araon air son a bhòidheid agus blasdach na feola, air an aobhar sin tha e glé luachmhor aig luchd seilg. Tha sealg nan eun so a tòiscachadh anns an Damhair agus air oighreachdan farsuinn tha faoghaidcan easag cumanta mu 'n àm so de 'n bhliadhna, aig am bi othail mhoir am measg nan sealgairean, le an cuid eunadairean, an gillean-seilg agus an coin.

FÌLEANACH.

LITIR GUS AN FHEAR EAGAIR.

Fhir Iomhainn,—Ghlac mulad agus mighean ro mhór mi an uair a leugh mi mu dheidhinn Loch Lagain anns an earrainn mu dheireadh de 'n "Ghaidheal." Las e teine 'n am chridhe, agus tha mi 'n dùil gun las e teine ann an cridhe gach fir a leughas e. Chan eil feum a nis a bhi 'caoidh, oir chaidh an sgrios a dheanamh. Is e brosnuchadh catha is freagarraiche dhuinn oir mur eirich muinntir na dùthcha theid an sgrios air aghart gus am bi maise agus boidhchead na Gaidhealtachd air am milleadh gu buileach.

Canaidh iad gum bheil am milleadh so feumail ma tha e airson cosnadh a thoirt do 'n t-sluaigh, ach chan eil so ach chum ar mealladh gus am faigh iad cead an toil fhein a dheanamh air an dùthaich. Is beag an cosnadh no am buannachd a gheibh muinntir na Gaidhealteachd as. Ach is mór an call, agus call nach gabh leasachadh, ma chailleas iad maise agus àilleachd na dùthcha a tha tarraing sluaigh bho iomallan na talmhainn.

Tha e 'n a chùis nàire do 'r ard Riaghladh a cheadaich a leithid so de sgrios air an dùthaich an àite a bhi gabhail càram, agus a' tearnadh oighreachd an t-sluaigh bho shannt choigreach.

Na Gaidheal bhochda—"sheas iad an dùthaich anns gach cùis agus càs," agus tha an dùthaich a nis an làmban an sgriosadair—chaill sinn iomadh rud re ar n-eachdraidh. Tha ar cànan ann an cunnart, agus ma tha ar dùthaich gu bhi air a shladh sìos le craos glàmbach nan coigreach theid sinn fodha.

Chan ann leis a Bheairt-Innleachd a theid a' Ghaidhealtachd ath-nuadhachadh.

Co a shìideas an sgàl mu dheireadh air còrn catha nam Fiann,

Is mise le spéis,

A. MACAOIDH.

Capetown, South Africa, 3/1/34.

PRIZES BY DUNDEE HIGHLAND SOCIETY.

The Highland Society of Dundee is offering Kennedy Fraser Book Prizes for Gaelic solo singing at the Dundee Musical Festival, on Thursday, 11th May, 1934. The songs to be sung at the competition are: (1) "Ailean Duinn" (any key), arranged Kennedy Fraser; and (2) "The Dowerless Maiden" (any key), arranged Kennedy Fraser.

Entry forms for competition can be obtained on application to the Hon. Secretary, Mr. D. A. Mortimer, 31 Murraygate, Dundee. All entries to be in by 31st March, 1934. Competition open to all who may be interested.

This competition was started by the Highland Society of Dundee, and not by the Musical Festival Committee.

EXECUTIVE COUNCIL.

A meeting of the Executive Council of An Comunn Gàidhealach was held in the Waverley Hotel, Stirling, on Friday, 26th January. The president, Dr. Neil Ross, C.B.E., presided, and the following members were present:—

Robert Bain, Glasgow; John M. Bannerman, B.Sc., Balmaha; W. D. Barclay, Glasgow; Mrs. Barron, Glasgow; Capt. A. R. Campbell, O.B.E., Glasgow; Mrs. Barnley Campbell of Ormidale; Charles Campbell, M.B.E., Glasgow; Captain George I. Campbell of Succoth; Mrs. Iain Campbell (Airds); Mrs. J. R. Colquhoun, Glasgow; Neil Campbell Colquhoun, Glasgow; Mrs. J. B. Dunlop, Glasgow; Mrs. S. C. B. Edgar, Glasgow; Alexander Fraser, Glasgow; Col. A. D. Greenhill Gardyne of Glenforsa; Miss Lamont of Knockdow; Sir Alex. N. MacEwen, Inverness; Miss Ann MacGillivray, Glasgow; Hector M. MacIvor, M.A., Edinburgh; John MacIntyre, Glasgow; Mrs. MacKintosh of Balvraid; Alastair C. MacLaren, Dalmally; Malcolm MacLeod, Glasgow; Miss Sybil MacLeod, Glasgow; Mrs. MacNaughton of Ardochiaranbeg; George E. Marjoribanks, Sonachan; Mrs. Menzies, Aberfeldy; Lord James Stewart Murray, Ballinluig; Neil Orr, F.E.I.S., Edinburgh; Dr. Donald Ross, Lochgilphead; Ronald Scott, Perth; Colin Sinclair, Ph.D., Glasgow; John H. Smith, Glasgow; Mrs. Stewart (Fasnadoich), Ayr; A. M. Sweet, Skelmorlie; Rev. Donald Thomson, B.D., Killin; George Thomson, M.A., Glasgow. In attendance—Robert MacFarlane, C.A., Treasurer; Neil Shaw, General Secretary, and Hugh MacPhee, assistant to the Secretary.

The president made sympathetic reference to the death of Sir Donald MacAlister and to his long connection with An Comunn as one of the original Feill Trustees. Dr. Ross said the Gaelic and English speaking worlds had lost a great ornament by his death. The Council agreed to convey their sympathy to Lady MacAlister in her bereavement.

A Minute of the previous meeting was read and approved.

A Minute of meeting of the Finance Committee was read and adopted on the motion of the convener, Mr. Alex. Fraser.

The Education Committee reported on arrangements for the Summer School of Gaelic, and expressed An Comunn's appreciation of the action of the B.B.C. in instituting a series of broadcast lessons in Gaelic by Mr. John A. Nicolson, M.A. The Minute was adopted.

A Minute of the Publication Committee was read. The committee recommended that An Comunn cordially welcome the proposal to form a Scottish Gaelic Text Society, that it should join such a society and commend it to the support of its

members. They further recommended that the president, the convener, and the Rev. Malcolm MacLeod be appointed to represent An Comunn at the preliminary meeting to be held on an early date. The committee recommended that An Comunn guarantee the sum of £100 towards the cost of publication by the National Bible Society of a parallel Gaelic and English New Testament. On the motion of the convener, Mr. Malcolm MacLeod, the Minute was adopted.

The Propaganda Committee reported on the work of the Northern and Southern Sub-Committees, which was considered highly satisfactory. Sir Alexander MacEwen made reference to the teaching of Gaelic in Gaelic-speaking areas. He felt convinced that in these areas Gaelic should be placed on an equal standard with English, and in non-Gaelic speaking areas it should be on an equal standard with the languages taught, other than English. He submitted this for the serious consideration of the committees concerned. On the motion of the convener, Mr. Charles Campbell, the Minute was adopted.

A Minute of the Art and Industry Committee was read. The committee expressed satisfaction that the Propaganda Committee had considered the suggestions made to them by this committee to induce a greater co-operation between the committees, and that it had been agreed to assist through the organisers referring to Celtic Art at their meetings. Sir Alexander MacEwen referred to the Special Committee on Rural Industries set up by the Scottish National Development Council, and he suggested that the attention of the Development Council should be directed to the work of the Art and Industry Committee. On the motion of Miss Lamont of Knockdow, the Minute was adopted.

The Mod and Music Committee reported that arrangements for the Mod at Oban were proceeding satisfactorily. The committee had under consideration the appointment of judges for the Oban Mod, and progress had been made with the syllabus for the 1935 Mod. On the motion of Mr. Malcolm MacLeod, convener, the Minute was adopted.

Two Minutes of Clann an Fhraoich Committee were read, and these reported on the progress made towards the establishment of Comunn na h-Oigridh. The Minutes were adopted on the motion of Mr. George F. Marjoribanks, convener.

A Minute of the Advisory Committee was read and adopted.

A Minute of the Canadian Tour Sub-Committee was read. Encouraging reports had been received from the Maritime Provinces of Nova Scotia, Prince Edward Island, and Cape Breton. It was recommended to continue the remit to enable the committee to obtain fuller information, and to see what local arrangements can be made to ensure the success of the deputation. The committee further recommended that, subject to these arrangements being satisfactorily made, a grant shall be given sufficient to cover the cost of four or more delegates for a period of six weeks. A very cordial vote of thanks was accorded Sir Alexander MacEwen for his work in securing information for the committee. The Minute was adopted.

Mr. Robert Bain put forward some suggestions with a view to facilitate the work of carrying through the National Mod, and these will be considered by the Mod and Music Committee.

A vote of thanks to the chairman terminated the meeting.

CRAOBH SGAOILEADH.

An Airde Tuath.

Air iarrtas Còisir na h-Oigridh, Inbhirnis, fhritheil am Fear Deilbhe aig cuirm de'n oigridh air an 11mh là de'n Dùdlachd, agus an uair a bha an fheadhainn bheaga seachd sgìth ag cluich 'sa dannsadh thug am Fear Deilbhe seachad na duaisean a choisinn iad aig Mòd Dùthchail Inbhirnis 'sa bhliadhna chaidh seachad. Chaidh deich duaisean fichead a thoirt seachad air an fheasgar sin agus is ann air a' chloinn a bha a' phròis a' tarraing dachaidh leis na choisinn iad.

Tha oidheip 'ga deanamh aig an àm so air son Mòd Dùthchail a chur air chois an Inbhirpheofharain agus bha coinneamh aig luchd a' Chomuinn agus aig an Fhear Dheilbhe anns a' bhaile sin bho cheann ghoirid. Tha am Fear Deilbhe ris a' chòrr fìosrachaidh fhaotainn mu dheidhinn choisirean agus luchd farpais eile mu'n teid a' chùis a chur gus an dara taobh.

Air a' 15mh là de'n Dùdlachd fhritheil Mgr. MacPhàil aig Cuirm-chiùil an Inbhir-ùig, agus ged nach 'eil mòran Gàidhlig r'a chluinntinn air sràidean a' bhaile tha meas mór aig an t-sluagh air cànan an slànre.

Tha cròilean Gàidhlig co-cheangailte ris a' mheur so bho cheann bhliadhnachan, agus air an doigh sin tha obair mhaith 'ga deanamh 'sa bhaile.

Thadhail am Fear Deilbhe aig Braigh Ghlinn Urchadain air an 21mh là de'n Dùdlachd. Bha am Maighstir Sgoil 'na Fhear-tighe aig a' cheilidh agus bha feasgar togarrach, caidreach aca comhla. Air an oidhe an deidh sin chumadh cuirm-chiùil fo riaghladh meur Inbhir-garaidh. Bha a' Mhgd. Mairead NicDhòmhnaill comhla riutha agus trì còisirean-ciùil maille rithe. Fhuair iad pailteas òran Gàidhlig is aithris agus thogadh suim mhaith airgid air son cuideachadh le paidheadh cosdais a' chròilean-chiùil.

Air an 29mh là fhritheil Mgr. MacPhàil aig Cuirm-chiùil an Cille Chumein ach a thaobh is gu'n robh an t-àm cho faisg air a' Bhliadhn' Ur cha robh an cruinneachadh cho mór is a bu mhaith leo.

Tha Frith-chomhairle shonraichte aig an àm so a' beachdachadh air cor na Gàidhlig am baile Inbhirnis, agus air son cothrom a thoirt do chairdean na càineine tha ceilidh ri bhi ann a dh' aithghearr far nach bi facal ach Gàidhlig r'a chluinntinn. Tha feum mór air coinneimh de'n t-seòrsa so anns a' bhaile.

Tha am Fear Deilbhe aig an àm so air chuairt an Cataibh agus chumadh coinneamhan cheana an Eirabol, Brùra, Dòirneach, Loch an Inbhir, an Druimbeag agus an Stòrr. Tha ocd meur dheug de'n Chomunn anns an t-Siorramachd so.

An Airde Deas.

Bha coinneamh de Chomhairle Dheasaich a' Chraobh-sgaoidh cruinn an seòmar-gnothaich a' Chomuinn air feasgar Di-mairt, an 23mh là de 'n Fhaoilteach, agus bha mòran de na buill an làthair, le Mgr. Donnchadh MacCaluim, am Fear Gairme, anns a' chathair.

Thug Mgr. MacGille Sheathanaich, am Fear Deilbhe, iomradh air a chuairtean air feadh nam meuran agus bha fathunn aige air coinneamhan taitneach am Baile Bhòid, 's an Apuinn Lathurnach, an Duror, am Meadarloch agus an Tobarmhoire. Ann am Baile Bhòid bha e 'na fhear-cathrach aig ceud cheilidh na Bliadhn' Uire. Bha mu dha cheud gu leth an làthair agus dh' eisid iad uile le mòr thlachd ri sgeul a' Chomuinn. Tha am meur so a nis ocd bliadhna fichead a dh'aois agus ré na h-uine sin bha na buill

a' strìth gu treun ann an aobhar na cànan. Tha an Cròilean Gàidhlig a chuireadh air bonn cho math ri sè bliadhna fichead air ais ann am bith fhathast agus a' deanamh obair mhaith. Chliuthaicheadh do'n Rùnaire meas na Comhairle a chur an cèill do'n mheur so air son na h-oibre ionmholta a thàtar a' coimhionadh ann measg nan Gall. Ann am meuran Lathurna tha na buill dicheallach 'nan uile oidheirpean a thaobh na cànan, agus dh' aontaicheadh aon de luchd-teagaisg ciùil a' Chomuinn a chur do'n taobh sin. Tha iad uidheamaichte mar tha air son na h-oibre.

Thugadh gu aire na Comhairle meud na saothrach a tha Comunn Ghearrloch is Loch Bhraoin ag cur an cèill leis a' Mhòd a tha iad ag cur air adhart gach bliadhna a chum an oigridh fhein a mhisneachadh ann an cleachdadh na Gàidhlig. Bha Mgr. MacCaluin, am Fear Gairme, agus Mgr. Eachann MacDhughail, aon eile de bhuill na Comhairle, 'nam breitheamhan aig a' mhòd so. Dh' iarradh air an Rùnaire taing dhurachdaich na Comhairle a leigeil ris do'n Chomunn so air son an dealais a thaobh na Gàidhlig. Thaghadh riochdairean gu frithealadh aig Mòd Céilidh Ard Sgoil Ghlaschu agus aig Mòd Comunn Ghaidheal Phaislig.

Leughadh litir bho Mgr. Seòras Marjoribanks a' toirt iomraidh air cuirmean a chumadh an Tigh an Uillt, Sonachan agus 's an Oban far an d'fhoillsicheadh an Dealbh-chluich "Am Briuthas Beag." Leis a so rinn iad mòran brosnachaidh an aobhar na Gàidhlig anns na ceàrnan so.

Dh' fhiosraich a' Chomhairle, le mòr thoileachas, gu'n robh oidheirp 'ga dheanamh a chum Mòd a bhi air a chumail an Ile air a' bhliadhna so agus shocraicheadh, na'm biodh feum air, aon de luchd-teagaisg ciùil a' Chomuinn a chur do'n eilean.

Rinn a' Chomhairle sgrùdadh air cunntas obrach an luchd-teagaisg agus bha iad gu léir riarachta leis na bhàtar a' deanamh 'nan dleasan na fa leth anns na h-aitean 's an robh iad a saothrachadh. Tha a' Bhean Uasal Nic Dhomhnaill a' teagasg an taobh an ear Arainn far am bheil mòr luach 'ga chur air teagasg na cànan. Am beagan lùithean bidh i a' dol gu taobh eile an eilein a ghiulan air aghaidh an dleasais cheudna. Tha a' Mhgn. Nic Mhàrtainn ri obair mhaith ann am Muile agus anns a' Mhorairne, agus tha Mgr. Uisdean Mac-Gilleathain am measg seann luchd eòlais an Dailriada.

SECRETARY'S NOTES.

We are receiving very gratifying reports on Gaelic matters in Canada. In a recent issue we referred to the formation of a Ladies' Gaelic Choir in Vancouver, and Miss Margaret MacIsaac, the Secretary, who is closely connected with South Uist, informs us that at the Jubilee Celebrations of the Gaelic Society of Vancouver at which the Choir made their debut, they were so well received that there is now a prospect of a Gaelic Mod being held in the City. Mr. Tom Lawrie, one of our Mod Gold Medallists, who will be remembered by many of our members, is one of the founders of the Choir.

* * *

Writing from Princeville, Ontario, the Rev. Norman MacDonald, a native of Staffin, Skye, who was for some time Assistant in St. Columba Church, Glasgow, informs us that on his appointment to his present charge he received numerous requests for a Gaelic service. This was held on a recent Sunday morning and the Church was full to over-flowing. The congregation included many visitors who came from a wide area, several of whom travelled twenty miles to be present. Mr. MacDonald who knows the districts of Nova Scotia, Prince Edward Island, Quebec and Ontario well, informs us that Gaelic is still very much alive in these places.

* * *

This year again the Gairloch and Lochbroom Association have promoted a junior Mod. This Mod had now become an annual event, and a pleasing feature is the interest taken by the young folk and their parents in its success. The proceedings were conducted entirely in Gaelic and in both the oral and solo competitions the children gave a very good account of themselves. This Association is to be complimented on their encouragement to the children to become acquainted with the language and to appreciate the heritage that is theirs. Arrangements are also made for the continuance of the Mods of the High School Ceilidh and the Paisley Highlanders' Association, which will be held shortly.

* * *

Following the death of Mr. Robert MacCallum, the Govan Gaelic Choir and the Paisley Gaelic Choir were bereft of their Conductor. The Govan Choir have been fortunate in securing the services of Mr. Patrick Sandeman to continue Mr. MacCallum's work. Mr. Sandeman is very well known in Musical Circles in and

around the City and for several years he has acted as conductor of the Western Light Opera Club. We welcome him to our midst and hope he will enjoy his work with the Govan Choir.

Mr. Duncan Morrison, who will be known to our members as one of the official accompanists at the Mod, has been appointed Choir Master at Paisley, and we also wish him every success in his labours.

* * *

In connection with the Celtic Post Cards which we have in stock we would again solicit the support of our readers in their disposal. These cards are now on sale in penny packets of ten cards and if our members were to enquire for them at their Stationers, it would not only assist the sales but also very much help in making them known in the trade. With their Celtic ornamentation they serve as a useful and serviceable agency in introducing this distinctive Art to those not already familiar with it. These cards may, of course, be obtained direct from this office.

* * *

It is to be hoped that our Branches will take an interest in the new Celtic Art Competition at the forthcoming Mod for a drawing of an old Celtic sculptured stone to which competitors may have access. There must be many of these relics in several parts of the Highlands to which attention has not been directed, and a few notes of the locality, together with incidents historical or legendary which may be associated with them, would considerably add to the attractiveness of the Competition.

This year also the Art and Industry Committee have introduced a competition in Metal Work. There are three prizes offered in this class, the first being one of the Celtic Art Rugs made by fisher girls in Ness, Lewis. These Rugs are valued at £5. They are hand made and the design is characteristically Celtic, blended in harmonious colourings.

* * *

A short time ago we referred to the number of new Songs by our modern bards which are now to be heard, and further evidence of this was provided at one of the Meetings of Ceilidh nan Gaidheal recently. The usual musical programme which follows the lectures was sustained by four singers, and, between them, they sang no less than twelve unpublished songs, several of which were heard for the first time. This is rather noteworthy.

We are often asked for a book of Gaelic Duets and one of the best publications in which these may be found is "Coisir na Cloinne." This book is not so well known as it deserves to be. It is an excellent little compendium of popular Gaelic songs and includes many solo puirt-a-beul pieces. It is very moderately priced at sixpence and it is a publication that should be in the hands of every Gaelic singer.

* * *

For the information of Branch Secretaries we would mention that a new supply of Branch Rules have been prepared. These are also made to serve as Membership Cards, and have been printed in five different colours so as to make them available for successive years without creating any confusion as to the Session to which they apply. They also contain the Constitution for Branches as approved by the Executive Council. The price remains the same—3/6 per 100.

* * *

The Gaelic broadcast lessons conducted every alternate Wednesday evening by Mr. John A. Nicolson, M.A., have aroused much attention. Following the first lesson, appreciative letters and orders for the text books necessary for the course were received from such places as Paris, London, Kent, Wales, Midland Counties of England, North of Ireland, and from all parts of Scotland from John O' Groats to the Mull of Galloway. It is safe to say that at no other period in history were there so many students acquiring the language.

AOIR AN LEISGEAN.

(An Uiseag a' labhairt).

Air stucan neul an aird nan speur, bha 'n uiseag ghleusda canntaireachd,
'Cho pronnas 's cho dlùth 's a bha na cuir, cha b-urrainn mis' an cunntas dhuibh.
Nuair rinn i tearnadh uidh air 'n uidh, 's a laidh i anns an fhionn-dairnich.
An deidh dhi tacan thoirt 'n an nead, dh'fhalbh i thoirt fead do'n Lunndaire.
Thànaig i air sgeith as dh' eisd i car tacain,
Bhioraich i a suil a 's sheall i null far a bhacain;
As a ribheid a bha binn, nach robh tinn leis a chnatan
Rinn i searmon cho briagh 's ged a dhiannt 'i'n Ardechatan,

•Si ag ràdh:

“Faillt ’ort fhir mo ghaoil, tha thu daoman fo ’n phlaide;

Cha ’n fhaod gu ’m bheil thu slàn, bho nach dh’ fhàg thu do leaba;”

“Maoir” ars’ esan “tha slàn gu leoir, ach thainig clò de ’n chadal.”—

“Clò do ’n chadal” ars’ an uiseag “duisealan do chlaigeann;

’S e bhi laidhe anns a’ mhaduinn fada chuir an leisg ort;

Cion bhi smaointeachadh air maitheas, chuir a bhathais sheasg ort;

Nach loisg sibh fùdar air a’ mhullach, feuch an cuir sibh clisg air,

’S a chuir air aillort anns an t-slaod, ’s taomaibh cuinneag uisg ’air;

Bu tu aogas Fear-mo-thighe, ad laidheagan air t’uillinn;

Bith’ do choiceir gann am bliadhna, ’s chau fhiach dhuit a bhi ri mullan.”

“Mu’r fhiach” ars’ esan “ni e caomhnadh saothrachadh do ’n mhuilleann.”

Thuirr ise “Dhi-chuimhuich thu radh, bidh tamh air do chi-shlugain.”

“Heich” ars’ esan “Tha mi sgith” ’s shin e chorp sa chneadail,

’S mu ’n gann a chunntaiseadh tu tri, bha ’n giomanach na chadal.

Thuirr ise ’s fearg oirre gu ’n chleith, “Cha ’n fheith sinn riut nas fhaide,

Mu ’r toir achmhasan ort eiridh, fiachaidh sinn dhuit maide;

Buail feuch an gluais, buail e nas truime;

Ruisg feuch an duisg, ruisg e nas luime;

Teannaich e fo ’n chùl, feuch an lùb thu nas truime,

Tarruinn dheth an lùrach, ’s gach clùd a tha uime.

Drid il o, ho robho gheallaidh

Callan air a’ chré ’s ann tha bheist air dol a dholaidh,

Piocairtich le lùdaig na mùsgan a’ shealladh;

Ach fuaidach as a’ mhaol-cheann, na smaointeannan collaidh”

“’S i ag radh “Co air bidh do shinnsir, ’s cinnteach nach Mac Calman thu.”

’S leum i do ’n iarmailt a ’seinn, cho fonnmhor binn ri Salmadair.

EDINBURGH UNIVERSITY CELTIC SOCIETY.

At the meeting held on Saturday, 13th January, a proposal of outstanding interest and importance was laid before the Society. A letter from Professor Watson was read to the Society by the Secretary, in which the claims of the proposed Scottish Gaelic Text Society were set before the members, and an invitation extended to them to become associated with the new body.

Mr. Fred. T. MacLeod, F.S.A. Scot., who is just now engaged in the practical work of forming the Text Society, and who was fortunately present at the meeting, reminded the members that the proposal was first brought to public notice through a letter from Professor Watson read at a recent dinner of the Celtic Society, and urged the necessity of publishing the mass of Gaelic literature contained in manuscripts, and republishing what is contained in scarce and expensive collections. This would not only provide work for Scottish Gaelic scholars, who would thereby be assured of getting their books published, but it would provide the Gaelic and the general reader with a complete library of Gaelic literature, readily accessible at a moderate price, and complete with translations, introductions, and all the necessary editorial apparatus. The subscription payable by societies would have to be fixed by the Society itself when formed, but would probably be about £1, and that payable by individuals possibly a smaller sum; while each member would receive a free copy of every publication. Arrangements for the formation of the new society, said Mr. MacLeod, were well under weigh, the outlook was most hopeful, and it would soon be time to call a meeting of the representatives appointed by each society which wished to support the undertaking.

Subsequent discussion showed that the Society heartily welcomed the proposal, and it was unanimously resolved that the Society should subscribe to the Scottish Gaelic Text Society, and that individual members should do all in their power to support and further its admirable aims. Mr. MacLeod received the thanks of his fellow-members for his remarks and for his active promotion of the Scottish Gaelic Text Society.

CALUM CAIMBEUL MAC PHAIL.
(nach maireann).

BRANCH REPORTS.

ABERDEEN.—Members of this branch, to the number of 100, spent a pleasant evening together in the St. Nicholas Cafe, on Thursday, 18th January. Col. Farquhar M'Lennan presided. Mr. Hugh D. Welsh of the Macaulay Institute gave a most interesting and instructive address entitled "Bits from the roof of Scotland." The address was illustrated by lantern views descriptive of his wanderings in the Cairngorms. These showed the lecturer's artistic sense in a marked degree, and also gave the company a delightful indication of his versatility and interests. It was also apparent that his ramblings over the hills were not mainly concerned with climbing feats. Scenes depicting botanical as well as geological interests were shown on the screen and some incidents recalling recent tragedies on these hills were also described. It was evident that Mr. Welsh is an ardent "hill man" and a lover of nature as becoming a prominent member of the Cairngorm club. At the close of the lecture, on the call of the Vice-President, Mr. Welsh was awarded a hearty vote of thanks. After supper a programme of vocal and instrumental music was provided. A most successful evening was concluded by the singing of "Oidhe mhaith leibh."

INVERGORDON.—There was a large enrolment of pupils in the Gaelic class organised by this branch. Great interest is being taken in the class, and at all the ceilidhs there are large attendances.

INVERARAY.—The fortnightly meeting of the Inveraray branch was held in the St. Malieu Hall on the evening of 11th January. There was a large attendance, presided over by Mr. Robert Bain, Vice-President. The proceedings were opened by Pipe-Major Duncan MacArthur discoursing lively selections on the pìob mhòr. Provost A. J. MacIntyre contributed a Gaelic reading, and Mrs. Alex. Gillies a sgèulachd. Songs were sung by Mrs. Colin MacLaren, Miss P. Ferguson, Miss K. Martin, Miss J. Bain, Miss Hebe MacGugan, and Mr. Peter Munro.

NETHY BRIDGE.—There was a splendid gathering at the recent ceilidh of this branch. Mr. Pat. Cameron, president, who occupied the chair, was warmly welcomed on his recovery from his recent illness. In his address, Mr. Cameron delivered an inspiring address in which he reviewed the work of the branch, making particular reference to the successes attained by the district choirs, both at the Provincial and National Mods. He commended the work of An Comunn, especially to the young members, exhorting them to strive earnestly to maintain the proud traditions and heritage of their race. Mr. Cameron, who has rendered valuable service to the movement in the Speyside district, is an authority on the place-names history and lore of that area. The programme that followed was very much enjoyed by a large and enthusiastic audience.

NEWTONMORE.—There was a large gathering at the first ceilidh of the year of this branch in the Public Hall, when Miss Farquharson of Invercauld, the branch president, who presided, extended a warm welcome in Gaelic to all present. After expressing satisfaction with the steady progress being made with the movement in the village, Miss Farquharson expressed the hope that their senior choir would work hard in preparation for this year's Mod in Oban, and bring back the shield as the Badenoch Choir had done two years ago. Miss Farquharson also referred to the deep loss they had sustained in the death of Mr. John Macpherson, who had taken a prominent part in the formation of

the branch, and was always giving his willing assistance in promoting the cause of Gaelic. That great and genial master musician of world wide fame passed from amongst them before they saw any diminution of his strength. Mr. Thomas Grant, J.P., endorsed what had been said about the late Mr. Macpherson. During the evening Gaelic songs were sung, while Gaelic community singing was led by Mr. Anderson. Messrs. Alister and Pat. Curley contributed violin and piano music, and a Gaelic reading was given by Mr. James Cameron.


OBAN.—Mr. Angus MacLeod, rector of Oban High School, presided over the recent ceilidh of this branch. Choral music was rendered by the Junior Choir and a dialogue by two youthful performers. Selections on the bagpipes were given by Pipe-Major Boyd. Provost MacAlister, in moving a vote of thanks, congratulated the choir on winning the "Oban Times" Shield at the recent Mod, and hoped they would repeat their success at the Mod in Oban. Mr. D. MacCowan, Oban, also briefly spoke. Tea was afterwards served.

TAIN.—On a recent evening a deputation of five members of the Tain branch met the Rev. Mr. Mackinnon, Chapelhill, who is shortly to leave for the island of Mauritius, in the Pitcairn Schoolhouse, and presented him with a very handsome and serviceable dressing-case to show their appreciation of his services as their president for the past two years. The presentation was made by Mr. J. Campbell, Fearn. The other members of the deputation also spoke in Gaelic, in eloquent terms, expressing their appreciation of Mr. Mackinnon's services as a pastor, as a preacher, as a friend, and as president of Tain branch of An Comunn Gàidhealach; and also their regret in the loss sustained by An Comunn at Mr. Mackinnon's departure.

TOBAR MHOIRE.—Choir sinn Iain Camshron anns a' chathair aig a' cheilidh air an 17mh là de'n Fhaoilleach, agus dh'fàillich sinn Ard Rùnaire a' Chomuinn. Bha fonn ciatach air Niall còir. Labhair e mu dhéidhinn obair a' Chomuinn, gu sònraichte mu mhòd mhor Ghlaschu, agus shéinn e òrain, gach aon a b'fhearr na chéile. Fhuair sinn "bhaomastaireachd" bho'n Urr. Iain M. Mèinnearach, ar ceann-suidhe; b'e sin an t-aime a thug e fhéin air a sgeulachdan aitealach a bha còrdadh cho math ris a' chuideachd. Bha sinn toilichte G. Mac'Illeathain fhaicinn an làthair a rithist a' séinn mar a' b' àbhaist, agus gu'n robh seinneadair math ùr againn ann an Donnchadh Mac Fhionghuin. Chluich bhean-usal a' Mhèinnearach port no dha air a' phiano, agus fhuair sinn dà bran bhlasda bho'n nighinn usail E. Nic Mhairtinn. Bha C. Mac Aoidh A. Mac'Illeathain, S. Nic Fannraig, A. Mac Fannraig, A. Mac'Illeathain agus I. Mac Ceallaich a' cuideachadh mar a' b' àbhaist. Mar sin chaidh feasgar soirbheachail a chur seachad.

ULVA FERRY.—During the course of his tour, the General Secretary, Mr. Neil Shaw, paid a very welcome visit to this branch, and a ceilidh was specially arranged for the occasion. Mr. Shaw presided and delivered a very interesting Gaelic address on the work of An Comunn and the progress made during recent years. A nicely varied all-Gaelic programme of songs, instrumental music and sgeulachdan was afterwards submitted and a very pleasing feature was the contributions made by the school children. During the evening a presentation was made to Mr. Alex. MacInnes, Ulva Ferry, President of the branch, on retiring from office. Rev. A. D. MacRae, Salen, said that Mr. MacInnes had held the Presidentship for the last six years, and had done much towards making it popular. Mr. MacInnes thanked them for their kind gifts.

SCOTLAND'S HIGHLANDS CALLING!



HER Spinning Wheel and **HIS** Glengarry — Symbols of the Highlands!

Wear the tweeds and the woollies made in Highland homes. They are part of the life of the crofters, that sturdy independent race from which so many pioneers have sprung.

The mountain sheep give their wool, the lichens on the rocks their vegetable dyes. The women by the peat fire sing together as they weave and spin.

From here come the tartan plaids and woven tweeds, the knitted cardigans, shawls, and rugs — all made by hand and sold entirely for the benefit of the workers.

Highland Home Industries Ltd.

111A GEORGE STREET, EDINBURGH.

DEPOTS

111a George St., Edinburgh;
255 Bath St., Glasgow;
Strathpeffer; and
Kilmuir, Skye.

PHONES:

Edinburgh 26713.
Glasgow, Douglas 62.

Just Published

3 6 net

The Owl Remembers

Gaelic Poems Selected and Edited with Notes by

JOHN MACKECHNIE
M.A., B.D., F.S.A. (Scot.)

Introduction and English Versions by

PATRICK MCGLYNN
M.A., D.Litt.

This book brings to the reader a new aspect of Gaelic life and culture in a form most attractive to the English reader.

It is one of the most important books in the Scottish Renaissance.

The editors, both outstanding scholars, have chosen some of the most charming and delightful poems from the eighth century to the present day, and made them available to the general reader in an entirely new English version.

ON SALE AT ALL BOOKSELLERS

or

ENEAS MACKAY

44 CRAIGS - - - STIRLING

THE CLARSACH

OR

CALEDONIAN HARP

J. W. BRIGGS

VIOLIN MAKER

8 Cambridge Street, Glasgow

MAKER OF

"DALRIADA" and "OSSIAN"
CLARSACHS

These Clarsachs are made entirely by hand in our own workshop in Glasgow. Most of the leading players of this delightful Scottish instrument have expressed their appreciation of the beauty of tone of those already supplied. The revival of the Clarsach has given great pleasure to all lovers of the traditional Highland music.

Prices and particulars on application to above address.

'Grams: "Pheasant, Edinburgh."

'Phone 21103.



By Appointment to His Majesty the King

Quality is always the first consideration

PURVEYORS of the FINEST SCOTCH FED BEEF, SALT BEEF ROUNDS, SPICED BEEF, HOME-FED PORK, SCOTCH MUTTON and LAMB, NEW ZEALAND MUTTON and LAMB, CHOICE VEAL, CAMBRIDGE SAUSAGES, TURKEYS, GEESE, DUCKS and CHICKENS, PHEASANTS, PARTRIDGES, HARES, SEASONABLE GAME, PORK PIES, and GALANTINE. SCOTCH HAGGIS posted to any address at any time.

JAMES WILSON, LTD.

BUTCHERS, POULTERERS, and GAME DEALERS,

142, 144, 146 GEORGE STREET - - - EDINBURGH.

The Corner of Charlotte Square.

JOHN LEARMONTH, Managing Director.

THE NEW ROAD MAPS!

WHEN MOTORING IN SCOTLAND

OR ENGLAND TAKE WITH YOU A

SIMMATH ROAD MAP PANORAMIC GUIDE

PRICE, 1/-

A READ AS YOU RIDE MAP, showing mile by mile the road before you, with Photographs and Descriptions of the places passed.

TOURISTS, HIKERS, and TRIPPERS,

make the miles entrancing.

A Simmath Map will do it!

No. 1—Perth to Inverness.

No. 2—Edinburgh to John o' Groats.

No. 3—London to Edinburgh, Perth, and Dundee.

No. 4—Middlesbro' to York, etc.

No. 5—Lake District.

No. 6—Aberdeen, Braemar, Perth, etc.

Of all Booksellers, or direct from THE SIMMATH PRESS LTD., DUNDEE.



EDITOR.—Rev. NEIL ROSS, C.B.E., D.Litt., *The Manse, Laggan, Kingussie, to whom all literary communications should be addressed; business and other communications to 212 West George Street, Glasgow.*

TELEGRAMS.—*Runaire, Glasgow.*

TELEPHONE—*Douglas 1433.*

Leabhar XXIX.]

Am Màrt, 1934.

[Earrann 6

FEAR TOGAIL NAN SALM.

Is cuimhneach leinn mìle pearsa fhaicinn an aon choimhthional, agus aon fhear-seinn a mhàin a' togail nan salm anns an aoradh fhollaiseach. Is ann ainneamh a chithear a leithid sin an diugh. Bho chionn ginealaich no dha air ais bha fear togail nan salm coitichionn air feadh airde tuath na h-Alba. Ach maille ri iomadh gnàths eile tha am modh so air seinn nan salm a' sìor dhòl a cleachdadh. Is e bha anns an t-seann nòs ach modh ciatach a tha 'n a dhearbhadh air oilean ciùil ar n-athraichean. Is cinnteach gu bheil sloinneadh fada aig dòigh sheinn cho rinneil. Thainig an t-alt so a nuas bho sheann àbhaist na h-Eaglais Cheilteich. Tha rian sonruichte aig freumh a mhodha so an ceòl aoraidh, eadhon mar tha rian dhaibh fhéin faraon aig an òran mhór an seinn cuideachda, agus aig a' cheòl mhór an ceòl na pìoba. Is ceòl mòr gach aon diubh sin fa leth, airson inneil, is aoidheachd, is aoraidh.

* * *

Is ni aithnichte gu 'n d'fhuaras mòran bho choigrich de na fuinn ris a' bheil na Gaidheil a' seinn nan salm anns an aoradh. Ach faodar so a ràdh, gu bheil mùthadh anabarrach eadar an dòigh anns an seinnear na fuinn sin le coimhthional Gaidhealach a tha fathast a' leantainn na seann dòigh, agus am modh anns an cluinnear iad air Gaildachd. Thoir fonn ùr Gallda do Ghaidheil a chleachdas am modh

seinn dùthchail, agus an ceann mìos bithidh am fonn sin Gaidhealach gu leòir. Bheir iad a stigh tionndaidhean agus crathaidhean a chumas am fonn bho bhi neo-bhinn no slaodach. Is gnàth leis an fhear togail a tha air ceann an t-sailm, gach sreath a liubhairt air fonn dha fhein, a tha e a' deilbh gu blada a réir a chluais-chiùil agus a bhreithnichidh. Agus tha séisd air leth aige airson gach fuinn. Is ni ro annasach so, an teomachd leis an solaradh am fear seinn rian liubhairt fonnmhor airson gach sreath, a' comh-fhreagairt ri gleus an fhuinn.

* * *

Bho chionn linntean air ais, mun deachaidh foghlum a chraobhs-gaoileadh, cha robh gach aon anns a' chuideachd ealanta gus na sailm a leughadh. A thaobh so bha e iomchuidh gu 'n labhradh no gu 'n canadh fear togail na seinn na sreathan mar thigheadh iad gu bhi 'g an seinn. Bhiodh a' mhór chuid de 'n choimhthional comasach air an t-sreath a chumail 'n an cuimhne. Is ann mar sin a fhuair am fear seinn cothrom gasda na sreathan a chantainn. Thainig am facal so bho 'n Laidiunn *cano* seinneam, no tha mi a' seinn. Mar bhiodh treòraiche nan salm a' liubhairt na sreath bha e a' cur nam facal ri gleus ciùil sonruichte a bha a' comh-chordadh ri seòladh an fhuinn mhór ris an robh an coimhthional a' seinn an t-sailm. Bhiodh fear togail nan salm 'g a thaghadh a chum na h-oifig so, a chionn gu feumadh e guth taitneach, fallain a bhi aige,

agus mar an ceudna tomhas toguim agus breithnichidh. An uair a bhiodh cràbhadh is dùrachd an spiorad an fhìr togail, is tric a chuireadh e solus ùr air seadh nam briathran le bhì 'g an liubhairt gu faireachail, drùidhteach.

* * *

Ach ciod mu cheòl nan inneal gu bhì a' comhlachadh nan salm? Agus ciod mu cheòl nan inneal gu bhì a' comhlachadh nan òran Gaidhlig aig a' Mhòd. Chaidh am piano a thoirmeasg aig Mòd; agus cha mhò na sin a tha an inneal sin freagarrach air seann nòs nan salm. Tha sinn am beachd gu faodar an nì ceudna a ràdh mu 'n òrgan. Chan ann idir le intinn chumhaing an aghaidh ceòl an òrgain a tha sinn am barail nach eil e freagarrach airson na seann dòigh Ghaidhealaich. Tha uaisle agus mòrachd anns an t-seann dòigh nach faodar a chur an cèill ach leis a' ghuth a' mhàin. Gun bhì beantainn ri dad sam bith ach alt na seinn thoir fairneir gu bheil an ceòl cràbhaidh is oirdheire anns an t-saoghail an diugh, 'g a sheinn le guth dhaoine a' mhàin.

* * *

Chan eil teagamh againn nach e 'an doigh nuadh, ceòl inneal agus còisirean, anns an aoradh fhollaiseach, a' mhill an seann nòs. Thug sud a steach modh coigreach nach eil idir freagarrach do chleachdadh ar n-atraichean a thaobh seinn nan salm. Is e an seann nòs aon de na nithean a bu chòir a chumail suas. Tha e mar ghnàths aig A' Chomunn aon fhonn 's an bhliadhna ullachadh a chum gu 'm biodh na còisirean 'g a sheinn aig a' Mhòd. Is e bhiodh gu maith nam biodh cuid de 'n t-seann luchd seinn 'g am fasdadh a chum an t-alt a theagasg do 'n gheinealach òg. Ma théid an dòigh so a dhearmad agus a leigeil air dicheumhne, chan fhada gus an cluinnear an sreath mu dheireadh 'g a seinn; agus theid fear togail nan salm air chùil.

LOCH LAGGAN.

By E. S. MORRISON, Esq.
(Factor, British Aluminium Co., Lochaber.)

In the December issue of *An Gaidheal*, there appeared in the Editorial Notes, something in the nature of a lament for the alleged lost beauty of Loch Laggan, Badenoch, and rather a vivid picture was drawn of the derelict nature of this Loch, as it might appear in the future owing to the operations of the Lochaber Power Company. The Editor has apparently, and

not un-naturally, been impressed by the appearance of things during the present constructional period. During the construction of such works, scars are bound to show up, but these are merely of a temporary nature. When the Dam near Roughburn is completed and put into operation, probably a few months hence, the area of Loch Laggan will be somewhat extended by the flooding of a certain amount of the low-lying land, between the western end of the Loch at Moy and the Dam at Roughburn. Thus the present results of dredging operations between these points in the shape of sand banks, etc., will eventually be under water. The Editor states that half the water of Loch Laggan will disappear, but this is not so. Whilst the Company has power to draw down Loch Laggan a few feet, it is not likely that this will often occur after Loch Treig has been filled up. Indeed, thereafter, it is questionable whether the necessity would again arise, except perhaps in periods of exceptional drought. It is expected, therefore, that normally Loch Laggan will not be disfigured, and rather that its beauty may even be enhanced owing to its extension. No one would willingly desire to deface the beauties of the Highlands, and when the construction of such hydraulic works is completed, there is usually little or nothing left showing such as to spoil the amenity of the district. The Editor states that the sole wealth and treasure of the Highlands is the natural beauty of the landscape. That certainly is a treasure, and should be safeguarded so far as ever possible and, in the case of the operations of the Lochaber Power Company, it is confidently anticipated that the beauty of the landscape will be preserved. It cannot be agreed, however, that the beauty of the landscape is the one and only treasure of the country. There is prosperity for its people in its waters. They are an asset to any country if put to economic uses. The Editor states that it is only strangers who benefit by the aluminium industry in the Highlands, but the fact is that a large number of Highlanders have benefited very materially from the coming of this aluminium industry into the Highlands some thirty-five years ago, when the works at Foyers, Loch Ness, were established, and, at a later date, the works at Kinlochleven, Argyllshire. At Fort William, where the waters of Loch Laggan and Loch Treig are utilised in the Power House there, the industry already employs

some 250 men, very few of whom are strangers, the great majority being Highlanders and of Highland origin, enlisted from amongst the inhabitants of the district. Later on the numbers employed at Fort William will increase very considerably as the works there are extended. In normal times the Foyers works employs about 200 men, and Kinlochleven 600 men. It is interesting to note that in the charming new village which has been built in connection with the works at Fort William, at least 90 per cent. of the tenant employees are Scottish, and the majority of these Highlanders. Amongst these tenant employees there are a large number bearing the names—McKenzie, MacLeod, Cameron, Fraser, Ross, MacLean, etc. etc. Quite a large proportion of the employees in the aluminium industry in the Highlands are Gaelic speaking men, and it is interesting to note that at Kinlochleven there is a flourishing branch of the An Comunn Gaidhealach, the members of which are the employees at the works there. They have a Ceilidh each month, and the first held this year was attended by some 280 persons. The membership of the branch at Kinlochleven numbers about 200. There is no doubt at all but that the people of the districts have benefited by obtaining employment at these various works, and are encouraged to do so by the employers. It is surely benefiting by the industry that large numbers of Highlanders secure livelihoods for themselves and their families by employment in these works in the Highlands. Regular employment and regular wages mean so much to everyone, coupled with healthy homes and pleasant environment, such as are enjoyed at the villages which have been created in connection with the industry in the Highlands. It is not only the employees who benefit, but also the community as a whole in the creation of a market for local produce, etc. It is known that Highlanders, as a whole, have welcomed the aluminium industry into their country, and many of them are now shareholders in that industry. Many take the view that the Highland water power being an asset of the country should be utilised, so as to give benefit to as many as possible who live permanently in the Highlands, and that the alternative of only developing the power in the Highlands, converting it into electrical energy and transmitting the whole of the latter to the Lowlands, would be somewhat of a disaster to the Highlands. Highlanders do not wish to see the High-

lands made the power house of the Lowlands. The aluminium industry utilises the whole of its power in the Highlands. Unfortunately the census returns for many decades have shown decreases in the Highland counties. This, to some extent, the incoming of the aluminium industry into the Highlands has helped to arrest in the counties of Inverness and Argyll, by providing livelihoods for Highlanders, some of whom indeed have returned to their native Highlands from the Clyde and other Lowland industrial districts as a result of obtaining employment in the aluminium works. Surely the Highlands of Scotland must be allowed to progress and develop their natural resources in the same way as other countries have done, such as Switzerland and Northern Italy, etc., where water power has been intensively developed. The extent to which the aluminium industry interferes with the amenity of the Highland scenery is quite negligible, and after the constructional period is over, is practically un-noticeable in proportion to the large scale of the country-side. There has been no cessation in the coming of visitors to the Highlands through the operations of the industry, and this is certainly not likely to occur in the future.

[EDITOR'S COMMENT.]

Mr. Morrison has not replied to our allegations. He has not denied that the financial profits go to outsiders. He has not denied that the water of Loch Laggan will be drawn upon "in periods of exceptional drought." It is in the height of the summer season that tourists visit this area. That is just the time when the Loch will be a sickening sight, as it is at this moment. But our complaint is in regard to Loch Laggan. When the dam is finished, as it will be soon, there will be no employment there for Laggan men, there will be no works of that kind in the parish, and yet the beauty and amenity of Loch Laggan, in the very heart of the parish, are to be sacrificed.—N. R.

The syllabus for the National Mod, to be held at Oban on 25th, 26th, 27th, and 28th September, 1934, is now ready, and copies may be had on application from the Office, 212 West George Street, Glasgow.

The Summer School of Gaelic will be in Arisaig, opening on Tuesday, 17th July, and continuing until Friday, 10th August.

AN CRANN NACH TUG TORADH UAIDHE.

Le SEAN TOIBIN, A.M.

II.—Sgoil na Cuinne-Sraide.

Rendered from the Irish by G. E. Marjoribanks.

Am facal a thubhairt mi cheana mu'n dòigh 's am bheil fòghlum ar latha-ne an crochadh air an teacs-leabhar, chuireadh an céill a rithis dhomh fhéin air maduinn an diugh e. Leanabh-nighinne ceithir bliadhna deug a dh'aois a thachair orm agus m'ala mhór lán leabhraichean aice agus i air a ceum chun na sgoile. Dh'fhéodraich mi dhi cia meud leabhar a bha 's a' mhála aice agus thubhairt ise nach robh fhios aice ach gu'n robh cudthrom maith anna. B' fhior dhi sin, chionn 'nuair a chuireadh air a' mheidh i, is e bha 's a' mhála ach deich puinn fhichead! Bha leabhar no dhà aig an leanabh airson gach uile ghné cuspair-sgoile, nam b'e am figheadh fhéin e! Agus a thuilleadh, bha leth-dhusan de leabhraichean-sgrìobhaidh aice gus obair-teintean a dhéanamh anna, obair thri uairean an uaireadair a h-uile feasgar; air chor agus nach b'uilear dhomh faighneachd dhomh fhéin, ciod i a' mhearachd so oirne, luchd-teagaisg an latha-diugh? Ma's ann a mach as na leabhraichean uadha d'heòghlas sgoilearan an eòlas, ciod am feum, an ainm na céille, air luchd-teagaisg? Duine air bith a bhiodh càileigin de dh'innleachd 'na aorabh, dh'fhacadh e sgoil a sheòladh le comhnadh na h-uiread sin de leabhraichean. Ciod e an cleachdadh air modh-teagaisg a bhiodh o dhuine sam bith chun sgoil oibreachadh agus eallach dhà chloich de leabhraichean-sgoile fo ahlais gach sgoileir anns na sreathan uachdrach aige? Chan fheumadh, gu dearb, a bheag a dh'oilean gu so a ràdh ris an t-sreath, "Fosglaidh am fheadamh taobh-duilleig de'n leabhar sin," agus an uair a bhiodh a mheud sin dèanta aca, cha bhiodh ri ràdh riutha ach "fòghlumaibh sin!"

A thaobh teagasg na Gàidhlig, ma 's ann ag earbsadh & leabhraichean a bhios sinn chun an teanga sgaoileadh as ùr feadh chòig còigeamhan Eireann, bithidh an diomb ceudna agus am mealladh-dùil ceudna air Ghàidheil, eadar uaislean is òslean, an ceann

fhichead bliadhna agus a tha an diugh. Bithidh, gun teagamh.

Gach oide-foghlum a thuigeas an cuspair a bhios 'ga theagasg aige, ma 's e cànan no eòlas-cèirde no àireamhachd, dh'fhacadh e an cuspair sin a theagasg gu coimhlionta gun aon teacs-leabhar a bhi 'na lèimh aige, nam biodh e air oileanachadh chuige anns na h-oil-thighean ud anns an tug e mach a cheum foghlum-cèirde.

De bhrìgh sin, socraicheamaid an sgeul gun tuilleadh dàlach. Febraicheamaid dhinn féin an e a tha uainn a' ghné sgoilearachd a thatar a' buileachadh air sluaigh eile na h-Eorpa, sgoilearachd a dh'fhosgladh aigne an t-sluaigh agus a dhéanadh tuigseach, léirsinneach 'nan gnothaichean féin agus an cùisean sìobhalta iad; a' ghné sgoilearachd sin a thog na Lochlannaich fhéin as an amar-tubaiste 's an robh iad. E sin, no a' ghné so a bheir slighe-bheatha do neart againn gu sgrùdadh an coinneamh na bliadhna a fhreasdal, agus comharran is duaisean-sgoile a bhuileachadh air leanaban agus air òganaich, agus ainm agus sloinneadh gach sgoileir a chraobh-sgaoileadh, agus comas a bhi aig na h-oil-thighean uail is spagluinn a dhéanamh as na choisinn iad de dhuaisean anns an sgrùdadh: 'gan taisbeanadh an àitean follaiseach agus 'gam fairbheanadh anns na paipearan-naigheachd amhull mar a dh'fhaireas luchd nam buith an cuid bathair anns na h-uinneagan — 'gan roinn 'nan seòrsaibh agus an luach sgrìobhte orra!

An déidh gach orduigh o'n Ughdarras agus gach comhairle o'n fhear-sgrùdaidh, agus an déidh d'chill gach maighstir-sgoile, chan eil a' chànan 'ga labhairt aig na sgoilearan air crìochnachadh an cùrsa dhaibh. Agus rud as miosa na sin, cha cleachd iad an t-òranachadh Gàidhlig no an ceòl Gàidhlig a mhuineas am maighstir-sgoile dhaibh, rud a nì ean le dùrachd do ghnàth. Is treise, mo thruaighe, an déidh comhairle is d'chill chàich, "Sgoil na Cuinne-Sraide" na sgoil na riaghailt. Gach gliongarach ciùil agus gach glagairachd òranachaidh a bheir an gille-margaidh agus luchd-tathaich nan tallachan-ciùil leo (gun chomhnadh leabhraichean) bheir an seòrsa sin buaidh air gach ro-dhéanadas dualchais a mhuineas sgoil na Rìoghachd. Eisd ri gillean òga 's iad ag cur nan cleas dhiubh an déidh greis air ball-coise, agus gheibh thu fianuis gu leòir air gur seachd treise sgoil na cuinne-

sraide. Ma tha sinn riarachta le toradh na sgoilearachd mar a chithear an coinneamh ar latha-ne i, is eagal liom gur ainneiseach an treubh sinn.

Agus, a charaid, tha 'cheist so 'nad inntinn r'a cur orm, "Agus an ann a their thu gur e an tecs-leabhar is coireach do'n mheathadh agus do'n diomb sin gu léir?"

Is ann. Chan eil mearachd sam bith orm d'a thaobh!

OBITUARY.

Members of An Comunn at home and abroad will learn with deep regret of the death of the Rev. Malcolm N. Munro, M.A., Taynuilt. Some years ago the name of Mr. Munro was very familiar to all interested in the Gaelic movement; and it was not until failing health caused him to be less active that he withdrew from the very arduous work he used to do in connection with the Mod and Music Committee. He was convener of that important Committee for sixteen years. His very fine grasp of the language and his very extensive knowledge of Gaelic music were of great value to the Committee. There can be no doubt that he had much to do with the development of the musical side of the National Mod during the formative years, when choral and solo singing were taking the very fine form with which we are now familiar.

Mr. Munro was only in the early sixties, although his name had been well-known for more than a generation. He was a native of Uig in Lewis. His secondary education was received at Raining School, Inverness, under the great Celtic scholar, Dr. MacBain. His University was Edinburgh, and his theological training he got in New College. He became minister of the Free Church, Muckairn, thirty-six years ago. He was for many years clerk of the Free Church Presbytery and latterly of the United Free Presbytery of Muckairn.

Mr. Munro edited two collections of Gaelic part-songs for An Comunn; and he has completed an important work on old Scottish psalm tunes which will probably be published before long.

As a preacher he was evangelical and scholarly; as a Gael, patriotic and enthusiastic; and as a man, faithful, genuine and lovable.

LETTER TO THE EDITOR.

FHIR URRAMAICH,

I would it were possible for me to write such a letter in Gaelic as that you printed from Capetown in your February issue. But will you allow me to support what he says in English?

As an incomer to Badenoch, when first I saw Loch Laggan and the waters of Spean, I was speechless with admiration of their beauty, and, equally when after an absence the spoilation of that beauty dawned on me, no words were sufficient to express my grief.

If that work would help to re-people the solitudes of Laggan, and light again the quenched home-fires of Crathie, no one would feel it as much—but strangers conceived the devastation; and strangers' hands mostly carried it out.

Our own people are going, and our rulers tell us it is the only way.

But if every man and woman of the Gael would raise their voice the Fèine would arise—Even already the faint cry of the faithful few, who are protesting at the neglect of Alba, is bringing them on their Elbows and I can assure A. MacAoidh that the volume of sound is growing and growing.

Too long the dwellers in the north have remained silent on subjects that concern them alone. Let them answer the call of their country and save her for the generations to come.

Our people went before the sheep—the sheep have gone before the deer, and now the deer and the fish that brought some return at least will go before the harnessing of the waters, a power that may benefit industrial areas miles away, but lights not one ray of hope in the hearts of our Inverness-shire unemployed. Before it is too late let us arrest forever this mis-use of our natural resources.

Let the Gaels who have helped, without reward, in the business of Empire, turn their thoughts to the far glens and help by their moral support the submerged people of the homeland, and thus strike another blast from the Horn of the Fèine, before it is too late.

Is mise le meas mòr

LIUSAIDH NIC 'IC FHIONNLAIGH,
(Inbhichalldar).

Coignashee, Newtonmore.

BARDACHD GHÀIDHLIG AN NAOIDHEAMH LINN DEUG.

Le DEORSA MARJORIBANKS.

(A' Cheud Duais, Mod 1931.)

IV.

Na dhéidh sin 's e Calum Mac Phàil am bàrd as guiniche chaidh an greim, agus mur eil a rannan bòidheach air fad, tha iad gleusda, geur-chùiseach. Tha *Bochdan na Rìoghachd* làn searbhachd :

Gheibh Sasunnaich na Beurla gach ni mar is àill
'S theid na Gaidheil a sgiùrsadh gu dùthchannan fàs.

Mur eil eucoir a' snàmh thar ceartais is 'ga bhàthadh
Fuilingidh mi mo sgiùrsadh a dùthaich nan Gaidheal.

Anns *An Fhàdach 's an d'rugadh* mi tha eadhon a dhòigh-rannachd ag antromachadh searbhaid a chainnte :

Bha Satan féin 'gan cuideachadh
'S e daonnan cumail cuideachd ri :
O 'n 's e bu chléireach urramach
Aig bun an leabhair mhóir.

Tha taoineadh cianalais is tiomachd ri fhaotainn an *Airdeanaidh*: breithneachadh bàrdail a 's airde an *Ditheachadh m' Eòlais*, ach tha dian-thuill càineadh a' Bhàird Lathurnaich fa dheòidh 'gar sàrachadh.

Tha 'n dòigh-làimhseachaidh aig na bàird eile na 's ceanalta. Air son sgeul a' bhròin 's e cuirte 'na chainnt dhualaich ann am beagan fhacal a tha urramach, tiamhaidh, 's fhiach an duanag *Fuadach nan Gaidheal* aig "Fionn" a leughadh. Tha Màiri Nic Ealair a' beantainn ris gu h-iomchuidh aig ceann a luinneig *Loch-Abar* :

Gun duine air na làraichean
Ach Goill is caorach bhàn' aca,
'S mac-talla searbh de 'n clàbair eachd
Gur Gaidhlig air 'n robh eòl.

Rinn dithis bhàrd òran 's an roinn-bàrdachd so a tha comharraichte air caochladh dòigh : Iain Mac Lachainn le *Och och, mar tha mi*, agus Niall Mac Leòid le *An Gleann 's an robh mi òg*. 'S e càineadh coimhlionta tha aig an Lighiche an so ach tha grinneas a rannachd gar buadhachadh mar le geasaibh. Mar dhealbhadh air beatha shona agus àbhaist shuigeartaich a luchd-dùthcha, 's air a chaochladh

a thàinig orra an lorg fuadach nan Gaidheal, tha òran a' Bhàird Sgitheanaich gun choimeas. Mar bhàrd a rinn sgeul a' bhròin àrdachadh, le binneas caintn agus caomhalachd smuain, as cionn lom-chàinidh, 'ga sgeadachadh 's a' lasachadh a thiamhaidheachd ann an seallaidhean drùidhteach air maise oibrichean naduir, cha tig bàrd eile suas ri Mac Leòid, eadhon Bàrd Ra-thuaithe, ge faisg ean air. Is iad 'òran-san as dlùithe do chridhe nan Gaidheal, is trice air am bilibh. Ar leinn gu bheil sinn da-rìreadh 'ga leantainn feadh *Doire na Smeoraich* agus mu stùcan nam beann (*Cumha an t-seana Ghaidheil*), a' faicinn "nan cluaineag cuachach meala" 's ag èisdeachd "eunlaith nan geugan a' gleusadh an rann," dìreach mar a bha : 's geur-mbhothachadh, maille ris, mar a dh'fhaodadh gach ni eile bhi fhathast mar a bha, am buachaille 's a' bhanarach, ceòl na clàrsaich 's na ploba,

Na laoiach a bha lùthmhor
Mu stùcan a' cheo,

mur a b' e gun do chàraich am fòirneart mi chéillidh sin a làmh eugaigh air aodann nan srath. Gidheadh bha de mhisneach aige roimhe-aithris, an *Thoir mo Shoraidh* thar an *t-Saile*, air àth-philleadh nan làithean sona :

Bidh ar glinn 's ar srathan còmhnaid
Air an àiteach 's air an còmhachd,
'S bidh na Gaidheil mar bu chòir dhaibh
Gabhail comhnuidh anns an tìr.

Gu ma luath thig an là sin !

Nis, "A Ghaidhlig" fhéin, mathair-uisge ar bàrdachd—nach e Iain Caimbeul a' cheud bhàrd a mhol i ?

'S i dh' ionnsaich sinn tràth ann an làithean ar n-òig'

'S nach fàg sinn gu bràth gus an laigh sinn fo 'n fhòid ;

agus is lìonmhor na geallaidhean ceudna a rinneadh feadh dara leth an linn. Fhreagair Niall Mac Leòid a cheist fhéin "Am faigh a' Ghaidhlig bàs ?" le òran a tha measail aig an t-sluagh agus coimhlionta 's gach dòigh 's an gabhar am facal. Ach ged a rinn iomadh bàrd eile rannan innleachdach as a leth, is e a' cheist an robh grinneas na Gaidhlig air àrdachadh gu mòr air an tàilleamh. Tha sinn a' faireachdainn nach e grinneas na Gaidhlig a' bha stuigeadh nam bàrd gu bhi 'ga moladh, ach eagal gu 'n robh i call a h-àite 's gu 'm faodadh i dol bàs fa-dheòidh mur faigheadh i moladh is brosnuchadh.

"Càinän mhùrneach ar dùthcha cha treig
sinn r' ar beò"

Ghlaoth Donnachadh Mac 'Ille Ruaidh, 's a luchd-dùthcha 'ga treigsinn 'nam miltean, eadhon mu'n am sin. Agus 'nuair a their sinn gu bheil spiorad curanta, deòthasach a' ruith air 'fheadh, 's e sin na ghabhas a ràdh, mar bhàrdachd, as leth *Suas leis a' Gaidhlig*. Agus O! nan tuigeadh na miltean a sheinneas an t-oran sin nach e "ionnsuidh a thugadh le nàmh" a tha bagradh beatha na Gaidhlig ach an caoin-shuarachas fhéin! Bhuail am Bàrd Lathuruach an tarruing air a ceann an *Luchd-fuath na Gaidhlig*, agus gu dearbha tha 'sgeig 's a tharcuis mar sgairt-ghaoth fhallain nam fuar-bheann am measg na bracha teith so:

Tha dream air nach deanainn dì-chuimhn'
'S còir an dteadh measg nan Gaidheal,
Feadhainn a rugadh 's a' Ghaidhealtachd
Anns na fàrdaichean a 's tàire,
An diugh trath chì sinn air an t-sraid iad
Tha cannt am màthar leo diblidh,
An àite "Cia mar a tha thu?"
Their "How are you?" 's làmh 'g a
sineadh.

Ach 'nuair a bha'n curaidh calma Iain Mac Griogair a' moladh "Grinneas na Gaidhlig" 's ag cur "Ceud Faighte" dh' ionnsuidh a dhùthcha, 's e fìor ghràdh is iondrainn a bha 'ga bhlàth dheacadh, agus

"Gur tric a dh' fhàg e mise tinn
Bhi cluinntinn sgreach an càinain
Oir O! os cionn gach cannt is binn'
Gur binn leam fhéin a' Ghaidhlig."

Tha snas is eagnaidheachd cho maith ri smuain ùr aig Calum Mac Pharlain, mar bu dual da, 's an duanag *Mo Roghainn a' Ghaidhlig*. Nach tuigeadh na Gaidheil gur h-ann

"Gun oilean gun nàire
Luchd-dearmad an càinain
Fìor-uasal na sàir ud
Tha dileas do 'n Ghaidhlig!"

Tha òran smiorail, gleusda aig Mairi Nic Ealair mu 'n choinnimh-comhraidh bha ann an Dun-eideann air son cathair Ghaidhlig fhaotainn anns an àrd oil-thigh, agus fear nach lugha tlachd aig Niall Macleòid air foirbheachadh na h-ìomairt sin—*Deoch-slàinte nan curaidhean*, a tha crìochnachadh gu ro-fhreagarrach—

"Ach 's iomadh linn a thàinig
Bho fhuair i tìr nan Àrd-bheann,
'S bidh tuilleadh ris an àireamh
Mu 'm bàsaich a' chruinneag so.

Tha roinn de ar bàrdachd a tha 'n dlùth-cheangal ris na bh' againn ud shuas, 's e sin an *t-òran-euralachaidh* no mar is trice theirear rithe, an t-oran-brosnuchaidh; agus is e a thatar a' brosnuchadh dualchas nan Gaidheal; tha iad air an earalachadh gu bhi dileas do an cleachdaidhean 's an càinain, gu bhi leantainn gu dlùth ri cliù an sinnsir. Coltach ri moladh na Gaidhlig is e mathair aobhar do 'n òran so, gun robh e feumail. Thàinig iad mu 'n aon àm agus sgriobhadh iad leis na ceart bhàird, cha mhòr air dòigh-labhairt a tha co-ionann; dòigh churanta, loisgeanta—agus is feudair aideachadh, car spagluinneach. Rinn an t-òranachadh so a thùrn, agus sin na th'ann.

Is e Iain Caimbeul, mar a thachair a rithis, a rinn a' cheud òran, ach cha samhladh e air an t-seòrsa brosnuchaidh a tha fo ar beachd a nis. B' àirde a cheann-teagaisg, agus chì sinn aighe cràbhach an duine 's e co-èigheachadh muinntir a ghaoil gun iad a strìochdadh fo bhuairesan an t-saoghail:

"Ged bhios sibh 'gar sàrach
'S an-dòchas g'ar bàthadh
Na gèillibh gu bràth dha
Is gheibh sibh a' bhuaidh

Fada eadar-dhèalaichte bho so tha *Ri Guaillibh a chéile* le Donnachadh Mac Ille Ruaidh, an t-òran-brosnuchaidh is mo tlachd leis a luchd-dùthcha. 'Na spiorad 'na chaintinn 's 'na dhòigh-rannachd tha 'mhac-samladh againn ann an *Suas leis a' Ghaidhlig*—dh'fhaodadh iad a bhi air an sgriobhadh an ceann a chéile. Nì fìor bheagan de 'n rannachd so ar storrachd, 's ma tha dualchas nan Gaidheal an eisimeil a leithid a dh' àrd-ghlòir, is bochd a chàs da-rìreadh. Tha *Port brosnuchaidh nan Gaidheal* aig Iain Mac Griogair na 's coltaiche ri bàrdachd, ach tha càileigin de spàirn feadh a chridhealais. Tha e 'n dàn do Chalum Mac Pharlain a' bhearn a dhùnadh aon uair eile, rud a rinn e gu h-eireachdail 'na *Gaidheil an Guaillibh a' Chéile*. 'S e òran so a tha co-èigheachadh ar n-àire le fearalas agus spionnachd tùrail a bhreithneachaidh, cho maith agus le 'shamhlaidhean smuaineachail agus' earalaichean fallain. Cha b'ègal do 'n Ghaidheal nan cuimhnicheadh e 's nan cuireadh e so gu buil—

Ach 's beag ni e feum dhuinn
Bhi luaidh air am beusan
Mur bi sinn fhéin gleusda' chum euchdan,
Ar giùlan fìor-uasal
Ar n-onoir gun truaillleadh
'S ar gluasad an guailibh a chéile.

(Continued on page 93)

CRAOBH SGAOILEADH.

An Airde Tuath.

Chumadh coinneamh de 'n Chomhairle Thuathaich ann am baile Inbhir-nis air an 10mh là de 'n Ghearran agus bha trì deug de na buill an lathair, le Mhgr. Domhnall Mac Dhomhnuill, Am Fear Gairme, anns a' chathair.

Bha e taitneach eisdeachd ri sgeul an Fhìr-dheilbhe air a chuairt do Chataibh agus cuid de Ghallaibh. Ann an Cataibh tha barrachd suim a nis 'ga ghabhail a thaobh teagasg na Gaidhlig anns na sgoilean agus tha na parantan cuideachd a' tuigsinn an call mór a bhitheas ann do 'n chloinn ma chailleas iad an còir-bhreith—eòlas air litreachas, agus cleachdaidhean an sinnsre.

Chaidh da mheur ùr a chur air bonn na taobh an iar Chataibh, Aisir agus Bad a' Choill, agus bha na coinneamhan sin a toirt 'n ar cuimhne Ceilidh nan Gaidheil an Glaschu, a chionn nach cuolas facal ach Gaidhlig aca. Tha dòchas againn gu 'n teid meur de Chomunn na h-Oigridh a chur air bonn anns an ionad so gu h-aithghearr, oir tha gach ni fàbharach gu so a dheanamh.

Chuireadh air bonn meur ùr ann an Latharan, an Gallaibh, agus ged nach 'eil luchd labhairt na cànan ach tearc anns na crìochan sin, tha spiorad na cànan laidir, fallain agus is ann an àitean de 'n t-seòrsa so a ghabhas mòr-fheum a dheanamh airson obair a' Chomuinn a chumail fa chomhair an t-sluaigh.

Leugh an Runair iomradh air cunntas-obrach an luchd-teagaisg agus bhàa 'Chomhairle riarachta an deidh sgrùdadh a dheanamh air an iomradh gu 'n robh iad fa leth a' deanamh obrach ionmhalta. Tha Mairead Nic Dhomhnuill a' teagasg anns an Eilean Sgitheanach agus am beagan ùine bithidh i a' tilleadh gu Baideanach. Tha Seonaid Nic Coinnich a' teagasg an Druim-na-Drochaid. Tha Iain Mac Dhomhnuill agus cròileanan fallain aige ann an Eilean Leodhais agus tha Bhaltar Ros a' teagasg an ceann a Tuath Chataibh gu toiseach a' Mhàrt so tighinn agus tilleadh e an uair sin gu Loch Braon airson a' Mhòid ann an Ullaboll aig toiseach a' Chéitein. Tha Iain Mac Iomhair a' teagasg aig Loch Aillse agus tha e deanamh adhartais a tha taitneach.

Chaidh earbsa ri Frith-Chomhairle shonruichte a bhì taghadh Britheamhan airson nam Mòdan Dùthchail am Brùra, Caol Loch Aillse agus Loch Braon.

Air an aobhar gu bhèil parantan na cloinne an Gleann Garadh deònach gu 'm bi a' Ghaidhlig air a' teagasg 's na sgoilean anns a' Ghleann

sin chaidh earbsa ris an Fhear-dheilbhe Tagradh (Petition) le ainmean nam parantan a chur a dh'ionnsuidh Fear Stiùiridh Ard Fhoghlaim Siorramachd Inbhir-nis.

Bithidh am Fear-deilbhe a' dol air chuairt do dh' Uibhist a dh'aithghearr.

An Airde Deas.

Bha coinneamh aig a' Chomhairle Dheasaich air feasgar Dìor-daoin, an dara là fichead de 'n Ghearran, agus bha mòran de na buill an lathair fo riaghaladh an Fhìr Ghairme, Mgr. Donnchadh MacCalum.

An deidh gnòthaichean a mheòrachadh bho ghearr-sheanachas na coinneimh roimhe thug an Ard Rùnaire fathunn togarach air a thurasan do 'n Ghaidhealtachd agus air coinneamhan nam Meur aig an do fhrithheil e. Bha e an eilean Luing air an là mu dheireadh de 'n Fhaoilteach agus bha tigh-sgoil Achafola loma-làn air an fheasgar sin. Bha deich is trì fichead cruinn fo stiùradh Mhgr. Eoghann Mhic Comhghain. Thug an Rùnaire seachad oraid an Gaidhlig. Air an ath fheasgar bha an Rùnaire còmhla ri muinntir Eiseil agus bha deich is ceithir fichead am mach 'ga eisdeachd 's an tigh-sgoil. Bha an Ceann-suidhe, Mgr Iain Caimbeul, anns a' chathair agus am measg gach ni Gaidhealach a bha air a' chlàr-eagair bha òran no dha bho 'n Chòisir Fhear.

Air feasgar Dì-haoine, an dara là de 'n Ghearran, bha tigh-sgoil na h-Aird-thearna cho làn 's a chumadh e—mu shè fichead—agus bha an Ceann-suidhe òg, Mgr MacNeacail, anns a' chathair. Tha Mgr. Eoghann MacGilleathain, am fear teagaisg, a' deanamh adhartas maith an so leis a' cheòl, agus tha sean is òg ag gabhail a' chothroim air cur ri an eòlas air ceòl an dùthcha. Air Dì-luain, an ceathramh là, bha an Rùnaire agus a' Mghdn. Mairi NicArtair aig cèilidh an Cill Fhianain. Bha seachd fichead cruinn as gach cearna de Chòmhla, agus bha an Ceann Suidhe, An t-Urr. Eachann Camshron, anns a' chathair. Thogadh suim mhaith airgid air son Mòd an Obain.

Air feasgar Dì-màirt bha an Rùnaire an Cill Mhàrtainn agus bha mu cheud an lathair aig a' chéilidh. Bha an Ceann-suidhe, Mgr Calum Mac a' Chléirich, anns a' chathair. Am measg nam feadhnach a sheinn bha Mgr Niall MacGilleathain agus a' chéile. Air Dì-haoine an deidh sin bha an Rùnaire 'na Fhear-cathrach aig dara Cruinneachadh Bladhnaid Gaidheil Dhuin-farlain. Ged nach 'eil an Comunn so ach òg tha mòran bhall co-cheangailte ris anns a' bhaile, agus bha mu cheithir cheud gu leth am mach a dh'eisdeachd ri òrain is ceòl nan Gaidheal.

Fhrithheil Mgr Eachann MacDhùghaill agus an Rùnaire aig Mòd Comunn Ceilidh Ard Sgoil Ghlaschu air an deicheamh là de 'n Ghearran. Bha còrr is leth cheud co-fharpais each ag gabhail cuid agus rinn iad uile gu fìor mhaith. Labhair Mgr MacGille Sheathanaich agus chliuthaich e an obair mhaith a tha a' Cheilidh so a' deanamh ann a bhi a' toirt cothrom do oigridh a' bhaile eòlas coimhionta a bhi aca air càin an athraichean.

Labhair an Runaire air "Ceòl Gaidhealach" aig coinneimh de bhuill na Cuideachd Ghaidhealaich an Glaschu air an dara là deug. Bha Mgr Seumas Mac a' Phì a' seinn òran agus thug Mgr Raibeart MacGille Ruaidh ceòl mòr air a' phìob mhàla. Air an ath fheasgar a rithis bha an Rùnaire 'na Fhear-cathrach aig cruinneachadh de 'n Chomunn Chollach an Aitreibh nan Gaidheal. B'e so cruinneachadh cho mòr is a bha riamh aig aon chomunn anns an Aitreibh bho 'n a chuireadh suas i. B'fheudar a' chuideachd a roinn eadar dà thalla.


Air feasgar Di-ciadain bha Mgr MacGille Sheathanaich aig céilidh Meur Bheinn Dhiùirinnis am Bun Atha. Bha an t-Urra. Alasdair Mac Dhombhaill, an Ceann-suidhe, anns a' chathair. Bha mu thrì fichead cruinn, cuid dhiubh a thainig thar an aiseig bho Thigh an Uillt.

Rainig an Rùnaire a' Chrithionnlairich air feasgar Dìor-daoìn agus chuir e rùintean a' Chomuinn fa chomhar a' choig ar fhichead a chruinnich. Chuireadh Meur ùr de 'n Chomunn air bonn agus, air son so, tha ar taing aig Mgr Alasdair Mac an t-Saoir, a' Bheinn Mhór.

Chriochnaiceadh an t-seachdain le céilidh mhór an Cillfhinn far an robh an Ceann-suidhe, Mgr Gilbeart Mac an t-Saoir, anns a' chathair. Bha mu choig ceud 's a deich an làthair agus bha e toilinntinneach a thuigsinn gu 'm bheil an aireamh so, is air uairean barrachd, aig gach coinneimh. Tha meuran a' Chomuinn anns gach àite a nochdadh dealais sonraichte ann an giùlan air aghaidh nan ceilidhean air a' bhliadhna so, agus am móran àitean tha cròileanan Gaidhlig air ghleus.

Leughadh litir bho chléireach Meur Chill Mhàrtainn mu sheirbhis Fear-teagaisg agus tha dòchas gu 'n gabh cròilean eile os laimh an t-seirbhis còmhla riu agus, mar sin, gu 'n teid an obair air a h-aghaidh. Chaidh cunntas-obrach an luchd-teagaisg a sgrùdadh agus thugadh fainear gu 'm bheil iad a' frithealadh mar a leanas:—An Apuinn is Dùbhra, Mgr Iain MacDhiarmaid; Arainn, A' Bhean Uasal NicDhombhaill; Dailriada, Mgr. Eoghann MacGilleathain; Muile 's a' Mhorairne, A' Mhgn. E. NicMhartainn, M.A.

CAIRT PHOSTAIL.



Reproduction of the Celtic Post Cards designed by Miss Lamont of Knockdow and sold for One Penny per Packet of Ten.

SECRETARY'S NOTES.

It was a very happy experience being present at the High School Ceilidh Mod, in the Berkeley (St. Andrew's Hall), on 10th February. This is the fifth of these Annual Mods, and each year they grow in interest and importance, and this Ceilidh is to be complimented on the very useful service they perform on behalf of the language in the City. There were seven classes on the syllabus this year, five of which were devoted to the children, and the standard attained in all the competitions was very satisfactory indeed. In addition to this Mod, the High School Ceilidh conduct weekly Gaelic classes, and for their work, they are deserving of the thanks of all who are interested in the success of our movement. I addressed the audience and expressed our appreciation of the Ceilidh's efforts in this direction, and our thanks for all their excellent labours.

* * *

The annual Gaelic service which was instituted in the Glasgow University Chapel ten years ago continues to attract large congregations. At this year's service, our own president, Rev. Dr. Neil Ross, C.B.E. was the preacher—and he delivered an eloquent and impressive sermon to a congregation of well over three hundred, which included, representatives from the various Highland Associations. The lessons were read by Mr. Archibald Beaton, M.A., president of the Ossianic Society, who is a native of Skye, and Mr. James Mackenzie, a native of Harris. The praise was led by St. Columba Gaelic Choir, under the direction of Mr. Donald MacColl.

* * *

One of the most memorable Ceilidhs in the history of the movement in Lochaber, took place at Kinlochail when Mr. Donald MacMillan, the president of the branch, was being honoured for his distinction in gaining the bardic crown at the 1933 National Mod. The gifts which consisted of a handsome leather easy chair and the photograph which had been taken of the crowning ceremony, were presented to him by Col. D. W. Cameron of Lochiel who warmly congratulated the bard on the distinction he had earned. Mr. Archibald MacKellaig presided over this Ceilidh which was attended by a large audience, many of whom travelled long distances to pay tribute to the bard.

* * *

On Friday, 9th February, I had the honour of presiding over the second annual gathering of the Dunfermline Highland Association.

There was a large company of approximately five hundred present, and they listened with close attention to my remarks on An Comunn and the work we are doing. A feature of the proceedings was the reception that was accorded to the Gaelic singers. Mr. Charles Smith, a native of Lewis, is president of the Association.

* * *

As will be seen from the Gaelic report, from the Northern Sub-Committee, it is hoped to institute an all Gaelic Ceilidh in Inverness, similar to Ceilidh nan Gaidheal in Glasgow. The initiative has been taken in the matter by Sir Alexander MacEwen, in whose house a very successful preliminary Ceilidh was held, and it is hoped that this new Society will commence its activities early next session. We trust it may be well received, and, that it will take a prominent and permanent part in the social life of the town. "Buaidh is piseach leis na seoid."

* * *

We have just been informed that a new Association, which has adopted, not only the name of An Comunn Gaidhealach, but also our purposes, has been formed at Johannesburg, South Africa. The president of this society is Mr. Donald Mackenzie, who is a Gaelic speaker, and it is very pleasing to note that a prominent place is being accorded to the old language in all the proceedings. We wish our South African friends every success in their efforts.

* * *

It may be interesting to mention, that the president of the newly formed branch at Crianlarich, Mrs. Malloch, is the lady from whom the late Rev. M. N. Munro received that very popular song, "Mo Chubhrachan." This suggests the idea, that many of our branches could undertake the work of collecting all the unpublished Gaelic songs and airs in their district. As the local custodians of Gaelic interest they should, as part of their duties, undertake this service.

* * *

I have pleasure in announcing that Messrs. John Smith & Co., 6 Frederick Street, Edinburgh, have agreed to stock Celtic design transfers, including the prescribed design for this year's National Mod Competition. Anyone interested in the application of these designs, and who have the opportunity, should call on Messrs. Smith, where they may see the selection they have on view. I may say, that a list of the National Mod Competitions have been printed in leaflet form, and we will gladly send copies to anyone who may desire them.

In this issue, there is reproduced the design of the Celtic Post Cards, which I may again say are being sold at one penny per packet of ten cards. These cards are a new venture by the Art and Industry Committee, and we would recommend our members to secure a packet whenever they desire such articles. The design, which is by Miss Lamont of Knockdow, was awarded a prize at the National Mod.

* * *

Arrangements for the 1934 National Mod, at Oban, are proceeding very satisfactorily. The Local Committee are very active promoting money making functions, and among those which will shortly be held, is the Highland Ball, in the Station Hotel, Oban, on 22nd March, at which a large company is expected. We are much indebted to the Rural Choirs, in the surrounding district, who assisted the funds by promoting concerts, and we trust that our branches will not forget the claims of the Mod when the appeal is made to them. We look to them to support the appeal of the Local Committee as generously as possible.

* * *

Our attention has been called to the new boys' paper, "Claymore," which has just recently been issued. This publication is primarily intended for Scottish boys, and the various stories and articles are of such a wholesome nature, that we have no hesitation in commending it to our Highland youth. Several very interesting contributions have already appeared on Highland folk-lore subjects, and Gaelic articles are being encouraged. This magazine offers an excellent opportunity for Highland boys and girls to submit stories of historical and legendary interest for which payment is made.

* * *

I would like to remind intending students at the Summer School of the necessity for making arrangements for their lodgings well in advance. The Arisaig district is a very popular holiday centre, and as local accommodation is somewhat limited, it would be well that such matters be attended to with as little delay as possible. We have a list of Hotels and Boarding Houses from the Local Committee which we would be pleased to send to anyone desiring a copy. The school will be in session from Tuesday, 17th July until Friday, 10th August inclusive.

NIALL.

LA COMH-FHARPUIS-TREABHAIDH.

Chan eil là 'sa bhliadhna nach bi coimh-dheuchainn air chor-eiginn air cluichean aig muinntir nam bailtean, ach is ann glé ainneamh a chluinnear iomradh air comh-fharpuis oibrichean. Chan ann mar sin a tha a' chùis air an dùthaich. Chan eil sgìreachd o Mhaol nan Gall gu tigh Iain Ghrot air tìrmòr, no anns na h-Eileanan Siar, anns nach 'eil comh-fharpuis treabhaidh air a cumail anns an Earrach.

Tha an sean-fhacal—"Is e triù (farmad) a ni treabhadh" glé fhìor, oir tha treabhadh an diugh na's fhearr gu mòr na bha e mu'n do thòisich a' chomh-fharpuis. Chan e a mhàin gu bheil an treabhadh na's fhearr ach tha eich, acfhuinnean, agus croinn air an cumail an òrdugh mar nach robh iad roimhe so.

Ma bhlitheas an t-sìd fàbharach bithidh sluagh mor air an achadh oir tha am bitheantas cead aig gach neach a thogras dol gu 'fhaicinn. Is e la-taimh do sheirbhisich na sgìre a th'ann.

Tha an grunn air a thomhas na roinnean an aon mhead agus tha gach treabhaiche a' gabhail 'àite a réir a chrannchur.

Is e sealladh glé bhreagh a bhi 'g amharc air aireamh de sheirichean air an sgeadachadh gu rionnach le ribeanan de gach dath anns a' bhogha-fhrois, a' gluasad gu seimh socrach o cheann gu ceann an achaidh.

Tha dha no trì de dhaoine teoma air an taghadh gu bhi 'nam breitheamhan air son an treabhaidh agus cuid eile air son nan each agus nan acfhuinnean.

Mar a bhitheas crìoch air obair an là agus gnothaichean an òrdugh aig an rùnaire bithidh na duaisean air an toirt seachd do gach aon a reir mar a choisinn e, le bean-uasal air chor-eigin anns a' chuideachd.

Chan eil na's lugha na seachd duaisean air son treabhaidh, agus aireamh eile air son nan each agus nan acfhuinnean. A thuilleadh air sin tha duaisean sonruichte air an toirt seachd le càirdean air an achadh dhoibhsan nach d' fhuair dad air son treabhaidh, agus, mar sin, chan eil aon de na comh-fharpuisean gun luach a shaothrach.

Gheibh na treabhaichean, na breitheamhan 's an luchd-frithealaidh gabhail riù gu fialaidh le biadh leis an tuathanach d' am buin am fearann.

EILEANACH.

CEILIDH AN INBHIRNIS.

Chumadh Céilidh Ghaidhealach ann an dachaidh Ridire Alasdair Mhic Eoghainn air Di-haoine, an naoidheamh là de 'n Ghearran. Bha trì fichead an lathair agus cha dhichuimhnich iadsan am feasda an coibhneas agus am bláthas a chaidh a nochdadh dhaibh le uaislean an tighe agus leis an teaghlach. Is e fíor chruinneachadh Gaidhealach a bh'ann agus nuair a labhair an Ridire ann an deagh Ghaidhlig agus a chuir e fáilte 's furan air na bha air Céilidh, smaointich sinn gu 'n do dhùisg spiorad na Gaidhlig anns a' bhaile so a rithist.

Chan 'eil ach beagan bhliadhnachan bho 'n a thòisich an Ridire air ionnsachadh na Gaidhlig, ach tha e nis comasach air labhairt anns a' chànan gu fìleanta, agus ged a labhair e còrr is carteil na h-uaireach cha chuala sinn aon fhacal Beurla air feadh na h-òraid.

As a dheidh sin fhuair sinn Sgeulachd bho Mhgr. Mac Phàil, Fear-Deilbhe na h-Airde Tuath, agus Orain bho Dhonnchadh Mac Coinnich, Iain N. Mac Leoid, Stiubhart Mac Aonghais, Caillein Og Mac Leoid agus a mhathair, Seonaid Nic Choinnich agus Cairtriona Nic Phàrlain. Dh'innis Uisdean Mac Rath agus Iain Mac Coinnich naidheachdan a bha ro-thaitneach.

An deidh dhuinn greim suipearach fhaotainn, thug Mhgr. Domhnall Mac Dhomhnuill fo ar comhar an t-aobhar sonruichte a thug sinn cruinn comhla air an oidhche so, agus leig e fhaicinn dhuinn gu bheil an t-àm ann airson gnothaichean na Gaidhlig a' chur air seòl na 's fearr anns a' bhaile so. Bu mhath leis Ceilidhean Gaidhlig a bhi air an steidheachadh anns a' bhaile far am biodh cothrom air a thoirt do Ghaidheil a bhi cruinneachadh an ceann a cheile agus a bhi a' labhairt na seann chànan.

Ma bha aon idir anns a' chuideachd car meagh-bhlàth mu 'n chùis so, cha robh Iain N. Mac Leoid (Alasdair Mór) fada gus an do chuir e a' cheòl gus an dara taobh. Thuir e gu robh àm na feala-dha seachad agus nuair a' bhlàthaich e ris a' chuspair, a ghabh e os laimh, bha gach aon againn gu ro-chinnteach gur e cleasdanas gach Gaidheal cor na Gaidhlig a dheanamh na 's suidhichte anns a' bhaile so.

A chum agus an gnothach a' dhaingneachadh, labhair Mgr. Murchadh Mac Ille Mhoire, Fear-Stiuridh Ard Fhoghlum Siorramachd Inbhirnis agus dh'aontaich e ris gach ni chaidh a' labhairt. Bha e an dòchas gu 'n cuidicheadh gach Gaidheal agus Bana Ghaidheal anns a' bhaile so, a chum agus gum biodh an t-seann chanain air a cleachdadh mar bu chòir.

Bha na h-Urramaich Mgrn. Boyd agus Mac Ill' Fhaolain mar ruinn cuideachd agus fhuair sinn beannachadh na h-Eaglais anns an obair ionmhail a ghabh sinn os laimh.

Thug a' Bhan Ridire toileachas mór do 'n chuideachd le puirt mhilis air an fhidhill.

Mu 'n taing a' Cheilidh gu crìch thug An t-Urramach Niall Mac 'Ill' Fhaolain taing chridheil do'n Ridire agus do 'n Bhan Ridire airson an coibhneas agus an cairdeis agus chaidh gabhail ris gu taitneach le bualadh bhasan.

Thug Banntrach an Urramaich Mgr. Ros taing chairdeil do 'n teaghlach airson an coibhneas a chaidh a nochdadh ris a' chuideachd mhóir a bha an lathair agus bha dòchas aice gu 'n deanadh a' choinneamh so feum mór airson ath-bheothachadh na cànan. Sheinn sinn uile "Oidheche mhaith leibh" agus dh'fhag sinn dachaidh an Ridire agus a mhnà choibhneil le cridheachan làn de ghràdh, mar bu dual dhuinn, mar Ghaidheil.

BOOK REVIEW.

THE OWL REMEMBERS.—Gaelic poems selected and edited, with Notes by John Mackechnie, M.A., B.D., F.S.A.Scot. Introduction and English version by Patrick M'Glynn, M.A., D.Litt., published by Eneas Mackay, Stirling, 110 pp., 3/6.

This handsomely printed volume is in the nature of a Gaelic anthology of short poems and excerpts with an English rendering. The English versions make pleasant reading and show poetical talent, but often fail to convey either the meaning or the dignity of the originals. In several instances the translation is quite off the mark: for example, p. 44, l.21, 'S e 'm ball seirce tha 'n clàr d'aodainn—it is the beauty-spot in thy forehead—is rendered as, lovely maiden I adore you, missing the description entirely. On p. 18, l. 8, we have as t-flaghar (as t-flhoghar), 'in Autumn,' translated 'in the Spring'! This is bad translating, and in any case, Spring is not the time of year for the chase to which the verse refers. On p. 30, l. 11, blòghan, the cry of the young fawn, is translated 'lowing,' as if the fawn were the bovine calf, and a dairy scene is introduced 'when time for milking was nigh,' which is quite out of place in a hunting piece, and is entirely non-existent in the Gaelic original. The spirit of the English versions is essentially modern. The archaic atmosphere of the older excerpts is not reproduced. The original excerpts range over a thousand years, and represent many styles and points of view. The versions, however, are thoroughly in the twentieth century manner.

If a second edition of this volume should be necessary, it is to be hoped that the many errors in the Gaelic text will be corrected.

Bardachd Ghaidhlig an Naoidheamh Linn Deug

(Continued from page 87).

chì sinn a' cheart rùn dùrachdach, àrd-inntinneil
ann an *Boch Oirinn O*, 's am bheil e faicinn

Grian bhuidhe bhòidheach na saorsa
'dearachadh

Feadh nan gleann, nam beann 's nam
bealaichean.

Is e an teachdaireachd a tha aig Calum daonnan,
gu 'm feum na Gaidheil a bhi airidh air an
leasachadh-inbhe 's air an àth-nuadhachadh
dualchais a tha iad a sireadh; mur a bi, nach
ruig iad a leas a bhi 'gan sireadh idir. Bha
cumhachd cleachdaidh cainnt aige chum so
chumail fa chomhair an sùilean, agus bàrdachd
a linn-san a mhaiseachadh aig a' cheart àm.

Tha seòl aig na bàird a tha 'gan eadar-
dhealachadh bho bhàird nan linntean roimhe
sin—a bhi ri féin-chomhradh, no b'eagnaidhe
ràdh, a' cuasachd ceistean aotrom is diomhair,
's a' duaineachadh an cuid smointean. Chan
e nach robh na seanna bhàird deas gu leòir
gu bhi leigil ruith le 'm faireachduinnean, ach
is ainneamh aca an seòrsa bhàrdachd a tha
air a shònrachadh an so. Buinidh e gu h-
àraid do dharna leth an linn, agus tha e 'na
chomharra air leudachadh inntinn agus leirsinn
aig na bàird an lorg iad a bhi beantainn na
bu shaoire ri gnòthichean ant-saoghail muigh.
Am flor thoiseach an linn rinn an diadhaire
Seumas Mac Griogair teagasg an t-soisgeul
a chur ann an rannachd, obair mhòr dhomhain
a lion leabhar nach beag. Ach chan eil 'na
bhàrdachd-san ach aithris dàin Dhonnachaidh
Bhàin, ni mo a tha i samhachadh na
duaineachadh smointean, no beus-oideas,
a tha fo ar beachd. Tha' bhàrdachd so cho iol-
ghnèitheach agus a tha i cho tlachdmhor.
Tha 'n seòl aig na bàird as tràithe tursach gu
leòir. Tha againn Lìghiche Ra-thuath a'
feitheamh an aiseig ri là gailbheach, 's e caoidh
teachd na h-aoise 's gach àmhghar a thig 'na
cois: so e rithis "air an stùc anns an fheasgar
chùbhraidh Chéit'" fo smuaintean tiamhaidh,
gun leannan gun charaid,

Gun eagal Dhé, gun ghràdh gun dùil
Chan eil cùram air mo chridh',
'S mi gun nì 's an cuir mi dùidh.

Dealbh na h-ònrachd! Ach thig diadhachd
an duine 'ga chomhnadh—

Ard-Rìgh nam feart tionndam riut
A 's air mo ghlùinean guidheam ort—
Deonaich dhomhsa cridhe nuadh
Eisd ri ni ùrnigh thruaigh an nochd.

agus tha' cheart phort tiamhaidh aige an *Tha
Mulad orm.*

(Ri Leantainn.)

GAELIC SOCIETY OF PERTH.

The Gaelic Society of Perth held its anniversary celebration in the form of
whist, dinner, and a dance. About 180
persons attended. The programme on this
occasion was a contrast to the usual
programme, which contains lectures and
debates. The prizes were handed over by
Mrs. Bain. Chief Bain occupied the chair
at the dinner, and was supported by Lord
Provost Hunter and the Lady Provost, Mrs.
Bain, Councillor Mrs. Wood, and Mr.
Wood, Chieftain J. F. Stewart and Mrs.
Stewart, and several others. The Lord
Provost proposed the toast of "The Gaelic
Society," and eloquently touched on the aim
and work of the Society. He concluded
with a fine sentiment, "Long may the
representatives of the Scottish clans have
such an organisation as the Gaelic Society
of Perth to draw them together, and enable
them to preserve the language and the lore
of the Highlands."

BRANCH REPORTS.

APPIN.—At a recent concert in the Hall, Mr. D.
MacPherson, M.A., the chairman, extended a
welcome to Mr. Neil Shaw, who gave a short
address. A very pleasing programme was sub-
mitted, consisting mostly of Gaelic songs sung by
local artistes, assisted by Miss Nancy MacDonald,
Oban, and Mr. Shaw. The singing in old-time
fashion of a Psalm tune ended the programme,
Mr. Shaw acting as precursor. A Singing Class is
being carried on under Mr. MacDiarmid, An Comunn
singing teacher.

BENBECULA.—A ceilidh was recently held at
Balivanich School. The proceedings consisted of
Gaelic and English songs, sgèulachdan, and a
Gaelic debate. There was a large company present,
who all thoroughly enjoyed the programme.

BENDERLOCH.—In the Victory Hall recently, Rev.
Mr. MacDonald presided over a ceilidh, which had
an excellent attendance of members. The pro-
gramme was sustained by a large company of
artistes with songs, stories, and instrumental music.
Mr. Shaw, who was paying his annual visit to the
branch, also assisted with the programme.

BERNISDALE.—At the fortnightly meeting in
Bernisdale School a large gathering was presided
over by Mr. MacPherson, schoolmaster, Carbot.
An interesting lecture was given by Mr. Ramage,
M.A., president, on "Wit and Humour in Gaelic
Poetry." A programme of Gaelic songs followed.

BRODICK.—There was a splendid gathering at the
recent ceilidh of this branch, at which Her
Grace the Duchess of Montrose, who is honorary
president, took a great interest. Two pipers
belonging to the branch piped the members into the
School. Then, to begin the ceilidh in true Comunn
Gaidhealach form, the president, Mr. John
McBride said a few words in Gaelic complimenting
the ladies for the excellent table they prepared.
The grace was said in Gaelic, and thereafter the

company enjoyed a lovely tea. Some friends from the Shiskine branch were present. After tea, more piping was heard, and then a number of Gaelic songs were sung. An hour's dancing brought to a close the first ceilidh of this branch.

CARRADALE.—A very pleasant ceilidh was held in the School on Saturday, 13th December, when the annual "Tattie and Herring" Supper was served to a large company. The president, Rev. J. A. Argyle Baker, M.A., presided, and after partaking of a hearty repast, dancing was engaged in with solos and musical items interspersed at intervals.

COLL.—The local branch of An Comunn held a ceilidh in Arinagour School, when Mr. A. L. Thomson, the president, carried out the duties of the chairman. The programme was opened by the company joining in singing "Suas leis a' Ghaidhlig." Thereafter the proceedings were conducted in real ceilidh manner, with song and story alternating. There was a large attendance of members and friends.

DUROR.—In spite of inclement weather, a successful ceilidh was held in the Reading Room, at which there was a large attendance. Rev. A. MacFadyen, president of the branch, presided, and Mr. Neil Shaw, organiser and secretary of An Comunn, addressed the audience in both Gaelic and English, and sang several old Gaelic songs, which were greatly appreciated. A number of local artistes also contributed to the programme, and altogether a very pleasant evening was spent.

EASDALE.—At a ceilidh in the Public School, Mr. John Campbell, president of the branch, presided. Mr. Neil Shaw, general secretary of An Comunn, gave an address on the present activities of An Comunn. A pleasant musical programme was submitted by the Gaelic Choir, under the conductorship of Mr. Donald Dewar.

EOCHAR (SOUTH UIST).—It was quite a large audience that attended the Schoolhouse, when the members of the Gerinish branch gave a representation of Mr. John MacCormick's Gaelic sketch, "An t-agh Odhar." The task of organising the production fell to Mrs. MacLeod, West Gerinish, and the ability with which she performed that onerous duty contributed more than anything else to the success of the evening. Mention must also be made of the excellent characterisation of the cast, who all performed their various parts with conspicuous success.

GLENELG.—At a concert in the School, a crowded audience saw, with pleasure and amusement, the Gaelic sketch, "An Reiteachadh Rathail," by John MacCormick, F.S.A., enacted by local dramatists. Other items in the programme included bagpipe selection, songs, and a Gaelic dialogue, and humorous readings by Mr. Thomas.

INVERARAY.—The fortnightly meeting of the local branch of An Comunn was held in the St. Malieu Hall. There was a large attendance, and Mr. Robert Bain, vice-president, presided. The programme opened with selections on the piob mhor, and two songs were sung by the Gaelic Class.

KILNINVER.—A successful ceilidh was held in the Kilniver School. Mr. John MacDonald, conductor of the Oban Gaelic Choir, presided, and a delightful evening of Gaelic songs and story and Highland music was contributed by a large company of local artistes, assisted by members of Mr. MacDonald's choir.

KILCHOAN.—An enjoyable ceilidh in the Public Hall was presided over by Rev. Mr. MacDonald, parish minister. The lecturer was Mr. John

Cameron, president of the Tobermory branch, who gave entertaining reminiscences. A programme of Gaelic songs was afterwards sustained by branch members.

LUING.—Mr. Neil Shaw, general secretary, visited the branch, and a successful ceilidh was held in the Schoolhouse. Ex-Provost MacCowan presided over a crowded audience. Mr. Shaw's speech was listened to most attentively. The school children, under Miss Campbell and Miss Kennedy, rendered solos and duets.

LOCHINVER.—The membership of this branch now numbers sixty, and a special "oidheche cuirm" was arranged when the organiser, Mr. Donald MacPhail, also paid his annual visit to the branch. To mark the first anniversary of the branch, two special iced cakes (it being the branch's first birthday since it was re-formed) took the place of honour on two tables. Both the cakes displayed appropriate Gaelic quotations. All took their seats at the tables on entering. The president's remarks were in Gaelic. The evening was passed in pleasant social intercourse, a warm Gaelic atmosphere prevailing. Mr. MacPhail's stirring address was loudly applauded.

MANCHESTER.—There was a very large attendance presided over by Professor Dougal at the meeting of the Manchester branch. The chief attraction of the evening was the presence of Miss Morag MacDonald, of Edinburgh, a Mod Gold Medallist. She delighted the audience by her singing of Gaelic songs. Dr. Chrissie MacDonald, of Skye, gave a pianoforte selection of Highland music, which was much appreciated. Bagpipe selections were played by Mr. David Ross. There was the usual Highland dancing to the music of the piob mhor. The singing of "Oidheche mhaith leith" brought a most enjoyable meeting to a close.


NETHY BRIDGE.—A truly Highland atmosphere prevailed at the recent meeting of the Nethy Bridge branch. Mr. Pat Cameron, president, who occupied the chair, made reference to the greater recognition that was accorded to Gaelic teaching by the Education Committees in the Highlands. While it was regretted that the local class had been discontinued this session, he hoped that they would once more find opportunity to receive instruction in the language they all loved so dearly. A lengthy and nicely varied musical programme followed, which was much enjoyed by the large audience that attended.

PORTREE.—The local branch of An Comunn Gaidhealach held an all-Gaelic debate in the Masonic Hall. The subject of this debate was "Co is fhearr Gliocas nadurra no Foghlum." The debaters were, "Gliocas," Miss Helen MacAskill, M.A., and Mr. Donald MacLeod; "Foghlum," Rev. J. MacKay and Miss Ina MacKinnon.

SALEN (MULL).—At a recent ceilidh, over which Colonel Greenhill Gardyne of Glenforsa presided, Rev. Hector MacSween, B.D., Morvern, gave an interesting address in most fluent Gaelic on "Ainmhidhean na Machrach." Songs were rendered by members of the Ulva Ferry branch.

STRONTIAN.—Mrs. Fletcher, Laidale, president, occupied the chair at a ceilidh in the Public Hall. Mr. Alastair Cameron, vice-president, spoke on the most prominent of the Gaelic Bards. His choice included Alex. MacDonald ("MacMhaigistir Alasdair") Duncan Ban MacIntyre, John MacDonald ("Ian Lom"), and Professor Ewen MacLachlan. Appropriate songs were rendered during the evening.

SCOTLAND'S HIGHLANDS CALLING !



HER Spinning Wheel and **HIS** Glengarry — Symbols of the Highlands!

Wear the tweeds and the woollies made in Highland homes. They are part of the life of the crofters, that sturdy independent race from which so many pioneers have sprung.

The mountain sheep give their wool, the lichens on the rocks their vegetable dyes. The women by the peat fire sing together as they weave and spin.

From here come the tartan plaids and woven tweeds, the knitted cardigans, shawls, and rugs — all made by hand and sold entirely for the benefit of the workers.

Highland Home Industries Ltd.

111A GEORGE STREET, EDINBURGH.

DEPOTS:

111a George St., Edinburgh;
255 Bath St., Glasgow;
Strathpeffer; and
Kilmuir, Skye.

PHONES :

Edinburgh 26713.
Glasgow, Douglas 62.

Just Published

3/6 net

The Owl Remembers

Gaelic Poems Selected and Edited with Notes by

JOHN MACKECHNIE

M.A., B.D., F.S.A.(Scot.)

Introduction and English Versions by

PATRICK MCGLYNN

M.A., D.Litt.

This book brings to the reader a new aspect of Gaelic life and culture in a form most attractive to the English reader.

It is one of the most important books in the Scottish Renaissance.

The editors, both outstanding scholars, have chosen some of the most charming and delightful poems from the eighth century to the present day, and made them available to the general reader in an entirely new English version.

ON SALE AT ALL BOOKSELLERS

or

ENEAS MACKAY

44 CRAIGS - - - STIRLING

THE CLARSACH

OR

CALEDONIAN HARP

J. W. BRIGGS

VIOLIN MAKER

8 Cambridge Street, Glasgow

MAKER OF

"DALRIADA" and "OSSIAN"
CLARSACHS

These Clarsachs are made entirely by hand in our own workshop in Glasgow. Most of the leading players of this delightful Scottish instrument have expressed their appreciation of the beauty of tone of those already supplied. The revival of the Clarsach has given great pleasure to all lovers of the traditional Highland music.

Prices and particulars on application to
above address.

'Grams: "Pheasant, Edinburgh."

'Phone 21103.



By Appointment to His Majesty the King

Quality is always the first consideration

PURVEYORS of the FINEST SCOTCH FED BEEF, SALT BEEF ROUNDS, SPICED BEEF, HOME-FED PORK, SCOTCH MUTTON and LAMB, NEW ZEALAND MUTTON and LAMB, CHOICE VEAL, CAMBRIDGE SAUSAGES, TURKEYS, GEESE, DUCKS and CHICKENS, PHEASANTS, PARTRIDGES, HARES, SEASONABLE GAME, PORK PIES, and GALANTINE. SCOTCH HAGGIS posted to any address at any time.

JAMES WILSON, LTD.

BUTCHERS, POULTERERS, and GAME DEALERS,

142, 144, 146 GEORGE STREET - - - EDINBURGH.

The Corner of Charlotte Square.

JOHN LEARMONTH, Managing Director.

THE NEW ROAD MAPS!

WHEN MOTORING IN SCOTLAND
OR ENGLAND TAKE WITH YOU A

SIMMATH ROAD MAP PANORAMIC GUIDE

PRICE, 1/-

A READ AS YOU RIDE MAP, showing mile by mile the road before you, with Photographs and Descriptions of the places passed.

TOURISTS, HIKERS, and TRIPPERS,

make the miles entrancing. A Simmath Map will do it!

No. 1—Perth to Inverness.

No. 2—Edinburgh to John o' Groats.


No. 3—London to Edinburgh, Perth, and Dundee.

No. 4—Middlesbro' to York, etc.

No. 5—Lake District.

No. 6—Aberdeen, Braemar, Perth, etc.

Of all Booksellers, or direct from THE SIMMATH PRESS LTD., DUNDEE.



EDITOR.—Rev. NEIL ROSS, C.B.E., D.Litt., *The Manse, Laggan, Kingussie, to whom all literary communications should be addressed; business and other communications to 212 West George Street, Glasgow.*

TELEGRAMS.—Runaire, Glasgow.

TELEPHONE.—Douglas 1433.

Leabhar XXIX.]

An Giblein, 1934.

[Earrann 7

RATHAD MOR AN RIGH.

Their cuid gu bheil na rathaidean a rinn na Ròmanaich 'n an dearbhadh gu 'n tug an sluagh làidir sin fo chis na dùthchannan troimh an d' rinn iad na rathaidean. Faodaidh gu bheil sin fìor. Ach ma bha na slighean socair comharradh mar chomharradh air buaidh an airm Ròmanaich, bha iad cuideachd 'n an samhla air lagh is òrdugh is soirbheachadh anns na h-àiteachan a dh'ionnsaidh an robh na slighean a ruigheachd. Ma leugh thu an sgeul gasda aig an Ollamh Niall Mac-an-Rothaich nach maireann, sgeul do 'n ainm *An Rathad Ur*, is cuimhne leat gu robh na Gaidheil bho chionn dà cheud bliadhna air ais, gu mòr an aghaidh nan rathaidean a rinn an Sìnleair Wade feadh na Gaidhealtachd. Is cinnteach gur e a' chrìoch àraidh a bha aig Ard Rìaghladh na rìoghachd aig an am ud, le bhi a' deanamh nan slighean, gu 'm biodh e na b'fharasda do 'n arm dhearg iomall na dùthcha a ruigheachd. Ach aig an am cheudna chan eil àicheadh nach robh rathad mòr an rìgh anns a' linn ud 'n a mheadhon air comunn is companas eadar an taobh tuath agus an taobh deas.

* * *

Anns an t-seann aimsir cha robh e soirbh sìubhal air na droch rathaidean a bha anns a' Ghaidhealtachd. Cha robh ann am mòran diubh ach ceuman-coise no frith-rathaidean. Is gann gum b'urrainn neach uidheam ghiùlain

iomairt air slighe. Mar bu trice is ann le srathair air druim eich a bha eallach 'g a ghiùlan. Air an aobhar sin chan eil ioghnadh ged bhiodh marsantachd fada air ais. Cha robh an sluagh comasach air eòlas a chur air a chèile a chionn is gu 'n robh iad letheorach. Faodar a thuigsinn mar sin gu 'n robh dìth rathaidean 'n a easbhuidh anabarrach, a' cumail nam finneachan dealaichte. Bha cion eòlais 'g am bacadh bho bhi 'n an nàbaidhean càirdeil d' a chèile. Is e sin a dh'aobhraidh gu 'n do mhair na seann aimhreitan cho fada eadar cuid de na treubhan Gaidhealach. Ach mar mheudaich eòlas air dòigh muinntir eile chaidh sìth is coibhneas am meud.

* * *

Bha earrann mhór de bheartas ar n-atraichean a' comh-sheasamh an spréidh, an crodh agus an caoraich. Thigeadh luchd malairt a dh'ionnsaidh nam féiltean Gaidhealach a cheannach na spréidhe. Is ann air an mhodh sin a bha airgid 'g a chur air iomairt, airson am beagan gnothaich a bhatar a' deanamh. Is i a' cheist, cia mar a gheibhte na treudan móra de spréidh a thoirt gu margaidhean an taobh deas. Bha na rathaidean cho dona. Agus cha robh turus mara càil ni b'fhusa. Bha an t-slighe thairis air monadh Dhrum Uachdair cunnartach is duilich air dòigh no dha. Bha an cois-cheum garbh agus an t-astar fada. Chan eil ach aon bhealach air an urrainn dhuit crodh iomain tarsuinn air.

Monadh Mór nan Grampian, agus is e sin Bealach Dhrum Uachdair. Cha robh lagh na rìoghachd a' riaghladh anns na h-ionadan fiadhaich. Bha robairean air an t-slighe gu bhi a' creachadh nan treud agus nam buachaille. Is e thainig bho sin gu robh na buachaille an t-achair ri chèile aig Dailchuinnidh, agus a' siubhal 'n an aon chomhlan thairis troimh Bhealach Dhrum Uachdair. Mar sin bha iad lìomhor agus làidir gu leor gu tachair ris an luchd reubainn. Tha Dailchuinnidh a' ciallachadh *dail na coinneimh*, far am b'abhaist do 'n luchd siubhail tional ri chèile. Tha ceann tuath Loch Eireacht anns a' chearn sin. Is ann aig ceann an locha a b'abhaist do na finneachan cruinneachadh an am dol a spùinneadh na Galldachd. Tha Eireacht mar an ceudna a' ciallachadh coinneamh. Is e Oireachtas a theirear fathast ri Mòd mór bliadhna nan Eireannach.

* * *

Ach thainig caochladh mór air corant-saoghail eadhon ri cumhne dhaoine nach eil fathast aosda. Rinneadh giorrachadh air astar agus air ùine. Le inleachdan ùra siubhailidh mac an duine gu luath anns an adhar; agus tha e mianach air siubhal leis an astar cheudna air an talamh. A chum sin a dheanamh tha slighe iomchuidh airson siubhail—rathad farsuinn rèidh a chum is gu 'n teid na cuibhlichean mu 'n cuairt gu clis air an deagh ùilleadh. Tha cuibhrionn thomadach de ionmhas an Ard Riaghlaidh 'g a buileachadh bho 'n chis a thatar a' càradh air na carbad ola. Tha punnd Susannach de chis 'g a leagail a réir gach neart eich a tha an acfuinn a' charbaid. Tha na mìltean carbad air shiubhal; agus tuigear mar sin gur e suim throm airgid a tha luchd nan carbad a' dioladh gach bliadhna. Chaidh earrann de 'n ionmhas sin a chosg a cheana gu bhi ag ullachadh deagh rathaidean an cuid de chearnaibh anns a' Ghaidhealtachd. Ach bho chionn trì bliadhna chuireadh bacadh grad air an fheabhas a bhatar a' deanamh air rathad mór an rìgh. Tha gearan air feadh na Gaidhealtachd an diugh a thaobh cor cianail nan rathaidean. Tha muinntir a' pàigheadh na cis gu dìleas, agus chan eil iad a' faotainn luach an iomlaid na cise. Tha luchd tadhail lìomhor a nis anns an t-Samhradh. Tha maise na dùthcha air fàs ainneil. Chan eil e comasach do choigrich, no eadhon do chardean, an dùthaich fhaicinn, mur bi feabhas gun dàil air rathad mór an rìgh anns an taobh tuath.

AN ARD CHOMHAIRLE.

Chumadh coinneamh de Ard Chomhairle a' Chomuinn Ghaidhealaich an Sruibhlea air Di-haoine, an naoidheamh là de 'n Mhàrt, 1934. Bha an ceann suidhe, an t-Ollamh Niall Ros, C.B.E., anns a' chathair, agus bha na buill a leanas an lathair:—A' Bhean Uasal Barron, Glaschu; Caipt. Aonghas R. Caimbeul, O.B.E., Glaschu; A' Bhean Uasal Chaimbeul (na h-Airdean); Tearlach Caimbeul, M.B.E., Glaschu; A' Bhean Uasal Dunlop, Glaschu; A' Bhean Uasal Edgar, Glaschu; Alasdair Friseal, Baile 'n Easbuig; A' Mhgn. Anna Nic Gille Bhrà, Glaschu; Iain M. MacGille na Brataich, Baile na h-Atha; A' Bhean Uasal Nic a' Chombaich, Glaschu; Niall Caimbeul Mac a' Chombaich, Glaschu; Domhnall MacDhomhnuill, Inbhirnis; An t-Urra. Daibhidh MacDhonnchaidh, Baile nam Feagan; Eachann MacDhughail, Glaschu; An Ridire Alasdair MacEoghainn, Inbhirnis; Alasdair C. MacLabhrainn, Dail-mhàili; A' Mhgn. Nic Laomainn a' Chnoic Dhuibh; An t-Urra Domhnall MacLaomainn, D.D., Blàr an Athail; Ailean MacLeoid, Glaschu; An t-Urra. Calum MacLeoid, A.M., Glaschu; Calum MacLeoid, Glaschu; A' Mhgn. Sybil Nic Leoid, Glaschu; Iain A. MacNeacail, A.M., Glaschu; An Lighiche Ruairidh MacNeacail, Tigh an Uillt; A' Mhgn. Sona Nic an Tàilleir, Dun-Blàthain; Seòras Mac Thomais, A.M., Glaschu; A' Mhgn. Nic an Uidhir, Alecsandria; Seoras E. Marjoribanks, Sonachan; Baintighearna Ormadail; A' Bhean Uasal Ros, an t-Eilean Sgitheanach. A' frithealadh, Niall MacGille Sheathanaich, Runaire, agus Eoghann Mac a' Phì, Fear Cuidichidh.

Thug an Ceann Suidhe iomradh air bàs an Urramaich, Calum Mac an Rothaich. Tigh an Uillt, a bha rè shè bliadhna deug 'na Fhear Gairme air Comhairle a' Mhòid 'sa Chitil. Bha e 'na mhinistear gràdhach, dìleas agus 'na dhuine bha coibhneil, blàth-chridheach. Rinn e seirbhis mhaith do 'n Chomuinn anns na bliadhnanach a chaidh seachad agus bha 'aithne air ceòl agus litreachas a luchd dùthcha barraichte. Thug e gu saor agus gu pailt as an ionmhas sin a chum adhartachadh Modan a' Chomuinn. Bha an co-fhaireachdainn aig an àm ri a bhantraich agus bha iad ag cur air mhaireann an meas agus an luach air mar cho-Shaothraiche an aobhar na cànan.

Leughadh Iomradh na Coinneimh roimhe, chaidh gabhail ris agus chuir Fear na cathrach ainm ris.

Leughadh tagraidhean neo-lathaireachd bho aireamh de bhuill na Comhairle.

Leughadh iomradh air Coinneimh de Chomhairle an Fhoghlaim a leig ris gu 'm bheil ullachadh fa chomhar na Sgoil Shamhraidh an Arasaig, a nis an laimh, agus gu 'm bheil luchd teagaisg na bliadhna roimhe air am fasadh las ùr.

Bheachdaich a' Chomhairle air litir a fhuairleadh bho chleireach Comunn Ceilteach Oil-thigh Chill-rimhinn ag cur an ceill mion-iarrtais nam ball air seòl a bhi air a dheanamh a dh'fhaotainn Gaidhlig a bhi air a steidheachadh mar chuspair teagaisg an Oil-thigh Chill-rimhinn. Ghabhadh e suim £10,000 airson so a dheanamh. Tha a' Chomhairle so an làn cho-fhaireachdainn ris an iarrtas agus tha iad a' cliuthachadh, gu 'n dean an Comunn e fein aithnichte ri tagradh no gairm 's am bith a dh'fhaodar a dheanamh fa chomhar so.

Air iarrtas Fhir-Ghairme na Comhairle, an t-Urr Calum MacLeod, ghabhadh ris an Iomradh.

Leughadh Iomradh air Coinneimh de Chomhairle a' Chlo-bhualaidh. Thugadh iomradh gu 'n robh an leabhar "An Dileab" ri a chlo-bhualadh as ùr, agus gu 'n robh co-chòrdadh eadar an Lìghiche Iain Mac an t-Saoir agus a' Chomhairle mu chlo-bhualadh na cluiche "S leam fhein an Gleann." Bheachdaich a' Chomhairle mu chlo-bhualadh an leabhair "Sàr Obair nam Bàrd Gaidhealach" ach a thaobh agus na tha cheana an laimh airson na bliadhna so shonraicheadh breithneachadh air a' chuis fhagail gu àm eile. Thug Mgr. Marjoribanks fa chomhair na Comhairle mar tha moran de na cròileanan Gaidhlig air am bacadh 'nan obair le cion leabhraichean no duilleagan leughaidh, mur an 'cuir neach air choir-eiginn a laimh 'na phoca a chum an litreachas sonraichte so a riarachadh. Bha e de 'n bheacadh na 'n gabhadh Comhairle a' Chlo-bhualaidh as laimh duilleagan, anns am biodh earrann no dha de rosg, a chlo-bhualadh gach bliadhna gu 'm biodh sin 'na chuideachadh mór. Cha bhiodh an cosdas ach beag laimh ris a' bhuannachd a bhiodh ann do 'n aobhar. Ghabh a' Chomhairle ri so gu beachdachadh air.

Air iarrtas an Fhir-Ghairme, Mgr. Calum MacLeod, ghabhadh ris an Iomradh.

Leughadh Iomradh air Coinneimh de Chomhairle a' Chraobh-sgaoidh, agus gearr-chunntas air obair nam Fo-chomhairlean Tuathach agus Deasach.

Chliuthaich a' Chomhairle gu 'm bu chòir cosdas na Comhairle Thuathaich ann a bhi a' steidheachadh Ceilidh Ghaidhlig am baile Inbhirnis a bhi air a phaigheadh leis a' Chomunn. Bha e air a rùnachadh mar an ceudna gu 'm

biodh brath air a thoirt do luchd teagaisg a' Chomuinn anns gach aite iad a ghnathachadh na Gaidhlig aig gach cothrom agus dh'aontaich-teadh litir-chuairt a chur gu an ionnsuidh ma dheidhinn so.

Air iarrtas an Fhir-Ghairme, Mgr. Tearlach Caimbeul, ghabhadh ris an Iomradh.

Leughadh iomradh air Coinneimh de Chomhairle a' Mhoid 'sa Chitìil.

Shocraich a' Chomhairle air breitheamhan citìil air son Mod an Obain, agus chrìochnaichheadh beachdachadh air clàr-eagair Mod na h-ath bhliadhna. Thugadh aire mar an ceudna do na rùntean a thug Mgr. Raibeart MacGille Bhàin fa chomhair na Coinneimh roimhe agus ghabhadh riu-san a bha iomchuidh agus freagarrach.

Fhuairleadh fathunn bho Mgr. Iain MacDhomhnaill, an t-Oban, mu dheidhinn ullachaidh fa chomhar Mod na bliadhna so agus bha a' Chomhairle làn riarichte le obair na Comhairle Ionadail.

Air iarrtas an Fhir-Ghairme, Mgr. Calum MacLeod, ghabhadh ris an iomradh.

Leughadh iomradh air Coinneimh de Chomhairle Cloinn an Fhraich. Rinneadh iomradh air steidheachadh Comunn na h-Oigridh agus air freagairtean bho luchd teagaisg do thaobh sin. Bha na fhreagair deònach air gach cuideachadh a thoirt seachad a chum an Comunn so a chur air bonn. Chuireadh a mach 237 litir agus tha a' Chomhairle a nis a' dol a sgrìobhadh a dh'ionnsaidh nam pàrantan.

Air iarrtas an Fhir-Ghairme, Mgr. Seoras Marjoribanks, ghabhadh ris an Iomradh.

Leughadh Iomradh air Coinneimh de 'n Chomhairle aig am bheil beachdachadh air teachdairean a chur gu Canada. Leughadh leth-bhreac litir a chuireadh gu Gaidheil an Alba Nodha, Eilean Phrionns Iomhair agus Rudha Bhreatainn a leig ris rùntean agus aobhar na teachdaireachd. Dh'aontaich a' Chomhairle feitheamh gus an tigeadh fios freagairt air ais mu 'n deanadh iad an tuilleadh ullachaidh.

Air iarrtas an Fhir-Ghairme, an Ridire Alasdair MacEoghainn, Inbhirnis, ghabhadh ris an iomradh.

Leughadh litir bho 'n t-Siorram Mac Mhaighstir Caimbeul mu dheidhinn Fo-chomhairle an Fhoghlaim Chitìil agus chuireadh ainmean an urramaich Chaluim Mhic Leoid agus Mhgr. Iain M. Mhic Ghille na Brataich ri àireamh luchd na Comhairle.

Bho thoiseach gu deireadh cha robh ach Gaidhlig a mhaire air a cleachdadh aig a' choinneimh so.

SECRETARY'S NOTES.

Mr. Donald MacPhail sends very interesting details of his recent tour in Uist. One very pleasing proposal that is being proceeded with is the institution of a Gaelic Community Drama festival. The idea was very enthusiastically received at the various branches and it is hoped to stage such a festival at Lochmaddy in July. Mr. M. A. MacLeod, Headmaster, Lochmaddy, has agreed to undertake the secretarial duties, and Mr John R. Bannerman, has been suggested as adjudicator. At present, six teams have promised to take part. We would highly commend this proposal to our other branches. A series of such competitions in connection with Provincial Mods would be very helpful. We know of no better method for attaining proficiency and correctness in Gaelic speech.

At one of the Ceilidh meetings in Uist there was present an Indian who created rather a surprise when he spoke in Gaelic. This gentleman has spent some time in North Uist and he acquired the language, which he speaks with a remarkable degree of proficiency and quite a good "bläs," to assist him in the disposal of his goods. This is one instance of the commercial value of the language.

The following story we tell in Mr. MacPhail's own words. It would not appear the same in English:

Thainig gille beag a steach do bhuth anns a' Baile Shear aon làtha ag cluich na pioba, ma b'fhiar leis fhein, le clobha air a ghuallainn "Gu de am port a tha thu ag cluich, ille bhig?" arsa fear de na bha stigh. "An deagh phort?" fhreagair am balachan, "A' bhriogais leis an fhichead toll." "Am bheil am port sin agadsa?" arsa fear eile le beagan ioghnaidh "Chan eil, ach tha bhriogais agam" arsa am fear beag. Chum am balachan air an drannan a bh'aige leis a' chlobha agus an sin thubhairt am fear a bha labhairt 's e a' tachas a chluaise "Chan eil fios agam fhein a dhaoine co tha ag cur nam breug orm." "Tha e gle choltach" arsa am fear beag, a rithist, "gur e dìreach am fear a tha 'g ur moladh."

Mar a tha Donnhall fhein ag radh, co aig a tha fios nach eirich MacCodrum eile an Uidhist. Bu mhath leinn nan faigheamaid naidheachdan beaga de 'n t-seorsa so an drasd 's a rithist.

The Rev. Angus Boyd who has been president of the Glenurquhart branch since its inauguration, five years ago, has resigned from this

office at the recent annual meeting. An ardent and enthusiastic Gael, Mr Boyd has given much attention to the affairs of the branch and we desire to express to him how much we appreciate his work. We are glad to be informed that although he has demitted office he still retains an active interest in the work of the movement in the Great Glen.

We have been receiving very pleasing reports of the Gaelic wireless broadcasts. The Gaelic greetings on Christmas day are particularly referred to, and those words of goodwill that were expressed to Gaels everywhere were heard throughout the Empire and messages of appreciation were sent from Quebec and New York.

It may be of interest to our readers to know that the Campbeltown Choir will, sometime next month, take part for the first time in the series of Gaelic choir concerts which have been such an enjoyable feature of the Scottish National programmes. This concert will take place at Inveraray. It is only fitting that we should say how much these broadcasts are appreciated by all who are interested in Gaelic matters.

Some time ago we referred to the establishment of a Gaelic choir, at Vancouver, and that a proposal to institute an annual Mod followed the success of its activities. It may not be generally known that there is a Lewis Society in this City and this session the members presented a number of Gaelic plays, which, we are informed are the most popular form of entertainment the Society presents. On these evenings there is invariably a full house present.

In a letter from Ottawa, Miss Nonnie MacLean, who was for some years secretary of our branch at Scarinish, Tiree, speaks of the formation, two years ago, of a Society known as Comunn Gaidhlig Ottawa, the membership of which is largely recruited from descendants of Highland settlers in the Cape Breton and Glengarry districts of Canada.

This Society have their own Gaelic choir and a Gaelic class for adults and another for juniors are among their activities. Miss MacLean is the Secretary, and a very cordial invitation is extended to the proposed delegation, to visit the Canadian Capital.

In this number we reproduce the song "Faile Bhruid-Albainn," which has been selected as the test piece for a new solo competition for the forthcoming National Mod, at Oban. Prizes to the value of First, £3; Second, £2; Third, £1 are being presented by Mr. Donald Robertson, Bearsden, who is promoting this competition. It would be appreciated if readers would assist in making this competition, which is not yet included in the Mod syllabus, known among such of their friends as are likely to take part in the Mod proceedings.

* * *

Mr. Malcolm G. MacCallum, late conductor of the Greenock Gaelic choir, who now holds a musical appointment in the Campbeltown schools has succeeded to the leadership of the Campbeltown Gaelic choir. Since taking up his new duties, Mr. MacCallum has commenced classes for training boys in the art of choir conducting. This is a very useful service which we would like to see more generally adopted.

* * *

A very pleasing feature of the Arran festival this year was the increase in the number of entries in the Gaelic section. This is most gratifying, and we are indebted to our branches on the island for the manner in which they support these Gaelic competitions. Special thanks are due to Mr. Angus Smith, Skiskine, a native of Lewis, who has done more than any other to further the cause on the island and, particularly, to interest and instruct the young folk.

* * *

The treasurer asks me to remind members and subscribers that he will shortly be making preparations for the end of our financial year. It would assist very considerably if subscriptions be sent as soon as possible. In past years it was necessary in some cases to send circulars, reminding those who had overlooked the matter, members will readily appreciate that expenses and labour are saved if remittances are sent timeously. Representatives from affiliated Societies on the Executive Council might also remind their Associations of their duty in this respect.



The syllabus for the National Mod, to be held at Oban on 25th, 26th, 27th, and 28th September, 1934, is now ready, and copies may be had on application from the Office, 212 West George Street, Glasgow.

BARDACHD GHÀIDHLIG AN NAOIDHEAMH LINN DEUG.

Le DEORSA MARJORIBANKS.

(A' Cheud Duais, Mod 1931.)

V.

Tha e iongantach leinn beus-oideas fhaotainn bho Mhairi Nic Ealair cho tùrsach 's a th 'aice 's An Iarraidh Dhìomhain, 's i luaidh air faoineachd an duine a shireadh fois 's an t-saoghal so—

Dh' iarr mi gu fois, is gun fhois air an t-saogh' l
Is leag mi mo cheann air geal-bhroilleach mo ghaoil,

'S bha chluasag ud làn de chaoin-dhuilleach nan ròs

Ach, ochan, 'nam measg gu 'n robh 'n dris mar bu nòs.

"Is iongantach da rìreadh an nì sin an gaol," agus is iomadh smuain éibhinn agus earail sheòlta thug Bàrd na Leideig dhuinn mu 'n "ghalar" sin an rannan sìubhlach, sunndach. Chì sinn rian-feallsaidh an duine chràbhaich so an òran eile *Gur mis 'tha sona dheth*—

Ma gheibh mi aodach agus biadh
Is a bhi saor o ainfiach,
Bidh aoibh is gràdh gach oidhe 's là
Am dhachaidh taobh mo ghealbhain.

Tha aigne diadhaidh sruaineachail nam bàrd Murchadh Mac Leòid agus Iain Mac Griogair 'gan leigeil ris dhuinn gu h-èireachdail ann an *Bàs is Fàs a 'Ghrainne Chruithneachd* agus *Smaointean Diomhair*—na rannan a b'fhearr, mar bhàrdachd, a rinn an Coirneal riamh, 's iad saor o bhlas "bualadh nan lann" a tha e cho toigheach air.

Ged a tha feallsadh Neill Mhic Leòid geur-mhothachail gu leòir air àmhgharan crannchur an duine, tha e misneachail, agus tha 'smuaintean air an sgèadachadh le grinneas a tha daonnan a' ruigheachd ar cridhe. Tha *Sgith* agus *Ri Taobh na Tràigh* 'nam bloighean barraichte 's na feartan sin :

SGITH.

Chan eil a h-aon am measg an t-sluaigh
Aig nach eil uallach féin,
'S a luithad mille deòraidh truagh
Tha 'n sàs fo chuibhreath ghéir :
Gach inbhe, saibhreas agus uail
Gu 'n searg iad as gu léir,
A' dearbhadh nach eil sonas buan
Ri shealbhadhachd fo 'n ghréin.



Ri Taobh na Tràigh.

Gach feòirnean maoth tha 'n còs no 'n glaic,
 Gheibh iad an cuid de 'n driùchd :
 Tha ghrian 'gan àrach suas gun airc
 Air àithne Rìgh nan dùl ;
 Gach lus no cré is ìsle staid
 Tha iad am beachd a shùl ;
 'S an Tì tha freasdal dhaibh air fad
 Cha chuir e mis' air chùl.

Tha Domhnall Mac Eacharn 'na bheus-oide do-cheannsail. Tha farsuingeachd a leirsinn, beòthalachd 'inntinn agus blàths a chridhe 'ga bhrosnachadh daonnan gu 'bheachdan a chom-pairteachadh leinn airmnthean dìamhair na beatha agus air a phàirt a tha Ceòl a' cluich innte—mur eil e 'ga riaghladh air fad. Gur e ghluaiseas duine, an ceòl a tha 'na chridhe cheana ach e bhi air a dhùsgadh leis gach nì 's a' chruinne-cé a ghluaiseas sùil no cluas: gu bheil iomadh nì fo 'n ghréin agus iomadh smuain is dùrachd nach gabh cur am briathran beòil. Tha so agus mòran eile d' a leithid a' tighinn an uachdar an sud 's an so feadh a bhàrdachd-san, a tha daonnan innleachdach, teò-chridheach, fuasgailte, gu tric fìor cheutach, air uairibh gliongarach. Air son doimheachd is tùsalachd smuain chan eil am bàrdachd a linn-san na bheir bàrr air *Am Fear Ciùil, Guth a' Chuain* agus *Am Bàrd*. So feallsadh Domhnall:—

Annad féin tha 'n ceòl a ghluais thu
 Air a luasgadh leis an teud ;
 Gleus gu tuireadh, 's gleus gu luathghair
 Fuaighte riut 's gach àit' an teid.

Ceòl o' n d' fhuair thu gach nì luachmhor
 Ris a bheil gach buaidh an sàs ;
 Ceòl ad chridhe—ceòl ad chluasan
 Fad do chuairt o d' bhreith gu d' bhàs.

An ceòl as binne 's eòl do 'n fhilidh
 Cha tog piob no fiodhail suas :

An ceòl thig uairean anns a' chridhe
 'S nach gabh liubhairt anns a' chluais.

(Am Fear Ciùil.)

'S gach nì a ghluaiseas sùil no cluas
 A' dùsgadh annainn smuain d' a réir :
 Còrda fìnealta ar nàduir
 Cumail càil a ghnàth air ghleus.

Aom do chluas is éisd an luathghair
 Tha dol suas o mhuir 's o thir ;
 'S ged nach tuig smuain na chluinneas cluas
 Creid nach eil an fhuaim gun bhrìgh.

Cìod ma tha gach bith 's an domhan
 A' toirt molaidh réir a ghné ?
 Haleluia ioma-ghuthach
 Do'n Tì chruthaich talamh 's nàemh

(Guth a' Chuain.)

Ach sin mar a tha, mar bha, 's mar bhitheas
 Tha cainnt a' chridhe gun luaidh,
 Is binne a' phàirt nach d'fhàg na bilean
 Na 'n dàn as grinne thig uath.' (Am Bàrd.)

Tha roinn bheag bhàrdachd ag iarraidh iomraidh a thaobh druidhteachd a cainnte 's a smuaintean, air am faodar "Moladh dachaidh" a thoirt. 'S e dealbh coimhlionta air àrd-sholas nàmhaidh a dhachaidh a th'againn an *Taobh mo Theine féin* le Iain Caimbeul, 's cha'n iongnadh leinn sin: air cianalas nìd creachte am *Bothan Beag* Domhnall Mhic Eacharn. Ach buinidh pailm na buaidh (ar leinn) do Chalum Mac Pharlain a thug do na *Gaidheil Mo Dhachaidh*, òran a tha 'nan cridheachan 's air am bilibh cho tric, maith dh'fhaoide, ri aon òran riamh.

Mu 'n fàg sinn an earrann so de ar n-ìomradh-beachdachaidh air bàrdachd an naoidheamh linn deug, is còir aon ealdhain ainmeachadh a thàinig an cleachdadh aig bàird an linn sin—eadar-theangachadh bàrdachd Bheurla gu Gaidhlig, rud a tha co-éigineachadh ar n-aire air dà sheòl sònruichte. Is aon dhiubh sin cho ealanta 's a tha' Ghaidhlig fhéin gu freagradh gairmean ùra: cha'n e mhàin nach cail na dàin 's na h-òran a bheag dhe 'n snas 'san eadar-theangachadh, ach gur h-ann a tha' Ghaidhlig nach is bitheanta cur ris: agus tha aon dàn—*An Rubaiyat* aig Omar Kaayam a tha eadar-theangaichte o 'n Phersianach le Eideard MacGearailt, agus o 'n Bheurla le Domhnall Mac Eacharn—s am bheil cuid de smuaintean a' bhàird air an leigil ris na's ro-shoilleir 's a' Ghaidhlig na tha iad 's a' Bheurla. Chan eil an seòl eile cho furasda a mhinneachadh, ach so e: ma tha leth sgòd ri chur as leth a' bhàird Ghaidhealaich is e so, gu bheil e mar gu 'n canamaid air a chlunglachadh tuilleadh 's a chòir le 'dhualchas fhéin, araon 'na chuspairean agus 'na bhuntuinn riutha. Bu ghnàth leis sealltainn le sùil fhiar air nìthan nach robh beantainn gu dlùth ri bheatha fhéin agus beatha 'shinnsean. 'S ged a tha innleachd-inntinn nam bàrd deireannach a' fàs na's s saoire agus na 's fuasgailte tha 'n t-aomadh ri fhaicinn fhathast. 'S e dh'fhàs as a sin (1) gu 'm faodar le ceartas càileigin de chion-tùsalachd a chur a leth bàrdachd nan Gaidheal, (2) beachd, a tha gu tur mearachdach, ach air a chumail le cuid de dhaoine fòghuimte gus an là 'n diugh, nach eil a' Ghaidhlig comasach no freagarrach ach air son nìthan a bhuineas do Thir nam Beann nan Gleann 's nan Gaisgeach. Nis, tha eadar-theangachadh nan òran Beurla a' tarruing ar n-aire do 'n darna rud, agus ag cur feallsachd an rud eile an

follais. Leig e steach iomadh smuain agus ceann-teagaisg ùr, agus leig e ris dhuinn, mur a b'aithe dhuinn roimh' e, nach eil cuspair fo 'n ghréin do 'm bean a' Ghaidhlig, nach maisich i. Air son eisimpleir air so is còir dhuinn an t-òran-gaoil Albannach "Jimmy's on the Stormy Seas," a leughadh, a dh'eadar-theangaich "Fionn" gu Gaidhlig, fo ainm *Tha mo Ghaol air àird a' Chuain*. Nam bu òran Gaidhlig an tùs a bh'ann, dh'fhaodamaid dol an urras gu 'n tugadh an nigheanag gu caoidh a leannain gus an càirteadh i fo 'n fhòid. Chan eil e ann an aoraidh a' bhàird Ghaidhealaich òigear a gaoil a thoirt air lom bhàrr àird a' chuain, fallain slàn, 's e "ghlacadh air làimh i" fo sgàil nan geug—crìoch airidh air duanag a tha fada na 's mealltaiche 'na trusgan Gaidhealach 's a bha i am Beurla nan Gall. Faiceamaid, a nis, mar a ghabhas Gaidhlig 'nan rann eadar-theangaichte a leanas coimeas ris a' Bheurla 's an do rinneadh iad :

*Ah my beloved, fill the cup that clears
Today of past regrets and future Fears :
Tomorrow ! why, tomorrow I may be
Myself with yesterday's sev'n thousand years.*

A ghaol, lòn thusa chuach a sguabas as ar beachd
Olc an là a th'ann, is eagal roimh an là thateachd,
Am maireach! A! am maireach, faodaidh mi
bhi 'n déidh
Nan seachd mìle bliadhna leis na thriall an dé.
(Rubaiyat.)

*No useless coffin enclosed his breast
Not in sheet nor in shroud we wound him,
But he lay like a warrior taking his rest
With his martial cloak around him.*
(Burial of Sir John Moore—Chas. Wolfe.)

Cha robh feum aig an laoch air cist a bhiodh buan
No ollanachd anairt 'ga chuairteach,
Ach luidh e mar ghaisgeach a' gabhail a shuain
Le 'thrusgan cogaidd mu 'n cuairt air.
(An t-Ollamh Tormod MacLeòid.)

*So "Fair and softly" John he cried,
But John he cried in vain ;
That trot became a gallop soon
In spite of curb and rein.*
(John Gilpin.)

"Gu réidh" ars Iain, "deasde! eich dhuinn"
Ach labhair e gun fheum,
A throtan chaidh gu dian-ruith luath,
Gun suim do mhùiseal sréin.'
(Mar Sin.)

*But present still, tho' now unseen ;
When brightly shines the prosperous day,
Be thoughts of thee a cloudy screen
To temper the deceitful ray.*

*And oh, when stoops on Judah's path
In shade and storm, the frequent night
Be thou long-suffering, slow to wrath
A burning and a shining light.*

(Rebecca's Song in Ivanhoe—Scott.)

Ach mar ruim fós, ged 's ann fo sgàil
Nuair 'thig oirnn latha seilbh is maoim
Bidh smuaintean Orsa dhinn 'na dhìon
O theas is iargain air gach taobh.

'S air slighe Judah O! nuair 'thig
An oidheche dh'orch' tric, bi dlùth!
Fad fhulangach is mall chum feirg,
'Nad sholus dealrach dhuinn 's Nad Stiùir.

(Alasdair Stiùbhart.)

*How could I but list, but linger
To the song, and hear the singer
Sweetly wooing heaven to bring her
Jamie from the Stormy Sea !*

*And, while yet her lips did name me
Forth I sprang—my heart o'ercame me
Grieve no more, sweet ! I am Jamie
Home returned to love and thee.*

(Minstrel Melodies.)

Rinn an ceòl le dheòin mo thàladh
Dlùth do ribhinn donn nam blàth-shul ;
'S i ag ùrnuigh ris an Ard Rìgh
"Dìon mo ghràdh th'air àird a' chuain."

Bha a cridhe le gaol gu sgàineadh
Nuair a ghlac mi fhéin air làimh i—
"Siab do dheòir, do ghaol tha sàbhail'
Thill mi slàn bhàrr àird a' chuain."
(“Fionn.”)

Thugadh iomradh cuibheasach air an earrainn
bhig so de ar bàrdachd a thaobh na buaidh a
dh'fhaodas a bhi aice air feobhas bàrdachd
nan laithean a tha ri teachd.

Tha iomadh cuspair bàrdachd air nach tugadh iomradh shuas, ach "tha cuibheas air a h-uile rud, gu ruig òl a' bhrochain." Tha iomadach òran a' togail ar cridhe am meas gruaim an fhuadaich agus suiridh nan leannan-gun-dòchas. An *Sruthan* aig Domhnall Mac Eacharn; nach urrainn duinn a leantainn "O mhnadach gu tràigh"? B'airidh ainm air cliù ged nach biodh againn bho a pheann ach sin. Chan eil an *t-Allan* aig Iain MacPhaidein fad' air dheireadh air. An *Dubh-Ghleannach* aig Alasdair Mac Fhionghainn—am bheil òran

as maisiche air cuspair faoin bho làithean
Allt an t-Siucair? Am Fiaidh aig Seumas
 Mac an Rothaich, fàileadh cùbhraidh bho
 làithean sona saora Dhonnachaidh Bhàin.
 Agus rud as mealltaiche, iomadh òran fleadhach
 cuirmeil, gidheadh neo-lochdach a' toirt 'nar
 cuimhne "nach fhiach bròn a ghnàth." Is
 fuairidh an duine nach tèthaich cochull
 a chridhe 's e leughadh *A' Chèilidh* aig Mac
 Eacharn; cò aig a b'fheàrr fhios na Domhnall
 còir air éifeachd "deur de dh'uisge goileach
 agus rud-eigin 'na cheann"? Air son facail

a tha leantainn piobaireachd a' phuirt-
 mhearsaidh shiùbhlach 's ainneamh òran a
 bheir bàrr air *Bail' Ionaraora* aig Iain Mac
 Phaidein.

Tha duain ghrinn aig Domhnall Mac Eacharn
 agus Iain MacPhaidein air Fionnaghal Nic
 Dhomhnuill, an dara fear a' leantainn euchdan
 na ban-laoich 'nan uile dhrip is eigin, 's am fear
 eile a' luaidh air rùn naomh a chridhe 'ga sparradh
 d' an ionnsuidh.

(*Ri Leantainn.*)

FAILTE BHRAID ALBAINN.

KEY F.

(New additional competition for Oban Mod)

: 1	1 : — .s : s	s : — .l : d' d' : — .t : l	1 : — .s : m	s : —
Moch 'sa	mha - duinn 's mi	dùsg - adh, 'S trom	m'aigne 's mi	tùr - sach gu lèoir,
: f	m : — .r : m	s : — .s : l	1 : — .s : m	r : — .d : d d : —
A'sior	chuimhneach na	dùthcha, Far'n do	chleachd mi bhi'm	bhuachaille bhò;
: f	m : — .r : m	s : — .s : m	r : — .r : r	r : — .m : s l : —
Gheibhte	sithionn is	iasg ann,	Agus ealachan	lion mhor air snàmh,
: l ₁	l ₁ : — .s ₁ : l ₁	d : — .r : s	m : — .r : m	d : — .l ₁ : l ₁ l ₁ : —
Coileach-dubh	agus	liath-chearc, 'S ciod	tuilleadh a	dh'iarraidh tu ann.

O ! fàilt air Braid-Albann !
 Gheibhte féidh ann is earban is minn,
 'S iad 'nan laighe gu cuanmhor
 Ann am feadanaibh luachrach is cib ;
 Na daimh 's na h-éildean mu 'n cuairt doibh,
 'S iad 'nan laighe air guallainn an tuim,
 'S iad gu bior-shuileach, cluasach,
 Feitheamh ciod thig mu 'n cuairt anns an oidhech'

Tha iad earbsach á 'n casan,
 A chur seachad na falaisg 's an fhraoch,
 Le 'n gasganan geala,
 'S iad a' dìreadh ri barraibh nam maol ;
 An earbag le minnein,
 'S i gle phriseil 'g a fholach measg fraoich,
 Air eagal an fhorsair,
 'Nuair thig e 's a choin leis air thaod.

Chan 'eil sruthan gun iasg ann,
 'S chan 'eil gleannan gun fhiadh ann 'na chóir,
 Le minneibh riabhach,
 'S iad 'nan laighe gu lion'ar measg feòir ;
 Damh cabrach 's sròn fhiat aig
 'Gabhail gaoith ann an siantaibh nan neòil,
 Bu shunnach leam bhi 'g an iarraidh
 Ann am maduinn chiùin, ghrianaich, gun cheò.

Loch a Tatha nam bradan,
 Tha tighinn o 'n fhaire bu drabasta tonn,
 'S iad gu dearg-bhallach, tarra-gheal,
 Iteach, meanbh-bhreac, gorm-bhallach, lom ;
 'S iad a' leum ris gu colgarr,
 Glacadh chuireag air bharraibh nan tonn,
 Tha iad lionmhor 's gach linne,
 'S iad a' cladh air a' ghrinneal 's an fhonn.

C'àite bheil ann an Albann
 Ait as fearr na Braid-Albann mo rùin ?
 Tir nan gaisgeach bha dleas
 A sheasamh na frinn 's a' chrùin ;
 Gheibht' ann cruinneagan bòidheach
 A sheinneadh dhuinn òran bha binn,
 Tir nam filidh bha àluinn,
 'S lionmhor Bàrd a chaidh àrach 'na d'ghlinn.

AN CRANN NACH TUG TORADH MATH UAIDH — FOGHLUM NAN LEABHRAICHEAN.

Le SEAN TOIBIN, A.M.

III. Bualtear Tuagh air!

Rendered from the Irish by G. E. Marjoribanks.

Abramaid gu 'm faodadh leanaban-sgoile an teangan fhòglum as na leabhraichean agus gu 'n rachadh aca airmuaineachadh dhèanamh 's a' Ghaidhlig—rud nach sùgradh. Bhitheadh, 'na dheidh sin, easbhuidh an còmhnuidh air an còmhradh-beòil, chionn tha aon ni cinnteach, nach faigheadh duine sam bith fileantachd cainte a thoirt leis de thoradh leughadaireachd, air feobhas gun deanadh am fear-teagaisg a dhìchioll ris. Bhitheadh nòs-bruidhne "staccato" gu bràth aige an àite an nòs-bruidhne as dual do 'n Ghaidhlig—an nòs "legato." An àite a chainnt a chur dheth gu mion-shiubhlach, mar a ni duine as a' Ghaidhealtachd, bhitheadh (agus tha) fear an leabhair 'ga labhairt 'na facail sgarta; agus a thuilleadh air sin bithidh, mar a thubhairt fear Oilthigh an cois Life, "fuaim gach facail rud beag cèarr." Agus is i an tras gaoid a bhios air fear an leabhair, gun bheum a ghutha a leagadh air siollaidhean nam facal mar is còir, no fhios bhi aige nach dean e as eugmhais a leithid sin "de bhuille sleamhnachd agus maise," a chum Gaidhlig Ghaidhealach nan daoine o 'n tàinig e a bhi aige gu ceart.

A chum gach uireasbhuidh dhiubh sin a ghlanadh a cainnt nan leanaban-sgoile chan uilear gaoth na Gaidhealtachd a thoirt a steach do 'n t-seòmar-sgoile. Faodaidh an luchd-teagaisg òga tha anns na Colaistean-oileanachaidh 's an am, sin a dhèanamh air ball ma bheirear an aire air gun dàil; ma chuirear 'na laighe orra gu 'm feumar leantainn ris a' chainnt-bheòil, cuid mhòr de gach là, agus eòlas a thoirt seachad gun tecs-leabhar a bhi an còmhnuidh 'nan lamhan. Is dòcha nach biodh Gaidhlig 's a' Ghaidhealtachd ann mur a b' e gu 'n cuala na leanaban gu coitcheanta aig am màthraich aih i fad nan ceithir no còig bliadhnaichean mu 'n deachaidh iad do 'n sgòil. Tha seòladairean ann, daoine bochda á Corcaigh agus á Cinn t-Sàile agus as a' Ghaillimh agus á àitean eile a labhras Fraingeis gu tuisgeach—agus stùil cha do leag iad air leabhar Fraingeis riamh! nach leòir sin mar dhearbhadh air na chaidh innseadh?

Feumaidh na h-oidean nuadha oidhirp a a dhèanamh air anail na Gaidhlig a chur fo 'n obair-sgoile 's a' Ghaltachd; an cothrom ceudna thoirt, air sgòil, do sgoilearan òga na Galltachd agus a bheir aithraichean agus màthraichean na Gaidhealtachd, air an teinntean do an àl ògheim.

Their mi nach e cion gràidh do 'n Teanga idir is coireach do 'n mhealladh-dùil so a tha na Gaidheil a faireachduinn ann an cuisean an Ath-bheothachaidh (anns na bailtean mòra) ach an ro-bhàidh ri tecs-leabhraichean agus ri riaghailtean ceart-chainnte agus ris an àrd-bheachdaireachd litreachais ud agus ris gach faoinis agus spleadhachas eile a tha fuaighte ris a' Mhodh-Foghlum so anns na bun-sgoilean agus na meadhon-sgoilean agus na h-oilthighean. 'Nuair a labhrar facal simplidh ri balach air an t-sràid—"Ce fad as a so gu oifig a' Phuist?" is i an fhreagairt a gheibhear do ghnàth "Litrichean am facal sin ma 's e do thoile." Cha d' iarr fear na Gaidhealtachd riamh air duine beo facal a litreachadh a mach da ri linn còmhraidh, agus 's e fear na Gaidhealtachd am fear is binne Gaidhlig, mar a tha fhios aig na h-uile.

Faodar ceirein a chur ri cneadhan a' chiorramach ach b'fhèarr gu mòr dol gu bun-fhreumh na h-acaide agus an ro-aire thoirt do 'n chreathall ud anns am bheileir a' togail nan oidean òga. Ma nithear sin bithidh a' mhòr chuid de 'n ghalar air imeachd an ceann deich bliadhna o 'n diugh. Cuirear an tuagh gun mhaile ri freumh a' chroinn ud nach tug toradh maith uaidh! Cha dean e feum, agus chan e còir a' ghnòthuich so, a bhi faotainn aon ro-choire do na leth-sheanna mhaigstirean-sgoile, oir chaidh iadsan gu uchd an dihill, dìchioll a bha do réir an t-soluis a sgoileadh 'gan ionnsuidh. Ni mo a tha e ceart a bhi ro-throm air luchd-stiùraidh an fhòglum, do bhrìgh gur gnothuch so, ath-bheothachadh teangan, nach tuigear gu ro-mhaith an tìr sam bith, agus, 'na dhéidhinn sin gun ann air deuchainn na h-oibre a thig an t-eòlas dhuinn uile.

Cuirear an céill gu follaiseach do na h-oidean òga sin nach ann mar chuspair fuar sgoilearachd a tha a' Ghaidhlig air clàr-oibre an Fhòglum ach a chum agus gu 'm bi i a rithis 'na beotheanga beòil do luchd-àiteachaidh Innse Banban (Eireann.)

[A' CHRIOCH.]

The Summer School of Gaelic will be in Arisaig, opening on Tuesday, 17th July, and continuing until Friday, 10th August.

CRAOBH-SGAOILEADH.

An Airde Tuath.

Bha am Fear-deilbhe air chuairt an Uibhist air a' mhòs so chaidh agus chumadh coinneamhan ciatach anns gach cèarna, deas is tuath. Bha gach talla loma-làn agus bha mòran 'nan suidhe air an ùrlar anns an t-seann dòigh. Is i a' Ghàidhlig a chleachdadh aig gach coinneimh, agus chuireadh ceithir meuran ùra air bhonn—Loch nam Madadh, Càirinnis, Loch Ephoto agus Hoghmór. Tha a nis tri meuran deug anns na h-Uibhistean. Chumadh coinneamhan anns na clachain eile mar a leanas:—Sollas, Tigh-ghèarraidh, Cladach Chirce-Post, Ceann a' Bhàigh, Baile Sear, Baile Mhanaich agus Tòrlum am Beinn nam Faoghla; Iochdar agus Geirinnis. Eadar gach coinneimh a bh' ann labhair am Fear-deilbhe ri còrr agus naoi ceud pearsa.

Rinnam Mgr. MacPhail iomradh agus ullachadh fa chomhar co-fharpais Dhealbhl-chluichean a chumail an Loch nam Madadh uair-eigin am mios Iuchar. Ghabh na meuran ris a so gu togarrach agus tha fiughar gu 'n seas se còmhla an deuchainn.

Ged a bha an t-side fliuch agus fuar, a' chlach-mheallain a' sradadh air uinneagan nan tighean-sgoile bha blàths', gràdh agus coibhneas anns an taobh a stigh, far an robh cruinn rogha 's taghadh sluagh aig am bheil gràdh do gach ni a bhuineas do litreachas agus ceòl nan Gàidheal.

Mo bheannachd ort Uidhist
Bheag bhòidheach nam beann,
Le 'd mhachraichean àluinn
'S crodh-laoigh air an ceann;
Na gruagaichean bòidheach
A' seinn dhuinn an "rann"
'S a ghaoth 's i toirt freagairt,
Co th'ann, Co th'ann?

Fhrithail am Fear-deilbhe aig coinneimh an Eilginn air an 14mh là de 'n Mhàrt, agus chaidh meur ùr de 'n Chomunn a chur air bonn anns a' Bhaile sin. Air an ath oidhche chuidich e aig oidhche-chitil an Drochaid-Neithich agus bha an talla cho làn 's a chumadh e. Tha Mhgn. Mairead Nic Dhomhnuill, a' deanamh adhartas gasda an so leis a' cheòl agus bha sin ri chluinntinn air an oidhche sin.

Chumadh Ceilidh Ghaidhlig ann an dachaidh Mhgr. Iain Mhic a' Phearsain, air di-haoine, an 16mh là de 'n Mhàrt agus bha faisg air leth-cheud an làthair. Chuir Fear an Tighe fàilt is furan air a' chuideachd agus bha Ceilidh air leth ann. Cha chualas facal ach Gàidhlig ré na h-oidhche.

Bha Mhgr. Seoras Marjoribanks, Fear-Gairme Clann an Fhraoich, am measg na cuideachd agus thug e Oraid dhurachdach dhuinn air obair A' Chomuinn agus gu sonruichte, mu Chomunn na h-Oigridh. Labhair Iain N. Mac Leòid, Domhnall Greumach agus an t-Urrmach Niall Mac 'Ill Fhaolainn air a' chùis cuideachd agus bha e soilleir do gach neach a bha an làthair gu 'm feum oidheirp mhòr a dheanamh a chum agus gu 'm bi na pàrantan air am brosnachadh gu bhi a' cleachdadh na cànain do 'n chloinn.

Thug an Ridire Alasdair Mac Eoghainn taing chridheil do Mhgr. Iain Mac a' Phearsain, do 'mhnaoi agus an teaghlach, airson a' choibhneas a chaidh a' nochdadh do 'n chuideachd air an oidhche sin.

An Airde Deas.

Bha coinneamh aig a' Chomhairle Dheasaich air feasgar an dara là fichead de 'n mhàrt an seòmar gnothaich a' Chomuinn. Bha Mgr. Donnchadh Mac Caluim, am fear Gairme, anns a' chathair, agus bha mòran de na buill an làthair.

Thug an Runaire iomradh taitneach air a chuairt am measg nam meur a dh'ainmichear aig a' choinneimh roimhe. Bha mu cheithir fichead an làthair aig a' choinneimh an Ionar-air agus sheun a' choisir Bhan oran no dha an Gaidhlig. Tha an cròilean Gaidhlig air a ghluail air aghaidh gu soirbheachail.

Bha an runaire 'na Fhear-cathrach aig cuirm-chitil Còisir Ghaidhlig Dhumeideann ann an Talla a' Chiuil. Bha mòran cruinn agus fhuair iad cuirm eireachdail.

An là-arn-a-mhàireach air a' chuirrm so chaidh an Runaire do 'n Oban agus air maduinn Di-luain sheòl e gu ruige Tìriodh agus bha e aig coinneimh am feasgar sin an Scairinnis. Bha an oidhche fuar, gaothar, ach bha mu dhà fichead cruinn agus bha ceilidh ghasda aca. Thill an Runaire air ais gu Colla air an ath mhaduinn, agus chumadh coinneamh an Tigh Sgoil Airigh-nan-gobhar anns an fheasgar. Bha mu sheachd fichead an làthair—cruinneachadh cho mòr 's a bha 's an Tigh Sgoil sin riamh. Thainig iad as gach cèarna de 'n eilean agus fhuair iad rogha na cuirme—òrain, ceòl is sgeulachd. Tha am meur so air greim a ghabhail air aigne nan Collach. Ghiùlain bàta na smùide an Runaire air ais gu Tìriodh Di-ciadain agus fhrithail e aig ceilidh am Baile Mhàrtainn air an fheasgar sin fhéin. Bha mu trì fichead cruinn fo stiùradh a' Bhàillidh. Da latha an dèidh sin bha Mgr. Mac Gille

Sheathanaich 'na Fhear cathrach aig cuirm-chìbil 's an t-Seasgairn an Arainn. Bha an talla làn agus sheinneadh uile gu leir deich ar fhichead de orain Ghaidhlig. Rinn an cròilean Gaidhlig is Cìùil feum mòr an Arainn.

Chruinnich còrr agus dà cheud an Tigh Sgoil Tigh a' Mhuilinn 'sa Cheathramh Chòmhalach air feasgar Di-luain, an dara là deug de 'n Mhàrt. Chulreadh meur ùr air bhonn agus am measg na cuideachd bha Baintighearna Ormadail, is a' Bhean Uasal Chaimbeulach (na h-Airdean), cho maith ri dà mhinistear na Sgìre.

Chumadh céilidh an Inbhir-aora air a' cheathramh là deug. Tha còisir Ghaidhlig aig a' mheur so a nis agus tha iad a' deanamh adhartais misneachail. Bha cèthir fichead cruinn. Air an ath feasgar bha an Rùnaire aig coinneimh an Srath Lachlainn. Tha cròilean Gaidhlig is Cìùil aig a' mheur so bho 'n a chaidh a stéidheachadh. Bha trì fichead cruinn aig a' chéilidh.

Bha an sneachd a' sìleadh gu trom an uair a dh'fhosgladh ceud chéilidh meur ùr na Crithionnlairich air feasgar Di-haoine, an seathamh là deug. Bha an t-Urra. Cristein Mac Fhionghainn anns a' chathair agus bha mu dheich is trì fichead cruinn. Air an ath feasgar bha céilidh aig meur Ghlinn Urchaidh an Dail-mhàil fo stiùradh a' chinn suidhe, Mgr. Seòras Marjoribanks. Bha ceithir fichead an làthair agus 'nam measg bha an t-Urra. Fearchar Mac Rath, á Tigh an Droma.

Chuireadh crìoch air a' chuairt an Tigh an Uillt feasgar Di-luain. Bha ceud ga leth cruinn an so agus bha an t-Urra. Iain Mac-a-Phearsain anns a' chathair. Tha a' Chòisir Chìùil ag ullachadh fa chomhair Mòd an Obain.

Chaidh litir a leughadh bho 'n Urr. Aonghas Mac Ille Mhaol, Duneideann, a' toirt iomraidh air an adhartas a rinneadh an teagasg na Gaidhlig an cròilein a' Mheòir ùir so. Leughadh litir mar an ceudna bho 'n Mhgn. Chamshronach Ceann Loch Raineach, ag iarraidh gu 'n rachadh aon de luchd-teagaisg a' Chomuinn a chur do 'n sgìre sin. Dh'innseadh nach robh àite eile 'sa a choimhearsnachd a chuidicheadh leo, agus dh'fhagadh an gnothach aig an Fhear Ghairme 's an Runaire.

Tha a' Bhean Uasal Nic Dhomhnaill a' teagasg an Aird nam Murchain agus a' Mhgn. Nic Mhàrtainn an Ile. Chrìochnaich Mgr. MacDhiarmaid an Lìosmòr aig meadhan a' mhìosa.

CELTIC ART.

The Art and Industry Committee would like to have Celtic Art Classes promoted in the City during the forthcoming winter, and to assist them in making application to the appropriate authority, it would be helpful if these interested in the study of this decorative art would send in their names, so that an estimate may be secured of those likely to attend such a class. It is necessary to have our application submitted as early as possible in order that it may be considered when class arrangements are being discussed for next session.

INFORMATION WANTED.

We have received an enquiry which we would like to submit to those of our members who may be interested in the derivation of personal names. The information desired is in connection with the name "Frew," and we are asked to give the origin and clan connections, if any. Similar particulars are also wanted in regard to the surnames, Shearer, Fairlie, Mair, Richmond and Dykes. We shall be obliged to any readers who may be able to give any information on these names.

The following is noted from a report of a visit by the members of the Tain branch to their neighbours at Dingwall: The feature of the evening was the singing of the Fearn School children. There were seven children in all, six girls and one boy. They sang in unison; they sang as one. They were unaccompanied by an instrument. Their teacher, Miss Sutherland, gave them their keynote and the children started simultaneously on the given beat. Their clear-toned voices sounded charming; the expression was good; there was no raggedness, and the rallentandos were perfect. Seldom has better Gaelic singing been heard in Dingwall, not even at the Mod. The children are an honour to their teacher and a credit to themselves and their school, of which it should be remembered that Mr. John Campbell, a well-known Gaelic scholar, is headmaster. Provost John MacRae presided over the ceilidh.

COMUNN BADGES.

Members can now be supplied with Badges direct from Head Office; price 2/7½, post free.

TEACHD AN EARRAICH.

"Ged chrionas lus, chan fhaigh e bàs,
Thig 'fhàs ri ùin' a nìos :

'S ged sheargas craobh 'sa Gheamhradh fhuar,
Nì 'n t-Earrach nuadh i ris."

Is mór an t-atharrachadh a tha 'tighinn air an dithaich ann an toiseach an Earraich. Tha an talamh, a bha mar gu 'm b' ann a' leigeil a sgìos, agus a' gabhail taimh ré a' Gheamhraidh, a nìs a' mosgladh as a shuain. Tha an cruthachadh a' tighinn beò agus tha aoibhneas agus sòlas air sgaoileadh mu 'n cuairt. O cheann beagan ùine bha coltas a' bhàis r' a fhaicinn anns gach glac agus gleann, air gach doire agus air gach crann. Bha na beanntan còmhdaichte le sneachd, agus cha robh fuaim r' a chluinntinn anns na glinn ach torman na gaoithe. Bha gach abhainn agus caochan air tachdadh suas le éigh. Bha na h-eòin 'nan tosd; air am folach ann am frògan nan creag, no air teicheadh gu blàths ann an rioghachdan céin. Mar thubhairt an sean bhàrd:—"Bha greann dubh air gach nì."

Ach air teachd do 'n Earrach tha nàdur a' dùsgadh á suain a' Gheamhraidh. Tha na machraichean a ris a' tighinn beò, tha am feur a' fàs, tha na blàthan ùra 'togail an cinn; tha an sneachd a' leaghadh bho bhearradh nam beann; tha an snodhach a' dìreadh troimh chuislean nan craobh, tha na sobhraichean r' am faicinn ann am fasgadh nam bruach; tha na h-eòin bheaga 'togail an ceileiridh le chéile, agus cluinnear ceòl an Earraich air gach taobh.

Ge b' e air bith cho doirbh 's a bha an Gheamhradh bheir an t-Earrach sòlas na chois.

EILEINEACH.

THE FAIRY QUEEN.

The fairy queen came riding,
When the rowan drops were red;
All her lovely locks were dancing
To her horse's dainty tread,
And the jingle of his mane bells
Clangoured joyous round her head.

O'er the pass remote and misty
Down the drove road mossy, green,
On by deer track narrow, winding
Through the cascade crowned ravine,
In her youth's triumphant glory
Came the smiling fairy queen.

And the gipsy by his camp fire,
On the burn o'erhung by fern,
As he twined the osier saplings,
Felt his heart strings strangely yearn,
When he heard that elfin music
He'd have given his soul to learn.

And the shepherd from the steep ridge
Let his keen eye rest on her,
As she downward passed beneath him
Towards the copse of birch and fir;
And her gladness and her beauty
Made his breast unbidden stir.

And the hunter of the high ben,
Brown faced stringer of the bow,
Felt a wondrous pity thrill him
Towards all creatures high and low,
For he'd seen the joy elusive
He could neither grasp nor know.

And they're waiting still and watching
Those rugged, wistful men,
With the patient eyes and humourous
For the far off morning, when
They'll see her once more riding
Through that rainbow haunted glen.

ALASTAIR C. McLAREN.

BOOK REVIEW.

Introduction to Gaelic Scotland. By ALEXANDER McKECHNIE. 77 pp. Price 2/6. Blackie & Sons, Ltd.

Mr. McKechnie has written a readable little book. He touches on the very points that would naturally occur to any intelligent stranger who wished to learn something about Gaelic Scotland, its appearance and people, its cultural and economic life. He gives a historical resumé of the racial antecedents of the Gael of Scotland, and alludes to the area over which the Gaelic language was once spoken. He then refers to the revival of interest in that language, and to the organised efforts of An Comunn. He sympathetically describes the aims, constitution, and activities of An Comunn. Mr. McKechnie is one of the many who hold that Gaelic should be more generally used in the business meetings of An Comunn. Any criticisms that Mr. McKechnie has to make are the criticisms of a friend. He admits that lack of resources hinders An Comunn in many directions.

In a word this is a most informative and racy little volume; and the author's interest in the language movement is very evident. There are one or two small slips in details of fact which might be corrected in a future issue. The book deserves a wide circulation.

N. R.

BRANCH REPORTS.

APPIN.—The local branch of An Comunn Gaidhealach held a concert to raise funds to meet the expense incidental to the training of the Appin Gaelic Choir. Despite the inclemency of the weather Mr. Boa, vice-president, had the pleasure of presiding over a large and enthusiastic company. The Choir, under Mr. MacDiarmid, gave a creditable rendering of the songs prescribed for the competitions at the forthcoming Oban Mod. The duettist members sang with pleasing effect. From a distance there came to assist a trio of old favourites in Mr. Clark Campbell, Mr. John M'Gregor, and Mr. Macquarrie, whose songs were received with acclamation. A special meed of praise must be accorded Master and Miss Black, South Shian, on their first appearance on an Appin platform. Their fresh voices made a strong appeal. Mr. Macpherson gave an amusing Gaelic recitation. The instrumental side was ably represented by the Misses Boa and Piper Robert M'Lennan. A novel feature was the waiking of cloth by a party of the Choir girls, with Mrs. M'Cowan, Appin House, as housewife, Miss Jem. Boa was accompanist. A dance, largely attended, followed an entertainment which was voted a success from every point of view.

BENDERLOCH.—The local Gaelic choir took part in an excellent ceilidh in Oban Old Parish Church hall as their contribution towards the National Mod funds. The entire expenses of the ceilidh and the choir were defrayed by Miss M'Cowan, the popular conductor, so that the total drawings were given to the Mod funds.

CORPACH.—There was a large attendance at the monthly meeting of the Banavie branch, which was presided over by Mr. Hugh MacPherson. A long and varied programme of Gaelic songs, instrumental music and step dancing was submitted and very much enjoyed. At the close, on the call of the Rev. Wm. MacDonald, a vote of thanks was accorded to all who had assisted to spend such a delightful evening.

DINGWALL.—The members of the Tain branch visited Dingwall and entertained the local branch at a ceilidh, which was held in the lower Town Hall. There was a large and enthusiastic audience, who thoroughly appreciated the varied and interesting programme submitted. It included solos, duets, part songs, both in English and Gaelic; Gaelic stories and a dialogue. Tea was served at an interval, and altogether a delightful three hours were spent.

DUMFRIES.—A very enjoyable ceilidh and dance under the auspices of the local branch was held in the Unionist Rooms, Dumfries, when about 120 members and friends attended. Mr. Alexander Anderson, president of the branch, presided, and he delivered a very stirring and appropriate address, in which he referred to the purposes of the branches and commended them to all who understood and appreciated the value of their Gaelic traditions and culture. A most enjoyable programme was afterwards sustained by a large company of artistes, a feature of which was the number of Gaelic items that were given.

GLENURQUHART.—The Glenurquhart branch held their annual meeting in Blairbeg Hall. After the minutes were read, the hon. treasurer, Mr. A. M.

Stewart, read the financial statements, which showed a balance of £11. Office-bearers were elected as follow:—President, Dr. W. F. Macdonald, Kilmichael; treasurer, Mr. A. M. Stewart, Drumadrochit; secretary, Mr. H. Fraser, Drumadrochit. This branch held a concert in Blairbeg Hall to augment their funds in view of their intention of sending a choir to compete at the National Mod in Oban next September. The programme was sustained by the choir, assisted by Mr. John Mackenzie, Auchterneed. Dr. W. F. Macdonald, the new president, occupied the chair.

HALLADALE.—The local branch have had the services of Mr. Walter Ross, Gaelic singing teacher, for the past fortnight, and a ceilidh was held to wind up the period of instruction. The chair was taken by the president, Mr. Donald MacKay, Dyke, who paid a tribute to Mr. Ross's abilities as a teacher, and thanked him on behalf of the choir. Mr. Ross expressed himself as being highly pleased with the progress which the choir made during his short period of instruction, and impressed upon them the necessity of persevering with their study of the music and language.

ISLE OF COLL.—The General Secretary of An Comunn Gaidhealach recently visited the Coll branch, and a successful ceilidh was held in Arinagour. Mr. Shaw, in addition to contributing several songs, addressed the company on two occasions, remarking particularly on the excellent attendance and the gratifying progress of the branch in general. Songs were rendered by a large company of artistes. A dance followed.

INVERARAY. The Inveraray branch is one of the most active of all the branches. Meetings are held fortnightly throughout the winter session and a keen interest is maintained in the work of the movement. Provost A. T. MacIntyre, president, and the other members of Committee, are to be complimented on the work they so very well undertake. At a recent meeting a visit was received from the General Secretary, who was delighted with the earnestness and enthusiasm which is so much in evidence at the meetings.

KINLOCHLEVEN.—In point of numbers present and the quality of the programme the ceilidh held by the local branch was the best yet. The attendance was reckoned to be almost 300. Under the excellent presidency of Mr. James Lawson, the ceilidhs are becoming a feature of the social life of the village. Many who were hitherto quite apathetic to the work of An Comunn are now attracted, and are becoming interested in the branch and the movement it represents. The programme at this ceilidh was of a very attractive nature and it is satisfactory to note that Gaelic items predominated.

LATHERON.—A ceilidh was held at Latheronwheel under the auspices of the newly-formed branch. Mr. John Sutherland, Seaview, Lybster, presided over a large audience, and the programme was sustained in English and Gaelic by Wick and Lybster artistes. A dance followed, which was largely attended.

LOCHINVER.—Despite the boisterous weather prevailing there was a large attendance at the recent meeting of the branch. The programme was an all Gaelic one and included songs, instrumental selections and dialogues. Tea was served during an interval. This branch is to be complimented for the manner in which it supports the language at all such functions. Nearly all the ceilidhs are confined to Gaelic.

LISMORE.—At the recent meeting of the local branch, the Rev. Dugald Bell, B.D., president, who takes a keen and practical interest in the work of the movement in the district, made reference to the excellent manner in which the branch members were endeavouring to uphold the trust that reposed in them to keep alive all that was best and noble in the history of their race. This concert, which was held to mark the close of the music class conducted by Mr. John MacDiarmid, An Comunn's music teacher, and a gratifying feature was the satisfying manner in which the music class students acquitted themselves in assisting with the programme. At the close a very high tribute was paid to Mr. MacDiarmid for his work.

MELVICH.—At the close of the singing class which Mr. W. W. Ross has been conducting for the past fortnight, a very enjoyable concert was held in the public hall under the chairmanship of Mr. William MacIntosh, vice-president of the local branch. The programme was sustained by the choir members and very much enjoyed.

NETHY BRIDGE.—The Nethy Bridge choir held a very successful concert in the local hall. The activities of the choir have created renewed enthusiasm in the district and at this happy function they were very well received by a large audience, who all thoroughly appreciated the various items submitted for their enjoyment. Mr. P. Cameron, a loyal and devoted worker in the Gaelic cause and president of the branch, introduced the chairman, Col. Grant of Rothiemurchus, who delivered a most sympathetic and encouraging address. Mr. Donald MacPhail, Northern Organiser, also spoke, and he referred particularly to the work of the movement in his area.

SHISKINE. During the past two years a general reawakening in Gaelic interest has been taking place in Arran. The branch at Shiskine has been particularly active in the renaissance movement and much credit is due to Mr. Angus Smith, who acts as Gaelic teacher. The closing music class concert in the village hall, which was attended by the General Secretary, was a splendid indication of the progress made and the enthusiasm that prevails in the district for Gaelic matters.

STORNOWAY.—At the monthly ceilidh of the local branch the Stornoway Gaelic Choir, under the leadership of Mr. John Macdonald, made its first appearance and received a great ovation. There was a large attendance at the gathering, which was presided over by Mr. Angus Macdonald. The programme was sustained by the choir members in concerted and solo numbers, in which they acquitted themselves with much credit. An interesting feature of the programme was the recounting by Mr. James Thomson of a large number of children's stories, which were collected by Mr. Roderick Morrison, Cross School.


TORAR-MHOIRE.—Bha an sgoil làn 'n uair a ghabh Iain Camshron a' chathair air an 31mh là de'n Fhaoilleach. Thug Aonghas MacLeòid, M.A., B.Sc., Ard Sgoil an Obain, mion-chunntas, ann an rogha. Gàidhlig, air "Boithain Airigh," gu sònraichte air àirighen "Eilean mo Ghaoil." An dèidh so 's ann a thuigeas sinn dé tha an t-òran, "Thug mi an oidhe an raoir 'san àirigh," a' ciallachadh. Tha sinn fada an comain ann duine chòir air son 'òraid thaitneach, agus air son a làthaireachd chionn, a bhàrr air obair fhéin, aig an àm so bha e air leth trang a' cuideachadh aobhar na Gàidhlig 'san Oban. Fhuair sin bho C. Macpharlain

"Turas do'n Zoo," dàn aighearach a rinn e fhéin. Bha òrain againn bho M. Chamshron, D. Nic Illeathain, C. Mac Illeathain, Iain Camshron (Aros) agus D. Cairnbeul. Bha innealan ciùil air gheus—Domhnall Mac Fhionghuin agus U. Christie (mandolines); N. agus A. Peuton (fiddlean); D. Mac Leòid (a' phìob mhór); agus a' bhean nasal Nic a' Mhèinnearach (piano). Bha dèil againn ri òraidhe aig a' choinneimh air an 14mh là de'n Ghearran, ach chaill an duine còir ann bàta. Ach mar a bha, bha luchd na cèilidh ann am fonn maith, agus cha robh òrain agus sgeulachdan an dith. Bha òrain ann bho 'n mhnaoi uasal Nic Leòid, na h-igheannan uasal D. Nic Illeathain, M. N. Moireasdan, Catriona Nic Shuibhne, agus bho C. Mac Ill' Iosa, I. Mac Ceallaigh, A. Peuton, E. Mac Alasdair, Donnchadh Mac Fhionghuin, I. Camshron (Lochiall), agus A. Mac Eanruig. Bha sgeulachdan aig A. MacLachlainn, A. Mac Illeathain, agus C. Mac Aoidh. Thug fear na cathrach, an t-Urr. I. M. Mèinnearach, taing do'n mhnaoi uasal Nic Ill' Iosa, "aig an robh a' cèilidh," agus do gach neach a rinn ann feasgar cho cridheil.—Aig ar cèilidh air an 28mh là de'n Ghearran cha robh feum air clàr idir. 'S e "Sòp as gach seid" a bha ann, na suip ag èirigh a rèir an t-seann nòis. Chumadh a' cèilidh mu dheireadh de'n t-seisein air an 14mh là de'n Mhàrt—oidhe cho sòna 's a chuir sinn seachad. Bha òrain againn agus gu leòir dhuibh, ach b'e gnothach mòr na h-oidhe an òraid a thug an sgoilear ainmeil, an t-Urramach Iain Mac-a' Phearsain, Tigh-an-Uillt, mu na seann nòsan a bha aig na Gaidheil a nuas troimh na linteann, mòran dhuibh nis a' dol a cuimhne. Chord a' chùis anabarrach maith ris a luchd-eisdeachd, gu sònraichte a sgeulachdan a bha air leth aighearrach. 'S fhada bho nach cuala sinn briathran cho gasda air an liubhairt cho fileanta agus cho snasmhor.

WICK.—Under the auspices of Wick branch a very happy and successful public ceilidh was held in the Old Parish Church Hall on Friday evening, February 16. Mr. Millar, president, in introducing the programme, expressed gratification at the formation of a branch in the parish of Latheron and wished it all success. Two visitors from Halladale branch were welcomed—Mr. John Mackay, who played bagpipe selections and sang Gaelic and English songs, including some delightful examples of "puirt a' beul" (mouth music), and Miss Macdonald, who with Mr. Mackay sang in a couple of duets. Solos were rendered by Mr. Donald Sinclair, jun., Mr. Bruce Mackie and Miss Meiklejohn; violin selections were played by Miss Henderson and Mrs. Tweedie; Highland dances were neatly performed by the young Lyall troupe (Mr. James Christie, piper), and recitations were given by Mr. George Miller, J.P., Old Strikoke. Mrs. Gilbertson was accompanist. All the performers were heartily encoered, the various items being greatly appreciated by the audience. Tea was served during an interval. The ceilidh concluded with votes of thanks and the singing of "Oidhe mhaith leibh," followed by the National Anthem.

Copies of "Voices from the Hills" can still be obtained from the Secretary. A compilation of articles on living topics bearing on the work of An Comunn and kindred subjects, this volume is one of the most varied and attractive books ever offered to the Gaelic public. No member should be without a copy. An excellent present for friends overseas. Price, 6/6; postage, 9d.

SCOTLAND'S HIGHLANDS CALLING !



HER Spinning Wheel and **HIS**
Glenarry — Symbols of the
Highlands!

Wear the tweeds and the woollies made in Highland homes. They are part of the life of the crofters, that sturdy independent race from which so many pioneers have sprung.

The mountain sheep give their wool, the lichens on the rocks their vegetable dyes. The women by the peat fire sing together as they weave and spin.

From here come the tartan plaids and woven tweeds, the knitted cardigans, shawls, and rugs — all made by hand and sold entirely for the benefit of the workers.

Highland Home Industries Ltd.

111A GEORGE STREET, EDINBURGH.

DEPOTS:

111a George St., Edinburgh;
255 Bath St., Glasgow;
Strathpeffer; and
Kilmuir, Skye.

PHONES:

Edinburgh 26713.
Glasgow, Douglas 62.

Just Published

3/6 net

The Owl Remembers

Gaelic Poems Selected and Edited with Notes by

JOHN MACKECHNIE

M.A., B.D., F.S.A.(Scot.)

Introduction and English Versions by

PATRICK MCGLYNN

M.A., D.Litt.

This book brings to the reader a new aspect of Gaelic life and culture in a form most attractive to the English reader.

It is one of the most important books in the Scottish Renaissance.

The editors, both outstanding scholars, have chosen some of the most charming and delightful poems from the eighth century to the present day, and made them available to the general reader in an entirely new English version.

ON SALE AT ALL BOOKSELLERS

or

ENEAS MACKAY

44 CRAIGS - - - STIRLING

THE CLARSACH

OR

CALEDONIAN HARP

J. W. BRIGGS

VIOLIN MAKER

8 Cambridge Street, Glasgow

MAKER OF

"DALRIADA" and "OSSIAN"
CLARSACHS

• These Clarsachs are made entirely by hand in our own workshop in Glasgow. Most of the leading players of this delightful Scottish instrument have expressed their appreciation of the beauty of tone of those already supplied. The revival of the Clarsach has given great pleasure to all lovers of the traditional Highland music.

Prices and particulars on application to
above address.

'Grams: "Pheasant, Edinburgh."

'Phone 21103.



By Appointment to His Majesty the King

Quality is always the first consideration

PURVEYORS of the FINEST SCOTCH FED BEEF, SALT BEEF ROUNDS, SPICED BEEF, HOME-FED PORK, SCOTCH MUTTON and LAMB, NEW ZEALAND MUTTON and LAMB, CHOICE VEAL, CAMBRIDGE SAUSAGES, TURKEYS, GEESE, DUCKS and CHICKENS, PHEASANTS, PARTRIDGES, HARES, SEASONABLE GAME, PORK PIES, and GALANTINE. SCOTCH HAGGIS posted to any address at any time.

JAMES WILSON, LTD.

BUTCHERS, POULTERERS, and GAME DEALERS,

142, 144, 146 GEORGE STREET EDINBURGH.

The Corner of Charlotte Square.

JOHN LEARMONTH, Managing Director.

Telephone—

No. 53

Registered Telegraphic Address—

"BOOKLESS, INVERNESS"

BOOKLESS BROTHERS

THE PRINCIPAL FISHMONGERS, POULTERERS AND
GAME DEALERS IN THE HIGHLANDS OF SCOTLAND

FISH, POULTRY and GAME Dressed and Packed by
experienced men for conveyance by Rail, Coach or Steamer
WENHAM LAKE ICE in Large or Small Quantities

Largest Buyers of Game in the Highlands

Hampers Supplied

28 UNION STREET INVERNESS

Also Wholesale Markets SHEFFIELD and LEEDS



EDITOR.—Rev. NEIL ROSS, C.B.E., D.Litt., *The Manse, Laggan, Kingussie, to whom all literary communications should be addressed; business and other communications to 212 West George Street, Glasgow.*

TELEGRAMS.—Runaire, Glasgow.

TELEPHONE.—Douglas 1433.

Leabhar XXIX.]

An Cèitein, 1934.

[Earrann 8

TIR NAM BEANN.

Mar shiùbhlas an t-òganach no a' mhaighdean Ghaidhealach air falbh bho an dachaidh, agus a ni iad fuireach anns a' bhaile mhór, ciod an dòigh air an urrainn iad an dùthchas a chumail? Tha iad suidhichte an teis meadhon choigreach. Tha gach ni a chi iad ùr dhaibh. An ceann ùine ghoirid is-nàdurach gu'm bi an cuimhne air an dachaidh a' fàs fann, a chionn is gu bheil dòigh a' bhaile a' togail an aire. Is e am meadhon is fearr gus an dùthchas a ghleidheadh gu'm biodh Tir nam Beann a ghnàth 'n an inntinn. Is e so am bann is treise gus an ceangal ann an smuain ri an dualachas. Ged dh'fhaodas ionndrainn a bhi car greise 'n an cridhe air an dachaidh agus an càirdean, gidheadh is e meas air an tir anns an d'rugadh is an do thogadh iad, aon de na nithean a chumas dìleas iad do an deagh chliù. Air an aobhar sin tha luach sonruichte anns gach meadhon, tre chàirdeas, is chèòl, is cànan, a chumas Tir nam Beann an comhluidh fa chomhair an inntinn.

* * *

Ach ciod am bonn air an can sinn gu bheil beanntan agus glinn cho buadh-mhor, aon uair is gu'm fàg sinn as ar déidh iad? Is e so am bonn—gur iad a' cheud dealbh air an d' amhairc ar sùil an uair a bha sinn òg; agus mar sin gu bheil gach sonas, gach oilean, agus gach deagh eisimpleir is earail a fhuair sinn aig an dachaidh, fuaighte gu dlùth ri iomhaigh na dùthcha. Nach math tha cuimhne agad air an rathad chorrach agus chunnartach air an do choisich thu na ceudan turas a' dol do'n sgoil? Nach eil beachd eagnaigh agad fathast air a bhi a' dìreadh na creige anns an d'fhuair thu nead na smeòraich? Nach bu

bhòidheach na h-uibhean, agus nach bu laghach na h-eòin? Is ann mar sin a tha cuimhne air làithean na h-òige, agus air a' chearn anns an d' fhuair thu t'àrach, mar lòn 'tairneach do t'inntinn am meadhon ùpraid a' bhaile-mhóir. Saoileam gur gasda an ni so mata, an éifeachd a dh'fhaodas a bhi aig na beanntan is na glinn, aig na cùirn agus na creagan, aig na h-uillt agus na cladaichean, gus ar dùthchas a chumail beò ann ar cridhe.

* * *

Tha seadh eile fathast anns a' bheil buaidh aig cruth na dùthcha air aigneadh nan Gaidheal. Mar tha muinntir a' comhnaidh anns na glinn uaigneach, no an cois na mara fo sgàil chreagan mòra, tha iad buailteach air a bhi car cianail 'n am faireachaidhean. Tha séideadh na gaoithe, fuaime nan aibhnichean agus gair nan tonn ag aobhrachadh spiorad tiamhaidh anns an fheadhainn a tha ag 'éisdeachd riu, bliadhna an déidh bliadhna. Tha earrann de chèòl nan Gaidheal air a' ghleus so, mar gum biodh e ag aithris air obair nàdur. Faodaidh gur e sin an ni is taitniche an ceòl na Gaidhlig, an comas diomhair a tha ann gus an inntinn a thàladh gu fois, mar gum biodh neach ag éisdeachd riu, torma nan allt, no ri osna chiùin an àile. Tha mòran de na facail anns a' Gaidhlig mar an ceudna coltach ri cuid de na fuaimean a chluinneas neach air an dùthaich—cuid de na sreathan anns na h-òrain dhùthcha, mar gum biodh iad ag aithris air an ni mu'n robh iad a' luaidh. Mar sin tha chèòl is cànan nan Gaidheal 'g ar treòrachadh air ais gu na tìr a bha mar chreathall do ar sluagh.

* * *

Smuain àraidh eile: mur cum an Gaidheal greim air a dhùthaich fhéir, cha bhi ann ach

fògarach. Is e a bhitheas ann ach fear-fuadain a chaill a dhachaidh, dìobarach a chaill a dhùthaich! Cìod e cho dèidheil 's a tha na Sasunnaich air an tìr mhaisich féin. Nach e Shakespeare a thuir:

*"This other Eden, demi-paradise,
This precious stone set in the silver sea."*

Mhol na bàird Ghaidhealach Tir nam Beann. Ach tha an t-eadar-dhealachadh mòr so ri fhaicinn—gu bheil an Sasunnach a' cumail a dhùthcha an uair a tha an Gaidheal 'g a call. So ni a dh'fheumar a chumail cho math ri cainnt is ceòl, eadhon *spiorad* fearail a' Ghaidheil. Is dìblidh, suarach an spiorad sin a bhiodh leagte ri còir-bhreith ar shluaigh a leigil leis an t-sruth; a bhiodh riarachichte le bhi 'n a fhògarach air faondradh feadh an t-saoghail. Ma chailleas an Gaidheal a dhùthaich bìthidh e ni 's truaighe na 'n t-ùdhach. Gleidh an t-ùdhach cainnt a shluaigh; leughaidh e fathast litreachas na seann Eabhra. Ach aon uair is gu'n caill an Gaidheal a gheim air a dhùthaich, cha bhi fada gus an caill e mar an ceudna na buadhan a thug a dhùthaich dha.

* * *

Mar tha fhios aig an leughadair chan fhaod sinn mòran a chur sìos air an duilleig so mu dheidhinn lagh fearainn no gnothach parlamaid. Ach is e aon ni a tha ceadaichte, agus is e sin—earail dhùrachdach do na Gaidheil mu 'm bi e tuilleadh is annoch, iad a dhùsgadh suas le gràdh dàthcha a chum is nach téid Tir nam Beann a dheanamh 'n a fàsach. Is e an aon dòchas airson nan Gaidheal, agus airson an cànan, gu 'm biodh tuath air an suidheachadh anns na glinn. Mur tachair sin, chan eil ann ar saothair ach dìomhanas; theid sinn fhéin agus ar cainnt air chùil. Faodaidh an Gaidheal siubhal fada is farsuinn, agus measgachadh le cinnich eile; ach ma leigeas e air dearmad na nithean a bu chòir a bhi measail aig duine urramach—a chainnt agus a chliù—chan fhada an ùine gus an caill càch am meas airsan; oir cò aig am biodh meas air neach sam bith a dh'aontaich ri call dàthcha, a dhearmaid oilein a shluaigh, agus a rinn tàire air a chòir-bhreith?

SCOTS AND BRETONS TO MEET AT ROSCOFF.

By Miss AUGUSTA LAMONT, M.A., B.Sc.,
of Knockdow.

In order to carry out their programme of an "entente celtique," the College of the Bards of Brittany, in co-operation with the

Town Council of Roscoff, is organising for the 28th to the 31st of July next one of the finest displays of the Breton ideal which has been since the war.

The town of Roscoff has been chosen because of its situation in the heart of a Breton-speaking region, and because of the part that it has played in the maritime and commercial history of Brittany. Supported by various societies, the municipality of Roscoff is to initiate an entirely new programme, the outlines of which were discussed by a special committee at the end of March. The fact that Dr. Lefranc has accepted the presidency is a sure guarantee of success.

This year's display promises to be a culmination of the extraordinary attractions with which the courage and initiative of the Bards have invested their gatherings for the last twelve years. There will be not only a druidic ceremony facing the sea, but an open-air theatre supported by Breton choirs from Paris, Pontivy, and Nantes. There will be Breton sports, and, in addition, a representation of the landing of the young Queen Mary Stuart and her court at Roscoff in 1548, when she came to be betrothed to François de Valois, son of the King of France. There will also be a commemoration of the landing of Prince Charles Edward Stuart at Roscoff after his defeat at Culloden in 1746.

Roscoff of all Breton ports has contributed most towards the maintenance of intercourse between the Celts of the two sides of the Channel. In his opening address, the learned Bard, Ab Alor, will give an account of relevant historical details which are too often forgotten.

Ged bha'n "t-urram thar gach beinn aig Beinn Dòrain" anns an dà òran sin chan 'eil beinn no coire no stùc bha faig air a dhachaidh nach eil e ag ainmeachadh. Chan e mhain sin ach chi sinn gu 'n robh stùl a' bhaird a beachdachadh air gach ni mu 'n cuairt, na h-eoin air bharran nan geug, gach fìr is lus is dearc a bha cinntinn air beinn 's air bruaich ; agus airson nam fadh dheth, cha mhór nach fhaodamaid "Moladh an Fheidh" a ràdh ri Moladh Beinn-Dòrain.

"A bheinn lusanach, fhaileanach, mheallanach,
lìontach,
Gun choimeas d'a falluing air thalamh na
Criosdachd."

Agus a ris : " 'S binne na gach beus
Anail mhic an fheidh
A' langanaich air eudan
Beinn Dòrain."

Ach cha dean rann no dha ach beachd faoin thoirt dhuibh air a' bhàrdachd so ; chum gun tuig sibh i gu ceart feumaidh sibh a leughadh 'na h-iomlanachd, agus an sin their sibh gur miorbhalteach an obair a rinn am Bàrd.

(*Ri Leantainn.*)

AN COMUNN GAIDHEALACH.

FOUNDED 1891.

All Scottish Gaels, and all persons in sympathy with the Gaelic movement, are cordially invited to become members. The objects of the Association are to encourage and promote

The teaching and use of the Gaelic Language,
The study and cultivation of Gaelic Literature,
History, Music, and Art,
The native industries of the Highlands of Scotland,
and
The wearing of the Highland Dress.

TERMS OF MEMBERSHIP.

LIFE MEMBERS One Subscription of £3 3s.
ORDINARY MEMBERS, An Annual Subscription of 5s.

"AN GAIDHEAL."

(FREE TO ALL MEMBERS.)

The Monthly Magazine of the Association contains records of Meetings of the Association, its Branches, and Affiliated Societies.

Post Free, 2/6 per annum (Subscriptions to be sent to the Secretary).

Treasurer, ROBERT MACFARLANE, C.A.
Secretary, NEIL SHAW.

Office . . . 212 WEST GEORGE STREET, GLASGOW.

AN NEOINEIN.

Tha machraichean na dùthcha aig an am so comhdaichte leis na neoineanan cho geal ris an t-sneachd.

Tha daoine cho eolach air an fhùr bhòidheach so 's nach ruigear a leas mòran a ràdh mu choslas an so, ach chan 'eil fhios aig na h-uile air an reusan gu 'm bheil meas cho mòr aig clann bheaga na Gaidhealtachd air.

Anns na sean linn, bha na Ceiltich a' creidsinn an uair a gheibheadh leanabh bàs gu 'n robh fùr-neoinein air a chur na àite air an talamh.

Tha sgeul air aithris gu 'n do chaochail a leanabh air boirionnach òg cliùiteach agus gu 'n robh i fo throm mhulad a' caoidh ann an uaigneas agus cha b'urrainn di sòlas a ghabhail fad ùine mhoir.

Mu dheireadh thainig aon de a maighdeanan g' a h-ionnsuidh le aoibhneas air a gnùis agus dh'innis i dhi gu 'n tainig a leanabh air ais—ann an cruth fhùr ùir a thainig gu talamh—le duilleagan geala dlùth do 'n chridhe agus oirean boidheach dearga cosmhuil ri craicinn leinibh.

Dh'eirich am boirionnach agus dh'amhairc i air an fhùr—an neoinean—agus cha d'rinn i caoidh tuilleadh, ag ràdh:—“Is e am fùr so mo leanabh, air tilleadh, agus bheir e sòlas do gach mathair a chailleas a naoidhean.”

EILEANACH.

EUD NA GAIDHLIG.

Co-fharpais ur 1934.

(Mòdan Dùthchail.)

1. Is e “Co-fharpais na h-Uaisle” bhios mar ainm air a' cho-fharpais so. Tha i airson chòisirean-cloinne, balaich agus caileagan le chèile.

2. Cumar i am bliadhna, 1934, aig na Mòid Dùthchail—an Ile, Aird nam Murchan, Port-Rìgh, agus Steòrnabhaigh.

3. Taghaidh gach còisir a buidheann féin airson cuid a ghabhail ann. Cha bhi na's lugha na ochd, no na's mò na a dhà dheug, ann am buidheann sam bith, agus cha bhi còrr is aon bhuidheann aig gach còisir.

4. Feumaidh gach sgoilear fa leth dol ann an seanachas nam Breitheamhnan, agus an ceistean a fhreagairt. Ach chan ann a mhàin airson fìleantachd ann am bruidhinn na Gàidhlig a tha

a' cho-fharpais so. Is e is brìgh do 'n cho-fharpais so gu 'm feum gach sgoilear a dhearbhadh, gu meud a chomais, araon le a chainnt is le a ghiùlan, gu 'm bheil e Uasal as a' Ghàidhlig—gu 'm bheil e 'ga cleachdadh cho tric 's is urrainn da, gur e dùrachd a chridhe gu 'm bi a' Ghàidhlig 'na cainnt laitheil aig na Gàidheil gu bràth, agus a dh' aon fhacal—gur Gàidheal e fhéin leis an ainm a h-uile cothrom a gheibh e agus a dhùthchas 'aideachadh le bhi BRUIDHINN NA GAIDHLIG. Cuimhnicheadh a h-uile fear am facal so.—

An latha a thréigear na Gàidheil a' Ghàidhlig, cha Ghàidheil tuilleadh iad ach Sasunnaich.

5. A' bhuidheann as mò a gheibh de chomharran thar cheann, bheirear di an t-àite 's an t-urram 's an duais as àirde.

Bithidh airgid gach duaise air a roinn gu cothromach eadar clann na buidhne a choisneas i.

6. Bithidh dà Bhreitheamh air gach co-fharpais. Feumaidh Fear-Gairme Clann an Fhraoich teisteanas sgriobhte a thoirt do Rùnaire a' Chomuinn Ghàidhealaich gu 'm bheil sàr-earbsa aige às na Breitheamhnan, agus gu'm bheil iad làn-chomasach airson na h-oibre so.

7. Bheirear làn-fhios do gach còisir roimh làimh ciod is aobhar agus brìgh do 'n cho-fharpais, agus bheirear iomradh ann an Gàidhlig do mhuinntir a' Mhòid Mhòid ciarar a chaidh do gach buidheann anns a' cho-fharpais.

8. Is iad na duaisean a theid a thoirt seachad aig gach Mòd:—

I.—£3 do 'n chòisir, agus an leabhar *Sgeulachd a' Choire* do gach sgoilear: £1 do 'n mbaighstir-sgoile.

II.—£2 do 'n chòisir: 10/- do 'n mhaighstir-sgoile.

III.—£1 do 'n chòisir.

Is e an duine a tha toirt seachad nan duaisean so, Calum Seòladair.

An Taobh Deas—

Ile, - - - 8mh la de'n Og-mhios.
Aird nam Murchan, 26mh „ „

An Taobh Tuath—

Steòrnabhaigh, 21/22mh „ „
Port Rìgh, - 26/27mh „ „

'S i'n fhuil bha 'n cuisil' ar sinnsridh,

'S an innsginn a bha 'nan aigne

A dh'fhàgadh dhuinn mar dhìlib—

BHI RIOGHAIL—O! I'S SIN AR PAIDIR!

AN SANAS ADHAIR.

Le CALUM IAIN MACLEOID, An Cnocbàn

(A' Cheud Duais, Mod 1933.)

Ged a tha an Sanas Adhair annèil agus cluìteach an diugh, 's e tòiseachadh bochd, diblidh a bha aige. Tha sinn a' cluinntinn iomraidh air an toiseach anns a' bhliadhna 1740. Anns a' bhliadhna sin fhuair iad a mach gu 'n robh stuthan àraidh anns an t-saoghal a b'urrainn na sruthan adhair (currents) a ghiùlan. Thug iad innealar stùiridh (conductors) mar ainm air na stuthan sin. Ach, anns a' bhliadhna 1837, rinn iad adhartas mòr. Chunnac an t-ollamh Morse gu 'm faodadh iad am beachd so a chur an cleachdadh gach là. 'S ann aca-san, matà, a bha toiseach tòiseachaidh an t-Sanais Adhair. Fhuair an t-ollamh a mach, cuideachd, gu 'm faodadh iad an solus dealain (electricity) a chur thairis air abhuinn.

Bha dòigh àraidh aca air so a dheanamh. Chaidh iad sìos gu bruach aibhne, agus air aon bhruaich chàraich iad teud copair agus bha gach ceann de 'n teud so air bhog. Rinn iad an aon rud air an taobh eile de 'n t-sruth. 'N uair a bha a h-uile ni air dòigh chuir iad an solus dealain (electricity) troimh na teudan copair agus chunnaic iad nach do stad e idir aig na claran copair ach gu 'n ghabh e air adhart troimh an uisge mar thunnaig agus mu dheireadh ràinig an solus dealain gach taobh de 'n abhuinn. Tha mi a' creidsinn gu 'n robh aoibhneas mòr air na daoine so 'n uair a chunnaic iad sud, ach cha do mhair e fada. Bha am Freasdail a' faicinn nach robh mòran feuma anns an ni so an dràsda, co-dhiubh. Fhuair fear ris an abrar Hertz a mach gu 'n robh tonnan adhair (currents, waves) ann a bha làn de sholus dealain agus gu 'n robh cumhachd clach-iùil anna. Feumaidh e a bhith gur e duine anabarrach tuigseach a bha so. An déidh dha beagan rannsachaidh a dheanamh fhuair e a mach gu 'n robh na tonnan so ag ealadh eadar Fuaim agus Fradharc. Ach 's e an rud eile as iongantach a th 'ann: thuir Hertz gu 'n robh na tonnan so a' falbh cho luath agus nach b'urrainn duinn an cluinntinn, ach gu 'n robh iad ro shladach ri 'm faicinn. Shaoileadh duine nach robh sràd cheille aige, ach, a charaid, 's ann aige a bha. Bha fios aige, cuideachd, air meudachd nan tonnan sin, bho bhun gu barr. Feumaidh sinn aideachadh, mata, gu 'n d' rinn Hertz mòran adhartais ann an eòlas an t-Sanais Adhair agus bhiodh e air tuilleadh fhaighinn a mach mur biodh gu 'n chaochail e anns a' bhliadhna 1894.

Tha sinn a nis a' tighinn a dh'ionnsaidh beatha an duine ainmeil sin, Signor Marconi. Bha e air a bhreith anns a' bhliadhna 1874 ann am baile Bhologna, anns an Eadailt. Thòisich e a' meòrachadh aig Oil-Thigh Bhologna agus an sin fhuair e sgoileireachd a bha feumail da 'n uair a thàinig e a nall gu Sasuinn anns a' bhliadhna 1896. Thòisich Marconi ri togail suas Sanas Adhair a réir dòigh a bha aige fhéin.

Thog e an toiseach ionad lion-sgaraidh (sending station) agus fhuair e seòrsa de chearcall air son nan sruthan dealain a chumail. Bha an cearcall so a' toirt air falbh cumhachd an t-soluis dealain agus a' deanamh sruthan adhair (waves) dhiùbh nach robh cho cumhachdach, ach, aig an aon àm a bha cumhachdach gu leòr air solus dealain a chur mu 'n cuairt. Fhuair e iuchair Mhòse an uair sin agus tha an iuchair so air a' ceangal suas ris an riab-steallaig (oscillator). 'N uair a tha cudthrom a' teannachadh na h-uchrach Mhòse tha seòrsa de sràd theine (spark) a' tòiseachadh agus tha na tonnan dealain (electric waves), a' sgapadh air feadh gach cèarnaidh. Gheibheadh sinn beachd air an sgapadh so na 'n tigeadh sinn clach ann an linne bhalbh. Chì sinn tonnan beaga air uachdar na linne agus iad a' fàs na's mò agus na's mò. 'S ann mar so matà a tha na tonnan dealain ag oibreachadh. Bha an innealachd so math gu leòr fhad sa chaidh e, ach cha chluinnadh iad ni 's am bith aig an ionad-ghabhail (receiving station), oir bha na tonnan dealain ro lag. 'S ann an uair sin matà, a thàinig an duine ainmeil, an Ridire Oliver Lodge, agus rinn e innealachd ùr agus thug e inneal-teannachaidh (Coherer) mar ainm air. Bha an t-inneal so a' cumail ri cheile an ionad ghabhail (receiving station) agus an ionad lion sgaraidh (Transmitting or broadcasting station), agus mar sin chaidh aca air fuaim a dheanamh. Chan eil fios an ann bho na spioradan a fhuair an Ridire Oliver so a mach no nach ann, ach, co-dhiùbh chad e duine gun tùr a dheanadh a leithid sud de innealachd. Fhuair Marconi matà teachdaireachd a chur a null air A' Chuan Siar leis an inneal so, anns a' bhliadhna 1902. Rinneadh mòran adhartais bho 'n uair sin agus tha dearbhadh air so anns a' chogadh mhór a chaidh seachd. Rì linn a' chogaidh so fhuairadh a mach nach robh an Sanas Adhair idir ag oibreachadh gu math troimh an là. 'S ann fann, lag a chluinnadh iad rud sam bith. Ach tha so a nis air a cheartachadh. Tha iad a' tasgadh suas mòran neirt feadh an là aig an ionad lìon sgaraidh (broadcasting Station) agus aig claradh an fheasag tha an neart so air a leigeil ma sgaoil.

Feuchaidh mi a nis beachd a thoirt dhuibh air an t-Sanas Adhair mar a tha e againn 'n a ar là féin. Ach mus dean mi so feumaidh mi pong eile a thoirt an lathair, agus 's e pong glé chudthromach agus toirteil a tha ann. 'Se ainm neònach a tha air agus gu dearbh, ainm glé dhuilich a chur anns a' Ghàidhlig. Tha am facal ath-fhuaimneachd (resonance) a' toirt a mach brìgh an tachartais iongantach a tha so. Tha mi creidsinn gu 'n cuala sinn uair no uaireigin pìobaire a' cur rian air na dais aige. Tha e a' cur stad air a h-uile dos ach aon, agus tha e a' cur car de 'n fhear sin gus am bi e ann an rian agus ann an còrdadh ris an t-sionnsair. Cho luath agus a bhios an dithis so a réir a cheile saoilidh tu nach 'eil ann ach an aon fhuaim. 'S ann mar so matà a tha gach fear a' cur a mach ciùil a tha de 'n aon chòrdadh agus mar sin tha ath-fhuaimneachd (resonance) ann. Chì sinn a nis cho feumail 's tha an t-bòlas so do 'n t-Sanas Adhair.

Faodaidh sinn a nis a dhol air adhart le beachd a thoirt air Sanas Adhair a tha air oibreachadh le glaine chruinn chrìostal a tha 'n a h-ionad glacaidh (receiving station) Feumaidh sinn an toiseach slat adhair agus teud air a cheangal ri the a tha a' dol sìos do 'n talamh. Tha glaine chruinn chrìostal air a ceangal an uair sin ris an teud a bhios a' dol timchioll air an riab-steallaig (oscillator) agus faisg air bun nan innealan stiuraidh (circuit) tha cagar cèin (telephone) a dh'fhaodas sinn a chur ri ar cluasan.

Tha sràd theine a nis a' lasadh air uairibh faisg air a' chagar cèin agus tha teachdaireachd air fhaighinn bho'n adhar, ach feumaidh sinn cuimhneachadh air a' pìobaire. Tha teid a' phìob gu math mur eil rian oirre. Air an aon dòigh, matà, feumaidh na tonnan dealain a tha falbh anns an adhair a bhì ann an còrdadh ris an neart a tha anns an t-Sanas Adhair agus an t-slat-adhair. 'N uair a bhios so iomlan gheibh sinn fuaim agus còmhraidh. Ach feumaidh sinn cuimhneachadh nach oibrich an t-inneal so ach faisg air ionad craobh-sgaoilidh (broadcasting station). Chan eil e làidir gu leòir 'n uair a tha na tonnan dealain a' tighinn astar fada.

Bha daoine a' faicinn a nis nach robh an t-inneal so gu mòran feuma, agus anns a' bhliadhna 1904, rinn Dotair Fleming glaine chruinn anns an robh solus dealain (electricity). Tha an t-uamhas de shruthan dealain a' dol thairis air a' ghlaire so, agus iad 'n an deann ruith fad na tìde. Tha e soilleir ri fhaicinn gu 'm bi a' ghlaire so na's buailtiche air tonnan adhair a ghlaicadh agus air an aobhar sin

tha an t-ionad-glacaidh (receiving set) gu léir na's làidire.

Bha a' chùis a nis a' tighinn teann agus bha a h-uile duine a' gabhail tlachd anns an t-Sanas Adhair. Anns a' bhliadhna 1907, thàinig Frangach teòma a nall agus chuir e teud chopair anns a' ghlaire chruinn. Shaoileadh duine nach deanadh so a bheag de eadar-dhealachadh, ach rinn. Cha b'ann anns a h-uile poll-mòna a gheibheadh daoine sgòilear cho barraichte ris an ollamh Forrest. 'N uair a bha e deiseil de 'n ghlaire chruinn cha mhór nach cluinneadh tu ceum cait air tobhta an taighe. Dh'fhàs an sluagh coma de 'n ghlaire chrìostail agus rinn iad Sanas Adhair da-rìreadh a nis agus 's e so an t-inneal a tha againn an diugh, agus cha chreid mi gur h-urainn doibh barrachd adhartais a dheanadh air.

Ach, a charaid, cha n-e so deireadh an sgeòil. Cò as a tha na tonnan dealain so a' tighinn? 'N uair a chuireas tusa an adhar ud ri do chluais chunnidh tu, is dòcha, searmon, no pìobaireachd, no sgread fìdhle, thall anns a' Ghearmailt. Tha na tonnan so a' tighinn bho'n ionad craobh-sgaoilidh (broadcasting station). 'S e so àite mòr nan innealan anns am bi daoine a' bruidhinn.

Tha slat mhòr, àrd 'n a seasamh am muigh air leana agus tha teud chopair a' dol sìos bho'n t-slaic do 'n talamh. Tha glaine chruinn an uair sin ceangailte ri tasgadar an t-soluis dealain (battery) agus tha na sruthan dealain a' ruith timchioll. Faisg air a so tha seòrsa de adhair-labhairt (microphone) anns am bi daoine ri bruidhinn. Cho luath agus a thoisicheas fuaim 's am bith anns an adhair so tha sruthan a' dol troimh gach teud anns an inneal agus tha e a' faighinn neirt bho'n ghlaire a bheir air streap ris an t-slaic Adhair. Tha na teachdaireachdan so air an toirt a steach le Sanas Adhair aig am bheil tonnan de 'n aon fhad (wave length) agus mar sin tha teachdaireachdan a' dol air ais 's air adhart bho àm gu àm.

Tha so a' coimhead furasda gu leòir ri dheanadh agus ri thuigsinn ach feumaidh sinn cuimhneachadh nach biodh an leithid de rud ann idir ri ionad craobh-sgaoilidh (broadcasting station) na'm b'e an sràd theine an aon dòigh a bhiodh againn air teachdaireachdan a chur air falbh. Bithidh beachd aig daoine air an eadar-dhealachadh a tha eadar tonnan air an cur air falbh le teine agus na tonnan dealain, 'n uair a chluinneas sibh am fuaim a nì clach air baraille falbh agus fuaim cloiche air baraille làn. Tha na tonnan dealain matà mar fhuaim cloiche air baraille falamh. Tha iad a' cumail suas an fhuaim,

mar gu 'm b'eadh, na's fhaide na na tonnan eile, agus tha iad cuideachd a' leanntuinn air an cùrsa na's fhaide agus na's réidhe.

Chì sinn leis an t-samhladh so cho breabach, goirid, 's tha na tonnan a tha air an cur a mach le srad theine, ach, tha an fheadhainn eile cho réidh agus a' leanntuinn cho fada, dìreach mar fhuaim na cloiche air a' bhàraille fhalamh.

Tha iomadh nì timchioll air an t-Sanaid Adhair a tha làn oilein agus tlachd. Tha e feumail air son mharaichean a tha a' cogadh ri na tonnan beucaich, borb. Tha e feumail ann an àm cogaidh air son teachdaireachdan a chur bho àite gu àite gun fhios aig an nàmhaid gu dé a tha an teachdaireachd ag ràdh. Gheibh sinn searmon air feasgar na Sàbaid an tac an teine gun nì againn ri dheanamh ach suidhe air a' bheinge ag éisdeachd ri ùrnuigh agus teagasg, mar gu 'm biodh tu 'n a do shuidhe air cnocan ri taobh "Leabaidh na bà baine," ag éisdeachd ri Domhnallach na Tòiseachd, 'n uair bha e beò. Ach tha ceist an còmhnuidh air m'aire. Am bheil sinn na's fheàrr an corp no an intinn leis na h-innleachdan ùra a tha so. Am bheil sinn cho sàsuicheid le ar bith-beò 's a bha Donnachadh Bàn Mac an t-Saoir. 'S e mo bheachd-sa nach eil agus nach bi a chaoidh. Tha sinn a' glasadh a mach obair Naduir agus càinain ar sinnsearan agus a' toirt a steach innleachdan gallda a tha a' deanamh Albann uidh air n-uidh 'n a Shasunn agus na Gaidheil ri linn beag agus beag 'n an Goill. Ach Sanas Adhair ann no as, cha bhiodh dìth no deireas air leas na Gaidhlig na'm bitheamaid 'g a bruidhinn ri cheile timchioll an teallaich—rud nach'eil.

AN TEAGHLACH MU DHEIREADH A BHA AN LUNGA.

Le SINE NÌC-CUARAIG, Tobarmhoire.

[Choisinn an sgeulaich so a' cheud duais aig Mòd Ghlaschu (aithris).]

Is iomadh eachdraidh mhath a thug Eoghan Sheumais, an t-iagair, nach maireann, dhomh mu Eileanan Threisinnis, air taobh an Iar Mhuile an uair a bhiodhmaid le chèile a' togail chliabh ghiomach anns an àite so. Is e ainm aon de na h-eileanan so Lunga, agus so agaibh aon naidheachd a bha aige mu 'n eilean sin:—

"Bha," arsa esan, "duine agus a bhean le ceithreair chloinne a' gabhail còmhnuidh an Eilean Lunga, agus ged a bha iad air leth

aonaranach, cha robh dith sonais orra am measg a chèile. Mu àm an fhoghair bha e 'na chleachdadh aig fear-an-tighe a bhi a' dol do Eilean Cholla a shealltainn as déidh bheathaichean cruiddh, is an toirt do Lunga gu an geamhrachadh. Na 'n tachradh gu 'n éiréadh gaoth làidir theagamh gu 'm biodh esan air a ghleidheadh ùine fhada an Colla gus an tigeadh sìd fheagarrach gus an t-aiseag a ghabhail air ais.

Anns na làithean ud cha robh dòigh aig na h-Eileanaich gu teine a lasadh ach le spor; agus an uair a dh'fhalbh Iain air an fhoghar shònraichte a bha an so, is a ghabh e an t-aiseag an nunn do Cholla ann an geola bhiig mar a b'àbhaist dha, b'fheudar dha an spor-theine a thoirt leis, agus leis nach robh dòigh eile aca gu teine a thogail, thug e cruaidh earail air a mhnaoi an aire a thoirt nach leigeadh i as an teine a là no a dh'oidhche, a chionn na 'n leigeadh nach biodh dòigh air teine a bhi aca gus an tilleadh esan. Gheall Màiri gu 'm biodh so mar chùram oirre, agus dh'fhalbh Iain.

An oidhche sin féin, is Màiri glé sgith le bhi ag obair fad an latha, is i an nis 'na suain chadail, chuala i guth ag ràdh rithe, 'Eirich, a Mhàiri, tha an teine gu dol as!' Bha Màiri bhoichd ro sgith, cadalach, an déidh dhi latha ùpraidheach a chur seachad, agus cha do ghluais i, an dùil gu 'n deanadh e an gnothach éirigh tacan 'na dhéidh so. An ceann ùine ghoirid thainig an guth a rithist—'Eirich, a Mhàiri, tha an teine a' dol as!'; ach fathast cha do ghabh Màiri suim. Thainig an guth an treasa uair—'Eirich, a Mhàiri, tha an teine as!' Leum Màiri air a bonn, ach bha e ro anmoch; bha an teine dubh as da-rìreadh, agus gun dòigh air teine no tuar a bhi aca tuille gus an tilleadh Iain, ciod air bith cuin a bhiodh sin, agus mar a thachair, b'e sin an ceann shé seachdùinean. Is ann mar a bhà gu 'n d'éirich stoirm dhearg, agus bha Iain air a chumail an Colla fad na h-ùine sin.

B'e an dòigh a ghabh Màiri gu i féin 's na pàisdean a chumail beò a bhi a' measagdh an eorna, a bha anns an àm 'san déis, le bainne blàth nam bó, agus b'fheudar dhoibh a bhi a' tighinn beo air so a mhàin ré na h-ùine sin.

An uair a thainig Iain dhachaidh is a chunnaic e mar bha cùisean, rinn e anns a' mbionaid teine, agus dheasaich a bhean biadh teth do na pàisdean. Ach leis gu 'n robh iad cho fada gun an seorsa so de bhiaidh, bha e ro làidir dhoibh, agus chaochail a h-uile aon r'a linn. Chaochail Màiri leis a bhristeadh-chridhe, agus dh'fhàg Iain an t-eilean.

Bho 'n latha sin gus la an diugh, cha robh duine a' còmhnuidh an Eilean Lunga."

SECRETARY'S NOTES.

It was a very pleasant experience attending the Provincial Mods at Bowmore, Lochgilphead, and Pitlochry. The Islay Provincial Mod at Bowmore was resumed after a lapse of two years, and, contrary to general expectation, the entries showed a marked improvement on the last occasion the Mod was held. It is worthy of notice that Miss MacMartin, the music teacher, conducted no less than twenty-two choirs during the afternoon of the Mod. It is rather interesting that the young lady, Miss Anna Duncan, who won the junior pianoforte competition, a daughter of the Rev. Angus Duncan, Kilmeny, is a granddaughter of the late Murdo MacLeod, author of the well-known Lewis song, "Eilean an Fhraoich."

* * *

A very pleasing feature of the Mid-Argyll or Mod Dhalriada at Lochgilphead was the widespread interest that is now taken in the proceedings. Parties were present from Carradale, Campbeltown, Tayinloan, Luining, Oban, Inveraray. Mrs. Burnley Campbell of Ormidale was a very welcome visitor and all those friends who were present were rewarded by the high standard attained in all the competitions.

* * *

The Perthshire Provincial Mod at Pitlochry attracted a record entry this year. The movement is making progress in this area, and it was very gratifying to see the large number of young folk that took part. There was not an idle or dull moment in the entire proceedings.

* * *

Through the generosity of an anonymous donor, "Calum Scoladair," a new competition has been introduced at several of the provincial Mods this year, particulars of which will be found on page 140. Prizes are offered to teams of not more than twelve from each junior choir attending the Mod, who secure the highest marks for proficiency in, and appreciation of, Gaelic. This competition is termed "Co-fharpais na h-Uaisle," and is conducted under the supervision of Mr. George E. Marjoribanks, convener of the Clann an Fhraoich Committee. We would like to take this opportunity of expressing to our unknown friend, how highly we esteem his kind and generous action in the work of the movement. Moran taing.

* * *

We are pleased to notice that a number of our Highland friends in Edinburgh have been interesting themselves in the development of

the Mod movement in the Capital. The first of these Mods, which it is hoped to continue annually, was held last month, and was most successful. We appreciate the interest of those friends who took the initiative in this matter, and also those who assisted in the arrangements. We also trust that the many Gaels resident in the City will give their active support to this very commendable purpose.

* * *

It was a very pleasing gesture on the part of the Glasgow Uist and Barra Association, to denote a silver trophy to the Gaelic dramatic festival which is being held among the branches of North Uist for the first time this year. This trophy is for annual competition, and in presenting this award, the Uist and Barra Association are very materially helping this new development which so much affects the interests of the language. We thank them most cordially for their assistance in this connection.

* * *

Our attention has been directed to the manner in which promoters of concerts, and others, announce Gaelic singers, some of whom have gained minor prizes at the Mod, as Mod Medallists. This is an irregular proceeding which is neither fair to the public nor the singers. The term Mod Medallist applies only to those who have gained An Comunn Gold Medals at the National Mod, and does not include the pendants presented at provincial Mods, or any other festivals. It is hoped that this practice will cease.

* * *

We have received a very encouraging communication from Mr. Gordon MacBean, Secretary of Comunn Gaidhealach, Wellington. Mr. MacBean in sending the annual report of the Society, writes his accompanying letter in Gaelic, and it is worthy of mention that the list of office-bearers and committees is also given entirely in Gaelic. The affairs of the Society, in the year under review, have prospered well. Monthly Ceilidhs are held at which addresses of Highland interest are given. This Society has initiated a Gaelic choir, a Gaelic reading class, and there is also a library of Gaelic and Highland books. A very interesting feature is a wireless talk given annually, in Gaelic, each New Year's eve, by one of the members from the Wellington broadcast studio, and this is followed by Gaelic song records, and appropriate Highland music. It is very pleasing to receive such gratifying reports on the activities of our friends overseas.

Intending Mod competitors are reminded that all entries have to be received at the Office, 212 West George Street, not later than 21st July. It is often the case that names are not received until the last moment, and it would be very helpful if those who have already made up their minds to compete at the Mod would send in their entries now. All entries should be accompanied by the requisite fees. No charge is made under the junior section.

* * *

One of our best-known Scottish journalists, writing of the P.E.N. Congress in one of our Glasgow newspapers, had some interesting things to say of Gaelic, and of the importance attached to it by the distinguished men of letters attending the Congress. The following is an extract from his article.

"Another notable feature of the Congress is the wide interest in Scotland's Gaelic language and culture. Were it not for these things, which some mean-minded Gaels among us are anxious to discard, Scotland would make little distinctive appeal to the imagination of the world. The moral for ourselves is plain. We must make Gaelic a medium of instruction in all schools within the Highland area, and must make Scotland the acknowledged world centre of Celtic studies. The world expects it, and the world is right. Our spiritual honour as a nation is concerned in this matter."

The writer makes complimentary reference to Dr. D. J. MacLeod, H.M.I.S., of whom he says, "He can deliver eloquent addresses in Gaelic, English, French, and German, and for aught I know in other languages as well. He is a conspicuous example of the intellectual advantages proceeding from bi-lingualism. His career might be studied with profit by some of the dunderheads within Gaeldom who are suffering the tongue of Ossian to perish."

* * *

We take this opportunity of thanking the members who have so readily responded to the circular issued by the Treasurer in connection with subscriptions for the current year, up to 31st May, 1935, which are now due. Many members have still to send their remittance, and it would be obliging if they attend to the matter as promptly as possible.

* * *

Tha sinn a' toirt àite do sgeul beag eile a fhuair sinn bho Mgr. Domhnall MacPhàil. Chuala e an sgeul so air a chuairt 's an àirde n-iar agus is cinnteach leinn gu'm bi naidheachdan beaga, àbhachdach de'n t-seòrsa so aig mòran de ar luchd-leughaidh. Am bi iad cho math agus an cur thugainn?

Phòs Iain caileag a mhuinntir Ghlaschu agus a reir an sgeòil a rainig an clachan bha i 'na h-ighinn dhreachmhor, cho breagh 's a chithear fad astair.

An deidh do 'n chàraid òig socrachadh 'nan dachaidh fhéin bha móran de chompanaich Iain a' tadhal orra, ach cha chualas riamh gu 'n d'fhuair aon diubh uiread is cupan *tea*. Ged a bha a' bhean òg bòidheach bha i splocach, cruaidh. Cha robh i idir falaidh na nàdur mar tha caileagan na Gaidhealtachd. An uair a thainig an Samhradh chaidh Iain 'sa bhean òg dhachaidh air fòrlach gu ruig an clachan 's an d'fhuair e àrach agus ghabh iad tigh beagan astair bho 'n t-seann dachaidh. Air an ath mhaduinn an deidh dhoibh ruigheachd chuir an seann duine a mhac Dughall a chur fàilt air a' mhnaoi òig agus air dha tilleadh chualas an còmhradh so eadar e fhéin is 'athair:—

Athair—Am faca tu bean Iain?

Dughall—Chunnaic.

Athair—Am bheil i cho bòidheach 's a tha iad ag ràdh?

Dughall—O, tha; boireannach dreachmhor an da-rìreadh. Chan fhaca mise riamh boireannach as breagha na i.

Athair—Am faca tu 'na seasamh i?

Dughall—Chan fhaca.

Athair—A Shìne, cuir a'r an coire!



CRAOBH-SGAOILEADH.

An Airde Tuath.

Air an t-seathamh là fheadh de 'n Chéitein bha am Fear Deilbhe a' frithealadh mar Rùnaire, aig coinneimh de luchd-comhairle "Céilidh nan Gàidheal an Inbhirnis" agus bha dha dheug de na buill an làthair. Bha an Ceann Suidhe, Mgr. Domhnall MacDhomhnaill, anns a' chathair, agus chaidh cùisean a shocrachadh air son obair a' Chomuinn air an ath Gheamhradh. Tha cheana ceangailte ris a' Chéilidh aon bhall beatha agus ceithir is dà fhichead ball cumanta. Bidh a' Chéilidh air a fosgladh air an treas Sathurna de 'n Dàmhar agus air an fheasgar sin bheir an t-Ollamh Domhnall S. MacLeod, D.Litt., seachad òraid. Labhraidh an t-Ollamh air crìochan sonraichte na Ceilidh ann an dòigh a bhios oileanach agus taitneach. Tha cuireadh falaidh aig gach Gaidheal a bhi an làthair air an oidhche sin.

Air a' cheud là de 'n Og-mhios bha Mgr. MacGille Sheathanaich agus Mgr. MacPhàil a' toirt cuideachaidh aig Mòd taobh an Ear Chataibh am Brùra. Tha atharrachadh ri

fhaicinn an Cataibh o chionn bliadhna no dhà air ais agus faodar a ràdh le firinn gu 'm bheil a' Ghàidhlig a' dol am feabhas uidh air n-uidh. Bha mòran sluagh an làthair ré an latha agus aig a' Chuirm Chìuil 'san fheasgar cha robh àitean suidhe ri fhaotainn do mhòran. Bha an Còirneal MacAmhlaigh anns a' chathair agus, mar is gnath leis, rinn e fear cathrach ciatach ag cur sunnd is aoidh air a' chuideachd. Thug a' Bhean Uasal NicUilleim seachd na duaisean aig a' Chuirm Chìuil, agus thug a' céile taing chridheil do Fhear na Cathrach.

Air an t-seathamh là deug bha Mgr. MacPhàil a' frithealadh aig coinneimh de 'n Chomhairle Thuathach agus air feasgar an là sin chumadh Cuirm Chìuil Ghàidhlig fo riaghladh Ceilidh nan Gàidheal an Inbhirnis. Bha cruinneachadh gasda an làthair agus chaidh suim laghach a thogail fa chomhar Mòd an Obain.

An Airde Deas.

Bha an Rùnaire an làthair aig Cuirm Chìuil aig Ceann Loch Raineach air a' choigeamh la fheadh de 'n Chéitein. Bha a' Mhgn. Mairearad Nic Dhonnchaidh fo fhasdadh aig a' mheur so a' teagasg coisre agus b'iad buill na coisr chìuil sin a chum clàr-eagar na h-oidheche air ghleus. Bha àireamh mór cruinn agus fhuair iad an deadh chuirm.

Chaidh an Rùnaire a chuideachadh le Mgr. MacPhàil aig Mòd Bhùrra air ceud la an Og-mhios, agus air an t-seathamh latha fhrithheil e, comhla ris a' Bhean Uasal Nic a' Chombaich agus Mgr. Calum MacLeòid, aig coinneimh de Chomhairle Ionadail Mòd an Obain. Bha Mgr. MacLeòid 'na Fhear Cathrach aig céilidh air an fheasgar sin agus sheinn a' Bhean Uasal Nic a' Chombaich òrain Ghàidhlig gu fonnmhor. Tha Comhairle an Obain ag obair gu dealasach fa chomhar a' Mhòid mhoir a dheanamh cho soirbheachail 's is comasach dhoibh.

Air an ochdamh là bha an Runaire aig Mòd Ile am Bogha Mór. B'e so Mòd cho soirbheachail 's a bha 's an eilean fhathast. Ann an co-fharpais "Chaluim Seòladair" bha na balachain is na caileagan fìor ealanta ann an labhairt na Gàidhlig. Thugadh a' cheud duais do 'n chròilean a thainig à sgoil Chill Mheanaidh air son cho briathrach, seanagarra 'sa bha cuid de 'n bhuidheann.

Chaidh an Rùnaire á Ile gu Ceannlochgilb far an do chumadh Mòd Dhailriada air an dara là deug 's an treas la deug de 'n Og-mhios. Bha barrachd òigridh an earrann an leughaidh 's an aithris an so na bha aca riamh roimhe. Is math mar a tha oir tha na h-inbhich a'

tuiteam air ais 's an earrann so. Feumar oidheirp a dheanamh a chum an toirt a mach. Tha iad ann ach cha seas iad ris an deuchainn.

Chumadh Mòd Siorramachd Pheairt am Baile Chloichridh air a' bhliadhna so, agus chruinnich cuideachd ghasda 'sa bhaile sin air a' choigeamh là deug. Mar a dh'ainmichear aig na Mòdan eile bha barrachd cloinne a' farpais an so anns na h-earrannan leughaidh is aithris na bha ann roimhe. Ma chumas iad suas an cleachdadh so faodar sealltainn ri aiseirigh na cànan an Siorramachd Pheairt.

OBAN MOD DONATIONS.

Previously acknowledged	£313	9	2
Received at Headquarters:—				
Ceilidh nan Gaidheal	5	0	0
Glasgow Oban and Lorn Association	3	0	0
Aberdeen Branch	3	3	9
Rev. J. M. Connor, M.A., D.S.O.,				
Isle of Wight	0	10	0
Highland Society of London	21	10	0
Dundee Highland Society	0	15	0
A. MacFadyen, Esq., Newcastle-on-				
Tyne	0	5	0
Pitlochry Branch	2	0	0
Alasdair D. Telford, Esq., Govan,				
Glasgow	0	2	0
Thos. MacMillan, Esq., Cumnock	0	2	6
T. S. M.	0	10	6
Wm. D. Barclay, Esq., J.P., Glasgow	0	10	6
Miss Margt. G. MacGlashan, Edinburgh	0	5	0
Miss Adeline J. MacLean, Worplesden,				
Surrey	0	5	0
Andrew H. MacDonald, Esq., Edin-				
burgh	1	1	0
Hugh Paterson, Esq., Cupar Angus	0	5	0
Gaelic Society of London	5	0	0
Miss A. MacMillan, Trislaig	0	2	6
Ceilidh nan Gaidheal an Inbhirnis	7	0	2
Miss F. M. Brereton, Inverness	0	5	0
Dugald Cameron, Esq., Ballachulish	0	10	6
Received at Oban:—				
Connel Branch, Proceeds of Concert by				
Easdale Choir	4	1	6
Taynuilt Branch, Proceeds of Concert	8	12	3
D. Clark, Esq., Eriska	3	3	0
Robert MacLeod, Esq., Taynuilt	2	2	0
Perth Gaelic Society	3	0	0
Alex. MacGregor, Esq., Great Western				
Hotel, Oban	10	0	0
Sir D. M. Stevenson, Bart., D.L.,				
LL.D.	5	0	0
Sheriff J. Bartholomew, O.B.E.,				
Torrance	0	10	0
Miss Sinclair, Balfour	2	0	0
Miss MacKintosh, Craigard Hostel,				
Oban	2	0	0
Mrs. MacKinnon, Oban	1	0	0
Duncan MacIntyre, Esq., Islay	1	1	0
Beinn Duirinn Branch	17	15	3
Mrs. Kennedy, Oban	0	3	6

EAST SUTHERLAND PROVINCIAL MOD.

The second East Sutherland Provincial Mod was held at Brora on 1st June. The number of entries was much larger than last year, and the general standard was of a high level. The Mod was opened by Mrs. J. G. Wilson, president of the local branch, and throughout the whole proceedings the large hall was well filled. Col. A. N. MacAulay, Golspie, presided over a crowded audience at the evening concert. Mr. J. B. Munro, Aberdeen, assisted the prize-winners in sustaining an excellent programme. Mr. Neil Shaw, General Secretary, assisted Mrs. Wilson in conducting the proceedings in the large hall, and Mr. Donald Macphail, Northern Organiser, did valuable work in marshalling competitors and generally superintending the work in both halls. The local committee worked hard to make the Mod a real success, and to Mr. David Grant, local secretary, and his willing helpers, the cordial thanks of An Comunn are due. The adjudicators were:—Gaelic, Rev. Malcolm MacLean, M.A., Conon; Mr. Norman J. MacLeod, M.A., Kincraig; Music—Mr. Lewis J. Owen, L.R.A.M., Inverness, and (Bagpipes) Mr. Angus MacPherson, Inveran; Mrs. Gilmour, Invershin, assisted Mr. Owen at the piano and violin competitions.

THE PRIZE LIST.

JUNIOR SECTION.

Oral Delivery.

Reading with expression a piece of poetry chosen by competitor.—1, William Mackenzie, Sutherland Technical School, Golspie.

Reading at sight piece of prose chosen by judges.—1, William Mackenzie.

Reciting from memory 16 lines of "Am Fiadh"—1, William Mackenzie.

For excellence in Gaelic conversation.—1, William Mackenzie.

Repeating 1st Psalm (Boys).—1, John Grant, Embo.

Repeating 1st Psalm (Girls).—Sarah Ross, Embo.

Vocal Music.

Solo Singing of a Song (Girls under 11 years).—1, Sarah Ross, Embo.

Solo Singing of a Song (Boys under 11 years).—1, Tom H. Mackay, Embo.

Solo Singing of a Song (Girls over 11 and under 16 years).—1, Vera Cormack, Brora.

Solo Singing of a Song (Boys over 11 and under 16 years).—1, Andrew Macleod, Dornoch.

Choral Singing of a Song for the Sir Edgar Horne, Bart. challenge cup.—1, Brora Higher Grade School Junior Choir.

Action Song.—1, Lairg Junior Choir and Golspie Brownie Pack Choir (equal).

Solo Singing of a Song (Boys and Girls).—1, William Mackenzie.

SENIOR SECTION.

Literature.

Essay of about 500 words on any local historical incident.—1, Kenneth MacPherson, Helmsdale.

Place-names (Best Collection of Old Place-names in the area embraced by the Provincial Mod).—1, Mr. William Gunn, Rogart.

Oral Delivery.

Reading at sight an unfamiliar piece of prose chosen by judges.—1, K. Macpherson, Helmsdale.

Recitation of first 16 lines of "Am Fiadh".—1, Miss Christina Polson, Spinningdale.

Vocal Music.

Solo Singing of a Song (Female Voices).—Mrs. Geo. Murray, Rogart.

Solo Singing of a Song (Male Voices).—1, Mr. Donald Macdonald, Golspie.

Traditional Singing of an Unpublished Gaelic Song (Male or Female).—1, Mr. H. M. Macrae, Lairg.

Duet Singing of a Song (Competitors' Own Choice)—1, Mr. and Mrs. Macdonnell, Rogart.

Quartette Singing of a Song (Own Choice).—1, Brora Quartette.

Choral Singing of a Song in 4 Part Harmony for the Wilson challenge cup.—1, Brora Gaelic Choir.

Solo Singing—Puir a' Beul.—1, Mr. H. M. Macrae, Lairg.

Instrumental Music.

Bagpipes—Playing of a March, Strathspey and Reel.—1, D. W. Sutherland, Dornoch.

Violin—Playing of a March, Strathspey and Reel.—1, Mr. A. B. Sykes, Brora.

Pianoforte—Playing of a March, Strathspey and Reel.—1, Mr. George W. Moir, Dornoch.

MOD DHAILRIADA.

The thirteenth Provincial Mod for the Mid Argyll area was held in Lochgilphead on 12th and 13th June. There was a large increase in the junior entries this year, particularly in the literary and oral sections. The sessions and concerts were well patronised by the general public, and it was noted that parties had travelled long distances to attend. The Rev. T. S. MacPherson, Campbelltown, presided over the junior concert, and Lady Elspeth Campbell acted in a similar capacity at the senior concert. Mr. Donald Jackson, M.A., local secretary, is to be complimented on the success of the arrangements. Miss Madge C. Brown and Mr. Angus Whyte, gold medallists of 1933, assisted at both concerts, and gave much pleasure to the Mod patrons. The adjudicators were:—Gaelic, Miss M. D. MacQueen, Oban; Rev. Angus Gray, Inveraray; Rev. John MacNab, Skipness; Music and Instrumental, D. T. Yacurini, Perth, and Pipe-Major George MacDona'd, Dunoon; Celtic Art, Dr. Colin Sinclair, Glasgow.

THE PRIZE LIST.

JUNIORS.

Literature (Under 16)—Letter.—1, Donald M'Donald. Lochgilphead; Dictation.—1, Roderick MacLeod; Translation into English.—1, Roderick MacLeod; Translation into Gaelic.—1, Donald M'Donald.

Collection of Wild Flowers (with their Gaelic names).—1, Margaret MacColl.

Oral (Under 14)—Reading Poetry.—1, Isabel Campbell, Lochgilphead; Reading Prose.—1, Isabel Campbell; Reading Unfamiliar Prose.—1, Isabel Campbell; Reciting.—1, Jean Ross; Reciting Poetry.—1, Isabel Campbell; Conversation.—1, Donald M'Donald.

Vocal (Under 16)—Girls' Solos.—1, Nellie M'Lulich, Lochgilphead; Boys' Solos.—1, Donald M'Alpine, Lochgilphead; Girls' and Boys' Solos.—1, Donald M'Lachlan; Gold Pendant for highest aggregate in singing (presented by Miss Madge Campbell Brown)—Nellie MacLulich. (Under 12)—Girls' and Boys' Solos.—1, Cathie Stewart; Puirt a' Beul.—1, Agnes Mary Cameron; 2, Gillesbuig Cameron.

Choral—Singing in Harmony (Sir William Sutherland Cup)—1 and Cup, Tarbert; Unison Singing.—1, Tarbert.

Instrumental Music—Bagpipe Playing—March.—1, Nicol MacCallum, Silvercraig; Strathspey and Reel.—1, Donald MacLachlan; March (Under 14, prizes presented by Mr. J. Graham Campbell, Yr. of Shirvan)—1, Donald M'Alpine; March on Chauter 1, Sheila MacVicar; March, Strathspey and Reel on Pianoforte.—1, Nan Wilkie, Lochgilphead.

Dancing—Highland Fling.—1, Margaret MacCallum, Lochgilphead; Sword Dance.—1, Margaret MacCallum; Reel of Four.—1, Agnes Blair; Highland Fling, Sword Dance and Reel of Four (Gold Medal presented by Mrs. Graham-Campbell, yr. of Shirvan)—1, Nan Wilkie; Country Dances (prizes by Mrs. Kenneth of Stronachullin)—1, Billie Green-shields' Team.

SENIORS.

Celtic Art—Celtic Design—Mrs. D. J. Gillies, Tayvallich; Handicraft.—1, Miss A. MacEwan, Lochgair.

Literature.—Letter—Mr John Grant, Kilmichael; Translation (special prize presented by Lady Elspeth Campbell)—Mr. John Grant.

Oral.—Reading.—1, Miss C. M'Lulich, Kilmartin; Recitation.—1, Miss C. M'Lulich.

Vocal.—Ladies' Solos.—1, Miss Màiri MacAllister, Lochgilphead; Men's Solos.—1, Mr. John Leitch, Lochgilphead; Solos, Male and Female.—1, Mr. Neil Muir.

Puirt a' Beul (prizes presented by Capt. George I. Campbell, yr. of Succoth)—1, Miss Nan MacLellan.

Most points in Singing (gold pendant presented by Captain George I. Campbell)—1, Miss Màiri MacAllister.

Oran Mor.—1, Miss Màiri MacAllister, Lochgilphead.

Duets.—1, Miss Màiri MacAllister and Miss S. MacAllister, Lochgilphead.

Trios.—1, Mrs. Crawford, Miss S. MacAllister and Miss Màiri MacAllister, Lochgilphead.

Choral—Singing in Harmony (Sir William Sutherland Cup)—1 and Cup, Lochgilphead; Unison Singing.—1, Tarbert; Ladies' Choral Singing.—1, Lochgilphead.

Singing in Harmony (Cup presented by the Lady Elspeth Campbell)—1 and Cup, Tarbert.

ISLAY PROVINCIAL MOD.

The tenth Provincial Mod for natives of Islay, Jura, and Colonsay was held in Bowmore on 8th June. There was an increase of about seventy entries on the previous Mod, and this was due in a large measure to the splendid work of Miss Elizabeth MacMartin, M.A., An Comunn's teacher, who had been on the island since 5th March. The adjudicators were:—Senior Gaelic, Rev. Neil Ross, B.D., and Mr. Hector MacDougall, Glasgow; Music, Mr. Hugh Hunter, Mus. Bac., Rothesay; Junior, Oral, and Solos, Mr. George E. Marjoribanks, Sonachan, and Mr. Neil Shaw, General Secretary. There was a large attendance of the public during the competition proceedings, and at the evening concert, over which Mr. Neil Shaw presided, there was a crowded attendance. Mr. Marjoribanks spoke at the concert on the object of the "Calum Seoladair" competitions, for which seven teams had entered. Thanks are due the local committee and particularly Mr. Iain M. MacTaggart, local secretary, for the excellent arrangements made.

THE PRIZE LIST.

Bagpipes (Open).—1 (Mrs Clifton of Kildalton's challenge trophy for one year), Piper Calum Campbell, 8th A. & S.H., Bowmore.

JUNIOR SECTION.

Reading.—1 (Mr. J. T. Christie's pendant), Calum Currie, Bowmore.

Reciting.—1, Colin M'Indeor, Ballygrant. Solo Singing (Girls).—1, Rachel MacLachlan, Gortan School.

Solo Singing (Boys).—1, Donald Logan, Bowmore.

Canntaireachd.—1, Mary MacArthur, Ardbeg. Duet Singing.—1, Mattie Winnard and Katie M'Intyre, Bowmore.

Choral Singing.—1, The late Mr. Morrison's (Islay) challenge cup, Portnahaven Junior Choir.

Unison Singing.—1 (Mr. M'Intyre's (Machrie) challenge cup), Port Charlotte Junior Choir.

Pianoforte.—1, Anna Duncan, Kilmeny.

SENIOR SECTION.

Reading.—1, John M'Nicol, Conesby.

Recitation.—1, Patricia Hosking, Bowmore.

Recitation (original).—1, Charles M'Niven, Rockside.

Sgeulachd.—1, Malcolm Dunne, Bowmore.

Royal Celtic Society's Competition.—1, John MacNicol, Conesby.

Solo Singing (Female Voices).—1, Mary L. MacLean, Port Wemyss.

Solo Singing (Male Voices).—1, Alexander Sutherland, Port Wemyss.

Solo Singing of a Song composed by Duncan Ban M'Intyre (Miss M'Intyre's Prize).—1, Bella Shaw, Bowmore.

Canntaireachd.—1, Roderick MacArthur, Lagavoulin.

Duet Singing.—1, Patricia Hosking and Marion MacFarlane, Bowmore.

Quartette.—1, Bowmore Choir ("C" Quartette).
 Trio.—1, Port Ellen Choir Trio.
 Solo Singing of Psalm 43 (Tune "Martyrdom.")—
 1, Duncan M'Niven, Rockside.
 Violin.—1, David MacKinnon, Port Charlotte.
 Pianoforte.—1, Alex. Gillespie, Sunderland.
 Choral Singing (4 Part Harmony). (Mr. Morrison's challenge cup).—1, Port Ellen Choir.
 Choral Singing (2 Part Harmony) (Mr. Cameron's challenge cup).—1, Portnabaven Ladies' Choir.
 Choral Singing (Male Voices only).—1, Port Ellen Male Voice Choir.

New Competition, 1934. Prize in Gaelic Proficiency Awarded to Teams of from Eight to Twelve Members Selected from each Junior Choir.—1, Kilmory Public School.

BRANCH REPORTS.

COLL.—Mr. A. L. Thomson, the president, occupied the chair at the final Ceilidh of the season in the Arinagour School. The inclement weather considerably affected the attendance. The proceedings were opened with selections on the bagpipes by Mr. Angus Kennedy, after which a programme of Gaelic and English songs, instrumental music and sgèulachdan was submitted.

GLENFINNAN.—Lochiel was unanimously elected as hon. president of the Branch, and Mr. Cameron, Head of Inverailort, hon. vice-president, and as representative of the branch to the Executive Council. At the meeting the president, Mr. MacKellaig, who occupied the chair, expressed regret that the secretary of the branch, Mrs. Cameron, was absent through indisposition, and unable to do duty for some time. It was therefore, arranged that Mrs. MacDougall, Glenfinnan, should meantime undertake the secretarial work. On the motion of the vice-president, Mr. Donald MacMillan, Corrybeg, who was crowned bard at the Glasgow Mod last year, a donation was forwarded to Oban for the National Mod, and also a subscription towards the Provincial Mod to be held at Fort William this month. The treasurer of the branch is Mr. John MacIntyre, Kinlochiel, and the other committee members are Mr. Ronald MacLeod and Mr. Jack Lowrie.

GOLSPIE.—Under the auspices of the local branch a successful and enjoyable Ceilidh took place in the School Gymnasium. Mr. A. N. Macaulay presided over a large attendance of the general public. The programme embodied many of the test pieces at the East Sutherland Provincial Mod, and every item brought forth applause from a very appreciative audience. A foursome reel was one of the features of the evening's entertainment. Those who contributed to the programme were:—Golspie Brownie Pack, Senior and Junior Choirs, Misses Annie Macdonald, Sarah Macdonald, Chrissie Macdonald, E. J. Coghill, Messrs. D. Gordon, J. C. Ross, A. J. Macpherson, Walter M. Ross and Wm. Sutherland.

INVERNESS.—There was a good attendance at the annual business meeting of the Inverness Branch of An Comunn Gàidhealach which was held in the Waverley Hotel on June 7th, Captain Wm. MacKay, President, made a most efficient Chairman. A comprehensive account of the funds which showed a creditable balance was submitted, and considered highly satisfactory. The Secretary (Miss K. G. Martin) stated in her report that the branch had a very successful year, one Gaelic service, eight committee meetings and five social functions being held during the session. The impressive Gaelic service

conducted by the Rev. Neil MacLellan in the West Church was very well attended. The opening ceilidh (tattie and herring) in the Columba Hotel, and the whist drive and dance in the Queensgate Hotel were a marked success. But the outstanding and novel event was the whist and bridge drive and ceilidh given by the Hon. Mrs. Smyth, Ness Castle, in the Station Hotel on February 23rd to the combined Gaelic Associations in the town—"An Comunn Gàidhealach," the "Gaelic Society," the "Gaelic Choir," and the "Gaelic Class." A finer Gaelic entertainment had not taken place in Inverness since the Mod in 1928, and an excellent impression was made on the large company by the attractive programme of songs, instrumental music, sgèulachdan, community singing and dancing which contributed in no small measure to the success of the evening. All new members, whether Gaelic or English speakers, were cordially welcomed, and regret was felt that the energetic organiser was not present. The Hon. Mrs. Smyth's keen interest in the Gaelic movement is well-known, and eloquent tributes to her generous support and encouragement were made by various speakers. Thanks were extended to all those who loyally and practically supported the Branch and its activities throughout the year. Office-bearers were elected for the ensuing year, and on the completion of business a hearty vote of thanks was accorded the Chairman.


Office-bearers.—Hon. president, Hon. Mrs. Smyth; hon. vice-presidents—Sir Alex. MacEwen, Dr. D. J. MacLeod, O.B.E., and Mr. M. Morrison, M.A., Director of Education; president, Mr. Wm. MacKay; vice-presidents—Mrs. D. J. MacLeod, Rev. A. Boyd, Rev. N. MacLellan, Mr. D. Graham, M.A., Mr. D. Macdonald and Major F. Fraser; Secretary, Miss K. G. Martin; assistant secretary, Mrs. A. Grigor; treasurer, Miss M. Macdonald, Glenmor Hotel; Representative to Executive, Mrs. MacKintosh; auditors, Rev. A. Boyd and Mr. Geo. MacKenzie; Committee—Mrs. Gordon, Mrs. Menzies, Mrs. C. Macleod, Mrs. MacPherson, Mrs. Macdonald, Glenmoriston Hotel, Miss Morag Macdonald, Miss J. MacKenzie, Col. G. Gunn, Mr. P. Macleod, M.A., and Mrs. Dun. Macdonald.

KENTALLAN.—A Ceilidh was held in Kentallen Hall on May 18, under the auspices of the local branch of An Comunn Gàidhealach. It was well attended, and proved very enjoyable. The sum of £4 was collected to defray the expense of the singing class conducted by Mr. MacDiarmid.

ROGART.—The branch held a most enjoyable and successful ceilidh in the Torbreck Reading-Room. Mr. Mackay Mackay, headmaster, Rogart Public School, took the chair. Mr. Mackay, in his opening remarks, extended a hearty welcome to their Laig and Brora friends who had so generously responded to their invitation, and trusted all present would thoroughly enjoy themselves. A lengthy programme of Gaelic and English items was then gone through. It is interesting to mention that nearly all who took part in the programme participated in the various competitions at the Brora Mod.

TOBARMHOIRE.—Choinnich sinn air an 18mh. 'à de'n Chéitean a' thoirt taise agus cuimhneachain do'n nighinn uasal G. L. NicDhòmhnuill, M.A., ar ruinaire, air son na h-oibre iongantach a tha i a' deanamh air son a' Chomuinn Gàidhealach, agus air son am mòr-mheas a tha againn oirre fhéin. 'S i nìghean shònraichte a tha an so. Tha i a' deanamh obair ionmholtla air son aobhar na Gàidhlig, agus sinn 'tha taingeil gu'm bheil i againn fhathast a' chumail suas na brataich sinn, ann an Tobarmhoire.

SCOTLAND'S HIGHLANDS CALLING !



HER Spinning Wheel and **HIS** Glengarry — Symbols of the Highlands!

Wear the tweeds and the woollies made in Highland homes. They are part of the life of the crofters, that sturdy independent race from which so many pioneers have sprung.

The mountain sheep give their wool, the lichens on the rocks their vegetable dyes. The women by the peat fire sing together as they weave and spin.

From here come the tartan plaids and woven tweeds, the knitted cardigans, shawls, and rugs — all made by hand and sold entirely for the benefit of the workers.

Highland Home Industries Ltd.
111A GEORGE STREET, EDINBURGH.

DEPOTS: 111a George St., Edinburgh;
255 Bath St., Glasgow;
Strathpeffer; and
Kilmuir, Skye.

PHONES :
Edinburgh 26713.
Glasgow, Douglas 62.

JUST PUBLISHED

The Songs of Skye

AN ANTHOLOGY

EDITED BY

B. H. HUMBLE.

INTRODUCTION BY

The Right Rev. **Lauchlan MacLean Watt, D.D.**

Price 3/6 net.

No other island in the world can conjure up such romance and glamour as that of Skye. In this collection, Mr. Humble takes us by sea and by land, and tells us the story of the Misty Isle down through the centuries, connecting the various songs together with prose notes.

We read of Ossian and the Viking Invaders, the Lords of the Isles, and feuds of the Clan Chiefs. Examples are given of the Skye Bards with Gaelic and English translations, and many beautiful poems by well-known contemporary poets.

The book is illustrated by four double half-tone plates and frontispiece.

TO BE HAD FROM ALL BOOKSELLERS.

ENEAS MACKAY
44 CRAIGS - STIRLING

THE CLARSACH

OR

CALEDONIAN HARP

J. W. BRIGGS

VIOLIN MAKER

8 Cambridge Street, Glasgow

MAKER OF

"DALRIADA" and "OSSIAN"
CLARSACHS

These Clarsachs are made entirely by hand in our own workshop in Glasgow. Most of the leading players of this delightful Scottish instrument have expressed their appreciation of the beauty of tone of those already supplied. The revival of the Clarsach has given great pleasure to all lovers of the traditional Highland music.

Prices and particulars on application to
above address.

Telephone—
No. 53

Registered Telegraphic Address—
“BOOKLESS, INVERNESS”

BOOKLESS BROTHERS

THE PRINCIPAL FISHMONGERS, POULTERERS AND
GAME DEALERS IN THE HIGHLANDS OF SCOTLAND

FISH, POULTRY and GAME Dressed and Packed by
experienced men for conveyance by Rail, Coach or Steamer
WENHAM LAKE ICE in Large or Small Quantities

Largest Buyers of Game in the Highlands

Hampers Supplied

28 UNION STREET - - INVERNESS

Also Wholesale Markets SHEFFIELD and LEEDS

CLUICHEAN GAIDHEALACH NA DREOLLUINNE

am

Pairc na-h Eirdhe, Tobarmhoire, Muile

air

Diardaoin, an 19mh: de 'n Iuchar, 1934

PIOBAIREACHD. DANNSADH. COMH-
FHARPUISEAN NEIRT, LUATHAIS AND
SGIOBALTACHD.

(Dùinear clàr-cagair nan comh-fharpuiseach
air an-t 7mh: de 'n mhios seo.)

Fàgaidh bàta an-t Oban 's a' mhaduinn, a'
tadhal aig Tobarmhoire; agus tilleadh i feasgar.

Ma thig tnùth agus sgios air bhur spiorad,
togaibh bhur shùilean, agus feuch!—Caol Muile
'na àilleachd bho sheann chaisteal Mhiongaraidh
cha mhór gu ruig Dubhairt aosda Chloinn'
'Illeathain—Fionn-àirdh nan diadhairean
Leòdach—agus, thar gach mcall, Cruachan
Beann.

THIGIBH!

SITUATIONS WANTED

OUR GAELIC ARTISTS' REGISTER

*Advertisements under the above headings will be
accepted by The Simmath Press, Ltd., Simmath
House, Roseangle, Dundee.*



EDITOR.—Rev. NEIL ROSS, C.B.E., D.Litt., *The Manse, Laggan, Kingussie, to whom all literary communications should be addressed; business and other communications to 212 West George Street, Glasgow.*

TELEGRAMS.—Runaire, Glasgow.

TELEPHONE.—Douglas 1433.

Leabhar XXIX.]

An Lùnasdal, 1934.

[Earrann 11

COMHDHAIL NAN CEILTEACH.

Chumadh Comhdhàil nan Ceilteach airson na bliadhna so am Baile Atha Cliath bho'n 8 mh gus an 16 mh de 'n Iuchar. Chuir an Comunn teachdairean a null a dh'ionnsaidh na Comhdhàil, agus bha corr is fichead teachdaire eile a Alba a' lathair feadh na seachdain. Fhuair na teachdairean uile aoidheachd fhialaidh. Gu dearbh tha Gaidheil Eireann coibhneil. Rinn iad gach ni a bha comasach airson comhfhurtachd an luchd tadhair. Thionail na coinneamhan an Colaiste an Oilthigh Naisiunta. Bha na h-òraidean agus an dìosbaireachd an aon de na seomair foghlum; ach bha na feadhan is na cuirmean-ciùil an talla mhór an Oilthigh.

* * *

Dh'fhosgail De Valera, Ceannt Suidhe na Saorstat, a' Chomhdhàil le oraid Ghaidhlig. Chuir e failte air na teachdairean uile. Is e cuid de a bhriathran mar a leanas: "A Theachtairí gu léir ó áiteacha sa bhaile agus ó thíorthaibh i gcéin, cuirim céad míle fáilte romhaibh. Ta súil agam go rachadh obair na Comhdhála seo chum tairbhe na dteangthacha is dual d'ár gcine agus go dtiocfaidh as an obair sin slighe éigin comhoibreachais is fear ná mar a bhí ann go dtí seo, chun labhairt na dteangthacha do chur ar aghaidh." Thuir ceann Suidhe na Saorstat mar an ceudna nach b'ionann do na Gaidheil an Eirinn is an Alba, agus do na Cuimrich anns a' Chuimrigh agus am Breatunn Bheag na Frainge. Thug e fainear gu 'n deachaidh a' Ghaidhlig gu mór air chui a thaobh labhairt an Eirinn is an Alba anns an naodhamh linn deug. Cha b'ann mar

sin idir a thachair do chainnt nan Cuimreach agus nam Breatunnach. Bha leabhairichean gu leor 'g an clo bhualaidh, paipearan naidheachd 'g an craobh sgaoileadh, agus leughadairean am pailteas anns an dà dhùthaich sin troimh an naodhamh linn deug. Cha do sguir an tuath de bhi a' labhairt na càin, mar thachair an tomhas mór an Alba is an Eirinn. Chrìochnuich e le bhi a' tairginn suim airgid bho Ard Riaghladh na Saorstat do 'n Chomhdhàil a chum obair sgrùdaidh coitchionn a mhisneachadh.

* * *

Labhair an t-Ollamh Dubhghlas na h-Ide, Uachdaran na Comhdhàil Cheilteich, an òraid mar uachdaran na bliadhna. Thuir e gu robh mór-eagal air gu robh ar càin a' call a greim an Alba. Ach thuir e cuideachd gu 'n robh a' Ghaidhlig lag gu leor an Eirinn féin a dh'aideoin nan oidheirpean a bhatar a' deanamh. Thachar aon ni bho chionn ghoidid a bha dòchasach. Is e sin gu robh gnòthuch lagha is riaghlaidh ri bhi gu léir an Gaidhlig an cearn sonraichte an Gaillean, air taobh an Iar Eireann. Tha dòchas gu 'n sgaoil an cleachdadh so feadh na dùthcha air fad. Labhair an t-Ollamh Hartwell Jones airson na Cuimrigh agus an t-Ollamh Niall Ros airson Alba. Thuir e nach robh gearain idir a nis aig A'Chomunn an aghaidh Ard Riaghladh Bhreatunn a thaobh na Gaidhlig; agus gu'r e a dh'fhàg a' Ghaidhlig cho lag an Alba, cho meadh-bhlàth is a bha na Gaidheil Albannach féin mu dheidhinn na càin. Fhuair e cothrom air an ath latha (Dimairt) gu bhi a tabhairt òraid shuidhichte mu obair A' Chomuinn agus mu staid na càin an diugh an Gaidhealtachd na h-Alba.

Thug an t-Ollamh MacAlasdair òraid fhoghlumte air *An Leabhar Gabhla*; is e sin an seann chunntas mar chaidh Eirinn a ghabhail no a ghlacadh, uair is uair, le treubhan fa leith, anns an t-seann aimsir. Tha cuid de 'n chunntas 'g a mheas mar fhaoin sgeul, agus faodaidh gu bheil a' chuid mhór de 'n iomradh fìor gu leòr. Tha an t-Ollamh MacAlasdair ainmeil airson a chuid eòlais air nìthan aosda. Tha e càirdeach do 'n Ollamh Mac Alasdair nach maireann, a bha air ceann Oilthigh Ghlascho, Air an fheasgar thachair fèasd is cuirm-chiùil. Bha e 'n a annas mór a bhi ag éisdeachd ri òrain 'g a seinn anns na sia cànan Cheilteach. Sheinn a' bhean usal Chaimbeul (Airds) òrain Ghaidhlig Albannach gu taitneach agus rinn i comhlachadh air a' chlàrsaich do fhonn nan òran. Thug mnathan is maighdeanan Eireannach cèol binn mar an ceudna le an guth is air clarsaich na h-Eireann.

* * *

Labhair an t-Ollamh Eoin Mac Neill air Lagh nam Breithamh an Eirinn bho shean. Bha Mgr Iain Camshron LL.B. anns a' chathair agus labhair e le làn-eòlas air a' chuspair dhiomhair so. Liubhair an t-Urramach Iain Mac Eacharna, B.D. earrann mu Iain Lom. Fhuaras conaltradh ciatach air "Mná sa bhFianuidheacht" bho an Ollamh Cormac O Cadhla M.A.; agus chunnacas dealbh-chluich Ghaidhlig feasgar Diardaoin. Air madainn Dihaoine thachair dìosbaireachd mhór; air tùs eadar Gaidheil Alba, Eireann, is Mhanainn; agus an sin eadar na Cuimrich as a' Chuimrigh, a Cornaigh, agus a Breatunn Bheag na Frainge. Air an latha sin cuideachd thugadh òraid ghleusda mu threubhan is àitean Ceilteach, leis an Ollamh Mac Bhàtair. Leugh an sgoileir òg foghainteach, Seumas Carmichael Mac Bhàtair, an òraid an àite 'athar; agus bu bhlada a rinn e sin. Leugh an t-Ollamh Hartwell Jones earrann mu Dhruidheachd am measg nan Naomh Ceilteach. Dìthairne thug sinn cuairt gu Cluain Mic Nòis a dh'fhaicinn nan seann togalaichean, croisean is tùir is eaglaisean.



Copies of "Voices from the Hills" can still be obtained from the Secretary. A compilation of articles on living topics bearing on the work of An Comunn and kundred subjects, this volume is one of the most varied and attractive books ever offered to the Gaelic public. No member should be without a copy. An excellent present for friends overseas. Price, 6/6; postage, 9d.

THE SCOTTISH CLANS.

About the middle of July, 1934, several great companies of the Scottish Clans came from the United States to visit their homeland. A company of five hundred arrived in Glasgow on Monday, the 16th of July. At their head was the Royal Chief, Duncan Macinnes, and around him stood a band of faithful pilgrims. The ties that bind the visitors is the love of the old land. Though they are practically all of them American citizens, yet at heart they are Scottish, with the old pride in the race, and the undying sentiment for the land of their fathers. Five representatives from An Comunn went on board the Anchor liner *Caledonia* at Belfast, as a gesture of greeting, to welcome the arrival of the large company from the other side. The representatives were Dr. Ross, President, and Mrs. Ross; Mr. Shaw, Secretary; Mrs. Colquhoun, member of Executive, and Mr. Hector Macdougall, member of Executive. All these were guests of the Anchor Line. An opportunity was given of welcoming the Clans in formal speeches. Badges of honorary membership were bestowed by the chief on each of the members of the Deputation of Welcome.



THE FOURTH GENERATION.

A recent number of the *Halifax Herald* (Nova Scotia) contains an obituary notice which is remarkable as indicating the loyalty with which Highlanders cling to the Gaelic throughout the generations since their fathers left these shores. Mr. Lauchlan Mackinnon of Glace Bay, Cape Breton, and his wife, both passed away within a few days of each other. They were greatly esteemed by a wide circle of Gaelic friends. The feature that impressed us especially in connection with the death of this respected couple is that the funeral services were conducted entirely in the Gaelic language. It is now over a hundred years since their forebears emigrated to Cape Breton; and throughout all those years the old speech must have been the speech of the home and hearth, even to the fourth generation. For the language of the Gael must hold the first place still in the hearts of the sons who survive, since they choose to have it in the solemn hour of parting with their parents. This instance may well bring home to us in the old country the tenacity of our speech across the Atlantic.

DONNCHADH BÀN, 1724-1812.

Oraid ghoirid a chaidh liubhairt "Oidheche
Dhonnchaidh Bhàn" do mheur a'
Chomuinn anns an Oban Latharnach.

Le M. D. MIC CUINN.

Ann an *Coire Cheathaich* bho thoiseach gu
deireadh tha na rann a' ruith cho còlmhor,
min, agus tha na dealbhan tha am bard a'
toirt far comhair cho briagh is gu 'm bheil an
inntinn air a lionadh le sòlas a' beachdachadh
orra.

"Tha bradan tarr-gheal s' a' choire gharbhlaich,
Tha tighinn o'n fhairge bu ghailbheach tonn,
Le luinneis mheannnach ag ceapadh mheanbh-
chuileag
Gu neo-chearbach le cham-ghob crom."

Is a ris :

"S a' mhaduinn chiuin-ghil an am dhomh
dùsgadh
Aig bun na sthice b'e 'n sùgradh leam ;
A' chearc le sgùcan a' gabhail tùchain,
'S an coileach cùrteil a' dùrdail crom,
An dreathan sùrdail, s a ribheid chiuil aig'
A' cur nan smuid dheth gu lùthor binn ;"

Ach chan fhaod mi leudachadh na's fhaide air
so. 'S ann aig an am so bha e giulan Nic
Còiseam agus a rinn e an t-oran *Ho ro mo
chuid chuideachd* thu anns a bheil e ag ain-
meachadh mar an ceudna mòran de na h-àitean
a bha e a' tadhal—Beinn a' Chaisteil, Beinn nan
Caorach, Meall a' Bhuiridh, agus mòran eile.
Rinn e cuideachd *Chunna mi 'n damh donn 's
na h-eildean* mar thuirt e fhein e air *La seacharan
Seilge*. Bha an tigh aige dluth air Bad Odhar
agus a reir beul-aithris 's ann aig an am so a
phòs e "Mairi Bhan Og," Mairi Nic an t-Saoir
nighean a' bharain. Bha iad de 'n aon chineadh,
bha iad bàn le cheile agus 'nan nàdur cha robh
iad eu-coltach ri cheile. Mhol am Bard Màiri
ann an trì òrain is b'airidh i air sin. Chan eil
òran-gaol 's a' chànan againn na 's grinne na
"Mairi Bhàn Og." Shuidhich e "lion air
fior-uisg tana" is bu toilichte bha e nuair thug
e air tìr a' "ghealag."

"Bi coimeas mo cheud mhna reul na maidne,
Mo cheile-cadail 's mi'm shuain."

Tha e coltach gu 'n robh athair Màiri an inbhe
saoghalta beagan na b'airde na 'm Bard. Bha
e na bhaillidh-fearainn is bha tigh-òsda beag
aige far am bheil tigh-òsda Inbhir-Orain an diugh.
Bha car de dh'eagal air Donnchadh gun diùltadh
e Mairi a thoirt dha. Anns an oran "A Mhairi
Bhan gur barrail thu," tha e ag ràdh—

"'S e 'm fàth gu 'm biodh tu talach orm
Gur ro-bheag leat mo stòras ;
Bha dà-rud-dheug a' tarruing uam
'Na thional mi de phòsan.
Bhiodh òl is féisd is banais ann,
Bha ceòl is beus is ceannaichean,
'N fhéill 's na gibhtean leannanachd,
An amaideach 's an òige."

Mar tha fhios aig na h-uile fhuair e Màiri is
"crodh-laoigh a' bharain 'na deigh." Dh'fhalbh
tinneas na h-inntinne agus is iomadh la sona
chuir iad seachad le cheile. Cha robh an cuid
de 'n t-saoghal mór ach cha robh riamh
"drannad-teallaich" eatorra agus ma bha
Donnchadh car socharach bha Mairi glic,
deanadach.

"'S e b'fhasan leat riamh bhi ciallach, banail.
Ri gnìomh 's ri ceanal mna-uaisl' ;
Gu pàirteach, bàidheil, blàth, gun choire,
Gun ghìomh, gun ghainne, gun chruas,"

Agus a ris :

"Cha mhiosa do lamh 's tu laimh ri coinnil,
N'an seomar soilleir ri grein,
A' fuaigheal 's a' faitheam bhann is phionar,
An am chur grinneis air ghreis."

Thog iad teaghlach mór. Phòs te de na h-
igheannan an Lìghiche MacNeachdainn ann
an Cill-Fhinn agus te eile Joseph Hutcheson
aig an robh bàtaichean a' seoladh air feadh
nan eilean an Iar. Saoil sibh an ann bhuaithe
a shìolaich Hutcheson a bha cho ainmeil 'nar
measg fhein ? Tha siolam nan nigheannan so
beo fhathast.

Bha Morair Bhraid-Albann 'na charaid le
leth math do 'n Bhàrd ach is docha gun do
chuir Iarla Earraghaidheil a shùil anns an
fhorsair ainmeil bh'aig a' Mhorair, co dhiubh
dh'fhàg Donnchadh Beinn-Dorain is Coire
Cheathaich agus bha e leis an Iarla a'
buachailleachd nam fadh ceann shuas Ghlinn
Eite air Beinn Starabh agus air a' Bhuachaille.
Ach bha caochladh a' tarruing dluth air laithean
sona a' Bhàird.

Bha na caoraich cheann-riabhaich a' cur nam
fiadh air chùl agus dh'fhalbh an t-sealg mar a
chleachd Donnchadh Bàn is na glomanaich bha
comhla ris. Bha gràin aig Donnchadh air na
caoraich. Ann an "Oran nam Balgairean"
tha e ag ràdh—

"Mo bheannachd aig na balgairean,
A chionn bhi sealg nan caorach.
An iad na caoraich cheann-riabhaich,
Rinn aihmreith feadh an t-saoghail ?
Am fearann a chur fàs oirnn
'S am màl a chur an daoiread.
Chan fhaigh gille tuarasdail,
Ach buachaille nan caorach."

Agus ann an “Cead Deireannach nam Beann,”
tha e ag radh gu muladach brònach—

“‘S a’ bheinn a’s beag a shaoil mi
Gu ’n deanadh ise caochladh;
O ’n tha i nis fo chaoirich
’S ann thug an saoghal car asam.”

Bha aon chaora a mhol e, “A chaora a fhuair
mi o Shiusaidh.” Cha robh buaidh nach robh
air a’ chaora so—

“Cha robh leithid chun an eadraidh
Am fad as freagradh do Mhac Caillein.”

Tha e ag ainmeachadh ach beag a h-uile baile-
fearainn bha ’san dùthaich mu ’n cuairt anns
an oran àbhachdach so is a’ moladh nam ban
fialaidh a rinn cobhair air ’n a eiginn. Is math
as fhiach an luinneag aotrom ghasda, so a
leughadh.

Chan eil cinnt cuin’ a dh’fhàg am Bard Tir
nam Beann agus a chaidh e do Dhun-Eideann
ach chaidh a’ cheud chlo-bhualadh de na
h-orain a dheanamh anns a’ bhliadhna 1768
agus chan eil ceist nach tug e cùl ri Nic Coiseam
roimhe sin agus gun robh Seònaid aige ’na
achlais.

“Leig mi dhìom Nic Coiseam ged tha i maireann;
Is leig mi na daimh chrocach an taobh bha ’n
aire;
Is thaobh mi ris an og mhnai, ’s ann leam
nach aithreach
Chan eil mi gun stòras o’n phòs mi ’n
ainnir.”

Tha fhios againn gun robh e fad sé bliadhna
anns an reiseamaid a thog Iarla Bhraid-Albann
(Breadalbane Fencibles) 1793-1799 agus gun
do thill e do “Gheard a’ Bhaile” ’nuair a
chaidh na “Fencibles” a chur ma sgaoil agus
gu’n robh e sin gu 1806.

(*Ri Leantainn.*)

EASA NIAGARA.

I.

Mór eas nan uisgeachan borb,
Sior bhruchdadh le toirm a nuas
Thar bhearradh nan ard chreaga coirbt’
An dian neart ’san onfhada a luaiths.’
C’ aite fo aghaidh na gréine
Am faicear sealladh da reir ri luaidh?
Tuil allamhara garbh shruth tha ’g éirigh
A doimhneachdan Erie shuas.

II.

Cha’n ’eil m’ anam gun athailt ’nad làthair,
Ged tha t’ ailleachd a’ taladh nan sìl.
Co bheir coimeas do chumhachd an Ard-Thi
A dhealbh Niagara bho thùs?

‘Dé an duine ann an glaic cumhachd naduir
Ach mar shop air bheag stàth agus lùth
‘Ga ghrad sguabadh gu bile na sgairneach
Le ruais na tuil laidir ri chèll?

III.

Glamair farsuinn an cumadh crudh iarainn
Abhuinn lionta, cas fiadhaich ’ga leum
Na h-aon chaoir-gheal bho mullach gu h-ìochdar
A’ smuideadh a sion-chath do ’n speur.
B’e sin slugan na h-iargalt chianail,
Na gairich ni ’d lionadh le geilt
‘San linne gu h-ìosal ’ga riasladh
‘S ’ga maistreadh fo liath chop troimh chèll.

IV.

Cluinnear thar astar a nuallan
Tha ’g éirigh bho bhuaireas nan dùl,
Trom shlachdraich na sruthan tha uamhalt
Cur a’ bhùirn air fuar ghoil gu ghrunn’d.
Cha b’ iognadh an t-Inneanach daicheil
Bhi cràbhach a’ lùbadh a’ ghùn;
Tagradh deagh-ghean an spioraid bhi lamh ris
‘Ga aiseag gu sàbhailte a null.

V.

B’ ait leam amharc fad moch-thrath na maidne
Ged bhodhradh mo chlaigeann le fhuaim,
‘S grian a’ chéitein ag éirigh le lannair,
Dusgadh neamh agus talamh gu snuadh;
Bu ghile na sneachda na gailinn,
A min shad ’ga fhrasadh mu ’n cuairt,
‘S ni bu mhotha bha dhomhsa na annas
Bogha-frois na lan mhaise mu bhruaich.

VI.

Ann an dubh dhorchra na h-oidhche
‘Nuair nach léir dhuit boillsig air gach taobh
Nochdar le inneal na soillse
A sgeimhealachd aoibhinn araon;
Aiteal de thaisbean as neamhaidhe
Chunnacas le leirsinn cloinn dhaoin.
‘Fhaicinn fo sheachd dathan loinnreach
An cridhe na duibhre ud sgaoilt.

VII.

Ceann feadhna nan garg allt aillbhinn,
Tha aibheiseach, ainmic, an glòir,
‘Toirt dubhlan do theanga ’s mac-meanmain
Chuir uile an seanachas air dòigh;
Nach gailbheach a chaonnag a’ taomadh
Thar amaraichean craosach a bheoil,
‘S braon chathadh ’ga dhalladh tighinn dluth
Air smuid-sheithach “Maighdean A’ Cheò.”

TORMAD DOMHNULLACH.

Princeville, Ontario.

THE CELTIC CONGRESS.

By HECTOR MACDOUGALL.

The Celtic Congress, held in the capital of the Irish Free State, was favoured with splendid weather; but warm as the weather was, the warmth of the hospitality extended to the overseas delegates by the Irish Gaels even exceeded it. I was there, and I know it! *Dàine suairce, ceannalta!*

The party which attended from Scotland was one of the largest which attended any of the Congresses yet held outwith our own country. The party included the following: The Rev. Dr. Neil Ross, president of An Comunn, and Mrs. Ross; the Rev. Dr. George Calder, Celtic lecturer, Glasgow University; Mr. John Cameron, LL.B., secretary for the Scottish Section; Mr. Charles Campbell, president of the Gaelic Society, and Mrs. Campbell; the Rev. John MacKechnie and Mrs. MacKechnie; the Rev. David Duncan; Captain James K. R. Doak (Inverness Gaelic Society); Mrs. Barron and Miss Rhoda Dingwall (Ceilidh nan Gaidheal); Misses Annie and Christina MacLeod, Stornoway; Miss Margaret MacDonald, Harris; the Rev. Malcolm MacLean, Miss Mary C. MacColl, Mr. Alexander Nicolson, Messrs. Angus and William Mathieson, Mr. James C. Watson, Miss Augusta Lamont (of Knockdow), Mrs. Iain Campbell (of Airds), Mr. Hector MacDougall, Mr. Hector MacIver, and several others not attached to the official party, and who were on holidays in Ireland or in residence there.

Mr de Valera was in attendance at the actual opening of the Congress on Monday, 16th July, and gave a special welcome to all the overseas delegates. Speaking first in Gaelic, he wished the Congress God-speed. He referred to the determination of the Free State Government to do all in its power to encourage the Gaelic language and make it ultimately the official tongue of the State. Their language was for long proscribed, he said, and during a period of exceptional material progress throughout the world at large, their own tongue was virtually banished from their schools and seats of learning. Special efforts were consequently needed to bring the language into line with the requirements of the age, and it was well for them that in this they had

an example from some at least of their brother Celts in other lands. He wanted, therefore, to assure the Congress that the Government was ready to give substantial financial aid towards the carrying out of any practical plan of co-operative research which might be thought out at this gathering. He trusted that there would be such a plan, and that the Congress would not dissolve until a permanent organisation had been formed to put it into effect.

This suggestion, which it now transpires amounts to a real offer, was later referred to at a business meeting of the Congress, and steps are being taken to think out the best lines to follow in this connection.

Dr. Douglas Hyde, in his presidential address, referred to the situation of the various Celtic countries in regard to the national language. The situation in Ireland and Wales gave them grounds for optimism, and he wished he could say the same thing about Scotland. In fact, he was unduly pessimistic about Scotland; but this atmosphere which had almost been created was certainly dispelled at a later stage by the Rev. Dr. Neil Ross, president of An Comunn, and Mr Charles Campbell, convener of the Propaganda Committee.

Dr. Hyde said that he feared Scotland was losing ground. The most hopeful sign seemed to be that there was an increasing number of adult learners who recognised the value of Gaelic. There has also now arisen a young Scottish Gaelic Text Society, for which some hopes were held. What was rapidly killing the Gaelic in Scotland, however, was the advent of the motor car, the motor bus, and the invention of wireless.

The Rev. Dr. Ross, in replying for Scotland, spoke in Gaelic and English. The fault with Scotland, he said, was the general indifference of the people themselves in regard to their national language, music, and culture. They could not say that they had any fault to find with the Government, for anything that they claimed in the way of facilities for teaching the language they got from Whitehall.

In the evening there was an official reception given in the University College, which was the headquarters of the Congress proceedings, and here also a concert of songs and music representative of all the Celtic nations was given. Mrs. Iain Campbell (of Airds), with harp, represented Scotland.

On Tuesday, the Rev. Dr. Neil Ross, who, as president, was one of the representatives of An Comunn, gave a very full and informative address on "The Language Movement in Scotland." He first spoke in Gaelic, and continuing his address proper in English, he said that the Gaels of Scotland are endeavouring to do what they can to stem the great tide that is working against them. He remarked on the great injustice that had been done to the Highlands by the Scottish Education Act of 1872, which wholly neglected Gaelic. When he himself went to school first he was floundering for a year or two without gaining much knowledge through a language of which he knew nothing whatever, and he was ten years of age before he could speak or write one grammatically correct sentence in English.

During the past century, he said, a great deal of Puritan theology was translated into Scottish Gaelic, and was in fact almost the only form of outside literature which had been placed at the disposal of the Gaels in their own tongue. The Puritans, as is so well known, set their faces against music and song, and Gaelic-speaking Highlanders commenced to believe that it was wrong even to listen to their own songs. That belief had a most injurious effect on Gaelic music and on the actual language associated with it.

An Comunn had now 170 branches, and the Gaelic language is taught in 312 schools throughout the country. It might thus be said that at least 10,000 persons are to-day studying Gaelic. The Gaels of Scotland, he again stated, encountered no trouble with the Government. Whitehall was willing to give them anything they asked in the way of providing facilities for teaching Gaelic in schools.

Several of the speakers who afterwards spoke on this subject, both Scots and Irish, used Gaelic as the medium of at least part of their remarks.

Other papers read in the course of the day included one on "Aglach Vannin" (The Youth Movement in Man) by Mrs. Percy Kelly, and one on Folk Music with Illustrations by Miss Mona Douglas (Man), Mr. R. Franklin (Ireland) and Prof. Mary Williams (Wales). Mrs. Iain Campbell (of Airds) presided over this meeting. In the afternoon a garden party was given by Mr. Justice Meredith and Mrs. Meredith in the Zoological Gardens, Phoenix Park.

—*Stornoway Gazette.*

FEILL NAN DEALBH-CHLUICHEAN ANN AN UIDHIST-A-TUATH.

Thigeadh e do 'n Chomunn Ghàidhealach a bhi anabarrach riaraichte, ni is cinnteach a tha iad, leis an obair ro-shonraichte a rinn am Fear-Deilbhe Mghr. Domh'ull Mac Phàil ann an Uidhist-a-Tuath nuair a rinn e dòigh air buidhnean-cluiche a chur air bonn anns an eilean sin a chum a bhi a' nochdadh dhealb-chluichean ann an Gàidhlig. Fhuair e mach ni a dh'fhaodas a bhi 'na dhìon na 'na chuideachadh mór do aobhar na Gàidhlig anns na ceannan sin anns am bheil i fhathast air a labhairt gu coimhlionta 's far am biodh e 'na chall do-leasachail na'm faigheadh beud 'g a h-ionnsuidh. Fhuair e mach ged is romhath ceòl is cèilidhean 'nan àitean fhein gu bheil foghlum is fearas-chuideachd a bharraichd orra sin a dhìth air a' ghinealach a th'ann 's gu bheil na dealbh-chluichean a' gealltainn na toileachasan teagasgail sin a thoirt dhoibh agus is ann do na maighistirean sgoile a dhleas an tomhas mór de 'n bhuidheachas. Tha comunn dhiubh a nis ann an Uidhist a chur aghartais air an aobhar ùr so agus b'e Runaire na Feille so a chumadh Mghr. D. Mac Phail, Maighister sgoile Shollais.

B'iad na cluichean a chaidh a nochdadh ré laithean na Fèille—bho'n 3mh gus an 6mh de'n Iuchar an Loch nam Madadh—"Airgiod Sìusaidd," le M. A. Nic Fhionghainn an Sollas—"Am fear a chail a Ghàidhlig," le Iain Mac Cormaig; anns a' Bhàile-shear—"Am fear a chail a Ghàidhlig"; an Cladach-Chircebost—"Suiridhe Raoghail Mhaol," le D. Mac na Ceardadh; an Tigh Ghearraidh—"Beitidh," le M. A. Nic Fhionghainn.

Bha Luchd-Comhairle na Feille ro-fhortanach anns a bhrosnachadh chiatach a thugadh dhoibh 'nan obair le Comunn Uidhist agus Bharraidh ann an Glaschu a chuir thuca le laimh rùnaire an comuinn—Mghr. Murchadh Domhnallach, cupan eireachdail airgid gu bhi 'na chomharradh-bhuaidhe ann an gleidheadh na buidhne a gheibheadh a' cheud àite anns a' cho-fharpuis gu an coisneadh buidheann eile e. Bha iad mar an ceudna fo mhór chomaine do Mhr. Alasdair Mac Fhearghuis, Clachan Loch-Ephort, airson cupan maiseach airgid a thiodhlaic e dhoibh gu bhi air a mheas mar an dara duais gach bliadhna. Tuigear bhuaith so uile gu bheil Fèill nan Dealbh-chluichean ri bhi 'na Feill bhliadhnail anns an Eilean-Fhada.

Chruinnich gach sluagh-baile gu sunndach a dh'ionnsuidh na dealbh-chluiche a bha 'n

am baile fhein, is dh'aithnichte gu furasda gu robh spiorad na co-fharpais gu math dian 'n am measg. Is air feasgar Di-haoine na cuirme bha talla a' chruinneachaidh loma lan de shluagh as gach cearn de 'n eilean.

B'iad na buidhnean a choisinn a' cheud dà àite anns a' cho-fharpais buidheann Loch-nam-Madadh agus buidheann Chladach-Chirceobost. Bha iad sin le chéile sonraichte comasach arao 'ann am briathran 's an cluich, agus thaitinn iad a rithist gu h-anabarrach ris na bha lathair aig a' chuirn mhóir air feasgar Di-haoine. Cha robh na buidhnean-cluiche eile ro-fhad air dheireadh orrasan a fhuair na duaisean; is ann bha e miorbhuileach cho math 's a rinn iad uile nuair a thugear nach robh fear-earalachaidh sgileil air cluichean air an ceann, ni a tha uil' fheumail eadhon far an fhearr an luchd-cluich; ach rinn na buidhnean air fad an atb rud a b'fhearr air an son fhein; thagh iad gu cùramach, tha e coltach, na pearsachan a b'fhearr a fhreagradh eadar bhòthaig is inntinn air na pàirtean a bha ri 'n gabhail agus mar sin bha na cluichean air an cur an cèill le tomhas de nàdurachd a bha gu math taitneach. Bha aig buidhnean Loch-nam-Madadh agus Chladach-Chirceobost gu ro-shonraichte pearsachan-cluiche a bha uile gu léir freagarrach airson a cuid dhreuchdan fa leth 's bu ro-mhath a choisinn iad sin gach urram a fhuair iad, Ma leanas na buidhnean eile an eisimpleir san anns gach ni, 's ma ghabhas iad gach comhairle cuideachail a thugadh dhòibh bu chòir gu 'm biodh sàr dhealbhccluichean ri 'm faicinn ann an Uidhist an ath-bhlidhna.

Is e'm feabhas mór a bh'air dealbh-chluichean Uidhist seach orra-san a chithear 'sa chluinnear air Galldachd ionannachd na Gàidhlig a chluinnt bho'n luchd-cluich gu léir. 'S bi sin cuideachd a cheart Ghàidhlig a bh' aig an luchd éisdeachd uile 's faodar a bhi cinnteach gur h-i a bu tlachdmhora laigheadh air an cluasan. Tha chùis uile gu léir air atharrachadh mu dheas far am bi ach gann a h-uile seorsa Gàidhlig am measg an luchd cluich 's chan e mhaoin sin ach am measg na bhios 'g an coimhead. Chan urrainn nach bi bhuil 's a chion sin uile air an dealbh-chluich. Bha buaidh eile air na cluichean ann an Uidhist, agus b'e sin gu'm bu choma co sgriobh na cluichean no co as a bha Ghàidhlig a bh'annta bha gach facal a chaidh a ràdh air a labhairt ann an deagh Ghaidhlig thuathach gun atharrachadh sam bith a dheanamh air briathran an leabhair. Tachraidh a cheart shamhail sin 's cinnteach anns gach àite a tha fìor Ghàidhealach 's anns an nochdar na cluichean. Creidear gu 'm

faod buannachd mhòr tighinn do 'n Ghaidhlig troimh an ni so, oir cleachdaidh e na Gaidheil ann an atharrachadh àitean ann a bhi a' tuigsinn 's a' deanamh a cuid fhein de ghnàthsancainnte cach a chéile.

Dhearbh Féil nan dealbh-chluichean ann an Uidhist gu bheil deadh chomasan cluiche is riochdachaidh nàdurra gu leòr do 'n Ghàidheal ged is beag a fhuair e riamh de chead no de chothrom air a thalantan anns an ealdhain sin a chuir an cèill gus a so. Dhearbhadh mar an ceudna nach ann idir air Galldachd as dòcha dealbh chluichean Gàidhlig a th'ginn gu ìre cheirt ach anns na h-eileanan 's ann am beagan àitean air Tìr-mòr far am bheil an Gàidheal 's a' chanain le chéile pailt. Gidheadh cha bhi e comasach eadhon anns na h-àitean sin airson greise fhathast dealbh chluichean samhachail no eachdruidheach a chuir am follais oir dh'iarradh an leithidean sin de chluichean sgil mhòr agus barrachd na tha ri sheachnadh anns na làithean a th' ann de airgid airson éididhean is dheisealachdan freagarrach eile a cheannach.

Chan eil am fear-cluiche Gàidhlig fhathast ach aig toiseach a thòiseachaidh agus is fheudar gu 'm foghainn iad dha aig an àm cluichean nach iarr ach ullachadh simplidh mu 'n chlar-cluiche agus éideadh dha fhein a bhios furasda gu leòr dha fhaotainn; anns an ealdhain so tha cliù a' Ghaidheil a' laigh air thòiseach air, chan 'eil seann chleachdadh 'na dhùthchas fhein no beul aithris sam bith a' toirt chomhairlean air a thaobh mar bu chòir dha an ealdhain so a tha ùr dha a ghabhail thuige 's a cur gu feum, ach faodar, o 'n a dh'fheumar, sin fhàgail gu dòchasach an earbsa ri aomadh nàdurra inntinn a' Ghàidheil fhein, oir chan 'eil ni de 'n t-seòrsa ris an do ghabh e gu toileach riamh air nach do chuir e loinn ùr le thogail gu inbhe ghrinn agus chluithich. Rinn e éideadh dùthchail ainmeil; rinn e phìob-seinn 'na pìob-mhòir, 's rinn e a ceòl 'na cheol-mòr; chuir e an dannsadh air corra-bìod a' ghrinneis 's rinn e eadhon a mhith cheòl shimplidh fhein miaghail le luchd-ciùil 'na dùthcha. Co, ma seadh, a their nach faod gu 'n cuir e àird air ealdhain na dealbh-chluich a bhios a reir buadhan sonraichte a dhùthchasachd fhein. Faigneadh e gu dearbh, gach fìorachadh a tha ri fhaotainn bhuathasan do 'm bheil an ealdhain so na seann chuis-foghlum ach thoirleadh e dhachaidh gach eolas a gheibh e mar sin gu dùthchasachd a chridhe Ghàidhealaich fhein, agus an sin nuair a thaisbeanas e a làn chomasan anns an dealbh chluich biodh iad sin aithnichte leis na h-uile mar chomasan a tha grinn agus Gaidhealach. Bidh iarraidh

mhór air dealbh chluichean ùra freagarrach an deidh so agus tha dòchas gu'n clò-bhuaillear uibhir dhiubh sin 's a bhios feumail. Rachadh luchd-sgrìobhaidh chluichean Gàidhlig 'n an uidheam.

Geallam gu 'm faigh an neach leis am miann dealbh chluichean fhaicinn aig am feabhas a làn thoileachadh ma theid e do na h-Uidhistean an ath-bhladhna aig am na Féille.

FEAR NA BRATAICH.

BOOK REVIEW.

Orain agus Luinneagan Gàidhlig le Màiri nighean Alasdair Ruaidh. Edited with Introduction, Translation, Notes, etc., by J. Carmichael Watson. 155 + xxxiv. pp. Blackie & Sons, Ltd. Price, 4/6.

This is the first edition of the famous poetess of Harris and Skye. It would be a hopeful day for Gaelic in Scotland if a dozen of our leading Gaelic poets were edited and published after this manner. The volume contains all the poems of Mary MacLeod that have survived. The text is rendered with absolute correctness. It is an example of accurate scholarship. This is what is required, both for the language itself, and for those who study it. The introduction sets forth in a clear English style the known biographical facts, together with some new things which the editor has culled from living tradition. It also deals with the change which took place in the form of Gaelic poetry, the transition from the classic to the romantic form. But it shows at the same time that although the poetess followed the new form, she adhered to the thought and subject matter of the older bards. The editor proves by several illustrations how the same thought—the prowess, wisdom, and beauty; the hospitality, generosity, and noble descent of the subject of her song, often lies behind her simple and charming language and the stately and sonorous diction of the schools.

A subtle analysis of the poetic quality arrives at the sound conclusion that the songs are lyrical. "She delights in manly vigour and beauty, in prowess in war and hunt, in singing of festivity and of music. It is highly important to remember that her songs were meant not to be printed but to be sung. We are to approach her with the ear and the heart, and not attempt to judge her poetry as if it were meant to appeal to the intellect." There is an English translation of all the poems, the Gaelic on the even pages to the left, and the English on the odd pages to the right, facing each other. The English rendering is not in verse, but in simple prose form which, though simple and strictly literal, has yet caught the grace and ease of Butcher and Lang's translation of a work of Homer. The English rendering will be a revelation to the reader who is as yet unable to master the original Gaelic. But the quality and flow of the translation will encourage the reader to pay attention to the original. The translator has succeeded in a remarkable degree in conveying the glow and fire of the poetess. The notes are sufficiently full. They are historical and literary, explaining references in the poems. The vocabulary is carefully prepared. The size, price, and general finish of the book are all suitable for the requirements of the student and the general reader. Every Gael should possess a copy.

IAN GARBH MAC 'ILLE CHALUIM.

There still seems to be a doubt as to the author of the beautiful lament, "Mi am shuidh air an fhaoidhlinn, gun fhaolite, gun fhuaran," for this celebrated hero, some attributing it to Mary Macleod, some to his sister. The following verse, which, evidently, is not widely known, seems to settle the matter in favour of neither, but of his foster-mother:

"Tha do phiuthar gun bhràthair;
Tha do mhàthar gun mhac aic';
Do leannan gun cheile,
'S mi féin, 's mi gun dalta."

This verse, with others, the writer heard long ago with one of the best songsters in West Perthshire, as well as some less credible tales bearing on the hero's sad ending.

One says that this foster-mother, who was particularly attached to him, fearing that owing to his reckless seamanship he would some day be lost, resorted, having some occult powers, to a harmless way of scaring him when at sea. In the act of curdling milk in a large wooden dish (miosar), having the scalloped shell with which she measured the rennet in the palm of her hand, she placed this, face upwards, on the surface of the milk. As she tilted this from side to side, Ian Garbh's boat, or birlinn, was supposed to do likewise. Alas! she unwittingly allowed her hand with the shell to get submerged, and at that moment Ian Garbh with his boat and friends got submerged also. Hence the pathos of her lament.

Another, that some ominous bird, raven or crow (a bharadh—his phantom), sat on the gunwale of his birlinn and could not be frightened away, whereupon, in anger, he smote it with his sword, and with such force that he cut through the gunwale and several of the planks, letting the waves rush in and swamp them all.

A further one, that on this occasion he swam to the shore and clung to a rock, impossible of ascent, but with such a grip that when the waves tore the body away his right hand still clung to the rock. The lines, "D'fhaotainn bait' air a' charraig," and "'S e do ghuaisinn bha laidir, ged a sharuich a' muir thu," may have some reference to this.

F. M.

EXECUTIVE COUNCIL.

The Extraordinary Meeting of the Executive Council was held in Stirling on Friday, 6th July. The president, Dr. Neil Ross, C.B.E., was in the chair, and the following members were present:—Mrs. Barron, Glasgow; Charles Campbell, M.B.E., Glasgow; Capt. George I. Campbell of Succoth; Sheriff J. MacMaster Campbell, C.B.E., Campbeltown; Mrs. J. R. Colquhoun, Glasgow; Mrs. S. C. B. Edgar, Greenock; Alexander Fraser, Bishopton; Col. Greenhill Gardyne of Glenforsa; Niall O. Kennedy, Glasgow; Miss May MacArthur, Glasgow; Duncan MacCallum, Comunn Gaidhealach Wellington; Hugh MacCorqudale, Glasgow; Roderick MacDonald, Dundee; Hector MacDougall, Glasgow; Gilbert MacIntyre, Killin; John MacIntyre, Glasgow; Col. F. MacLennan, Aberdeen; Malcolm MacLeod, Glasgow; George E. Marjoribanks, Sonachan; Lord James Stewart Murray, Ballinluig; Neil Orr, F.E.I.S., Edinburgh; Donald Scott, Perth; A. M. Sweet, Skelmorlie; The Lady Helen Tod, Blair Atholl; Miss Millar Weir, Alexandria. Attending — Robert Macfarlane, C.A., treasurer; Neil Shaw, General Secretary; and Hugh MacPhee, assistant to the secretary.

The chairman extended congratulations to Mrs. Burney Campbell of Ormidale, a former president of Ann Comunn, on the inclusion of her name in the King's Birthday Honours List, and to Colonel Cameron of Lochiel on the fact that he was the first Highland chief and the first commoner to be made a Knight of the Thistle. Sympathetic reference was made to the death of Col. John Campbell, Kineraig, a warm supporter of An Comunn in the Badenoch district.

The Minute of the previous meeting was read and approved.

The treasurer read a Minute of meeting of the Finance Committee. The committee reported a record surplus of £876, brought about by the splendid success of the Glasgow Mod. The reserve fund now amounts to £1256.

Gratification was expressed at the action of Lord and Lady Londonderry in undertaking to support in London Mr. Duncan Morrison, Stornoway, who at present held An Comunn's music scholarship, enabling him to study at the Scottish Academy of Music, Glasgow, so that he might complete his tuition by first-class teachers.

Sheriff MacMaster Campbell, Campbeltown, said he looked forward to the time

when Duncan Morrison would be able to show the world that the Highlands, in spite of many impediments, had preserved its wonderful music to the extent that it could be developed into a music of a definitely classical sort.

The accounts and reports for year ending 31st May, were considered, and approved on the motion of the convener, Mr. Alexander Fraser.

A Minute of meeting of the Education Committee was read. Arrangements had been completed for the opening of the Summer School at Arisaig. The B.B.C. had been written to and thanked for the series of Gaelic lessons which had been given over the wireless, and the hope expressed that these would be continued. The Minute was adopted on the motion of Mr. Neil Orr.

A Minute of meeting of the Publication Committee was read. The committee reported that a second edition of *An Dileab* had now been issued, and that the Gaelic translation of the play, "The Glen is Mine," would be on the market on an early date.

The committee recommended that, subject to satisfactory arrangements being made with Mr. Donald MacDonald, Eriskay, as to copyright, etc., An Comunn should publish the series of unpublished Gaelic tales which he has collected. The committee further recommended that a grant of £10 be made to Mr. MacDonald to enable him to proceed to South Uist this summer to make a further collection. The Minute was adopted on the motion of the convener, Mr. Malcolm MacLeod.

A Minute of meeting of the Propaganda Committee was read. The committee recommended that at least 50 per cent. of the members of Senior Rural Choirs competing at Provincial Mods must be able to speak the Gaelic language, or give proof of having recently attended, with reasonable regularity, a Gaelic class should one be held in the district.

Captain Campbell of Succoth reported on the work of the Scottish Community Drama League in Argyll, and he suggested that the League should be asked whether Gaelic plays would be acceptable for the drama competitions. It was agreed that the General Secretary should write in terms of the suggestion. The minute was adopted on the motion of the convener, Mr. Charles Campbell.

A Minute of meeting of Art and Industry Committee was read. With the intention of inducing a measure of co-operation on behalf of the arts and crafts of the Highlands, the Art and Industry Committee wrote to the Scottish National Development

Council suggesting that An Comunn might be represented on any body appointed in connection with Scottish rural industries.

In reply, it was explained that the Executive Committee of the Development Council were making representations to the Department of Agriculture and the Scottish Office that a rural industries organisation committee should be set up in Scotland. The hope was expressed that if it was decided to form such a body a representative from An Comunn would be included.

The Minute was adopted on the motion of Captain Campbell of Succoth.

A Minute of meeting of the Mod and Music Committee was read. It was reported that Mrs. Chevalier Parker was offering two prizes for the best setting of a Gaelic melody, in an old mode, for the Clarsach. The offer was accepted with thanks. The committee reported that a deputation from the Oban and Lorn Association had been in attendance requesting that the competition for their Commemoration Medal be removed from the Gold Medal series. The committee, after consideration, agreed to recommend that this request be granted, and that a separate competition be instituted for the Gold Medals. The Minute was adopted on the motion of the convener, Mr. Malcolm MacLeod.

Three Minutes of meetings of Clann an Fhraoich were read, and Mr. George E. Marjoribanks, the Convener, moved their adoption.

The part of the Minute recommending that Comunn na h-Oigridh shall be the chief duty of the General Secretary and the Northern Organiser when engaged in the Highlands during the coming session, or until Comunn na h-Oigridh is firmly established, gave rise to some discussion. It was finally agreed to modify the recommendation to the effect that the work of Comunn na h-Oigridh shall be among the chief duties of the General Secretary and the Northern Organiser during the coming session, or until the new movement is firmly established.

The Advisory Committee reported that they had appointed the president and Mr. Hector MacDougall to represent An Comunn at the Celtic Congress in Dublin.

Nominations were received for the offices of president, one vice-president, and eleven members of the Executive Council.

Notices were given of the following motions for consideration at the Annual Meeting:—

By Mr. A. M. MacLachlainn—"Gum bitheadh e air earbsa do 'n Ard Chomhairle

beachdachadh air Riaghailt 54: agus cunntas a thoirt m'a dheidhinn do 'n ath choinneimh bhliadhna; am bitheadh e iomchuidh a h-atharrachadh, agus/no òrdugh a thoirt do fhear-na-cathrach mu a mineachadh."

